

GAELIC BOOKS

Published by Maclachlan & Stewart,

64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

	s.	d.
Alleine's Alarm, 18mo, cloth,	1	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth,	1	6
Blair's Elegy on Mr Kennedy of Redcastle, sewed,	0	4
Boston's Fourfold State, 12mo, cloth,	4	0
Buchanan (Dugald) of Rannach's Life and Con- version, with his Hymns, cloth,	2	0
... Hymns, separately, sewed,	0	3
... Do. translated by a Missionary, sewed, ...	0	6
Bunyan's Come and Welcome, cloth,	2	0
... World to Come, or Visions from Hell, cloth,	1	6
... Grace Abounding, cloth,	2	0
... Pilgrim's Progress, (<i>three Parts</i> ,)	2	6
... Water of Life,	1	0
... Sighs from Hell, cloth,	2	0
Dyer's Christ's Famous Titles, cloth.	2	6
Grant's Hymns, 18mo, cloth,	1	6
Guthrie's Saving Interest, cloth,	2	0
M'Alpine's Gaelic and English Dictionary, 12mo, cl.	9	0
... English and Gaelic, separately,	5	0
... Gaelic Grammar, 12mo, cloth,	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic, or Universal Church,	0	6
... Poems and Songs, 12mo, sewed,	1	0
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, cl. 3s. 6d. for	2	0
... Life of Joseph, 18mo, sewed,	1	0
Livingstone's Gaelic Poems, cloth,	3	0
M'Intyre's Poems and Songs, 18mo, cloth, ...	2	0
Macdonald's (Dr.) Gaelic Poems, 18mo, cloth,	2	6
Mackenzie's (John) Gaelic Melodist, 32mo, ...	0	4
Muir's (Dr.) Sabbath Lessons, by Forbes, sewed,	0	4½
Munro's Treòiriche, or First Book for Schools, ...	0	6
... Gaelic Grammar, 18mo, bound,	4	0
... Gaelic Primer, and Vocabulary, 12mo, ...	2	0
Ossian's Poems, (<i>in the press</i> ,)		
Ross' (William) Gaelic Poems, cloth, 3s. for ...	2	0
Stewart's Grammar of the Celtic Language, 8vo,	3	0
The Doctrine and Manner of the Church of Rome,	0	3
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, sewed,	0	8

GAELIC BOOKS SOLD BY MACLACHLAN & STEWART.

	s.	d.
Bible Stories, with 24 Wood-Cuts,	0	4
Boston's Crook in the Lot,	1	6
Brook's Apples of Gold,	1	6
Bunyan's Heavenly Footman, 18mo cloth,	1	0
... Holy War, 18mo, cloth,	2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth,	1	6
Caird's Sermon,—Religion in Common Life, 12mo,	0	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Brown's Shorter, for Young Children, ...	0	1
Confession of Faith, fcap 8vo, cloth,	2	6
Connell's (D. M.) Gaelic Astronomy, 18mo, cloth,	1	6
Currie's Spiritual Hymns, 12mo,	0	2
Doddridges Rise and Progress, 12mo, cloth,	3	0
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1	6
Flavel's Token for Mourners, 18mo, cloth,	1	0
Forbes' Gaelic and English Grammar, 12mo, ...	4	0
... Baptism and the Lord's Supper,	0	4
History of Animals Named in the Bible,	0	6
History of Prince Charles, fcap 8vo, cl., 3s; 12mo,	1	6
History of Joseph,	0	4
Innes' Instructions to Young Enquirers, 18mo,	0	6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles, ...	0	9
James' Anxious Inquirer, 12mo,	1	0
Macdonald's Hymns, 18mo,	0	2
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, 8vo, cl.,	10	6
M'Lauchlan's (Rev. Thos.) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael,	3	6
M'Gregor's Hymns,	0	6
Munro's Selection of Gaelic Songs,	0	4
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, sewed,	0	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, sewed,	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, sewed,	0	6
Shepherd's Christian Pocket Book, sewed,	0	1½
Watt's Divine Songs, with Cuts,	0	2
Welsh's Sermons, vols. 1 and 3, bound, each,	2	6

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
VARIOUS BINDINGS AND SIZES.

The Crook in the Lot.
Boston.
2nd edition



AN

CAMADH 'S A' CHRANNCHUR;

NO

GLIOCAS AGUS ARD-UACHDRANACHD DHÉ,

AIR AM FOILLSEACHADH

ANN AN

AMHGHARAIBH DHAOINE;

MAILLE RI

CUNNTAS MU BHEATHA AGUS MU CHLIU AN UGHDAIR.

LEIS AN URRAMACH FHOGHLUIMTE

MR TOMAS BOSTON,

Ministear an t-Soisgeil a bh'ann an Eteric.

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIC

LE IAIN ROSE.

“ Is lionmhor àmhgharan an fhìreìn ; ach asda, air fad, saoraidh an Tighearn e.”—SALM xxxiv. 19.

AN DARA CLÒ-BHUALADH.

DUNEIDIN :

Clo-bhualte agus ri 'n Keic le

THORNTON AGUS COLLIE, ST DAVID STREET.

M.DCCC.XLV.

LIBRARY OF
B
-4
1972
NATIONAL ARCHIVES

CUNNTAS MU BHEATHA

AGUS MU

CHLIU AN UGHDAIR.

RUGADH MR TOMAS BOSTON anns a' bhliadhna 1676, ann an Dunse ; thàinig e bho phàrantaibh measail, diadhaidh, aig an robh òighreachd bheag anns a' bhaile sin ; b'esan an t-aon a b'òige do sheachdnar chloinne. 'Nuair a bha e mu'n cuairt do sheachd bliadhna dh'aois, thòisich e ri tlachd chomharraichte a' ghabhail ann a bhi leughadh a' Bhiobuill. Fodh éisdeachd searmoin le Mr Eanraic Erscline, aon do na ministeirean a bh'air an geur-leanmhuinn ann an 1687, dhùisg an Tighearn e gu mothachadh domhain mu staid shiorruidh anma. Fhuair e comas searmoineachadh ann an 1697 ; shuidhich-eadh e 'n a mhinisteir ann an Simprin, ann an 1699 ; ann an 1700 phòs e Caitrine Bhrùn, do theaghlach inbheach, ann an Sgìre Chulross ; bean uasal a bha comharraichte a thaobh a gliocais agus a deagh bheusan, ris an robh teaghlach mhòr chloinne aige. Bha dithis mhac agus dithis nighean dhiubh beò 'n an deigh fèin. Dh'atharraicheadh e gu Eteric ann an 1707. Dh'éug e ann an 1732, dlùth do chuig bliadhna roimh a mhnaoi, 'nuair a bha e 56 bliadhna dh'aois.

Bha a chruth àrd, tlachdmhor, aghaidh taitneach, làn do gach buaidh a bha feumail chum urram a chosnadh, agus smachd a sheasamh, 'fhalt dubh, comasan 'inntinn laidir agus torach, a smuaintean ealamh (an ni ris an abrar "gèur-fhoclach," ach an àite na gibht sin àrach, 's ann a chum e i fo chruaidh smachd), aignidhean tairis, a bhreithneachadh fallain agus soilleir ; a nàdur treibhdhireach, stuama, faicilleach, fialuidh, coin-gheallach, agus caoimhneil. Bha fuath iomlan aige

do na h-uile ni borb, no mi-mhodhail, ann am briathraibh no 'n gnìomharaibh, agus bha e do mhothachadh anmhunn nam b'è's gu'n còmhluicheadh a bheag sam bith do'n ghné sin ris. B' urrainn e bhi gàrg agus searbh 'n a bhriathraibh, 'nuair a bhiodh fìor aobhar air a shon, no mheasadh e sin feumail.

Ghairmeadh e gu tràthail le gràs Dhé; agus chaith e a bheatha riamh an deigh sin ann an oibre na diadhachd. Ghluais e, da rìreadh, maille ri Dia, 'n a uile shlighibh; 'g a aideachadh gach latha; gu tric a' tagradh le dian-dhùrachd ris na flaitheanas (air gach aobhar dleasnais, trioblaid, no deuchainn as ùr,) agus leanadh na h-urnuighean so le dearbhadh daingean, sòlasach, agus soilleir gu'n ghabhadh riu agus gu'n d'fhuair iad eisdeachd o Dhia. Bha e dichìollach, eagnaidh, gu bhi toirt an aire, cumail air chuimhne, agus a' fòghlum o fhreasdal Dé, ann an co-cheangal ris an Fhocal, ri 'fhaireachdainn, agus ri shuidheachadh inntinn féin, agus uime sin bha e do dh'èòlas mòr anns an diadhachd. Bha e gle thoigheach agus chùramach mu lagh Dhé a choimhead, anns gach uile ghné chaithe-beatha agus chàinnt (eadhon anns na nithibh do nach 'eil a chuid mhòr do Chriosduidhean a' toirt an aire.) Bha e do choguis anmhunn, gu cùramach a' caithris an aghaidh peacaidh, agus a' seachnadh gach uile choslas uile; truacanta agus co-mhothachail ris a mhuinntir thrioblaideach; oircheasach do'n fheumach (ann an tomhas co mòr 's gu'n robh e gu cràbhach a' cur air leth an deicheamh d'a mhaoin shaoghalta gach bliadhna chum an cobhair.) Bha e 'n a chéile dleasnach, 'n a athair teò-chridheach, na charaid tréibh-dhireach, dìleas agus bàigheil; ni chum an robh aomadh sònruichte 'n a aigne, a bha 'n a mhor bheannachd dhoibh-san a cho'pairtich d'a chairdeas.

Bha e na sgoilear taghta anns gach earrann do dh'fhoghlum diadhaidh, agus bha e barraichte ann

an cuid diubh. Bha e mìn-eòlach air a Ghreugais, agus, gu h-àraid, air an Eabhra. Thuigeadh e'n Fhraingis; agus chum eadar-theangaichean a choimeasachadh, b'urrainne am Biobull Duitseach a leughadh. B'ainmig earrann do dh'fhoghlum air nach robh ni-eiginn do dhéidh aige; ach b'éiginn d'a eòlas-san a bhi air fhoillseachadh air mhodh eile, a bhàrr air aideachadh féin. Bha e na sgoilear dian-dhichiollach, agus do shaothair neo-sgèthichte; ionnas ge b'e ni ris an toisicheadh e aon uair, cha b'urrainn dha sgur deth, gus an cuireadh e crìoch air, le còmhnaidh bho nèamh agus bith-dheanadas. Bha eòlas mòr aige air nàdur an duine, 's air na doighean bu fhreagarraiche gu labhairt ris, agus air na meadhonnan bu ro choslaiche gu greim a dheanamh air.

Bha tàlann ionmholta aige chum sgrìobhadh a chuir an òrdugh, ni a thug air fear-riaghlaidh,* agus breitheamh mòr, a ràdh ('nuair a bha Mr Boston na chleireach aig Seanadh Mherse agus Thibhiotdale,) gu'm b'e cleireach a b'fhearr a chunnaic e riamh ann an cùirt air bith, aon chuid an Stàta no'n Eaglais. Bha mòr mheas aig air ghibhtibh agus air comasaibh muinntir eile, a' toirt dhoibh gu saor an cliù a bhuineadh dhoibh, eadhon ged bhiodh iad ann an cuid do nithibh ag eadar-dhealachadh uaithsan ann am beachd. Bha e fada bho bhi na fhear-cronachaidh an-dana, no lughdachadh cliù.

Mar mhinisteir ghiùlan e air a spiorad mothachadh cudthromach agus urramach mu nithibh Dhé. Bha e cumhachdach anns na sgrìobtuiribh, 'n a eòlas air an litir, air an spiorad, agus air am brìgh, 'n an co'chur gu buadhach agus gu freagarrach, chum an teagasg a mhìneachadh agus a dheanamh so-thuigseach. Bha fhiosrachadh agus 'eòlas mòr air dìomhaireachd Chrìosd, 's ged a theab am mothachadh iriosal a bh'aige do bhi dh' easbhuidh sin a leag-

* Mr Baillie of Jerviswood.

adh sìos gu tur le dì-mhisneach, an deigh dha toiseachadh ri searmoineachadh. Bha tàlann sònruichte aige chum dol domhain ann an dìomhaireachdaibh an t-soisgeil; agus, mar an ceudna; chum an co'cheangal ris an t-soisgeul, agus a bhuaidh a th'aca air naomhachd an t-soisgeil a dheanamh soilleir agus so-thuigseach. Faodar esimpleirean comharraichte do so fhaicinn 'n a leabhar ro luachmhor air a' Chùmhnant, agus 'n a shearmoinibh mu Chrìosd ann an cruth seirbhisich.

Bha comasan inntinn torach agus ciallach; a bheachdan an còmhnuidh cothromach, agus, mar bu trice, nuadh;—a chainnt freagarrach agus iomchuidh;—a mhìneachadh agus a chosamhlachdan gu minig neònach;—a dhoigh searmoineachaidh réidh agus soilleir;—a liuthairt socrach agus mais-each,—le fiamhachd do dhùrachd, do chiùineachd, do dhearbh-bheachd, agus do dh'ughdarras, coimheasgta le cheile. Bu bheag an t-iongantas ged bha an t-iomlan do fhrìthealachd ann an nithibh naomha, taitneach, agus luachmhor do na naoimh.

Bha e air a shocrachadh agus air a dhaingneachadh, ann am pòngaibh a' chreidimh ath-leasaichte, air stéigh fhallain agus reusontach, a ta calg-dhèireach an aghaidh Pàpanachd, Antinomianachd, saobhchràbhadh, agus geur-leanmhuinn. Bha e taitneach agus suilbheara 'n a chòmhradh, ach daonnan le stuamachd freagarrach d'a dhreuchd;—glanshaor o'n nàdur fhrìonasach ghàrg sin, a tha gu cumanta 'leantuinn dhaoine tha caitheamh beatha aonaranach.

Bheathaich e, agus rinn e faire, le dìchioll thar an treud air an d'rinn an Spiorad Naomh e 'n a fhear-coimhead; agus ged bha e co dian-dhùrachdach an tòir air an fhòghlum sin anns an robh a mhòr thlachd, gidheadh, cha do lughdaich e ni sàmbith d'a ullachadh air son na Sàbaid, no d'a obair

air feadh na Sgìreachd ;—ni mò rinn e cleachdadh do'n ghearr-làmh-sgrìobhaidh air an robh e eòlach, ach sgrìobh e'n còmhnuidh a shearmonian slàn, agus mur bu tric co làn 's a shearmonaich e iad ; gun bhi idir a' deanamh seirbhis do'n Tighearna leis an ni sin nach do shaothraich e air a shon. B'e thoilinntinn caitheamh agus a bhi air a chaitheamh ann an seirbhis an t-soisgeil ; bha e na fhear-cronachaidh firinneach air a' pheacadh, ach aig a cheart am ciallach : bha tomhas mòr do chiall agus do ghliocas Criosduidh aige, as eugais ceilg no lùb, ni a rinn anabarrach feumail e ann an cùirtibh ceartaais, agus comharraichte freagarrach chum comhairle thoirt seachad ann an cuisibh aimhreiteach.

Bha éud agus eòlas co-cheangailte ann, ann an tomhas co mòr 's gu'm b'ainmig a leithid ;—bha e ro chùramach mu ghlaine agus mu shìth na h-eaglais ;—cha robh neach air bith ni b'eudmhoire air son a' cheud aon, agus mar an ceudna ni bu toighiche mu'n dara h-aon ;—oir chunnaic agus dh'fhairich e an t-olc mòr a bh'ann an eadar-sgarachdainn agus ann an roinn. Bha e anabarrach faicilleach roimh caochladh as ùr, gus am faiceadh e gu soilleir am feum agus am bònn a bha air a shon.

B'e 'bheachd shuidhichte gu'm b'e an fhirinn a chuir an céill gu daingean agus gu dìongmhalta, ann an iomadh cùis, an rathad a b'fhearr, bu ghiorra, agus bu ro eifeachdaiche gu cuir an aghaidh mearachd, gun fhearg dhaoine dhusgadh agus a bhrosnachadh, chum an cron féin agus cron an t-soisgeil : uime sin, ann am mìneachadh agus an dìon a' chreidimh ath-leasaichte, ann an leabhar àraid, fhreagair e an t-iomlan do na bha 'n a aghaidh, ach cha do ghabh e sùim fa leth do neach air bith.* Bha e umhailte do'n ghuth, 1 Tim. vi. 11., “ Ach thusa, O oiglaich Dhé, teich o na nithibh sin : ” Bha e ann an tomhas neo-chumanta

* A' ciallachadh a' mhìneachadh air Smior na Diadhachd uire.

marbh do'n t-saoghal; "air dhomh," ars' esan, ann an eachdraidh a bheatha, "gnothaichean an t-saoghail fhaotainn 'n an ribe do m'inntinn, cha robh aon chuid toil no tlachd agam dhiubh." Air son a ghiùlan ciatach bha mòr mheas air, cha'n e a mhain aig a bhraithribh, a bha ag eadar-dhealachadh uaithe ann am beachd, ach gu cumanta aig gach uile sheorsa dhaoine.

Gu co-dhunadh; bu sgrìobhaich e a bha gu h-àraid fòghlumta chum na rioghachd;—ullamh gu briathraibh taitneach fhaotuinn;—'n a shaothraiche nach ruig a leas nàir' a ghabhail, a' roinn focal na firinn gu ceart;—'n a lòchran lasta agus dealrach. "Air chuimhe gu brath bithidh am firean."

Ged dh'fhaodadh làimh ealanta, a chliù a chur an céill mòran ni b'fhearr, ann am briathraibh ni bu teirce, gidheadh cha 'n 'eil claon-bhreith no iomadaidh anns na chaidh a ràdh, ma ghabha cairdeas mìn-eolach ré mòran bhliadhnachan, agus an cùntas a sgrìobh e féin mu bheatha, mar dhearbhadh cothromach. Ach chuireadh aon searmoin a chluinntinn uaithe féin ni-eiginn an céill mu thimchioll nach gabh cuir sìos an so.

Tha cuid làn-dearbhta, gun robh an tuilleadh do dhiumadh Dhé air son iomadh aobhar ris an Eaglais so, anns an dearbh àm 's an deachaidh a thoirt air falbh, na tha gu cumanta air a ghabhail a steach.

Dh'fhaodadh e bhi ni bu ro fheumaile, nam biodh àite dha ann an so, cluinntinn mu thimchioll 'n a bhriathraibh féin, bho'n chunntas choitchionn a sgrìobh e mu 'bheatha chum a chloinne: as an ainmich sinn le 'n ceadsan beagan nithe bho a cho-dhunadh.

"Mar so bha mòr dhéigh agam air sìth, agus fuath do chonnsachadh; ged thachair dhomh aon uair tuiteam ann, chuir mi romham dol troimh. Cha robh e 'n a mhòr thrioblaid dhomh an t-urram

agus an gradh bu chubhaidh dhoibh a bhi agam do m' bhraithribh, a bha 'g eadar-dhealachadh uam ann am barail agus ann an cleachdadh: ach aig an am cheudna, cha robh mi ann am mòr chunnart aon chuid, a bhi air mo thoirt a thaobh leo, no gu cùl a chur ris an ni a mheas mi 'n a fhirinn no 'n a dhleasnas. Mar an ceudna, cha robh e duilich dhomh geilleadh dhoibh 's na nithibh anns nach robh mi ceangailte ann an cogais gu cuir 'n an aghaidh. Ge b'e ceuma cabhagach a rinn mi ann an cùrsa mo bheatha, nithe air son am bheil mi 'g iarraidh a bhi air m' irioslachadh, cha b'e braise ann am ghiùlan m' fhailigeadh. Ach bho'n àm a thug an Tighearna tre ghràs mi gu bhi gabhail beachd air nithibh, b'e mòran do m' chleachdadh a bhi cur eadar-dhealachadh eadar peacadh agus dleasnas ann an cùisibh àraid, air dhomh eagal a bhi orm toiseachadh ri ni sam bith, gus am faicinn mi féin air mo ghairm da ionnsuidh; ach 'nuair a rinn-eadh a chùis soilleir dhomh, chum mi dlù ris an còmhnuidh, oir bha mòr eagal orm cùl a chur ris an t-slighe a thuig mi bh'air a comharrachadh a mach dhomh. Cha d'fhuair mi riamh an doigh air fàs beartach, ni mò b'urrainn mi riamh mi féin a chleachdadh le mòr chàil ann an gnothaichibh an t-saoghail a riaghladh:—bha eadhon doigh riaghlaidh saoghalta gnothaichean na h-eaglais co neo-thaitneach leam, 's nach robh togradh agam gu gnothach a' ghabhail ri riaghladh coitchionn na h-eaglais. Ge b'e ni anns na nochd mise mi féin, aig àm air bith, anns na cùisibh so, cha b'anns an rathad sin a rinn mi e." Cho-dhùin e air a mhodh so.

“ Mur so thug mi dhuibh ni-eiginn do chunntas mu laithibh mo dhìomhanais. Bheiream buidheachas do m' Dhia, ann an Iosa, gu'n d'rinn e mi am Chrìosduidh, 's gu'n do bhuin e gu mòch ri m' anam; gu'n d'rinn e mi am mhinisteir an t-soisgeil,

agus gu'n d'thug e dhomh ni-eigin do shealladh a steach ann an teagasg a ghràis; agus gu'n d'thug e dhomh am Biobull beannuichte, agus gu'n d'rinn e mi eòlach air anns na ceud chànaichean, agus gu h-àraid 's an Eabhradh. Bha'n saoghal ré ùine fhada 'n a mhuime dhomh; agus ge b'e àite 's an d'thugainns' ionnsuidh air foiseachadh ann; chuireadh dris do mhì-shuaimhneas an sin air mo shon. Rugadh an duine a' caoineadh, tha e beò a' gearan, agus a' bàsachadh air a mhealladh 'n a earbsa mu'n t-saoghal. "Is diòmhannas na h-uile nithe agus buaireadh spioraid. Ri d'shlàinte dh'fheith mise, O Thighearna."

Tha ar do-reidhteachas gnàthaichte an aghaidh na crois, agus ar neo-iomlanachd folaiseach ann am mòran do na dleasnasaibh a tha dh'fhiachan oirne, mar bhùill do chorp Chrìosd, gu mòr a' bacadh ar sòlas Crìosduidh, ar n-oideachadh, agus ar tairbhe: agus, ann an àite bhi 'n am maise dhuinn, 's ann a tha iad a' cur sgàile dhorch air ar n-aidmheil naomh. Air son leigheis anns na còirean sin, tha'n Tighearna 'n a chaomh fhreasdal, a' cur cobhair as ùr d'ar 'n ionnsuidh-ne anns an leabhar so. Tha'n teagasg air a chur ann an solus nuadh agus taitneach. B'e an *Camadh 's a' Chrannchur* aon do dh'oibribh deireannach an ùghdair bheannuichte, leis a pheann. Gu'n robh am beannachadh ceudna bho nèamh a' leantuinn an leabhair so, bu tric a dh'asluich e-san gu ro dhurachdach a bhi coimheadachd ni sam bìth d'a shaothair a dh'fhaodta ghairm a mach chum seirbhis na h-eaglais. Amen.

ALASTAR COLDEN.

GAB. WILSON.

H. DAVIDSON.

GLIOCAS AGUS ARD-UACHDRANACHD DHE

AIR AM FOILLSEACHADH

ANN AN

AMHGHAIRIBH DHAoine.

“Smuainich air obair Dhé; oir co is urrainn an ni sin a dheanamh dìreach a rinn e-san càmh?”—ECCL. vii. 13.

Tha beachd chothromach a' ghabhail do fhreasdalaibh àmhgharach ro fheumail chum neach a thoirt gu giùlan air mhodh Criosduidh fodhpa; agus is ann a mhàin a réir creidimh, agus cha'n ann a réir seallaidh, a tha a' bheachd sin r'a fhaotuinn. Oir, is e solus an fhocail a mhàin a tha 'g am foillseachadh gu cothromach, a' nochdadh obair Dhé annta, agus rùintean, freagarrach do'n iomlanachd neamhaidh. 'Nuair a bheir neach fainear, agus a ghabhas e beachd iomchuidh do na nithe so le sùil a chreidimh, tha sealladh cothromach aige do na freasdalaibh amhgharach, a tha freagarrach chum gluasadan buaireasach nan aignidhean truailidh a chasg fo choslasaibh dubhach bho'n leth a mach.

'S ann fo'n bheachd so tha Solamh ann an toiseach a' chaibdeil so, aig ainmeachadh iomadh ni eug-samhuil, a tha 'n an co-dhunaidhean iongantach air taobh nithibh àraid, a tha 'g amharc uamharraidh agus gruamach, do shuil an fhaireachaidh, agus uime sin gu coitchionn air am meas doilghiosach agus òillteil: tha e cur an céill “gur fearr latha bàis no latha breith neach;” eadhon, latha bàis neach, a thainig gu bhi 'n a charaid do Dhia tre chreidimh, agus a chaith a bheatha chum onoir Dhé, agus math a ghinealaich; agus le sin a thog

e féin suas gus an deadh ainm taitneach sin, “is fearr na ola ungaidh luachmhor,” rann 1. Air an doigh cheudna, tha e cur an céill gur fearr “tigh a’ bhròin na tigh na cuirme, doilgheas na gàire, agus achmhasan duine glic na òran amadana;” oir ged is e ’n aon mu dheireadh is ro thaitnìche, gidheadh ’s e a’ cheud aon is ro tharbhaiche, rann 2—5. Agus thug e fainear le cùram, cionnas a tha daoine ann an cunnart, cha’n e a mhàin bho ghruaim agus bho dhroch làimhseachadh an t-saoghail “gu’n cuir foirneart duine glic air a chaothach,” ach mar an ceudna bho fhaoilte agus bho bheadradh an t-saoghail, “gu’m mill tìodhlacadh an cridhe;” uime sin, a chionn gu bheil cunnart air gach làimh, tha e cur an céill “gur feàrr deireadh gach nì” saoghalta “na ’thoiseach,” rann 7, 8. Agus bho’n iomlan tha e a’ co-dhunadh gu cothromach, gur feàrr a bhi iriosal agus foighidneach, na a bhi àrdanach agus mi-fhoighidneach fo làimh smachdachaidh Dhé; a chionn, anns a’ cheud chor, gu bheil neach gu glic umhal do’n nì sin da ri-readh a’s feàrr; agus anns a chor mu dheireadh, gu bheil e cathachadh ’n a aghaidh, rann 8. Agus tha e ’g ar comhairleachadh gu’n bhi mi-thoilichte le ar crànnchur, air son na trioblaid a ta ann, rann 9; tha e a’ toirt ràbhadh gu’n bhi gu mi-runach a’ coimeasachadh nan àmanna a chaidh seachad ris na h-àmannaibh a tha làthair, agus mur sin a’ cur iomchair mi-iomchuidh as leth freasdal Dé, rann 10. Agus an aghaidh na càil fhrionasaich agus ghearanaich sin, tha e air tùs a’ seòladh iocshlaint choitichionn, eadhon gliocas naomh, mar an nì a nì neach comasach gus a chuid a’s feàrr a dheanamh do na h-uile nì, agus a bheir beatha eadhon ann an cùisibh claidhteach, rann 11, 12. Agus a rithist iocshlaint shònruichte, a ta a’ co-sheasamh ann an cleachdadh iomchuidh a dheanamh do’n ghliocas sin a chum beachd chothromach a’ ghabhail do’n

chùis, “Smuainich air obair Dhé: oir co is urrainn an nì sin a dheanamh dìreach a rinn esan càmh?” Anns na briathraibh sin tha air an sònrachadh, 1. An *iocshlaint* féin. 2. Iomchuidheachd na h-iocshlaint sin. *Air tùs*. Is i 'n iocshlaint féin, a bhi beachdachadh gu glic air làimh Dhé anns gach nì a mhothaicheas sinn a' teachd cruaidh oirnn; “Smuainich air obair Dhé, no am bheil thu faicinn a làmh-san,” anns a chuid is caime, is gairbhe, agus is mi-thaitniche do d' chrannchur, eadhon, anns na trioblaidibh a tha còmhlachadh riut ann. 'S math a tha thu a' faicinn na crois féin; seadh, tha thu 'g a tionndadh thairis agus thairis ann a' d' inntinn, agus air do shocair a' beachdachadh oirre air gach taobh; mar an ceudna, tha thu 'g amharc air an nì so agus air an nì ud eile mar an dara aobhar aice, agus mar sin tha thu ann an corruich agus ann an mi-shuaimhneas; ach, nam b'àill leasta bhi aig fois agus air do riarachadh mu'n chùis, tog suas do shùilean ri nèamh, agus *faic gur e gnìomh làmh Dhé a ta ann*. Amhaire air sin, agus thoir fainear e gu ceart; beachdaich air mathair-aobhair a chamaidh a th'ann do chrannchur, agus *faic gur e obair Dhé a ta ann*, agus gur ann uaithe-san a ta e '*S an dara aite*. A thaobh *iomchuidheachd* na h-iocshlaint so, tha a bheachd sin do na chamadh 'n ar crannchur ro fhreagarrach chum tograidhean mi-chiatach a chridhe a chuir sàmhach agus gu sinne dheanamh tosdach fodha: “Oir co is urrainn (is e sin, cha'n urrainn a h-aon) an nì sin a dheanamh dìreach a rinn Dia càmh? A thaobh a *chamaidh* ann do chrannchur, 's e Dia a rinn e; agus feumaidh e mairsinn am feadh is àill leis-san. Ged a chleachdadh tu t-uile neart chum a *dheanamh* còmhnhard, no *dìreach*, bithidh t'oidheirp diomhain; cha dìrich e a dh'aindeoin na's urrainn thusa dheanamh; oir is esan a mhàin

a rinn e is urrainn a leasachadh no dheanamh dìreach. Tha a bheachd agus an sealladh so do'n chùis, 'n a mheadhon iomchuidh, chum daoine a riarachadh agus an cuir 'n an tosd còmhladh, agus gu'n toirt chum strìochdadh gu h-umhal do 'n Cruithear agus do'n Uachdaran fo'n camadh crannchuir. A nis, gabhaidh sinn brìgh a' bhùinn teagaisg anns na trì cinn theagaisg so. I. Ciod air bith camadh a th'ann an crannchur neach, 's ann do dheanamh Dhé a tha e. II. An ni a tha Dia a' faicinn iomchuidh a chamadh ann ar crannchur, cha'n urrainn sinn a dhìreadh. III. Tha beachd a' ghabhail air a' chamadh 's a' chrannchur mar obair Dhé, no do dheanamh-sa 'n a mheadhon iomchuidh chum neach a thoirt gu giulan mar Chrìosduidh fodha.

TEAGASG, I.—*Ciod air bith camadh a th'ann an crannchur neach, 's ann do dheanamh Dhé a tha e.*

An so tha dà ni ri thoirt fainear, eadhon, an camadh féin, agus gur ann do dheanamh Dhé a ta e.

I. A thaobh a' chamaidh féin, agus chum gur ann is fearr a thuigear e, tha na nithe so a leanas air an toirt fainear: 1. Tha cùrsa àraid do fhreasdalaibh tre riaghladh Dhé a' tachairt ann am beatha gach aon againne 's an t-saoghal: Agus is e sin ar crannchur, a th'air a chur air leth dhuinne le Dia, ar Cruithear agus ar n-Ard-uachdaran, aig am bheil ar n-anail 'n a làimh agus d'am buin ar n-uile shlighe. Tha 'n cùrsa so do fhreasdalaibh aig eadar-dhealachadh gu mòr ann an crannchur an t-sluaigh, a réir toil agus gean-math an Ard-riaghlair, a tha 'g orduchadh crannchuir dhaoine anns an t-saoghal air iomadh doigh, ag ardachadh cuid, agus ag ìsleachadh cuid eile. 2. Anns a chùrsa sin do fhreasdalaibh, tha cuid dhiubh a' tionndadh a' mach an *aghaidh* ar gné agus ar càil; agus is iad sin a tha deanamh a' chamaidh 'n ar crannchur. Am feadh a tha sinn 's an t-saoghal bithidh freasdal-

an garbha, co math ri freasdalaibh mìne ann ar cor agus ann ar crannchur. Air uairibh tha nithe a' dol air an aghaidh gu réidh taitneach; ach an ùine ghoirid, tha freasdal eile aig atharrachadh a' chùrsa sin, a tha 'n a phian agus 'n a chradh dhuinn, mar gu'n toireamaid ceum docharrach a bheireadh oirnn imeachd bacach. 3. Tha *camadh* air chor-eiginn ann an crannchur gach neach a th'anns an t-saoghal so. Tha luchd-gearain ullamh air a bhi a' coimeas gu graineil aon ni ri ni eile; oir tha iad ag amharc mu'n cuairt agus ag gabhail beachd farsuing do chor muinntir eile, 's cha 'n 'eil iad a' faicinn ni sam bith ann ach ni a tha *dìreach*, agus ceart a réir càil neach: mar sin tha iad ag cur an céill gu bheil crannchur an coimhearsnaich gu h-iomlan *dìreach*. Ach is breith mhearachdach sin; oir cha'n 'eil iomlaineachd anns a' bheatha so, no chrannchur fo fhlaithneas gun chrois. Oir, "na h-uile oibre fo 'n ghrein, feuch, is dìomhanas iad uile, agus buaireadh spioraid. An ni a ta càmh, cha ghabh e deanamh *dìreach*," Eccl. i. 14, 15. Co shaoileadh nach robh crannchur Haman gle dhìreach am feadh a bha 'theaghlach a' cinn-eachdainn, agus e féin a' soirbheachadh ann an saoibhreas, agus ann an urram, air dha bhi 'n a Phrìomh-uachdaran ann an cùirt Phersia, agus mòr ann an sealladh an Rìgh? Gidheadh, aig a' cheart àm, bha camadh 'n a chrannchur, a chràdh e co mòr, "'s nach deanadh so uile a bheag do mhath dha." Est. v. 13. Mothaichidh gach neach c'ait' am bheil e féin air a theannachadh, ged nach tuig cach e. Cha'n 'eil crannchur neach air bith 's an t-saoghal so gu h-uile càmh; tha an còmhnuidh ni-eiginn còmhnhard agus *dìreach* ann. Gu cinnteach, an uair a lasas fearg dhaoine, 's a bheir i ceò air an inntinn, tha iad ullamh gu ràdh, gu bheil na *h-uile in* clì aca-san 's nach 'eil *ni sam bith* ceart maille riu. Ach ged tha agus ged bhitheas gu sìorruidh,

an sgeula sin fìor ann an ifrinn, gidheadh cha'n 'eil e fìor gu brath 's an t-saoghal so : oir gu cinnteach, cha 'n 'eil aon bhoinne do shòlas air a dheònachadh ann an “ ifrinn.” Luc. xvi. 25. Ach 's an t-saoghal so tha e 'n còmhnuidh 'n a nì cinnteach gur “ ann do thròcairibh an Tighearna nach 'eil sinn air ar caitheadh.” Tuir. iii. 22, 24. Thàinig an camadh 's a' chrannchur chum an t-saoghail tre'n *pheacadh* ; 's e an tuiteam a rinn an camadh. Rom. v. 12. “ Thàinig peacadh a steach do'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre 'n pheacadh, agus tha'n camadh 's a' chrannchur air a' ghabhail a steach fo'n bhàs sin, mar a ta staid *shòlais* no *shoirbheachaidh* ; air a cur an céill ann an cainnt an sgriobtuir, le bhi *beò*. 1 Sam. xxv. 6. ; Eoin iv. 50, 51. Chròam am peacadh cridheachan agus inn-tinne dhaoine, 'nuair a thàinig iad gu bhi càin a thaobh an lagh naomha ; agus ann an ceartas chròam Dia an crannchur, air dhòigh 's gu'n d'thàinig e gu bhi cam mar an ceudna. Agus tha'n camadh so ann ar crannchur gu neo-sgarail ag lean-tuinn ar cor peacach, gus an cur sinn dhinn corp a' pheacaidh agus a' bhàis so, agus gus am faigh sin an taobh a steach do gheata nam flaitheanais.

Chum na nithe so a mhìneachadh, *tha'n camadh 's a' chrannchur* gu coitchionn a' cur an céill dà nì. 1. *Amhghar*. 2. *Mairsinneachd*. A réir sin tha e deanamh *là an amhghair* fa chomhair *là an t-soirbheachaidh* 's an rann air ball an deigh a' bhùinn theagaisg.

Air tus. 'S e an camadh 's a chrannchur, earrann air chor-eiginn do *thrioblaid*. Is e an earrann a tha réidh agus dìreach do'n chrannchur a' chuid sin a tha soirbheachadh, agus a' dol air aghaidh a réir miann neach ; agus is e am mìr a tha càin dheth, a' chuid sin a tha càlg-dhìreach an aghaidh sin. Choimheasg Dia an dà nì so ann an crannchur dhaoine 's an t-saoghal so ; chum mar a tha nì-

eiginn do shoirbheachadh ann, a tha deanamh a chùrsa dhìrich, mar sin gu bheil mar an ceudna ni-eiginn do thrioblaid ann, a tha deanamh a' chamaidh. Cha'n e a mhàin gu bheil an coimheasg so ann an crannchur nan naomh, d'am bheil e air innse, "anns an t-saoghal gu'm bi àmhghar aca," ach mar an ceudna tha e ann an crannchur nan uile dhaoine, mar chaidh a thoirt fainear cheana. 'S an dara àite. Is amhghar e a mhaireas rè seal. Cha mheas sinne mar ni càrn, ni sam bith a rachadh a chromadh 's a lùbadh ri cheile le ainneart, ma's e 's gu'n dìreadh e air bàll mar bha e roimhe. Tha sgiursaidhean géur ann do'n t-slait smachdachaidh, a theid mar speach troimh cliathaich neach, agus air bàll tha na h-uile ni ceart a rithist; feudaidh crannchur neach a bhi air a dhorchadh gu h-obann, agus a' ghruaim falbh mu'n toir e'n aire. Ach fo'n chamadh, air do neach ùine bhi aige chum a chràdh a mhothachadh, tha e ann an an-fhois chum an camadh fhaotuinn air a dhìreadh; mar sin is amhghar an camadh crannchuir a mhaireas re ùine àraid.

A nis tha camadh crannchuir tri-fillte buailteach do chloinn nan daoine. 1. Tha camadh a nithear le freasdalaibh tarsuing, ge b'e co goirid 's a mhaireas e, a dh'fhàgas cràdh buan 'n a dheigh. Rinn an-ìochd Heroid a leithid sin a chamadh ann an crannchur nam mathraichean ann am Betlehem, dream a dh'fhàgadh leis na mortairibh "a' caoineadh an cloinne chaidh a mharbhadh, agus cha b'àill leo sòlas a' ghabhail a chionn nach 'eil iad beò;" Mata. ii. 18. 'S goirid a bhitheas neach a' toirt céum tuisleach, a bheir air imeachd bacadh fad a là 'n a dheigh. "Mar iasg a ghlacar ann an droch lion—is ann mar sin a ribear clann nan daoine ann an droch àm;" Ecl. ix. 12. Feudaidh ni tuiteam a mach ann an tiotadh a dh'fhàgas neach bacach gus an teid e do'n uair.

2. Tha camadh air a dheanamh le iomadh cùrsa do fhreasdalaibh tarsuing, a ta 'leantuinn gu dlù an deigh a cheile, co dhiubh a tha iad do 'n aon ghné, no nach 'eil a dh'fhàgas cràdh buan nan deigh. Mar, ann an cùis Ioib, an uair a bha aon teachdaire le droch naigheachd “fathast a' labhairt thàinig fear eile,” Iob. i. 16, 17, 18. Ni freasdal-an tarsuing a' teachd muin air mhuin, “doimhne a' gairm air doimhne,” camadh ro chràiteach. Anns a chor sin, tha an neach a tha fo àmhghair coslach ri neach a bheireadh a chos deth aon mhir do thalamh fàs, agus a chuireadh i air mìr eile cheart co fàs, a dh'fhailnicheadh air bàll fodha mar an ceudna; no coslach ri neach a bhitheadh air aineol ann an dùthaich bheanntan, agus an deigh dha, le mòr spàirn, dol thar aon bheinn, tha e 'n duil gu'm faic e an dùthaich chòmhnard air an taobh eile, ach an àite sin, 's ann a tha beinn an deigh beinne a' teachd 's an fhradharc air am feum e dol thairis. Theab an camadh so ann an crannchur Asaiph a thoirt air a dhiadhachd uile a leigeadh dheth, “gusandeachaidh e steach do'n ionad-naomh,” far'n do mhìnichheadh rùn-diomhair so freasdail dha; Salm lxxiii. 13—17. Tha Solamh a' toirt fainear “Gu bheil fireana ann d'an tachair a réir oibre nan aingidh,” Ecl. viii. 14. Tha freasdal a' tionndadh 'n an aghaidh, mar gu'm biodh iad gu bhi air an tilgeadh sios gu tur; co sam bith iad do nach 'eil céum éiginn do'm beatha a' toirt fiosrachaidh air an nì so, 's cinnteach nach do sheachainn Ioseph eòlas fhaotuinn air ann an aois òige, no Iacob 'n a aois mheadhonach;—no Peadar 'n a shean aois, Eoin xxi. 18, no ar Slanuighear rè a laithean uile. 3. Tha camadh air a dheanamh le freasdal tarsuing, le cràdh mairsinneach 'g a leantuinn a' teachd an àit aon eile a thugadh air falbh. Uime sin, ged rachadh aon chamadh a dhìreadh tha aon eile air a dheanamh 'n a àite: agus mar sin tha'n camadh a' mairsinn

an comhnuidh. B 'e a bhi dh'easbhuidh cloinne an camadh a bha rè ùine fhada ann an crannchur Rachel, Gen. xxx. 1, ach mu dheireadh chaidh an camadh sin a dhìreadh a réir a miann; gidheadh an deigh sin fhuair i aon eile 'n a àite, eadhon cruaidh shaothair-chloinne, caib. xxxv. 16. Is fàsach an saoghal so anns am feud sinn gu cinnteach ar crannchur fhaotuinn air atharrachadh; ach cha bhi anns an imrich ach bho aon àite fàsail gu àite fàsail eile. 'Nuair a ta aon earrann do'n chrannchur air a dhìreadh, theagamh gu'm bi earrann air chor-eiginn eile dheth càmh.

Ni 's ro shònruichte, tha ceithir nithe *anns a chamadh crannchuir* a tha do naduir càmh.

1. *Neo-fhreagarrachd.* An ni a tha càmh tha e fiar; agus an uair a chuirear riaghailte ris, cha fhreagair e dh'i. A thaobh *toil* agus *rùin* Dhé, cha 'n 'eil a leithid a ni agus camadh ann an crannchur neach air bith. Gabh am freasdal is reasgaiche agus is gruamaiche a th'ann an crannchur neach agus cuir e ris an òrdugh shìorruidh a rinn-eadh ann an doimhne 'ghliocais neo-chrìochnaichte, mu'n robh an saoghal ann, agus freagaraidh e dha as éugmhais a' chlaonaidh is lugha, "oir a ta e 'g oibreachadh nan uile nithe réir comhairle a thoile fein," Eph. i. 11. Càirich e ri toil freasdal Dé, ann an uachdranachd an t-saoghail, agus làn chordaidh iad ri cheile. Ma bha Pòl gu bhi air a cheangal ann an Ierusalem, agus "gu bhi air a thoirt thairis do làmhaidh nan Cinneach," b'e "toil an Tighearn" a' chùis a bhi mar sin, Gnìomh, xxi. 11, 14. Uime sin, tha an camadh crannchuir is mò a th'air thalamh dìreach air neàmh; cha'n 'eil neo-fhreagarrachd air bith ann an sin. Ach tha camadh ann an crannchur nan uile a thaobh an càil agus an tograidhean nadurrach féin. Tha am freasdal àmhgharach calg-dhìreach an aghaidh na riaghailte sin, agus cha fhreagair e dh'i, 's cha chòird e

rithe air chor sam bith. 'Nuair a chaireas freasdal Dé an dara h-aon ris an aon eile, tha neo-fhreagarrachd fholaiseach eatorra. Tha toil an duine a' dol aon rathad agus riaghailt an fhreasdail a' dol rathad eile; tha 'n toil aig aomadh suas, agus na freasdalan tarsuing a' cromadh sìos; mar sin tha iad calg-dhìreach an aghaidh a cheile; agus 's ann an sin, agus an sin a mhàin, a tha an camadh na luidh. 'S e an neo-fhreagarrachd so a tha deanamh a' chamaidh 's a' chrannchur 'n a mheadhon iomchuidh chum ar dearbhadh agus ar cronachadh, rè àm ar deuchainn. Ma 's aill leat a bhi taitneach do Dhia 's an ni so; ag imeachd a réir creidimh, agus cha'n ann a réir seallaidh, feumaidh tu thu féin a dheanamh réidh ri toil agus ri rùn Dé, agus gu'n bhi do'n bharail gu'm bu chòir an ni a bhi a réir do thoil-sa, Iob. xxxiv. 23.

2. *Duaichnidheachd.* Tha nithe cama mi-thaitneach do'n t-sùil; agus cha *mheasar* camadh air bith 's a' chrannchur *sòlasach*, *ach doilgheasach*, agus gle dhuaichnidh do'n t-sealladh, Eabh. xii. 11. Uime sin, cha b'uilear do dhaoinibh a bhi air am faicill chum an inntinnean a shuidheachadh air a' chamadh 'n an crannchur, agus gu'n a chumail iomadaidh 'n am beachd. Tha Daibhidh a' nochdadh deuchainn chronail do'n ghné so bho fhiosrachadh féin, Salm xxxix. 3. "'Nuair a bha mi a' beachd-smuaineachadh, las an teine." Rinn Iacob a' chuid bu ghlice, dh'ainmich e 'mhac a b'oise *Beniamin*, is e sin ri ràdh, mac na deas-làimh, neach a dh'ainmich a mhàthair, 'nuair a bha h-anam a' dealachadh rithe *Ben-oni*, is e sin ri ràdh, mac mo dhoilgheis; chum leis a so dheanamh, nach biodh an camadh 'n a chrannchur air a thoirt as ùr gu chuimhne, na h-uile uair a ghairmeadh e ainm a mhic. Gu'n amharus feudaidh an Criosduidh gu tearuinte beachd seasmhach agus socrach a' ghabhail do'n chamadh 'n a chrannchur ann an solus

an fhocail naoimh, a tha 'g a chur an céill mar smachdachadh a' chumhnaint. Mar sin foillsichidh an creidimh taitneas dìomhair anns a' chamadh, fo choslas gle dhuaichnidh bho'n leth a mach; a' taisbeanadh co freagarrach 's a ta e do mhaitheas, do ghaol, agus do ghliocas neo-chrìochnach Dhé, agus do fhior bhuannachd an neach a ta fo'n t-slaith smachdachaidh; leis a so tha aon a' teachd gu tlachd a ghabhail, agus sin fìor thlachd ann an trioblaid, 2 Cor. xii. 10. Ach ciod air bith mar a tha'n camadh 's a' chrannchur do shuil a' chreidimh. cha'n 'eil e idir taitneach do shuil an fhaireachaidh.

3. *Neo-chomas imeachd.* Tha Solamh a' toirt an aire do 'n aobhar a tha toirt air a' bhacach a bhi co cearbach agus co an-shocrach 'n a thriall, Gnàth. xxvi. 7. "Cha'n ionann cosan a bhacaich." Iadsan a tha air an cleachdadh ris a' chamadh 'n an crannchur, mhothaich iad an an-shocair so; tha spiorad àrdanach agus crannchur ìosal trioblaideach, 'n a dheuchainn chruaidh do'n Chrìosduidh 'n a thriall, cha'n 'eil ni sam bith is luaithe a bheir rathad do'n bhuaireadh no an camadh 's a' chrannchur; no ni sam bith ni's ullamh gu neach a thionndadh as an t-slighe." Uime sin, deir an t-Abstol, Eabh. xii. 13., "Deanaibh cos-cheuma dìreach do 'ur cosaibh, air eagal gu'm bi an ni sin a ta bacach air a thionndadh as an t-slighe." Air an aobhar sin, an àite iadsan a th'ann an àmhghar a chronachadh gu searbh, 's ann bu chòir dhuinn truas a ghabhail diubh; gidheadh is tearc iad a dh'fhòghlum as an leasan so, gus an teagaisg am féin-fhiosrachadh iad. 'S fada bho'n thug Iob an aire, anns a chùis so, do ni a ta fìor gus an latha'n diugh, Iob xii. 5. "Mar lochran fo thàir ann an smuaintibh an tì a ta aig fois, bithidh esan a bhios ullamh gu sleamhnachadh le 'chois."

4. "Càil gu greim a ghlacadh agus gu ribeadh,

mar dhubhanaibh, eadhon mar dhubhanaibh-iasg-aich," Amos iv. 2. Tha'n camadh 's a' chrannchur co ro ullamh gu truailleachd agus mi-shuaimhneas inntinn a dhusgadh, ann an spiorad neach, 's gu bheil Sàtan 'g a ghnàthachadh gu dìchiollach chum na crìche cunnartaich sin : Agus ma bhuannaicheas am buaireadar aon uair a' phùinc sin ; gheibh an neach a bhuairear, mu'n urrainn dha bhi air fhaicill, e féin air a ribeadh mar ann an dris, as nach bi fios aige cia mar lasaicheas se e féin. Fo na bhuaireadh sin tha'n camadh gu tric coslach ri bata càmh a' cur troimh cheile lochan balbh ; ni cha'n e a mhàin a dhuisgeas a nios lathach 'n a mheasg uile, ach mar an ceudna a bheir a nios bho 'n ghrunnd cuid a nithe ro ghrannda. Mar so thog e gné do thoibheum agus do mhi-chreideas mu Dhia ann an cor Asaiph, Salm lxxiii. 13. "Da rìreadh gu dìomhain ghlan mi mo chridhe, agus nigh mi mo làmh an neo-chionta." Mar gu'n abradh e, Cha'n 'eil ni sam bith 's an diadhachd, is ni dìomhain agus folamh i, anns nach 'eil tairbhe sam bith ; bu mhise an t-amadan a bh'aig a leithid do shaoth-air mu ghloine agus mu naomhachd, aon chuid cridhe no bheatha. Och ! an e so Asaph diadhaidh ? Cia mar thionndadh e co tur neo-choslach ris féin ? Ach is e 'n camadh 's a' chrannchur am meadhon, leis am bheil am buaireadair a' leigeadh ris mòran do thruailleachd uaigneach ; eadhon anns a' mhuinntir is fearr.

'S e so *nàdur* a' chamaidh 's a' chrannchur. Thugamaid a nis fainear ciod an *earrann do'n chrannchur* anns am bheil e tachairt.

Gu coitchionn feudaidh tri co'dhunaidhean a bhi air an suidheachadh air a' cheann so.

1. Feudaidh e tachairt ann an *earrann air bith* do'n chrannchur ; cha'n 'eil earrann air bith saor ; oir, air do'n pheacadh a bhi air fhaotuinn anns gach earrann, feudaidh an camadh tachairt ann an

earrainn air bith. “Tha sinn uile mar ni truailidh, agus tha sinn uile air seargadh mar dhuilleach.” Isa. lxiv. 6. ‘Tha prìomh shruth a’ pheacaidh, a tha’n camadh gu h-ealamh a’ leantuinn, a’ ruith ann an cladhanaibh gle eadar-dhealaichte, ann an cor muinntir fa leth. Agus a thaobh càil eadar-dhealaichte inntinnean dhaoine, feudaidh an ni fo’n siùbhail neach eile gle eutrom, a bhi ’n a eallach throm dhomhsa.

2. Feudaidh an camadh tachairt ann an *iomadh earrann* do’n chrannchur còmhladh, an Tighearna gairm, mar air là suidhichte, uamhasan neach air gach taobh, Tuir. ii. 22. Air uairibh tha Dia a’ deanamh aon chamadh comharraichte ann an crannchur neach: ach feudar Gad a Ghairm mar ainm air, do bhrìgh nach ’eil ann ach roimh-theachd-aire air buidheann a tha teachd. An sin, tha na camaidhean air an lìonmhoireachadh, ionnas gu bheil neach air a dheanamh bacach air gach cois. Am feadh a ta aon sruth a’ teachd air gu dian bho aon chearnaidh, tha sruth eile teachd air bho chearnaidh eile, gus am bheil na h-uisgeachan a’ bristeadh a steach mu dheireadh air gach làimh.

3. Tha an camadh a’ tachairt gu minig anns an earrainn is *laige*, tha mi a’ ciallachadh an earrann sin do’n chrannchur is neo-chomasaiche air a ghiùlan, no, air a chuid is lugha, a mheasar mar sin le neach, Salm. lv. 12, 13. “Cha bu nàmhaid a thug masladh dhomh, no dh’fhuilinginn e. Ach thusa! fear bu choimpire dhomh féin, fear m’ iuil agus fear m’ eòlais.” Ma tha aon earrann thar earrann eile do’n chrannchur, anns am bheil neach a’ rùnachadh fois a ghabhail, theid an dris a chur an sin air ball, gu h-araid, ma bhuineas e do Dhia: feudaidh e bhi cinnteach gur anns an earrann sin ’s an tur neo-fhulangach e air beantuinn ris, a theid a theannachadh. ’S ann an sin a theid deuchainn a chuir air: oir ’s ann an sin a tha

'n comh-stri mhòr ri Criosd. “Bheir mi uatha miann an sùl, agus an ni sin air an suidhich iad an inntinn,” Esec. xxiv. 25. A chionn gur e 'n camadh 's a' chrannchur an deuchainn shònruichte a tha air a comharrachadh air son gach aon fa leth, tha e tur reusontach agus freagarrach ri gliocas Dhé, gun tachradh e 's an earrann sin is mò tha clàonadh ar cridhe uaithe féin. Ach ni's ro shònruichte, feudar a thoirt fainear gu'm feud an camadh tachairt 's na ceithir earrannaibh so do'n chrannchur.

1. Feudaidh e tachairt ann an *dealbh corporra* nan créutairean, mar an cumadh sin a chomharrachadh dhoibh leis an Dia mhòr a dheilbh na h-uile nithe. Chruthaich e ar ceud sinnseara, Adhamh agus Eubh, iomlan, slàn agus fallain, as éugmhais a' chiorraim bu lugha, aon chuid 'n an corp no 'n an anam; gidheadh ann an dealbh an sliochd, tha gu minig eadar-dhealachadh folaiseach ri fhaicinn bho 'n cheud dealbh. Is e camadh crannchuir cuid mi-iomlanachd chorporra, aon chuid a thaobh naduir no thaobh tuiteamais, mar a ta anmhuinneachd, mi-chumaidheachd, tuille 's a' choir no easbhuidh bhuill a bhi air an cuirp. Tha ni-eiginn duaichnidh no craiteach mu'n timchioll. Tha camaidhean do'n ghné so ri'm faicinn ann an tomhas éiginn gle chumant agus gnàthaichte, 's cha'n 'eil a' mhuinntir is feàrr saor uatha: agus is ann gu h-ana-mheadhonach do fhìor ghean math Dhé nach 'eil iad ni 's liònmoire. B'e suilean anmhunn an camadh a bh'ann an crannchur Leah, Gen. xxix. 17. B'e camadh crannchuir Racheil, a maise bhi air a co'chothromachadh le aimrideachd, caib. xxx. 1. Tha e coslach nach robh Pol Ab-stol mòr nan Cinneach 'n a dhuine foghainteach ann am pearsa, ach neo-inbheach 'n a làthaireachd chorporra, ni air son an robh amadana ullamh gu tàire dheanamh air, 2 Cor. x. 10. Cha robh ann

an Tìmoteus ach duine anmhunn, euslainteach, tinn, 1 Tim. v. 23. Agus gidheadh tha camadh ni's ro mhò ann an crannchur nam bacach, nan dàll, nam bodhar, agus nam balbhan. Tha cuid ann a tha lag ann an tomhas àraid 'n an tuigse ; agus is e camadh crannchuir iomadh anam urramach a bhi gu sònruichte air an dorchachadh agus air am folach le neoil, a thaobh nan cuirp euslainteach 's am bheil iad a chòmhnuidh ; tha eisempleir chomharraichte againn do'n ghnéso ann cor Ioib, chiallach, ghlic, agus fhoighidnich, “ a dh'imich ri bròn as éugmhais na gréine : seadh a dh'éirich anns a' chomhchruinneachadh agus a dh'éigh,” Iob xxx. 28.

2. Feudaiddh an camadh tachairt ann an *cliù* neach. Buinidh urram do na h-uile dhaoine am beag co math ris a' mhòr, 1 Pead. ii. 17., air bonn ceud suidheachaidh nàduir an duine, mar chaidh a dhealbh a réir iomhaigh Dhé. Gidheadh, ann an suidheachadh ard-uachdranachd an fhreasdail naeimh tha camadh crannchuir cuid a' tachairt anns an dearbh earrainn so. Tha dearmad agus tarchuis air a dheanamh orra ; tha'n creideas air a chumail iosal an còmhnuidh ; tha iad a' dol troimh 'n t-saoghal fo néul, air dhoibh a bhi air an cur fo dhroch ainm, tha'n cliù air a chuir fodha. Air uairibh is e so toradh nàdurrach an giùlain amaideach agus peacach féin ; coslach ri Dinah a chaidh a mach air fadharsachd air feadh na tìre chum goraich a h-oige a riarachadh, a thug masladh buan air a cliù, do bhrìgh nach d'fheith i gu furachar ri gairm bho Dhia, Gen. xxxiv. Gidheadh feudar a thoirt fainear far an suidhich Dia camadh do'n ghné so ann an crannchur neach, cha dean neo-chiontas a mhaslaidh a ghlanadh air falbh ann an saoghal mì-runach. Ni mò is urrainn deadh airidheachd cur 'n a aghaidh, chum crannchur neach a dheanamh dìreach anns an earrainn sin. Tha Daibhidh a' cur an ceill a chòr féin mar so, Salm xxxi. 11,

12, 13, “ Iadsan a chunnaic mi a muigh, theich iad uam : dhì-chuimhnicheadh mi mar dhuine marbh air dol á cuimhne; tha mi mar shoitheach briste. Oir chuala mi cul-chaineadh mòrain dhaoine.”

3. Feudaidh e tachairt ann an *dreuchd* neach.— Ciod air bith gairm no inbhe anns am bheil daoine 's an t-saoghal, bitheadh i diadhaidh no daonda,* feudaidh an camadh crannchuir tachairt innte. Bha Isaiah 'n a fhàidh urramach, gidheadh gle neo-shoirbheachail, Isa. liii. 1. Chòmhluich Ieremiah ri co lion mi-mhisneach agus droch làimh-seachadh, ann an cleachdadh a dhreuchd naoimh, ionnas gu'n robh e gle fhaig air a toirt thairis, ag ràdh, “ Cha toir mi iomradh air, ni mo labhras mi tuilleadh 'n a ainm,” Ier. xx. 9. Tha an Salmadair a' toirt fainear gu bheil an camadh so a' tachairt gu minig ann an crannchur cuid do dhaoine tha gle dhìchiollach 'n an gnothaichibh saoghalta, muinntir “ a shiol—chuireas achanna agus aig amannaibh tha Dia 'g am beannachadh—agus cha lughdaich e an spreidh: Ach a rithist, lughdaichear agus leigear sìos iad le foirneart, olc agus doilgheas.” Salm cvii. 37, 38, 39. Rinneadh a leithid so a chamadh ann an crannchur Ioib, an déigh dha mairsinn dìreach ré ùine fhada. Tha cuid a' riaghladh an gnothaichean leis gach uile chùram agus dhìchioll,—tha 'n tuathanach gu cùramach a' saothreachadh 'fhearainn: tha 'n ciobear a' rannsachadh a mach le dìchioll staid a' chaorach; agus a' toirt an aire mhath da 'threudaibh: tha 'm fear-ceaird moch agus anmoch air ceann a ghnòthaich: tha'n ceannaiche gu dian dìchiollach a' feitheamh gus na cothromaibh is ro fhearr agus is gealltannaiche air buannachd a ghlacadh; gidheadh tha an camadh a tha 's an earrainn sin do'n crannchur co mòr 's nach urrainn an uile dhìchioll a dhìreadh. C'arson? Tha, do bhrìgh gu bheil na meadhonan

* Saoghalta.

is ro shònruichte a ghnàthaichear a chum na crìche sin gun bhrìgh, as éugmhais gu'n d' àithn Dia dhoibh soirbheachadh: "Co esan a their, agus gu'n tig e gu crìch, an uair nach aithn an Tighearna?"—Tuir. iii. 37. Tha muinntir ag obair le seòltachd agus dìchioll air an gnothach, gidheadh tha'n soirbheas a' tionndadh 'n an eudainn, tha freasdal a' cur an aghaidh an ionnsuidhean, tha e cur troimh cheile 'n dealbhan, a' mealladh an dùil agus an dòchais, a' toirt an oidheirpean gu neo-bhrìgh, agus mar sin 'g an cuir agus 'g an cumail an còmhnaidh ann an cor trioblaideach. "Mar sin cha'n ann do na daoineibh luatha tha an réis, no do na daoineibh treuna an cath, no do na daoineibh glic aran, no do dhaoineibh tuigseach saoihbreas," Ecl. ix. 11. Gidheadh tha freasdal a' teachd 's an eadraiginn, agus a' deanamh càrn na nithe a rinn gliocas agus dìchioll dhaoine dìreach freagarrach ri 'n crìochaibh fa leth; mar sin tha na daoine luatha a' càll na réis, 's na daoine treuna an cath, agus na daoine glìce arain: am feadh, aig a' cheart àm, a tha ni éiginn ann an rathad freasdail a' deanamh 'n àirde na h-uireasbhuidh a th' ann an comas, an giùlan, agus an gliocas dhaoine, tha na daoine mall a' buannachd na réis, agus a' faotuinne a' ghill, 's tha na daoine lag a' cosnadh a' chath, agus 'g an deanamh féin saoihbhir leis a' chreich; agus tha aran a' tuiteam ann an uchd an amadain.

4. Feudaidh e tachairt ann an *càirdibh* neach. Is iad na càirdean uilt gach comuinn; agus feudaidh an camadh 's a' chrannchur tachairt an sin, mar is tric is anns na h-uilt sin is ro ghéire a mhothaicheas neach a chràdh. Is iad na h-uilt sin 'n an nàdur tobar sòlais an duine; gidheadh tha iad gu minig a' sruthadh an t-searbhaais is mò d'a ionnsuidh. Air uairibh tha'n camadh so a' tachairt le càirdibh a chàll. Mar sin rinneadh camadh ann an crannchur Iacoib, le bàs Racheil a chéilidh gràdh-

ach, agus theab càll Ioseiph, a mhic, agus aon ghràidh, a thoirt le bròn do'n uaigh. Tha Iob a' caoidh a' chamaidh so 'n a chrannchur féin, Iob xvi. 7. "Rinn thu aonarach mo chuideachd uile;" a' ciallachadh a chlann ghràdhach, a chairich e gu leir anns an uaigh, cha d'fhàgadh uiread agus aon mhac no nighean aige. A rithist, tha'n camadh air uairibh air a dheanamh le làimh smachdachaidh Dhé bhi luidh tròm air ar càirdibh; agus a thaobh an dlù dhàimh, mothaichidh sinne gu goirt an cudthrom, mar a tha e air a chur an ceill gu faireachdail leis a' mhnaoi chreidmheach sin.—Mata xv. 22. "Dean tròcair orm, a Thighearn, a ta mo nighean air a buaireadh gu truagh."—Mhothaich Ephraim cùrsa searbh do àmhghairibh teaghlaich, "'n uair a thug e Beriah mar ainm air a mhac, a chionn gu'n d'eirich gu h-olc le 'thigh." 1 Eachd. vii. 23. A chionn nach e a mhàin gur dìomhanas na h-uile nithe, ach buaireadh spioraid, 's gàn is urrainn e bhi, nach mothaich an duine àm air chor-eiginn, mar is mo dh'fhosglair dha do na tobraichibh sòlais so, nach 'eil annta ach an tuille thuil-dhorsa doilgheis chum brùchdadh a steach air; am bròn an comhnuidh air a chothromachadh ris an t-sòlas a gheibhear annta, no dh'earbta uatha. Agus, 's an àite mu dheireadh, tha'n camadh air uairibh a' tachairt troimh neo-thairisneachd chàirdean a thaobh mi-thaitneas an gné, an càil, agus an doigh. Bha camadh ann an crannchur Iob, trid easumhlachd agus ascaoineachd a mhnà. Iob. xix. 17. Ann an crannchur Abigail, trid mìghné agus iargaltas a fir-posda. 1 Sam. xxv. 25. Ann an crannchur Eli, trid ceannairc agus ragmhuinealachd a chuid cloinne. Caib. ii. 25.—Agus ann an crannchur Ionatain, trid nàdur garg agus feargach athar. Caib. xx. 30, 33. Mar sin tha daoine mar is tric a' faotuinn an trioblaid is mò far an robh iad aig earbs' an t-sòlas bu mhò. Chuir

am peacadh an cruthachadh gu leir air aimhreidh, agus dh'fhàg e gach dàimh fa leth buailteach do'n chamadh. Anns an teaghlach gheibhear maighstirean cruaidh agus mi-cheart, agus seirbhisich do-cheannsaichte agus mi-dhìleas: ann an coimhearsnachd gheibhear daoine fein-speiseil agus connspoideach; anns an Eaglais gheibhear ministeirean neo-tharbhach agus mi-chiatach 'n an giùlan, agus pobull tàireil agus mi-riaghailteach 'n an eallach do spioradaibh mhinisteirean; anns an Stàda gheibhear luchd-riaghlaidh an-ìochdmhor agus caoin-shuarach mu'n nì sin a ta math, agus ìochdaranan buaireasach agus ceannairceach; tha na h-uile dhiubh so a' deanamh camaidh ann an crannchur an càirdean. Agus an fhad so mu'n chamadh.

II. Air dhuinn beachd a' ghabhail air a' chamadh féin, tha sinn anns an dara àite gu thoirt fainear gur ann do *dheanamh* Dhé a tha e. Agus ann an so tha gu bhi air a nochdadh—1. Gur ann do *dheanamh* Dhé a tha e.—2. Cionnas a tha e do *dheanamh*-sa.—3. C'arson a tha e 'g a *dheanamh*.

An tùs—Tha e soilleir bho na trì aobhairibh so, gur ann do *dheanamh* Dhé a tha 'n camadh 's 'a chrannchur, ciod air bith e.

1. Cha'n fheudar a' chur an teagamh nach smachdachadh air son uilcan camadh's a' chrannchur, ciod air bith aobhar air son am bheil e; is e sin, co aca a tha 'n camadh, no 'n t-aobhar 's a' cheart àm peacach, no nach 'eil, gun teagamh is peanas no àmhghar a th'ann. A nis, mar a dh'fheudas e a bhi gu naomh agus gu ceart air a leagadh mar pheanas oirne, le ar 'n Ard-uachdaran ar Tighearn agus ar Breitheamh; mar sin tha e gu soilleir a' cur an céill gur ann de *dheanamh* féin a tha e.—Amos, iii. 6. “Am bi dòrainn ann am baile, 's nach e 'n Tighearn a chuir ann e?” Uime sin, do bhrìgh nach urrainn smachdachadh air son uile ach a bhi do *dheanamh* Dhé, agus gur smachdachadh do'n

ghné sin an camadh 's a' chrannchur, feumar a cho' dhùnadh gur ann do dheanamh-sa a tha e.

2. Tha e dearbhta, bho theagasg an sgrìobtuir mu fhreasdal Dé, gu bheil Dia a' toirt air adhairt crannchur gach neach, 'n a 'uile earrannaibh fa leth. Tha e 'n a shuidh air stiur gnothaichean dhaoine ; agus 'g an tionndadh mu'n cuairt ge b'e taobh is àill leis. "Ge b'e ni bu toil leis an Tighearn rinn e air nèamh agus air talamh, anns na cuantaibh, agus anns na doimhneachdaibh uile." Salm cxxxv. 6. Cha tachair ni sam bith dhuinne as éugmhais riaghlaidh a fhreasdail-san. Tha'n dearbh fhreasdal a thug sinna' mach as a' bhroinn, 'g ar tabhairt agus 'g ar suidheachadh anns an ionad, agus anns an staid a shònruicheadh air ar son leis-san "a shuidhich na h-amanna roimh-òrduichte, agus crìochan ar 'n àite còmhnuidh." Gnìomh. xvii. 26. Tha e a' riaghladh nan nithe is lugha tha tachairt mu'n cuairt dhuinn, mar a ta "tuiteam fuilteine ar cinn air an talamh." Mata x. 29, 30, "Anns an uchd tilgear an crannchur." Gnàth. xvi. 33. Seadh, saor ghnìomharan ar toil leis am bheil sinn a' ròghnachadh air ar son féin, oir "mar shruthaibh uisgeacha tha cridhe rìgh ann an làimh an Tighearna." Gnàth. xxi. 1. Agus gach ceum a ni sinn, agus a ni muinntir eile air ar son ; oir "cha'n 'eil slighe duine 'n a chomas féin : cha'n 'eil e 'n comas duine a ta 'g imeachd a cheum a' stiùradh." Ier. x. 23. Uime sin, co dhiubh a tha na ceumanna sin, a tha deanamh a' chamaidh, no na ceumanna a tha air an rùnachadh roimh làimh agus peacach, mur bha reic Ioseiph le 'bhrathraibh do'n Eiphit : no co dhiubh a tha iad neo-rùnaichte, mar a ta mortadh gun droch rùn no nach 'eil, ach a mhàin a thaobh tuiteamais, mar a ta 'nuair a bhios duine gearradh fiodha, agus a mharbhas e 'choimhearsnach le "ceann na tuaidh a leum bhàrr na coise." Deut. xix. 5. Tha freasdal naomh agus

glic a' riaghaladh gnìomhara peacach agus neo-fhaicilleach dhaoine, mar a stiùireas marcach each crùbach, cha 'n e coire a' mharcaich nach siubhail e còmhnaidh, ach crùbaichead an eich féin: Uime sin, anns a' cheud chor dhiubh so, tha e air a' ràdh gu'n cuir Dia Ioseph do'n Eiphit. Gen. xlv. 7. Agus anns a' chor mu dheireadh, gu'n d'thug e thairis neach g'a làimh a choimhearsnaich. Ecsod. xxi. 13.

3. Dh'òrduich Dia le rùn sìorruidh, daingean mar "shleibhtibh umha," Sech. vi. 1, an t-iomlan do chrannchur nan uile chreutairean, na h-earrannan a tha càin co math ris na h-earrannaibh a tha dìreach. Leis an òrdugh bhith-bhuan cheudna, leis na shuidhicheadh ionada àrd agus iochdrach na talmhainn, na sleibhtean, agus na glinn, tha'n àirde agus an doimhne, an soirbheas agus an doirbheas a th'ann an crannchur a luchd-àiteachaidh air an òrduchadh; agus tha iad air an toirt mu'n cuairt 'n an àm, fìor fhreagarrach ris an òrdugh sin. 'S e rùn-dìomhair freasdail, ann an uachdranachd an t-saoghail, an aitreabh a thogadh le Dia, 'n a h-uile earrannaibh fa leth, a réir an dearbh shuidheachaidh a bh'ann an "rùn an Tì a ta 'g oibreachadh nan uile nithe a réir comhairle a thoile féin." Eph. i. 11. Air chor as nach 'eil camadh air bith ann an crannchur neach, nach fheadar a lògachadh chum an rùn shìorruidh sin. Tha Iob gu cràbhach a' cur eisimpleir do'n ghne so f' ar comhair 'n a chor féin. Iob xxiii. 13, 14. "Tha e 's an aon bheachd, agus co a thionndaidheas e? agus an ni is miann le 'anam, sin ni e. Oir coimhlionaidh e an ni a dh'òrduicheadh dhomhsa; agus tha mòran d'an leithidibh sin aige."

'S an dara àite—Chum's gu'm faic sin cionnas a tha'n camadh 's a' chrannchur do dheanamh Dhé, feumaidh sinn eadar-dhealachadh a' chur eadar

camadh fìor-ghlan neo-lochdach, agus camadh neo-ghlan peacach.

1. Tha camaidhean *fìor-ghlan neo-lochdach* ann ; nithe gu'n amharus a tha ro chràiteach, ged nach 'eil annta ach a mhain trioblaidean, agus deuchainnean neo-thruaillidh. B' ann diubh sin bochdainn Lasaruìs, aimrideas Racheil, suilean anmhunn Leah, agus doille'n duine a bha dàll bho rugadh e. Eoin ix. 1. A nis 's ann do dheanamh Dhé a tha na camaidhean a tha do'n ghné so, 'g an òrduchadh, agus 'g an toirt gu crìoch gu h-eifeachdach le buaidh a chumhachd. Is esan a chruthaich am bochd. Gnàth. xvii. 5. "An tì a ni fanoid air a' bhoichd, bheir e masladh d'a Chruithfhear;" is e sin, bheir e masladh do Dhia a rinn bochd e, a réir an fhocail sin. 1 Sam. ii. 7. "'S e 'n Tighearn a ni bochd."—'S esan aig am bheil iuchair na bròn, agus dùnaidh no fosglaidh e i, mar is àill leis. 1 Sam. i. 5.—Gen. xxix. 31. "Agus is esan a dhealbh an t-sùil." Salm. xciv. 9. Agus "rugadh an duine dàll, a chum gu 'm foillsichte oibre Dhé ann." Eoin ix, 3. Uime sin, thubhairt an Tighearna ri Maois. Ecsod. iv. 11. "Co a rinn béul an duine ; no co a rinn am balbh, no 'm bodhar, no'n tì a chi, no'n dall ? Nach mise an Tighearna ?" 'S e Dia a tha deanamh an leithid sin a' chamaidhean 's a' chrannchur anns an t-seadh is cothromaiche, agus 'nuair a ghabhar làn bheachd orra, is iad da rìreadh gnìomh a làimhe-sa, co cinnteach ris na neàmhaibh agus ris an talamh.

2. Tha camaidhean *neo-ghlan peacach* ann, nithe, a thaobh an naduir féin, a tha 'n am peacaidhean co math 's a tha iad 'n an àmhghairean, truailidh co math 's a tha iad craiteach. B' ann diubh sin an camadh a rinneadh ann an crannchur Dhaibhidh, trid mi-riaghailt a theaghlaich, mar a bha truailleadh Thamair, mort Amnoin, agus ceannairc Absaloim, an t-iomlan diubh mi-nadurrach. B' ann

do 'n ghné cheudna bha 'n camadh a rinneadh ann an crannchur Ioib, 'nuair a thugadh air falbh a mhaoin, agus a mharbhadh a sheirbhisich leis na Sabeanaich agus leis na Caldeanaich. Mar a b' iad sin amhghairean Dhaibhidh agus Ioib, fa leth, mar sin b' iad peacanna na muinntir neo-shonadh, a chuir an gnìomh iad. Mar so feudaiddh an t-aon ni a bhi 'n a chionta, agus 'n a pheacadh uamharra do aon neach, agus a mhàin 'n a fhulangas agus 'n a àmhghar do neach eile. A nis, cha 'eil na camaidhean a tha do'n ghné so do dheanamh Dhé, anns an aon tomhas riusan a dh'ainmich mi 's a' cheud àite; oir ni 'n cuir e olc ann an cridhe neach air bith, ni mo bhrosnuicheas e chum uile; "Oir cha chomasach Dia a bhuaireadh le h-olc, ni mo bhuair-eas e neach sam bith." Seum. i. 13. Gidheadh 's ann do dheanamh-san a tha iad do bhrìgh gu bheil e gu naomh 'g an ceadachadh, gu cumhachdach a' cur crìochaibh mu'n cuairt doibh, agus gu glic 'g an riaghladh chum crìoch mhath air choir-eginn.

1. Tha Dia gu naomh 'g an *ceadachadh*, a' fulang do dhaoineibh *imeachd 'n an slighibh féin*. Gnìomh. xiv. 16. Ged nach e Dia ughdair nan camaidhean peacach sin, 'g an toirt mu'n cuairt le buaidh a chumhachd; gidheadh mar ceadachadh esan iad, cha b'urrainn iad a bhi idir ann; oir "dunaidh esan, agus cha 'n fhosgail neach air bith." Taisb. iii. 7. Ach tha e ann an ceartas a' cumail a ghràis bho'n pheacach nach 'eil 'g a iarraidh, agus a' toirt dheth na cuibhrich fo'm bheil e neo-shocrach, agus do bhrìgh gur àill leis a' pheacach a shaorsainn, tha e leigeadh an t-srian mu 'mhuineal, agus 'g a fhàgail do thoil ana-mianna féin. Hosea iv. 17. "Tha Ephraim air a dhlù-cheangal ri iodholaibh, leig leis." Salm lxxxi. 11, 12, "Cha do ghabh Israel rium,—uime sin thug mi thairis iad do ana-miann an cridhe féin." Anns a' staid neo-shonadh sin, a thaobh aomaidh sònruichte a pheacaich féin,

tha'n camadh mi-naomh gu nàdurrach agus gu neo-mhearachdach 'g a leantuinn, eadhon mar a ruith-eas uisge le bruthaich ; uime sin, anns a' staid sin, "dh'imich Israel 'n an comhairle fein," rann 12. Mar sin 's ann do dheanamh Dhé, mar bhreith-eamh ceart a tha'n seòrsa camaidh sin, a' deanamh peanais leis air an neach a tha fulang fodha. Chuir am beachd sin do'n chùis Daibhidh 'n a thosd 'nuair a bha Simeì 'g a mhallachadh. 2 Sam. xvi. 11. "Leigibh leis, agus mallaicheadh e, oir dh'iarr an Tighearn air."

2. Tha e gu cumhachdach a' cur *gàradh* rompa, Salm, lxxvi. 10. "Fuirgeall na feirge (eadhon, feirg a' chreutair) coisgidh tu." Ge b'e co cràiteach 's a tha cor neach air bith leis na trioblaidibh so, mar cuireadh Dia crìoch rompa bhitheadh iad ni bu ro chràitiche : ach tha esan ag radh ris an inneal pheacach, mar a thubhairt e ris an fhairge, "Gu ruig so thig thu, ach cha tig ni's faide, agus an so coisgear do thonna uaibhreach?" Tha e 'cur bacadh air an inneal, air chòr 's nach urrainn e dol aon cheum ni's fhaide air adhairt anns an rathad 's am bheil neart ana-mianna 'g a iomain, ach mar chi esan iomchuidh a cheadachadh. Air an aobhar sin tha e tachairt, nach 'eil an camadh a tha do'n ghné so aon chuid ni 's mò no ni 's lugha, ach ceart mar is àill leis-san a cheadachadh le 'chumhachd. Tha eisimpleir comharraichte againn do'n t-seorsa so ann an còr Ioib, aig an d'rinneadh a chrannchur càrn trid ghnìomhachadh sònruichte an diabhoil; ach chuir Dia *gàradh* roimh na pheacach mhòr sin anns a' chùis. "Agus thubhairt an Tighearna ri Sàtan, Feuch, tha gach ni a ta aige a' d' làimh-sa : a mhàin air féin, na cuir do làmh." Iob. i. 12. Nise chaidh Sàtan co fada 's a leigeadh an *gàradh* leis, cha dh'fhàg e ni sam bith a bha'n taobh a stigh dha gun bheantuinn ris, a mheas e a bhitheadh freagarrach chum a run

a thoirt gu crìoch, rann 18, 19. Gidheadh cha'n fheudadh e air chòr sam bith a' dhol aon cheum thairis air, chum a' phùinc nach b'urrainn e bhuannachd an taobh a stigh dha dheanamh a mach. Uime sin, cha d'fhàgadh meadhon air bith chum an deuchainn a dheanamh ni bu mhò, agus an camadh ni bu ro chràitiche, ach gu'n tugta an gàradh a chuireadh uime air falbh, agus comas 'oibreachaidh a' dheanamh ni b' fharsuinge; air an aobhar sin a' deir e, "Ach cuir a nis a mach do làmh, agus bean r' a chnàimh agus r'a fheoil, agus as an eudan mallachaidh e thu," caib. ii. 5. Agus a réir sin thugadh air falbh an gàradh, gidheadh, aig a' cheart àm, chuireadh gàradh as ùr uime, rann 6. "Feuch tha e a' d' làmh-sa, ach caomhain 'anam;" mar sin thugadh an camadh air adhairt gus a' chuid a b'fhaide a mach a cheadaicheadh an gàradh nuadh dha, a réir an rùin a bh'aige-san gu thoirt air Iob toibheum a labhairt; "Bhuail Sàtan e le neasgaidibh cràiteach, bho bhònn a choise gu mullach a chinn," rann 7. 'Nuair a chunnaic Sàtan nach do shoirbhich an icnnsuidh so, mharbhadh e Iob gun teagamh, mar biodh an gàradh a chuireadh mu bheatha.

3. Tha e gu glic 'g an *riaghladh* chum crìoch mhath, air chor-eiginn, freagarrach do'n iomlaineachd neàmhaidh. Ged is ann bho dhroch rùn a tha'n t-inneal peacach a' deanamh a' chamaidh, tha Dia 'g a stiùradh chum crìoch naomh agus mhath. Anns na mi-riaghailtibh a thachair ann an teaghlach Dhaibhidh, b' e rùn Amnoin, anamian brùideil a riarachadh; agus rùn Absaloim e féin a shàsachadh le dioghaltas, agus a ghloirmhiann agus 'ardan a thoilleachadh; ach rùnaich Dia leo sin peanas a dheanamh air Daibhidh air son a pheacaidh ann an cùis Uriah. Anns a' cha madh a rinneadh ann an crannchur Ioib, le Sàtan, agus le innealaibh na Sabeanaich agus na Caldean-

aich, b' e rùn Shàtain gu'n d'thugadh e air Iob toibheum a labhairt, agus an rùn-san an sàinnt féin a riarachadh; ach bha rùn eile aig Dia anns a' chùis freagarrach dha féin, eadhon, dearbhadh a' chur air tréibhdhireas agus ionracas Ioib. Mar biodh gu bheil Dia a' riaghladh gu glic agus gu cumhachdach nan camaidhean so th'ann an crannchur dhaoine, cha b'urrainn math air bith teachd asda; ach tha e 'n comhnuidh 'g an riaghladh air dhoigh, 's gu bheil e coilionadh a chomhairle naoimh fein leo, (gidheadh cha'n e sin a tha 'm peacach a' rùnachadh;) oir cha'n urrainn a rùn-san failneachadh, "seasaidh a chomhairle." Isa. xlii. 10. Mar sin tha'n camadh peacach, le riaghladh Dhé, air a thoirt mu 'n cuairt chum a ghlòire féin, agus math a' phobuill mu dheireadh; a réir an fhocail sin, Gnàth. xvi. 4. "Rinn an Tighearna gach ni air a shon féin." Rom. viii. 28. Comh-oibrichidh na h-uile nithe chum maith, do'n dream aig am bheil gràdh do Dhia." Mar so chaidh innleachd Hamain chum nan Iudhach a sgrios, a thionndadh gu ceart an aghaidh sin. Ester. ix. 1. Agus an camadh a rinn-eadh ann an chrannchur Ioseiph, le a bhraithribh 'g a reic do 'n Eiphit, ged bha e do 'n taobhsa ro pheacach, agus 'n a rùn gle chronail; gidheadh do bhrìgh gur ann do dheanamh Dhé a bha e, leis gu'n do cheadaich se e gu naomh, 's gu'n chuir e gu cumhachdach gàradh mu thimchioll, agus gu'n riaghail se e gu glic, thàinig e gu crìch fìor fhreagarrach do ghliocas agus do mhaitheas Dé: nithe a thug Ioseiph gu'n cuimhne. Gen. 1. 20. "Agus d'ar taobh-sa, shònraich sibh olc a' m' aghaidh; ach shònraich Dia sin a chum maith, a chum, mar air an là 'n diugh, gu 'n tearnadh e mòr shluagh beò."

'S an treas àite. Tha e nise ri fharraid, *c'ar son a tha* Dia a' deanamh camaidh ann an crannchur neach? Tha so gu bhi air a shoilleireachadh

le bhi foillseachadh rùn an fhreasdail sin ; gnothach air am bu chòir do gach neach a bhi eòlach, agus a thoirt faineàr gu cùramach, chum feum a dheanamh mar Chrìosduidhean do'n chamadh 'n an crannchur. Bheiream faineàr gu sònruichte, gu bheil rùn seachd-fillte aig an fhreasdal sin.

1. A chum *dearbhadh* a' chur air *staid* neach. Am bheil e ann an staid gràis, no nach 'eil? Am bheil e 'n a fhìor Chrìosduidh, no 'n a chealgair? Ged tha gach uile àmhghair 'n a mheadhon dearbhaidh, gidheadh tha mi smuaineachadh gur e so am fìor dhearbhadh a tha freasdal a' cur air neach, a thaobh a staid, do bhrìgh gur trioblaid an camadh crannchuir, a mhaireas ré seal, tha cothrom aig neach air e féin a leigeadh ris agus a thaisbeanadh a rithist agus a rithist anns an aon ni ; uaithe sin tha e tachairt, gu bheil e toirt aobhair chum breith a thoirt, anns a phùinc chudthromach sin. B'ann gu soilleir air a bhunait so chaidh dearbhadh a' chur air staid Iob. B' i cheiste, an robh Iob na fhìor sheirbhiseach dìreach agus ionnraic do Dhia, mar thug Dia féin fianuis mu thimchioll ; no'n robh ann ach fear-tuarasdail, no cealgair, mar bha Sàtan a' cumail a mach? Uime sin, chaidh deuchainn a' chur air anns a' chùis sin le camadh a' dheanamh 'n a chrannchur. Iob i. 8—12, and ii. 3—6. A réir sin, b' e 'n ni sònruichte air an robh a chàirdean uile (ach Elihu) ag dearcadh 'n an reusonachadh ris fodh dheuchainn, a dhearbhadh nach robh ann ach cealgair ; oir ghnàthaich Sàtan na daoine math sin chum a phùinc a dheanamh a' mach. Mar a chur Dia dearbhadh air cloinn Israeil anns an fhàsach, air son tìr Chanaain, le cùrsa do fhreasdalaibh àmhgharach a' ghiùlain Caleb agus Iosua gu gaisgeil, mheasadh iad iomchuidh air dol a steach do thìr a' gheallaidh, do bhrìgh “ gu'n do lean iad an Tighearna gu h-iomlan ; ” ach air do mhuinntir eile bhi air an sgìtheachadh leo, thuit an coluinn-

ean anns an fhàsach ; mar sin tha e 'cur dearbh-aidh air daoineibh air son flaitheanais, leis a' chamadh 'n an crannchur. Ma sheasas neach ris an deuchainn sin, tha e foillseachadh a bhi 'n a Chrìosd-uidh, 's 'n a sheirbhiseach tréibhdhireach do Dhia, mar a dhearbhbh Iob a bhi ; mar seas cha'n 'eil ann ach cealgair : cha 'n urrainn e seasamh ri deuchainn a' chamaidh 'n a chrannchur, ach siùbhlaidh e air falbh mar shàl ann an àmhuinn Dhé. Tha eisempleir brònach againn do 'n ghnè so ann an cor an duine mhòir shaoibhir sin, a thàinig a dh'ionnsuidh ar Slanuighear gu h-andana le sgàil do dhiadhachd, a bha sruthadh bho ghiùlan beusach, a dh'fheoraich dheth "ciod a dheanadh e chum gu sealbhaicheadh e a' bheatha mhaireannach." Marc x. 17, 21. Chum an duine leigeadh ris dha féin rinn ar Slanuighear camadh 'n a chrannchur, ann an earrainn a bha dìreach riamh roimhe sin, chum a dhearbhaidh, dh'aithn e dha na bh'aige reic agus a thabhairt seachad, agus esan a' lean-tuinn, rann 21, " Reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus thig tog an crann-ceusaidh, agus lean mise." Leis an òrdugh so chaidh a rùsgadh ann an tiota ann an cùirt na coguise do'sheilbh-ibh mòra ; air choir is uaithe sin a mach nach b'urrainn e 'n cumail ni b'fhaide le deadh choguis, mar dh'fheudadh e dheanamh roimhe sin. Mhoth-aich an duine air bàll cràdh a' chamaidh so a rinneadh 'n a chrannchur ; "bha doilghios air-san air-son nam briathra sin," rann 22, is e sin, air bàll air dha an cluinntinn, bhuaileadh e le cràdh, mi-riaghailt, agus buaireas inntinn, chaochail dreach a ghnuis, 's dh'fhàs i gruamach agus dòrcha, mar a ta 'm focal ceudna air a ghnàthachadh ann am Mata xvi. 3. Cha b'urrainn e seasamh ri deuchainn a' chamaidh sin ; cha b'urrainn e air sheòl sam bith a chrannchur ùmhlachadh do Dhia 's an staid sin, ach bu mhath leis air na h-uile

chor e bhi a réir a chàil féin. Mar sin “dh’fhalbh e gu tursach; oir bha mòran saoibhris aige.” Dh’imich e air falbh bho Chrìosd chum ‘oighreachd phailt, agus, le cridhe cràiteach agus brònach, shuidh e sìos a rithist ‘n a fochair, ‘n a shealbhadair ceannairceach an làthair an Tighearn, a’ cur an aghaidh na h-àithne naoimh. Agus cha’n ‘eil coslas air bith gu’n d’atharraicheadh an t-òrdugh so, no gu’n d’thàinig e riamh gu rùn ni b’fhearr a thaobh nan nithe sin.

2. A chum neach a bhrosnachadh gu ‘dhleasnas, agus a chuir air diol bho ‘n t-saoghal so, agus a dhùsgadh gu amharc an deigh sonais an ath shaoghail. Is iomadh neach a bha’n comain a’ chamaidh ‘n an crannchur, air son gu’n d’ thàinig iad riamh d’an ionnsuidh féin, agus gu’n d’fhàs iad stòlda ciallach. Air dhoibh bhi ré tamuill ag imeachd “mar asail fhiadhaich cleachdta ri fàsach,” a’ diultadh pilleadh, thuislich an cos ann an àm iomchuidh; rinneadh camadh leis a siu ‘n an crannchur, thàinig am mìos, anns an deachaidh an glacadh. Ier. ii. 24. B’ann mar so thugadh am mac stròghail d’a ionnsuidh féin agus a chuireadh thuige e gu smuaineachadh air pilltinn a chum athar. Luc. xv. 17. Tha’n camadh ‘s a’ chrannchur a’ dearbhadh dhoibh mu dheireadh nach i so am fois. Tha iad an còmhnuidh a’ mothachadh bioradh do dhroigheann a’ mhi-shuaimhneis, ge b’e uair a leigeas iad sìos an cinn far am bu mhiann leo fois a ghabhail ‘s a chreutair, air chor ‘s gur éiginn dhoibh a thogail a rìs, mar sin tha iad air an toirt gu co’dhunadh, nach ‘eil fois ri fhaotuinn an sin, agus air dhoibh tòiseachadh ri dol mu’n cuairt air son fois rathad eile, tha sin a’ deanamh gnothaich dhoibh chum Dhé, nach robh aca riamh roimhe: do bhrìgh gu bheil iad a mothachadh am feum air son sòlais an ath shaoghail, air nach robh blas air bith aig am beòil, am feadh ‘s a

bha'n crannchur dìreach a réir an càil. Uime sin, ge b'e feum a ni sinn do'n chamadh 'n ar crannchur, 's e tha e 'cur an céill,⁴ “Eiribh, agus imichibh, oir cha'n i so ' ur còmhnuidh.” Agus gu cinnteach do gach uile ghnè àmhghair agus meadhon irioslachaidh, 's e 'n camadh is mo chlaoidheas fìor Chrìosduidh do'n bheatha agus do'n t-saoghal so.

3. Geur-mhothachadh peacaidh. Mar dh'fhàsas neach a dh'ìmicheas gu neo-fhaicilleach, crubach gu h-obann; dearbhaidh a bhacaichead dha ré a' chuid eile d'a thurus gu'n d' rinn e ceum docharach; agus bheir gach ceum cràiteach a ni e as ur gu chuimhne e a rithist; 's ann mar sin a tha Dia a' deanamh camaidh ann an crannchur neach, chum an ceum tuisleach a rinn e, no an cùrsa clì a lean e a dhearbhadh dha. An ni bhiodh am peacach air mhodh eile ullamh gu amharc thairis air, agus a dhì-chuimhneachadh, no mheas mar ni eutrom, tha e leis a mheadhon so air a thoirt gu 'chuimhne, 's air a chumail 'n a chuimhne, agus air a chuir fa chomhair mar ni olc agus searbh, chum gu'm bi a chridhe air a lot air a shon as ùr an dràsda agus a rithist. Mar so, leis a' chamadh tha peacanna dhaoine 'g am faotuinn a mach chum an ciont a leigeadh ris dhoibh, “mar a bhios nàire air meirleach an uair a ghlacar e;” Air. xxxii. 23. Ier. ii. 26. Ni tha braithrean Ioseiph gu faireachdail a' cur an céill fo'n chamadh a rinneadh 'n an crannchur 's an Eiphit. Gen. xlii. 21. “Tha sinne gu deimhin ciontach a thaobh ar bràthar,” caib. xlv. 16. Fhuair Dia a mach aingidheachd do sheirbhiseach.” Tha'n camadh crannchuir gu gnàthaichte, 'n a ghnè no 'n a staid, co nadurrach a' co' fhreagrachd ris a' cheum no ris a' chursa chlì, 's gu bheil e dìongadh cuimhneachan freasdalach air, a' toirt a pheacaidh, eadhon an t-sheann pheacaidh as ur chum na cuimhne, agus mar chomharradh air amaideachd a' pheacaich ann am fo-

cal no 'n gnìomh, 'g a chumail a ghnà fa chomhair. 'N uair a thugadh an cār à Iacob, trid ceilg Labain, le Leah a thabhairt dha ann an àite Racheil, cionnus a b'urrainn e gu'n bhi 'n a chuimhneachan goirt dha an cār a thug e á athair féin, seachd bliadhna roimhe sin, le gabhail air gu'm b' esan Esau? Gen. xxvii. 19. Cionnus a b'urrainn e gu 'n bhi searbh dha air uairibh an deigh sin, fhad 's a bha e posda? Mheall esan 'athair leis a' bhràthair a b'òige 'n riochd a' bhràthar bu shine; agus mheall Laban esan leis a' phiuthair bu shine an àite na peathar a b'òige. Rinn doille suilean Isaaic còmhnaidh ris a' cheud chār; agus dorchadas an fheasgair comhnadh ris a chār mu dheireadh. Mar sin dh'fheudadh e 'g ràdh, mar a thubhairt Adonibesec ann an cùis eile, Breith. 1. 7. "Mar a rinn mi, mar sin dhìol Dia orm." Air an doigh cheudna, mu'n d'eug Rachel 'n a leaba-shiùbhlaidh, 's gann gu 'm b'urrainn i sheachnadh gun bhi smuaineachadh le bròn air a chainnt bhràs agus fheargach, a th'air ainmeachadh. Gen. xxx. 1. "Thoir dhomh clann, no gheibh mi bàs" Leugh eadhon Iob naomh 'n a chamadh crannchuir, cuid a' cheuman docharach a rinn e 'n a òige iomadh bliadhna roimhe sin, Iob xiii. 26. "Tha thu a' sgrìobhadh nithe searbha a' m' aghaidh, agus a' toirt orm eu-cearta m' oige a shealbhadh."

4. Smachdachadh, no peanas air son peacaidh Cha'n 'eil am focal so air a dhearbhadh ann an ni sam bith, ni's mò na tha e 's a' chamadh crannchuir. Ier. ii. 19. "Smachdaichidh d' aingidheachd féin thu, agus ni do chul-sleamhnachadh féin do chronachadh." Feudaidh Dia peacadh neach a cheadachadh, ré tamuill, ris an taisbein e'n deigh sin combarradh 'fhéirge le crannchur a' pheacaich a dheanamh càmh, mar a rinn e ann an còr Iacoib agus Racheil a dh'ainmich mi cheana. Ged nach robh

's a' pheacadh ach gnìomh aithgearr, no cùrsa nach do mhair fada, gidheadh feudaidh comharradh diomaidh Dhé ris a' pheacach air a shon, a phianadh gu cràiteach ré ùine fhada 'n a chamadh crannchuir, chum le féin-fhiosrachadh minig gu'm bi fios aige ciod an ni olc agus searbh a bh'ann. Cha b'fhada bha Daibhidh a' marbhadh Uriah le claidheamh chloinn Amoin: ach air son an aobhair sin *cha do dhealaich an claidheamh r'a thigh gu bràth.* 2 Sam. xii. 10. Fhuair Gehasi gu h-ealamh dà mhàla airgid bho Naaman, le ceilg agus breugaibh; ach mar chomharradh buan air feirg Dhé an aghaidh na cleas mi-naomh sin, fhuair e luibhre 'n a lòrg a lean ris féin agus r'a shliochd gu bràth. 2 Rìgh. v. 27. Feudaidh e bhi mar so far a bheil am peacadh air a mhaithheadh, a thaobh cionta na corruich shìorruidh, co math agus far nach 'eil. Agus feudaidh neach am peacadh sin aideachadh agus aithreachas tréibhdhireach a' ghabhail as, a bheir air fathast a' dhol bacach do'n uaigh, ged nach urrainn e ghiùlan do dh'ifrinn. Feudaidh pearsa neach deadh-ghean fhaotuinn 's an aon ghaoil, air am bheil fathast comharradh sònruichte do dhiomadh Dhé, le 'pheacadh an crochadh ris 'n a chamadh crannchuir. Salm xcix. 8. "Is tu an Dia a thug maitheanas dhoibh, ge d' rinn thu dìoghaltas air son an gnìomhara."

5. A chum peacadh a bhacadh. Hosea. ii. 6. "Druididh mise suas a slighe le droighionn, agus dùnaidh mi a callaid, air chor as nach amais i air a ceuma." Gheibhear an camadh crannchuir gu h-ealamh calg dhìreach an aghaidh claonadh mearachdach air chor-eiginn a th'anns a' chridhe, a tha gu sònruichte toirt a' chreutair a leth-taobh: mar sin tha e coslach ri callaid dhroighionn no ri balladh 's an t-slighe gus am bheil an claonadh sin 'g a aomadh. Tha na cusbairean truailidh a th'anns an t-saoghal gu h-àraid a' dearbhadh a bhi 'n an

ribeadh agus 'n an cip-thuislidh, a réir 's mar tha iad freagarrach do shuidheachadh sònruichte aignidhean dhaoine: gidheadh leis a' chamadh crannchuir, tha'n dath agus an sgàil air a chaith-eamh dheth 'n a chusbair neo-glan, leis am bheil e càll a' choslais thaitnich a bh'air roimhe sin: mar sin air do'n chonnadh a bhi air atharrachadh, tha faobhar nan aignidhean truailidh air am maolachadh, am buaireadh air a lagachadh, agus iomadh peacadh air a bhacadh; an deigh do'n pheacach "a bhi co ro-luaineach a' caochladh a shlighe, pillidh e le nàire." Ier. ii. 36, 37. Mar so tha'n Tighearn a' deanamh càmh crannchuir neach, chum "gu'n tarruing e duine bho 'rùn, agus gu'm folaich e uabhar bho dhuine." Agus, mar sin, gu'n cùm e 'anam bho'n t-slochd. Iob. xxxiii. 17, 18. 'S aithne do gach aon ciod is ro thaitniche leis féin; ach 's ann do Dhia a mhàin is aithne ciod is ro thàrbhaiche. Mar a ta na h-uile dhaoine 'n am breug-airibh, mar sin tha na h-uile dhaoine 'n an amadan-airibh mar an ceudna: "'S esan an Dia a ta mhàin glic," Iudas, rann 25. Tha mòran an comain an camaidh crannchuir mar mheadhon, gu 'n cumail bho'n ana-measarrachd sin, chum am b'àill le'n inntinnibh dìomhain agus an aignidhibh truailidh féin an giùlan fo làn sheòl; agus nam b'e 's gu'n smuainicheadh iad gu cudthromach ciod a' chrìoch gus am feudadh e thighinn nam b' e 's gu'n rachadh an camadh atharrachadh, bheannaicheadh iad Dia bho'n cridhibh air son a dheanamh. 'Nuair a tha neach ann an cunnart a bhi gearan air cruaidh-chas a chamaidh, is math bu chòir dha smuaineachadh cionnas a bhiodh e freagarrach air a shonsan, mar Chriosduidh, an camadh a bhi air a thoirt air falbh fathast.

6. A chum truailidheachd uaigneach fhoillseachadh co dhiubh 's ann an naomhaibh no ann am peacachaibh a ta i. Tha cuid a thruailidheachdan

ann an cridhe gach duine, a tha co eu-domhain air an suidheachadh, 's gu bheil iad ullamh gu teachd am folais air na h-uile brosnachadh: ach tha cuid eile a tha co ro dhomhain, 's gur gann a bheirear idir fainear iad. Ach mar bheir an teine fo'n phoit air a' chobhar éiridh suas, taisbeanadh an uachdar, agus cuir thairis; mar sin togaidh an camadh crannchuir suas bho'n iochdar, agus bheir e mach a leithid a' thruaill'eachd, is gann a smuainicheadh neach a bhi stigh. Cò shaoileadh gu'n robh a leithid a' neirt feirge ann am Maois ciuin 's a dh'fhoillsich e aig uisgibh na co-'stri, ni air son an do chumadh a mach e á tìr Chanaain. Salm cvi. 32, 33. Aìreamh xx. 13. Uiread a shearbhadais spioraid ann an Iob foighidneach, 's gu'n cuireadh e as leth Dhé gu'n d'fhàs e an-iochdmhor dha. Iob xxx. 21. Uiread a dhroch nadur ann an deadh Ieremiah, 's gu'm mallaicheadh e cha'n e mhàin an latha air an d' rugadh e, ach eadhon an neach a thug fios d'a athair mu thimchioll. Ier. xx. 14, 15. No leithid a mhì-chreideas mu Dhia ann an Asaph, 's gu'n cuireadh e 'n céill nach robh 's an diadhachd ach ni dìomhain. Salm lxxiii. 13. Ach air do 'n chamadh crannchuir na nithe so a thoirt a mach, dh'fheuch e gu'n robh iad a stigh, ge b'e sam bith co fad s a' luidh iad am folach gun an aire thoirt dhoibh. Mar nach 'eil an rùn so, (ge b'e co mi-chiatach 's a cheadaicheas luchd-magaidh àrdanach dhoibh féin labhairt uime) ann an doigh air bith neofhreagarrach do dh'iomlaineachd Dhé; mar sin tha e feumail a bhi air fhoillseachadh chum peacaich irioslachadh, agus gu àrdan an uile ghlòir a chrònachadh, chum 's gu'm bi aithne aig daoineibh orra féin. Mar an ceudna tha e ri fhaicinn, gur ann air son an dearbh-aobhair so a rinn Dia an camadh sin a mhair ùine co fada ann an crannchur Israeil 's an fhàsach; eadhon gu'n irioslachadh agus

gu'n dearbhadh, a chum gu'm biodh fios ciod a bha 'n an cridhibh. Deut. viii. 2.

'S an àite mu dheireadh.—A chum gràs a chur an cleachdadh ann an cloinn Dé. Tha na creidmhigh, trid an fhuigheal do thruaillidheachd a tha'n taobh a stigh dhoibh, buailteach air uairibh do lunndair-eachd agus do leisg spioradail, anns am bheil an gràsaibh 'n a luidh an codal ré na h-ùine sin. A thuilleadh air sin, tha cuid a' ghràsa, a thaobh an naidhir nach 'eil ach air uairibh ann an cleachdadh; do bhrìgh nach 'eil iad ach a mhàin air an gnàthachadh air aobharaibh àraid ris am bheil dlùth dhàimh aca; mar a ta foighidin agus fad-fhulangas. Anis tha'n camadh 's a' chrannchur a' dusgadh a' Chrìosduidh gu gnàthachadh a dheanamh do na gràsaibh, air am bheil truaillidheachd aig faotuinn làmh an uachdar, agus, mar an ceudna, a' dearbhadh marmheadhon sònruichte, chum nan gràsa àraid sin a' chuir an cleachdadh. Gu cinnteach, 's e 'n camadh crannchuir an t-inneal mòr a th'aig Freasdal chum dhaoine thaisbeanadh 'n am fìor dhreach féin, a' leigeadh ris araon an olc agus am math; agus ma bhios gràs Dhé annta, cuiridh e dearbhadh air, agus bheir e am folais e. Mar so tha e cur a' Chrìosduidh gus na h-uile lùim, agus ged a tha e a' toirt air a bhi ann an amharus ré tamuill, gidheadh bheir e fianuis mu dheireadh araon air cinnteachd agus air neart gràis ann. “Tha sibh a nis fo thuirse tre iomadh buaireadh, chum gu faighear dearbhadh bhur creidimh, ni's luachmhoire gu mòr na òr a theid a neo-ni,—chum cliù.” 1 Phead. i. 6, 7. Tha'n camadh crannchuir a' toirt aobhair cleachdaidh do dh'-iomadh gnìomh creidimh, dòchais, gràidh, féin-aicheadh, ùmhlaichd do Dhia agus do chaochladh gràsaibh eile; do dh'-iomadh analachadh, ciocras, ploscartaich, agus osnaich nèamhaidh, nach biodh air mhodh eile air am foillseachadh mar bhiodh an camadh. Agus cha'n 'eil mi a' cur an teagamh nach 'eil

na nithe so, ge b'e mar tha muinntir fheòlmhor a' deanamh tàir orra mar nithe nach fiù, ni's luachmhoire ann an sealladh Dhé na tha eadhon na creidmhich féin a' tuigsinn, do bhrìgh gur gnìomhara neo-mheadhonach do dh'aoradh an taobh a stigh a th'annta; agus bithidh aire neònach air a ghabhail dhiubh mu dheireadh, gidheadh mar is trice, 's gàn is urrainn na creidmhich féin a smuainteachadh gur fiù dhoibh féin an aire idir a' ghabhail dhiubh. Is aithne dhuinn co thuirt ris an anam ghràs-mhor, "Leig dhomh amharc ort, oir a ta t'eugas maiseach." Dan. ii. 14. "Dh'éignich thu mo chridhe le aon do d' shuilibh," caib. iv. 9.—Tha tréun ghnìomhara àrmait do choisichibh agus do mharc-shluagh, a' cur ruaig air nàmhaid air a mhòr chliùthachadh; gidheadh tha gnìomhachadh eagal naomh agus dòchas iriosal, da rìreadh, ni's ro luachmhoire, do bhrìgh gu bheil e mar sin ann am fianuis Dhé, aig am bheil a bhreitheanas, tha sinne cinnteach, a réir na firinn. Tha'n Salmadair a' teagasg so. Salm cxlvii. 10, 11. "Ann an neart an eich cha bhi a dhùil; ann an cosaibh fir cha ghabh e tlachd. Gabhaidh an Tighearna tlachd annta-san d'an eagal e, a chuireas an doigh 'n a thròcair." Agus gu cinnteach tha cleachdadh gràsan a spioraid 'n a phobull, co ro luachmhor 'n a shealladh, agus ciod sam bith gràs anns am bheil aon air bith dhiubh a' toirt barrachd, gu h-ealamh nithearcamadh 'n an chrannchur, a bhitheas 'n a dheuchainn shònruichte air a shon, a chuireas dearbhadh air a làn neart. Thug Abraham barrachd ann an gràs a chreidimh, ann an earbsa ri focal lòm geallaidh Dhé, an aghaidh reusan feolmhor.—Agus air do Dhia gealladh a thoirt dha, "gu'n deanadh e cinneach mòr dheth," an lorg sin rinn e camadh 'n a chrannchur, ris an robh ni's leòir aige ri dheanamh le uile neart a chreidimh; 'nuair a b'eiginn da 'dhuthaich agus a dhìlsean fhàgail gu

tur, agus a bhi air chuairt a' measg nan Canaan-ach; a bhean mairsinn neo-thorach gus an deachaidh i thar aois cloinne: agus mu dheireadh 'nuair a rug i Isaac, agus a dh'fhàs e suas, ghairmeadh air a thairgse mar thabhartas-loiste; b'e 'n dearbhadh bu ro iomlaine air a chreidimh, gun d'fhògradh air falbh Ishmael as a theaghlach, agus gu'n do chuireadh an céill, gur "ann an Isaac a mhàin a dh'ainmichear a shliochd." Gen. xxi. 12. "Bha Maois ro chiuin, thar na h-uile dhaoine a bha air aghaidh na talmhainn." Air. xii. 3. Agus dh'earbadh ris stiùradh sluagh ro choirbte do-cheannsaichte, an camadh crannchuir a bha gu soilleir air a shònrachadh chum dearbhadh a chur air a chiuneas-san. Thug Iob barrachd ann am foighidin, agus leis a' chamadh a bha 'n a chrannchur-san, fhuair e uiread ri dheanamh leis. Oir cha 'n 'eil neach sam bith do phobull Dé air am bheil e buileachadh barrachd thiodhlacan, do nach 'eil e toirt, uair air chor-eiginn, feum ni's leòir ri dheanamh leo uile.

A nis, tha *feum* an teagaisg so tri-fillte. 1. Air son cronachaidh. 2. Air son sòlais. Agus 3. A chum earail.

Feum 1. Tha 'm feum so air son cronachaidh a' còmhachadh ri tri seòrsa muinntir a tha airidh air achmhasan.

'S a' cheud àite. A mhuinntir *fheolmhor* agus *thalmhaidh*, nach 'eil a' toirt fainear le eagal agus le cùram gur ann do dheanamh Dhé a tha 'n camadh a tha 'n an crannchur. Gu cinnteach tha comharradh do làimh Dhé ri fhaicinn air a' chamadh leis an dream a bheir an aire gu ceart; agus tha sin ag agairt gu'm biodh aire urramach air a thoirt dha, oir tha dearmad a dheanamh air 'n a roimh-chomharradh air sgrios. Salm xxviii. 5. "A chionn nach toir iad an aire do ghnìomharaibh an Tighearna, no do obair a làmh, sgriosaidh e iad,

agus cha tog e suas iad.” Agus anns an ni so tha mhuinntir sin mòr-chiontach, a tha 'g amharc le iomaguin air dara-aobharan, agus nach 'eil a' sealltuinn ni 's faide na 'm meadhon neo-shonadh a tha deanamh an camaidh crannchuir, gun bhi toirt an aire do'n mhathair-aobhair, ach mar ni madadh dranndan ris a' chloich, gun bhi sealltuinn ris an làimh a thilg i. 'S e so, ann an seadh, a bhi deanamh Dia do'n chreutair; 'g a mheas mar gu'n b'urrainn e dheth féin ni sam bith a dheanamh, 'nuair, aig a' cheart àm, nach 'eil ann ach an t-inneal ann an làimh Dhé, “*slat a chorruich.*” Isa. x. 5. “A dh'òrduich e air son breitheanais, a dhaingnich e air son smachdachaidh,” Hab. i. 12. O! c'ar son a dh'àrduicheadh daoine an slatan smachdachaidh le'm beachd a shuidheachadh air meadhonaibh a chamaidh 'n an crannchur! Gu dearbh, 's ann a tha iad mar is trice 'n an aobhar truais, do bhrìgh nach 'eil aig a' mhuinntir sin ach oifiggle neo-thaitneach, a tha cur ann an neo-bhrìgh, 's a' deanamh tàir' air a' chamadh 'n an crannchur, chum an collaidheachd agus an aignidhean féin a thoileachadh, ann a bhi toirt air camadh crannchuir muinntir eile pilltinn air an cinn féin mu dheireadh le dìoghaltas; mar thàinig “fuil Iesreel air tigh Iehu.” Hos. i. 4.—Agus tha e gu h-àraid neo-thaitneach a bhi mar so air do chleachdadh ann an cùis na muinntir a bhuineas do Dhia; oir is ainmig a tha aobhar na comh-stri co'ionann air taobh an innil 's air taobh Dhé, ach gle eadar-dhealaichte; mar fhianuis air sin mar bha Simeì a' mallachadh Dhaibhidh, mar dhuine fuilteach, a' ciallachadh fuil tighe Shauil, do nach robh e ciontach, 'nuair a bha Dia a' ciallachadh fuil Uriah, nach b'urrainn e aicheadh. 2 Sam. xvi. 7, 8. Os-barr, sguiridh a' chomh-stri eadar Dia agus a phobull mu dheireadh; agus an sin chi an luchd-sàruchaidh nach robh aca-san ach obair gun tainig, Sechar. i. 15, “Cha robh ormsa ach corruich

bheag, agus chuidich iadsan air a h-aghaidh an dòrainn," arsa Dia, ann am mòr-chorruich ris na cinnich a chionn a bhi camadh crannchuir a' pho-buill. Air an doigh cheudna tha mhuinntir sin ciontach, a tha cur an camaidh crannchuir as leth tuiteamas, no mi-shealbh, nithe anns nach 'eil ach faoin smuaintean, air an dealbh mar leithsgeilean meallta chum dhaoine chumail bho làimh Dhé aid-eachadh. Mar so, an ni mu'n robh na Philistich an teagamh, chomhdhuin iad ni bu ro aingidh, ag ràdh ann an seadh, "Cha'n i a làmh-san a bhuail sinn; is tuiteamas a thàinig oirnn," 1 Sam. vi. 9.

Agus 's an àite mu dheireadh, tha iadsan mar an ceudna, a tha 'g an toirt féin suas do chollaidheachd agus do shùgradh feolmhor, a' deanamh tàire air a chamadh 'n an crànnchur, 'ga chur ann an neo-bhrìgh, agus 'ga dhì-chuimhneachadh. Cha'n 'eil mi cur an teagamh, nach 'eil e ceadaichte do neach a dh'earbas a chùis ris an Tighearna, agus a dh'amhairceas ris air son leigheis anns a' cheud àite, feum measarra a' dheanamh do shochairibh na beatha so, air son comhnadh anns an dara àite. Ach a thaobh an doigh sin a tha co tric air a ghnàthachadh a measg dhaoine feolmhor anns a chor so, ma 's ann da rìreadh do dheanamh Dhé a tha camadh a' chrannchuir, mar gu cinnteach is ann, feumaidh e bhi gu bheil e 'n a dhoigh ro mhì chiatach mhì-chubhaidh, agus gu bhi air fhuathachadh leis na h-uile dheadh dhaoine, Gnàth. iii. 11, "Air cronachadh an Tighearna, a mhic, na deansa tàir." Gu cinnteach is truagh an doigh leighis e, nach urrainn gun chrìochnachadh ann an ni-éiginn is miosa nan galar, ge b'e faochadh a dh'fheudas e thoirt rè tamuill. Isa. xxii. 12, 14. "Agus anns an là sin ghairm Iehohah Tighearna nan sluagh gu gul, agus gu caoidh, agus gu maoile, agus gu crioslachadh le eudach saic, agus feuch aoibhneas agus aighear, itheadh feola agus ól fiona: Agus

dh'fhoillsicheadh le Tighearna nan sluagh ann mo chluasaibh, gu deimhin cha ghlanar an aingidheachd so air falbh uaibh gus am faigh sibh bàs."

'S an dara dìte. A mhuinntir easùmhal, aig am bheil an cridhe cosmhuil ris a' mhuir bhuairte, ag at agus a' goil, a' càrran, agus a' gearan, agus nach urrainn a bhi foisneach, fo'n camadh crannchuir. Tha so 'n a dhoigh ro chunnartach agus pheacach. Tha'n t-Abstol Iude a' deanamh iomradh air cuid, "d'am bheil duibhre an dorchadais gu sìorruidh air a thasgaidh," rann 13, agus tha e 'g ràdh mu'n timchoill, rann 16, "Is luchd-càrrain agus gearain an droing so;" eadhon a sior ghearan air an crannchur, ni a tha 'm focal a th'air a chleachdadh an sin leis an Spiorad Naomh a' ciallachadh. Oir, a thaobh 's gur ann do dheanamh Dhé a tha'n camadh crannchuir, do nach urrainn an spiorada neo-cheannsuichte strìochdadh air chor sam bith, feumaidh e bhi gu bheil an cleachdaidhean 'n a chogadh an aghaidh Dhé; agus gu cinnteach 's ann 'n a aghaidh-san a tha'n gearan agus an talach, ge b'e aogas a chuireas iad orra. Mar so 'nuair a rinn na h-Israelich gearan an aghaidh Mhaois. Aireamh xiv. 2, chuir Dia as an leth gu'n d'rinn iad gearan 'n a aghaidh féin: "Cia fhada a ghiulaineas mi leis an droch chomhchruinneach so a tha ri gearan a'm' aghaidh?" rann 27. Mo thruaighe! nach fheudair a cheadachadh dhasan a rinn agus a dhealbh sinn, as eùgais ar comhairle, ar crannchur a dheanamh mar an ceudna, as eùgais ar 'n aonta, gidheadh feumaidh sinn éiridh suas 'n a aghaidh air son a' chamaidh a rinneadh ann? Ciod a tha so a' cur an céill, ach nach urrainn na creutairean àrdanach obair Dhé fhulang, no'n ni a rinn e a' ghiùlan? Agus cia dùbh agus cunnartach am fònn inntinn sin? Cia mar 's urrainn duinn gun bhi air ar bristeadh 'n ar miribh 'n a leithid sin a chursa? "Tha e glic an cridhe, agus treun an neart, co a chruaidh-

ich e féin 'n a aghaidh, agus a shoirbhich? Iob ix. 4.

'S an àite mu dheireadh. A mhuinntir mhì-chùramach agus neo-tharbhach, leis nach àill strìochda gu h-ùmhail do rùn De 'n an camadh crannchuir. Cha'n 'eil Dia agus nàdur a' deanamh ni sam bith gu dìomhain. A chionn gur esan a tha deanamh a' chamaidh, gun teagamh, tha crìoch fhreagarrach aig ann a dheanamh, dh'am bheil e mar dhleasnas fiachte oirnn an aire thoirt, a réir mar a ta e air a chur sìos ann am Micah vi. 9, "Eisdibhse an t-slat." Agus, gu cinnteach, ma bhios neach toil-each air foghlum, mar dùin e 'shuilean, feudaidh e fhaicinn gu soilleir gur e chrìoch choitcheinn a th'aig a' chamadh, neach a chuir air diol bho'n t-saoghal so, agus a ghluasad gu bhi 'g iarraidh agus a' gabhail fois cridhe ann an Dia. 'N uair a bheirear nàdur agus suidheachadh a' chamaidh féin gu h-ìomchuidh faineas, cha bhi e ro dhuilich an t-aobhar mu 'n d'rinneadh e fhaotuinn a mach ni's ro shònruichte. Ach, mo thruaighe! cha'n 'eil iomagain sam bith air a' pheacach mhì-chùramach a th'air dol fodha ann an aineolas agus ann an leisg spioradail, chum rùn Freasdail anns a' chamadh fhaotuinn a mach; mar sin cha'n urrainn e aonta chuir ris, ach tha e fantuinn neo—thorach; agus tha gach saothair a bh'air a ghabhail air, leis an tuathanach mhòr, anns an fhreasdal, air a càll. "Eighidh iad air son gairdean nan daoine mòra," aig osnaich fo chruachas a' chamaidh féin, agus fo chudthrom làimh an innil a tha 'g a dheanamh: "Ach cha'n abair aon neach, C'àit am bheil Dia mo chruith-fhear," cha'n amhaire iad, 's cha phill iad ri Dia air son so uile. Iob xxxv. ix. 10.

Feum 2. Air son *Sòlais*. Tha e labhairt co-fhurtachd ri cloinn Dé a ta fo àmhghar. Ge b'e camadh a tha'n 'ur crannchur-sa, 's ann do dheanamh Dhé a ta e; agus, uime sin, feudaidh sibh

amhaire gu caomhail air. Do bhrìgh gur e 'ur 'n Athair a rinn e air 'ur son, na cuiribh an teagamh nach 'eil rùn fabharach ann d'ar taobhsa. Gabhaidh leanabh tuigseach ri smachdachadh 'athar gu cairdeil, a chionn gu bheil fhios aige gur e 'athair, agus gur ann air son a mhath a tha e: agus nach gabh clann Dé gu cairdeil ri 'n camadh crannchuir, mar air a rùnachadh le'n Athair, do nach comasach dol mearachd 'n a riaghladh, chum am math, a réir a gheallaidh. Gu cinnteach, 's e camadh crannchuir a' chreidmhich, ge b'e co craiteach 's a bhios e, earrann do smachdachadh a chumnaint, agus an lòn a th'air a' dheanamh cinnteach le gealladh an Athar do chlàinn Chrìosd. Salm lxxxix. 30, 32. "Ma threigeas a' chlànn mo lagh, agus nach gluais iad ann am bhreitheanasaidh, an sin fiosraichidh mi le slait an eusaontas." Tuilleadh eile, feudaidd na h-uile neach air am bheil a rùn teicheadh a dh'ionnsuidh Dhé, fo 'n camadh crannchuir, co'fhurtachd a' ghabhail uaithe so, biodh fhios aca nach 'eil camadh air bith 'n an crannchur, nach fheud a bhi air a dheanamh dìreach, bho'n is e Dia a rinn e, gu cinnteach 's urrainn e chàradh. 'S urrainn e féin an ni a rinn e càr a dhìreadh, ged nach 'eil e'n comas neach air bith eile. Cha'n 'eil ni sam bith ea-comasach dha-san a dheanamh: "Togaidh e am bochd bho'n duslach; o'n òtrach àrdaichidh e an t-ainnis; chum a chur 'n a shuidhe le àrd uaislibh. "Bheir e air a' mhnaoi a ta gun sliochd còmhnuidh a ghabhail ann an tigh, 'n a mathair ait cloinne," Salm cxiii. 7—9. Na abair gu bheil do chamadh a' mairsinn co fada, 's nach gabh e càradh am feasd. Cuir e ann an laimh Dhé, a rinn e, agus feith air, chum gu'n càraich se e: agus ma bhios a chàradh chum do mhath, bithidh e deanta; oir, "cha chum e maith air bith uatha-san a ghluaiseas gu h-ionraic," Salm lxxxiv. 11.

Am *feum* mu dheireadh, Chum *earail*. A chionn gur ann do dheanamh Dhé a tha'n camadh crannchuir, uime sin, air dhuit làimh Dhé fhaicinn ann do chamadh, bi réidh ris, agus strìochd thu féin fodha, ciod air bith e: tha mi 'g ràdh, mar 'eil thu faicinn làimh Dhé ann an camadh do chrannchuir, cha'n urrainn t'umhlachd fodha bhi na h-umhlachd Chriosduidh, taitneach do Dhia, do bhrìgh 's nach 'eil sùil agad ris-san mar an Tì a ta 'g a dheanamh.

Leithsgeul, 1. Ach their cuid “'S ann bho làimh a' chreutair a tha mo chamadh crannchuir-sa; agus sin, mar an ceudna, bho làimh aon air nach do thoill mi a leithid.”

Freagradh. Tha e ri fhaicinn bho'n chaidh a' radh cheana, ged tha do chamadh crannchuir gu cinnteach air bàll bho làimh a' chreutair, gidheadh tha e troimh na chreutair bho làimh Dhé; cha'n 'eil ni sam bith do'n ghné sin, no peanas air son peacaidh, nach e 'n *Tighearn a rinn e*. Uime sin, gun teagamh air bith, se Dia féin an ceud aobhar ge b'e sam bith co e an dara aobhar. Agus ged nach do thòill thu do chamadh bho làimh a mheadhoin, no nam meadhonan a tha esan ag gnàthachadh chum thusa smachdachadh, thoill thu e gu cinnteach bho làimh-san; agus feudaidh e meadhon air bith is àill leis a ghnàthachadh chum na crìche sin, no feudaidh e a dheanamh gu neo-mheadhonach leis féin, eadhon mar chithear math 'n a shuilibh.

Leithsgeul 2, “Ach dh'fheudadh an camadh a th'ann mo chrannchuir-sa bhi gu h-ealamh air a dhireadh, nam b'àill leis a mheadhon no na meadhonan a tha 'g a dheanamh; ach cha'n 'eil doigh air còrdadh riu, no dhearbhadh orra gur iad is coir-each.”

Freagradh. Ma's ann mar sin a tha chùis, bhis cinnteach nach d'thàinig àm Dhé fathast, chum an camadh a dhìreadh; oir, nam b'e agus gu'n

tigeadh, ged tha iad a nis a' seasamh mar dhaingneach do-ghlacta, dh'fhalbhadh iad mar bhruach ghaineamh fo chos neach; "sleuchdaidh iad sios duit, le'n aghaidh ris an làr, agus imlichidh iad duslach do chos," Isa. xlix. 23. Aig a' cheart àm, tha'n sealladh sin do'n chùis co fada bho neach nach toir fainear làmh Dhé anns a' chamadh fhir-inneachadh, 's gur ann a tha e deanamh mìr deuchainn anns am bheil a' làimh gu folaiseach ri fhaicinn, eadhon, gu'm biodh daoine gu sònruichte 'n an doilgheas agus 'n an leth-trom do cheile, agus gidheadh nach gabhadh an ciont air chor sam bith dearbhadh orra. B'e so deuchainn na h-eaglais bho h-eascairdibh. Ierem. L. 7, "Iadsan uile a fhuair iad, shluig iad suas iad; oir thuirt an naimhdean, Cha'n 'eil sinn ri cron air bith, a chionn gu'n do pheacaich iad an aghaidh an Tighearna, àite-tàimh a cheartais." Bha iad ro aingidh, agus ghnàthaich iad i gu h-an-ìochdmhor; gidheadh cha b'àill leo aideachadh gu'n robh cionta sam bith anns na rinn iad. Cionnus a b'urrainn iad a choire chuir dhiubh? An robh iad gu deimhinn neo-choireach ann a bhi slugadh suas caoraich sheachranach an Tighearna? Cha robh gu cinnteach, cha robh iad. An d'amhaire iad orra féin mar luchd-frithealaidh ceartais Dé 'n a h-aghaidh? Cha d'amhaire iad.

Gun teagamh tha cuid leis am b'àill ceist fharraid an so, Cionnas a b'urrainn eascairdean na h-eaglais Dia a' chur an céill mar "àite-tàimh a' cheartais?" Ach 'nuair bheirear na briathran fainear anns a' cheud chainnt, cha'n 'eil aobhar air bith air son na ceiste sin an so, agus le sin tha'n t-iomlan do'n chùis air a deanamh soilleir. "Iadsan uile a fhuair iad, shluig iad suas iad; oir thuirt an naimhdean, Cha'n 'eil sinn ri cron air bith: a chionn gu'n do pheacaich iad an aghaidh an Tighearna, àite-tàimh a cheartais." Cha'n iad na briathran

deireannach so briathran an eascairdean, ach briathran an fhàidh, a' nochdadh cionnas a thachair e gu'n do shluig na h-eascairdean suas na h-uile air an d'amaid iad, do chaoraich an Tighearn, agus, mar an ceudna, mar ghabh iad an leithsgeul 'nuair a rinn iad e, gun bhi 'g aideachadh gu'n robh olc air bith ann; is ann an so bha'n t-aobhar 'n a luidh, pheacaich na caoraich "an aghaidh an Tighearna àite-tàimh a cheartais;" agus mar cheart pheanas air son sin bho làimh-san, cha b'urrainn doibh ceartas fhaotuinn bho làimh an eas-cairdibh.

Uime sin, air dhuit na leithsgeulan faoine so a' chur air cul agus beachd a' ghabhail air làimh Dhé, mar am meadhon a chàm an earrann sin do d' chrannchur, agus a tha 'g a chumail càmh, bi réidh ris, agus strìochd thu féin fo'n chamadh, ciod air bith e, ag ràdh bho d' chridhe, "Gu deimhin is deacair so, ach is éiginn fhulang." Agus chum do ghluasad gu so dheanamh, thoir fainear.

1. Gur dleasnas e a tha dh'fhiacha ort do Dhia mar d' Ard-uachdaran agus do Dheadh-charaid. Tha uachdaranachd ag agairt ar 'n umhailteas; agus cha'n urrainn e, air chor sam bith, bhi 'n a thàire do neach strìochdadh do'n chamadh a rinn a làmh-san ann ar crannchur, agus siubhal gu sìochail fo'n chuing a' chur esan oirnn; ach 's mòr an caothach do shligibh-chreadha na talmhainn le'n giùlan buaireasach agus ceann-laidir fo'n chamadh, strì a dheanamh an aghaidh an Cruithear. Agus is math dh'fheudas a mhaitheas d'ar taobh-ne, creutairibh neo-airidh, ar beòil a dhunadh bho bhi gearan 'n a aghaidh-san, air son gun d'rinn e camadh ann ar crannchur, neach nach d'rinn eucoir sam bith oirnn ged dheanadh e'n t-ìomlan dheth càmh; "An gabh sinn maith bho làimh Dhé, agus nach gabh sinn olc?" Iob ii. 10.

2. Gur reachd neo-chaochlaideach e ré uile aimsir na beatha so, nach bi neach air bith as éugais

camadh 'n a chrannchur; oir “rugadh an duine chum carraid, mar dh'èireas na srada suas,” Iob v. 7. Agus tha'n dream a th'air an rùnachadh air son neimh, air dhoigh àraid, dearbh chinnteach do chamadh a bhi 'n an crannchur-sa, “Anns an t-saoghal bithidh àmhghar aca,” Eoin xvi. 33., oir leisa sin tha'n Tighearna 'g an uidheamachadh air son neimh. Agus cionnus is urrainn duit-sa smuain-eachadh gu'n teid thu as bho chrannchur coitchionn a' chinnne-daonna? An gluaisear a' charraig as a h-àite air do shonsa?” Agus a chionn gu bheil Dia a' deanamh camadh crannchuir dhaoine, a réir feum eadar-dhealaichte an còirean, uime sin feudaidh tusa bhi cinnteach gu bheil do chamadh-sa feumail air do shon féin.

3. 'S e cor neach aig am bheil camadh 'n a chrannchur, do nach urrainn e air dhoigh sam bith strìochdadh, cor do na h-uile cor is coslaich ri *ifrinn*. Oir tha cùing air a cur mu mhuinneal nan truaghanan a ta fulang, nach urrainn iad aon chuid a' ghiùlan no chrathadh dhiubh; an sin tha gairdean an Uile-chumhachdaich air a tharruing 'n an aghaidh, agus iadsan 'n a aghaidh-san; an sin tha iad do ghnàth a' fulang agus do ghnàth a' peacachadh; an còmhnuidh anns an àmhuinn, gun an sàl a bhi air a chaitheamh, no iadsan air an glanadh. 'S e so eadhon cor na muinntir sin nach urrainn a nis strìochdadh fo'n chamadh 'n an crannchur.

4. Is mòr ann càll gun strìochdadh fodha. 'S minig a thionndadh giùlan gu ceart fo'n chamadh crannchuir gus an fheum a b' fhearr, agus a dhearbhadh e do chuid an ùine a b' fhearr a bh' aca riamh ré uile laithean am beatha, mar a ta'n Salmad-air a' dearbhadh bho fhaireachdainn féin. Salm cxix. 67. “Mun robh mi ann an àmhghar, chaidh mi air seachran; ach a nis tha mi a' gleidheadh t' fhocail.” Tha mòran a nis air nèamh a tha

beannachadh Dhé air son a' chamaidh a bh'aca 'n an crannchur anns a' bheatha so. Uime sin, nach uamhasach an ni a ghaoth-ghreasaidh so a chàll gu tir Imanueil? Ach mar dean do chamadh crannchuir feum air bith dhuit, bi-sa cinnteach nach urrainn e gun dolaidh mòr a dheanamh dhuit; meudaichidh e do chionta gu h-anabarrach, agus antromaichidh e do dhìteadh,—pianaidh e thu gu bràth ann ad chridhe, a bhi smuaineachadh air an t-saothair a ghabhadh ort, leis a' chamadh chrannchuir, chum do chuir air diol bho'n t-saoghal, agus do thoirt a dh'ionnsuidh Dhé, ach an t-iomlan gu diomhain. Uime sin, thoir an aire, ciod am feum a ni thu dheth, “Air eagal gu'n dean thu caoidh ma dheireadh,—agus gu'n abair thu, Cionnus a thug mi fuath do theagasg, agus a rinn mo chridhe tàir air achmhasan?” Gnàth. v. 10, 11, 12.

TEAG. II.—*An ni a tha Dia a' faicinn iomchuidh a chamadh ann ar crannchur cha 'n urrainn sinn a dhìreadh.* Ann an so.

I. Nochdaidh sinn mar a tha Dia a' dheanamh camaidh ann an crannchur neach mar chi e iomchuidh.

II. Bheir sinn fainear mar a tha daoine 'g oidh-eirpeachadh an camadh sin a tha 'n an crannchur a dhìreadh.

III. An seadh anns an tuigear nach urrainn sinn an camadh sin a dhìreadh no chàradh.

IV. Bheir sinn fainear cuid do dh'aobhairibh an teagaisg.

I. A thaobh a' cheud cheann, eadhon, a bhi Nochdadh mar a tha Dia a' *deanamh* camaidh ann an crannchur neach mar a chi e iomchuidh.

'S a' cheud àite. Tha Dia a' cleachdadh àrd uachdranachd ann a bhi *taghadh* a' chamaidh air son gach neach. Mat. xx. 15. Cha'n fhagar aig ar

roghainn-ne ciod an camadh no 'n eallach air leth a bhios againn, ach mar ni 'n criadhadair deth 'n aon chriadh soitheach air son aon fheum agus soitheach eile air son feum eile ; mar sin ni Dia camadh air son aon neach, agus camadh eile air son neach eile, a réir a thoil féin. Salm cxxxv. 6. “ Ge b’e ni bu toil leis an Tighearn rinn e air nèamh agus air talamh,” &c.

'S an dara àite. Tha e faicinn an taobh am bheil *togradh* gach neach ag aomadh, agus ciod anns am bheil e gu h-àraid a' claonadh air falbh uaithe féin, agus mar sin is léir dha c'àit am bheil 'fheum air camadh sònruichte, mar sin rinn e do'n duine sin. Marc. x. 21, “ A ta aon ni dh'uireasbhuidh ort ; imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh,” &c. Bha *togradh* cridhe 'n duine so g' a mhòir shaoibhreas. Tha Dia a' toirt fainear ciod an iodhal is ro ullamh gu ar cridhe chlaonadh air falbh uaithe féin, agus a chum 's gu'n dean e an ni sin 'n a eallach, suidhichidh e'n camadh ann.

'S an treas àite. Le stiùradh a fhreasdail, no beantuinn a làimhe lubaidh e am mìr sin do'n chrannchur rathad eile, air chòr agus bho sin a' mach gu bheil e càlg-dhìreach an aghaidh aomadh na toil. Esec. xxiv. 25. Agus is e so an camadh, *togradh* cridhe 'n duine dol aon rathad agus am mìr sin d'a chrannchur dol rathad eile, air chòr 's nach 'eil e freagarrach d'a thoil, ach gu buileach 'n a h-aghaidh.

'S an àite mu dheireadh. Is àill leis an camadh sin *fhantuinn* 's a' chrannchur fhad 's a ch'è iomchuidh, ma's fada no goirid sin, ceart freagarrach d'a chrìochaibh naomha féin mu'n d'òrduich se e. 2 Sam. xii. 10, Hos. v. 15. Le 'thoil-san tha e co daingean 's nach urrainn an cruthachadh uile atharrachadh no dhìreadh.

II. Bheir sinn fainear mar a tha daoine 'g oidh-

eirpeachadh an camadh sin a tha 'n an crannchur a *dhireadh*. Tha so ann an aon fhocal a' co'-sheasamh anns an dichìoll spàirneil a tha iad a' cleachdadh chum a' chuid sin do'n crannchur a thoirt gu bhi réir an toil féin, gus am bi 'n toil agus an crannchur a' freagairt a cheile; mar sin tha e ciallachadh tri nithe.

'S a' cheud àite. An *shocair* àraid fo'n chamadh anns a' chrannchur; is cùing i a tha cruaidh do neach ri giulan gus am bi a spiorad air a chiùin-eachadh agus air a cheannsachadh. Ier. xxxi. 18, "Smachdaich thu mi, agus bha mi air mo smachdachadh, mar dhamh nach do chleachd a' chùing: pill thusa mi agus bithidh mi air mo philleadh," &c. Agus is ann gu bhi briseadh spiorad an duine tha Dia 'g a cur air; air an aobhar sin a deirear gu bheil i math ri giulan. Tuireadh iii. 27, a thaobh's gur e sin an rathad gu neach a dheanamh mu dheireadh mar leanabh chuireadh bhàrr na cèiche.

'S an dara àite. Dian *iarrtus* gu'm biodh a' chrois air a gluasad, agus gu'm biodh cùisean anns an earrainn sin do'n chrannchur a' dol mar bu mhiannach leinn. Tha so gle nàdurach a bhi 'g iarruidh saorsa bho gach ni tha 'n a eallach d'ar nàdur; agus mur bi'n iarrtus so ro thul-chuiseach, ach air a cumail gu dligheach fo ghéill do thoil Dé, cha'n 'eil i peacach. Mat. xxvi. 39. "Ma dh'fheudas e bhi rachadh an cupan so seachad orm; gidheadh, na biodh e mar is àill leamsa, ach mar is toil leatsa." Is iomadh ùrnuigh a fhuair eisdeachd a chuir pobull Dé suas, air son gu'm biodh an camadh a bha 'n an crannchur air a ghluasad.

'S an àite mu dheireadh. Gnàthachadh dùrachdach *mheadhona* chum na crìche sin. Tha so gu nàdurach a' leantuinn an iarrtuis sin. Air do'n duine bhì air a theannadh leis a' chrois ni is e chamadh, gnàthaichidh e gach meadhon a tha 'n a chomas gu

bhi cuiteas i. Agus ma ta na meadhona a chleachdar laghail, agus nach earbar asd', ach gu'n leanar iad le sùil ri Dia annta, cha'n 'eil an oidhirp peacach, co dhiubh a shoirbhicheas leis na gnàthachadh no nach soirbhich.

III. An *seadh* anns an tuigear nach urrainn sinn an camadh a tha 'n ar crannchur a dhìreadh no chàradh.

Cha tuigear e mar ni a tha tur *eu-dòchasach* agus do-leighiste. Oir cha 'n 'eil crannchur neach air bith co càmh 's nach urrainn Dia a dhìreadh. Gen. xviii. 14. "Am bheil ni air bith do-dheanta do'n Tighearna?" Nuair a tha 'n camadh a' mar-sainn fada dh' aindeoin gach meadhon leighis a chleachdar ris, tha neach ullamh gu bhi càll gach uile dhòchas m'a thimchioll; ach 's iomadh camadh a thugadh thairis mar ni bha gu bràth do-leasaichte, a rinn Dia gu h-iomlan dìreach, mar ann an còr Iob. Ach cha bhi sinn gu bràth comasach a leasachadh *dhinn féin*; mur gabh an Tighearna os làimh e seasaidh e romhainn gun charachadh mar bheinn umha, ged dh' fheudadh e bhi gu'm bheil e ann féin na ni gle fhurasda ri ghluasad. Labhraidh sinn uime anns na trì nithibh so.

1. Cha tig an là ghabhas e dìreadh le *neart* ar làimh-ne. 1 Sam. ii. 9. "Oir le neart cha bhuadhaich duine sam bith." Na dìchiollan is spàirneil is urrainn duinn a chleachdadh, cha dìrich iad an camadh mur cur Dia a làmh ris, air chor 's gu'm bi gach uile dhìchioll gun tairbhe dh'easbhuidh sùil ris an Tighearna, agus gu'm bi iad co dìomhan ri bhi treabhadh air a' chraig. Salm cxxvii. 1, 2.

2. Bidh gach uile mheadhon ceadaicht' a ghnàthaichear mu thimchioll *neo-eifeachdach* mur beann-uich an Tighearn iad chum na crìche sin. Tuir. iii. 37. "Co esan a their agus gu'n tig e gu crìch an uair nach àithn an Tighearna?" Mar dh' fheudas neach itheadh agus gun bhi sàsuichte, mar sin feudaidh

neach meadhona iomchuidh a ghnàthachadh chum an camadh a tha 'n a chrannchur a dhìreadh gun bhuaidh air bith; oir cha'n urrainn ni no neach a bheag a dheanamh dhuinn ach a réir àithne Dhé. Ecles. ix. 11.—“ Cha'n ann do na daoineibh luatha a tha 'n réis, no do na daoineibh tréuna an cath, no do na daoineibh glìce aran, no da dhaoineibh tuigseach saibhreas,” &c.

3. Cha ghabh e dìreadh gu bràth ann ar n-àrne ach ann an àm Dhé, ni leis nach tric a bhi co luath r' ar n-àm-ne. Eoin vii. 6. “ Cha d' thàinig m' àmsa fathasd, ach a ta bhur n-àmsa ghnàth deas.” Uime sin, fanaidh an camadh air uairibh neo-ghluasadach mar gu'n cumar e le làimh neo-fhaicsinneach, agus air uairibh eile falbhaidh e le beantuinn ris do bhrìgh 's gu'n d' thàinig àm Dhé gu dhìreadh.

IV. *Aobharan an teagaisg.*

A' cheud aobhar. Do bhrìgh gu bheil sinn gu h-ìomlan an urradh ri Dia. Gnìomh. xvii. 28. Mar tha'n solus an eisiomal na gréine, no 'm faileas an eisiomal a' chuirp, mar sin tha sinne 'n eisiomal Dhé, agus as eugais cha'n urrainn sinn ni sam bith a dheanamh, am beag no'm mòr. Agus is àill le Dia gu'm faigh sinn mar sin e, gus an tuig sinn gur ann 'n a eisiomail a tha sinn.

An dara aobhar. Do bhrìgh nach fheudar cuir an aghaidh a thoil-san Isa. xlii. 10. “ Seasaidh mo chomhairle, agus gach ni is àill leam ni mi.” 'Nuair is àill le Dia aon ni, agus is àill leis a chréutair ni eile, is furasd fhaicinn co dhiubh toil is éiginn a bhi deanta. 'Nuair a tha 'n gairdean Uile-chumhachdach a' cumail, is dìomhan do 'n chreutair a bhi tarruing. Iob ix. 4. “ Cò a chruaidhich e féin 'n a aghaidh, agus a shoirbhich?”

Tha e soilleir bho na chaidh a labhairt,

1. Gur éiginn strìochdadh fo n' chamadh a tha 'n ar crannchur; oir is co math dhuinn a bhi 'm barail

gu 'n atharraich sinn na creagan agus na beanntan a shocraich Dia, agus gu'n dìrich sinn an earrainn sin d'ar crannchur a rinn esan càmh.

2. Nach 'eil 's an dìreadh a nì sinn féin air a' chamadh a th'ann ar crannchur ach a bhi g'ar *mealladh* féin, oir cosmhuil ri maide càmh a rachadh a dhìreadh le aineart, pillidh e air bàll gus an laghad 's an robh e roimhe.

3. 'S e 'n t-aon rathad is docha sinn an camadh fhaotainn air a dhìreadh a dhol a dh'ionnsuidh Dhé leis :

Earail 1. Uime sin, rachamaid a dh'ionnsuidh *Dhé* air son camaidh air bith a th'ann ar crannchur, a dh'fheudas a reir òrdugh suidhichte nithe bhi air a dhìreadh. Cha'n urrainn an duine sgur do bhi miannachadh gu'n rachadh a chamadh a thoirt air falbh, nis mo na ged bu sgolp a bhiodh 'n a fheòil. Ach do bhrìgh nach urrainn sinn an nì sin a leasachadh a tha Dia a' faicinn iomchuidh a mhilleadh, is cinnteach gur ann a dh'ionnsuidh an 'Tì a rinn e is còir a dhol g'a leasachadh, agus gu'n a ghabhail 'n ar làimh féin. Agus chum ar brosnuchadh gu dol g'a ionnsuidh-sa.

Bros. 1. Bidh gach oidheirp a bheir sinn gu 'ghluasad, as easbhuidh-sa, *dìomhan* agus *neo-tharbhach*. Salm cxxvii. 1. Ge b'e co dian 's a bhios ar saothair chum a dhìreadh, mar abair Dia e, bidh i dìomhan, Tuir. iii. 37. Ge b'e co gealltannach 's a bhios na meadhona ghnàthaicheas sinn, bidh iad neo-eifeachdach mar àithn esan am beannachadh. Ecles. ix. 11.

2. Tha leithid sin do dh'oidheirpibh am bi-dheantas 'g a dheanamh ni 's miosa. Cha'n 'eil ni sam bith ni 's dualaiche do spiorad uabhrach a tha strì r'a chamadh na dheanamh ni 's caine. Ecles. x. 8, 9.—“ An tì a bhriseas callaid, téumaidh nathair e. An tì a dh'atharraicheas clachan, goirtichear e leo,” &c. Tha so làn shoilleir bho

chòr na dream a bha gearan 's an fhàsach. Agus tha e nàdurach do n' chùis a bhi mar sin, a thaobh 's mar is mò nithear strì an aghaidh a' chamaidh gur ann is fhaide tha'n toil a' teicheadh uaithe ; Osbarr tha Dia air a bhrosnuchadh gu bhi fighe na cuinge ni's tinne mu mhuineal an duine, chum 's nach luidh i idir socrach air.

3. Cha'n 'eil camadh air bith nach fheud e *leigheas*, agus a dhìreadh gu h-ìomlan. Salm cxlvi. 8. —“ Togaidh an Tighearna suas iadsan a tha air an cromadh sìos,” &c. Is urrainn e an camadh is sine dhìreadh, mu'n do chàill sinne gach uile dhòchas. Rom. iv. 17.—“ Eadhon Dia a ta beothachadh nam màrbh, agus a ta gairm na nithe *sin* nach 'eil idir ann mar gu'm biodh iad ann.” Dhasan 'n a aonar bunaidh mìorbhuilean oibreachadh agus obair a thoiseachadh far an d'fhairtlich air an t-saoghal gu leir, agus a' toirt air a h-aghaidh gu foirfeachd. Gen. xviii. 14.

4. Is *toil* leis obair a thoirt dha ann a bhi dìreadh chamaidhean, agus tha e 'g ar gairm-ne gus an obair sin a thoirt dha. Salm L. 15.—“ Gairm orm ann an latha teanntachd, agus saoraidh mise thu,” &c. Tha e g'an deanamh air son an dearbh aobhair sin, chum gu'm bi gnothach againn g'a ionnsuidh, agus chum gum foillsichear a chumhachd agus a mhaith-eas 'n an dìreadh. Hos. v. 15. Tha teanntachdà chloinn nan daoine 'n a raon farsuing gu bhi soilleireachadh 'iomlaineachd ghlòrmhor-san, nach b'urrainn air dhoigh eile bhi air an aithneachadh. Escod. xv. 11.

5. Tha camadh mar so air a dhìreadh 'n a *thròcair* dà fhille. Tha cuid do chamaidhibh a dhìrear le beantuinn do làimh freasdail cumanta, 'nuair aon chuid, nach 'eil muinntir a' dol a dh'ionnsuidh Dhé leo, no tha iad gu frionasach mi-fhoighidneach ag iarraidh an toirt air falbh. Ach ni bheil annta sin ach tròcairibh gearr-shaoghalach

neo-bhrighear. Salm xxviii. 30, 31. Hos. xiii. 11. Is gann is urrainn an toradh a theid a spìonadh le iomadaidh cabhaig do chraoibh freasdail, gun ghaoir a' chur anns na fiac-laibh, agus gu cinnteach bidh e searbh do anamaibh gràs-mhor. Ach O! milsead a' chamaidh a fhuaireadh air a dhìreadh le tagradh iriosal agus feitheamh fhoighidneach ris an Tighearna! Tha iomhaigh agus sgriobhadh deadh-ghean Dé air, ni tha g'a fhàgail tomadach agus luachmhor, Gen. xxxiii. 10. "Oir uime sin chunnaic mi do ghnùis mar gu'm faicinn gnùis Dé." Caib. xxi. 6.

6. Rinn Dia aithnichte a dheadh-ghean d'a *chlann* ro *ghràdhach* ann a bhi deanamh agus a' dìreadh chamaidhean sònruichte 'n an crannchur. Is iad a chuid ailleagain ro ionmhuinn, mar is tric, is mo trioblaid crannchuir, Eabh. xii. 6. Ach tha iad sin a' deanamh rathaid do na féin-fhiosrachaidhean is saoibhre ann an toirt air falbh, 'nuair a theid iad da ionnsuidh-sa leo. Tha so soilleir bho chor Abrahaim, Iacoib, agus Ioseiph. Cò do na Prìomh-aithrichean aig an robh camaidhean co mòr 's a bh'acasan? ach air an làimh eile, cò aig an robh a leithid do chomharraidh sònruichte air deadh-ghean an Tighearna? Bha na daoine bu mhò, mar bha Samson agus Eoin-Baiste, air am breith le'm mnathaibh a bha aimrid a thaobh nàduir; mar sin crìochnaichidh na camaidhean is mò anns na tròcairibh is saoibhre dhoibh-san a tha gu dlìgh-each 'g an giulan féin fodhpa.

7. 'S e 'n rathad is *giorra*, 's is *cinntiche* dol dìr-each a dh'ionnsuidh Dhé leis a' chamadh a tha 'n ar crannchur. Ma 's math leinn ar dùrachd fhaotuinn anns a' chùis sin, feumaidh sinn mar an iolair, an toiseach éiridh gu h-àrd, agus an sin tighinn a nuas air a' chreich. Marc. v. 36. Cha bhi anns na h-ionnsuidhibh clì mè-chreidmheach a tha sinn féin a' cleachdadh ach cabhaig an amadain leis nach

soirbhich ; mar ann an còr Abrahaim dol a steach gu Hagar. 'S e Dia a tha cur gach cuibhle air ghluasad chum an camadh a dhìreadh, ni as easbhuidh-san a dh'fhanas neo-ghluasadach. Hos. ii. 21, 22.

Leithsgeul. 1. Ach is dìomhan dhomhsa dol a dh'ionnsuidh Dhé leis a' chamadh a th'ann mo chrannchur ; oir ged ghabhadh an camadh leasachadh, cha gabh mise leasachadh am feasd. A thaobh a naduir feudar a chàradh, ach tha e soilleir nach caraichear e. Tha e eu-dòchasach.

Freag. Is e sin cainnt na cabhaig mhi-chreidmheach, ni bu chòir do chreidimh agus do fhoighidinn a chronachadh. Salm cxvi. 11, 12. Bha 'n camadh a bh'aig Abraham co eu-dòchasach, ach chaidh e chum Dhé leis tre chreidimh gu chàradh, Romh. iv. 19, 20. Chaidh Sarah a chronachadh a chionn a mheas eu-dòchasach. Gen. xviii. 13, 14. Cha chòir do ni sam bith do bhacadh bho dhol a dh'ionnsuidh Dhé anns a' chòr sin.

Leithsgeul. 2. Ach chaidh mi g'a ionnsuidh leis a rithist 's a rithist, gidheadh, cha 'n 'eil e fathasd air a chàradh.

Freag. Cha diultadh air achanaich dàil a chur 'n a freagradh an cuirt nam flaitheanais, ach dearbhadh air creidimh 's air foighidinn an luchd-achanaich. Agus ge b'e a bhvanaicheas, gheibh e freagradh gu cinnteach mu dheireadh. Luc. xviii. 7, 8. " Agus nach dean Dia dioghaltas air son a dhaoine taghta féin, a ta 'g éigheach ris a là agus a dh'oidhche, ged tha e fad-fhulangach mu'n timchioll? A deirim ribh gu'n dean e dioghaltas air an son gu luath." Air uairibh, fàsaidh muinntir frionasach a thaobh a' chamaidh a tha 'n an crannchur, agus do bhrìgh gu bheil iad 'g a mheas eu-dòchasach, leigidh iad dhiubh a bhi 'g ùrnuigh air a shon, ged robh e fad an àm a an-shocrach dhoibh ; ach ma's toil le Dia a dhìreadh ann an tròcair, bheir e orra ghabhail a stigh a rìs 'n an ùrnuighibh,

Esec. xxxvi. 37. “Bithidh mise fathast air m’iarraidh ’s an nì so le tigh Israeil a chum a dheanamh air an son.” Ma bheirear air falbh e ’m feadh ’s a tha e air a dhearmad ’s an ùrnuigh cha mhòr sòlas a gheibhear ann; ged nach tugta air falbh e ’s a’ bheatha so, cha bu chòir dha sin, ar bacadh bho bhi ’g urnuigh ri Dia a thoirt air falbh; oir tha iomadh ùrnuigh nach freagrar gus an ruigear an ath-shaoghal, agus an sin bithidh iad uile air am freagradh còmh-ladh. Romh. vii. 24.

Seolaidhean a chum’s gu’n iarramaid gu ceart, an camadh a tha ’n ar crannchur a thoirt air falbh.

1. *Bithibh ag ùrnuigh le creidimh air a shon.* Esec. xxxvi. 37, a’ creidsinn air sgàth Iosa gu’m freagrar sibh mu dheireadh, agus sin anns a bheatha so ma bhios e chum math dhuibh, ach gun teagamh sam bith, ’s a’ bheatha ta ri teachd. Mat. xxi. 22. Iadsan a tha cantainn orain Mhaois agus an Uain cha mheallar an dòchas. Taisb. xv. 3. Agus ann an cuid a choirean do’n ghné so, tha àm sònruichte air a cur air leth chum ùrnuigh agus trasgadh ro iomchuidh. Mat. xvii. 21.

2. *Irioslaichibh sibh féin fodha, mar a’ chùing a chuir an làmh àrd-uachdranach oirbh.* Mic. vii. 9. “Giùlainidh mi corruich an Tighearna, a chionn gu’n do pheacaich mi ’n a aghaidh,” &c. Firinnichibh Dia, dìtibh sibh féin, pogaibh an t-slat, agus imichibh gu ciuin foidhpe; ’s e so an rathad ’s an docha i bhi air a toirt air falbh. Seum. iv. 10.—’Nuair a tha’n damh air a thàladh agus air a bhri-seadh, ’s air a chleachdadh ris a chùing, an sin bheirear dheth i, oir tha, chrìoch air a toirt mu’n cuairt. Salm. x. 17. “Deasaichidh tu an cridhe; bheir thu air do chluais eisdeachd.”

3. *Feith gu foighidneach gus an dean an làmh a rinn e a leigheas.* Salm xxvii. 14. Na tugaibh thairis a chùis mar nì eu-dochasach do bhrìgh nach ’eil sibh air ’ur saoradh co luath ’s bu math leibh;

“ach biodh aig an fhoighidinn a h-obair dhiongmhalta féin chum gu'm bi sibh dìongmhalta agus iomlan gun uireasbhuidh ni sam bith. Seum i. 4. Fàgaibh àm an t-saoraidh d'an Tighearna; aidichidh sibh mu dheireadh gur e àmsan gu cinnteach is feàrr, agus cha téid e thairis air. Isa. lx. 22. “Luathaichidh mise Iehobhah e na thràth;” cha téid as d'ur dòchas le bhi feitheamh air—“oir cha nàraichear iadsan a dh'fheitheas ormsa.” Isa. xlix. 23.

Earrail 2. Ge b'e camadh, nach fheudair a réir òrdugh suidhichte nithe a thoirt air falbh no dhìreadh 's an t-saoghal so, iarramaid air an Tighearna cobhair iomchuidh gu ghiùlan. 'S e 'n camadh coitchionn a th'ann an crannchur nan naomh, am peacadh a tha chòmhnuidh 's an taobh stigh: Agus ma dh'òrduich Dia nach rachadh an camadh sin a thoirt air falbh 's a bheatha so, 's urrainn e gu cinnteach a chothromachadh agus cobhair a thoirt gu giùlan fodha. Feudar so a ràdh mu chamadh air bith, fhad sa tha e làthair. Anns gach cor dhiubh sin rachaibh a dh'ionnsuidh Dhé air son 'ur calldach a leasachadh. Agus tha cùig nithe bu chòir a bhi 'n ur beachd an so.

1. *Dia ann an Criosd* a' ghabhail air son agus an àite na chaidh a thoirt uainn, no na tha air 'a chumail uainn. Salm cxlii. 4, 5. Cha 'n eil camadh a ni Dia 'n ar crannchur nach 'eil e tairgse dhuinn iomlaid bheannaichte. Marc. x. 21.—“Reic na bheil agad agus bithidh ionmhas agad air nèamh.” An tairgse na h-iomlaid so, tha Dia air tùs a' cur a' mach a làimh agus a' toirt uainn ni-eiginn talmhaidh, an dùil gu'n cuir sinne mach ar làmh a rìs, agus gu'n toir sinn uaith-san ni-eiginn nèamhaidh 'n a àite; agus gu h-àraid Criosd. Uime sin mu d'fhalamhaich Dia do làmh chli dheth leithid so no sud do chomhfhurtachd thalmhaidh? Sìn thusa a mach do làmh dheas a dh'ionnsuidh Dhé

ann an Criosd, gabh e 'n a àite, agus 's e do bheatha, Air an aobhar sin, tha dùnadh an anma ri Criosd, air a ghairm ceannachd, anns am bheil dealachadh ri aon ni air son ni eile. Mat. xiii. 45, 46.—“ Is cosmhuil rìoghachd néimh ri ceannaiche àraidh ag iarraidh neamhnuide mhaiseach : agus air amas da air aon neamhnuid ro luachmhoir, dh'imich e agus reic e na bh' aige, agus cheannaich e i.” Deansa mar so, agus bithidh tuilleadh agus buannachd agad dheth do chamadh crannchuir.

2. Biodh dùil agad ris an *t-sruth* a' ruith co làn uaith-san 's a b'urrainn e ruith mu'n do thiormaich an camadh 's a' chrannchur e. 'S e so obair a chreidimh, a bhi gu muinghinneach a' sealltuinn ri Dia air son an ni sin a tha air aicheadh dhuinn bho na creutairibh. “ 'Nuair a threigeas m' athair agus mo mhàthair mi, an sin togaidh an Tighearna suas mi,” Salm xxvii. 10.

Tha i so na dùil ro reusanach : Oir is cinnteach nach 'eil math air bith 's a' chreutair, ach an ni a tha bho Dhia, air an aobhar sin cha 'n 'eil math ri fhaotuinn 's a chreutair, an sruthan, nach fheudar fhaighinn gu neo-mheadhonach bho Dhia, an tobar. Agus O ! 's e do bheatha teachd leis an argumaid so chum Dhé, agus a ràdh, A nis a Thighearna, thug thu uamsa leithid so do chomhfhurtachd chruthaichte, feumaidh mi co math fhaotuinn uait féin.

3. *Toraidhean spioradail* a chamaidh anns a' chrannchur. Eabh. xii. 11. Tha sinn a' faicinn gur e 'n doigh a th' air a chleachdadh 's an t-saoghal, nuair a dh'fhailnicheas aon seòrsa ceaird, bualadh air ceaird eile ; mar so, 'nuair a tha camadh 'n ar crannchur a' deanamh ar co'-fhuartachd thalmhaidh iosal, bu chòir dhuinn an tuilleadh dichill a chleachdadh air son buannachdan spioradail. Ma tha ar co-cheannachd ris an t-saoghal a' dol air a

h-ais feuchamaid gu'm bi ar co-cheannachd ri flaitheanas ni's ro bheothaile a' dol air a h-aghaidh : Feuchamaid gu'm bi 'n camadh 'n a mheadhon g' ar gluasad chum ruigheachd air ni's mò do chreidimh, do ghaol, do dh'inntinn spioradail, do tharcuis air an t-saoghal, do dh'irioslachd, do dh'fhéin-aicheadh, &c. 2 Corint. vi. 10. Mar sin, ged chailleamaid air an darna làimh, coisnidh sinn air an làimh eile.

4. *Gràs* gu ar giùlan fo'n chamadh. 2 Cor. xii. 8, 9. "Air a shon so ghuidh mi an Tighearna trì uairean,—Agus thubhairt e rium, Is leòir mo ghràs-sa dhuit." Ma tha duine fànn, lag, a' giùlan eallach eutrom, no ma tha e air urachadh 's air a neartachadh a' giùlan eallach thròm, cha 'n 'eil ann ach an t-aon chuid, 's urrainn e'n eallach thròm a ghiùlan co furasd ris an eallaich éutrom. 'S e gràs a réir ar feum agus a réir ar n-eallacha bu chòir dhuinne iarraidh ; agus ma gheibh sinn so, cha bhi sinn an éis ged nach rachadh an camadh a dhìreadh.

5. Is còir dhuinn an *fhois shiorruidh* agus *eudthrom glóire* an ath-shaoghail a bhi 'n ar beachd. 2 Corint. iv. 17, 18. "Oir a ta ar n-àmhghar éutrom nach 'eil ach re sealain, ag oibreachadh dhuinne tròm chudthrom glóire a ta ni's ro ana-bharraiche agus sior-mhaireannach ; air dhuinn a bhi ag amharc cha 'n ann air na nithibh a tha r' am faicinn, ach air na nithibh nach 'eil r' am faicinn." Cothromaichidh so an camadh a tha 'n 'ur crannchur, ciod air bith e, am feadh 's a gheibh iadsan aig nach 'eil dòchas na slàinte air deadh bhunait, an camadh a tha 'n an crannchur 's an t-saoghal so co tròm, 's nach 'eil ni sam bith aca a cho-chothromaicheas e ; gidheadh, feudaidh earb-sa gu'n sealbhaichear fois shìorruidh giùlan leis gach trioblaid ris an tarlar an so.

Earrail 3. Suidhichid sinn féin ma ta, gu'n giù-

lain sinn gu ceart an camadh a th' ann ar crannchur, fhad sa ch' Dia iomchuidh fhàgail againn. Giùlainmid air mhodh Criosduidh an n' nach urrainn sinn a leasachadh, agus na bitheamaid a' cogadh an aghaidh Dhè, agus a' breabadh an aghaidh nan dealg.

1. Giùlainmid e gu *foighidneach* gun fhrionas no monmhur. Seum. v. 7. Salm xxxvii. 7. Ged chaillimid ar comhfhurtachd 's a' chreutair, tre 'n chamadh a tha 'n ar crannchur, na caillimid ar seilbh oirnn féin. Luc. xxi. 19. Tha 'n camadh crannchuir 'g ar deanamh cosmhuil ri neach aig nach biodh ach teine beag neo-shuilibhear g' a gharadh; ach n' mi-foighidinn a sgapadh, air dhoigh 's gu' n cur e' n tigh na theine mu' n cuairt dhuinn, agus ar cuir an cunnart. Gnàth. xxv. 28. "Mar chathair briste sìos gun bhalladh, tha am fear aig nach 'eil ceannsal air a spiorad féin."

2. Giùlainmid e le *treubhantas Chriosduidh*, gun bhi neo-mhisneachail, — *no fannachadh 'nuair a chronaichear leis sinn*. Eabh. xii. 5. 'S e obair Shatain a bhi lubadh no briseadh spiorad neach leis a' chamadh, agus gu tric le a lubadh tha e 'g a bhriseadh: 'S e ar n-obair-ne bhi 'g a ghiùlan gu còmhnard, a' stiùradh cùrsa meadhonach, air eagail gu' m brisear 'n ar mìribh sinn air na creagaibh air aon làimh no làimh eile. N' bheil ar sonas air fhilleadh ann an co'-fhurtachd thalmhaidh sam bith, n' mo dh'fhàgas easbhuidh aon air bith dhiubh truagh sinn. Hab. iii. 17, 18. Mar so tha sinn gu dol air adhart gu dìongmhalta, a' cur suarrach gach cruaidh-chas le d'imeas naomh. Iob xvii. 9. "Cumaidh an duine cothromach a shlighe, agus gheibh esan a ta glan 'n a làmhaibh tuilleadh neirt."

Ceist. C' uin a mheasar neach a bhi air tuiteam fo thuilleadh 's a ch'oir do mhi-mhisneach leis a' chamadh a tha 'n a chrannchur?

Freag. 'Nuair bheir e buaidh air co mòr agus gu'm fàg se e neo-iomchuidh gu bhi comhlionadh dleasnais a ghairme aon chuid mar dhuine no mar Chriosduidh. Feudaidd sinn a bhi cinnteach gu bheil ar doilghios neo-measarradh, ma dh'fhàg e sinn neo-iomchuidh air son gnothaichean cumanta na beatha dh'ionnsuidh am bheil an Tighearna 'g ar gairm. 1 Corint. vii. 24. Faic ciod a th'air iomradh chum cliùth Abrahaim, Gen. xxiii. 3, 4. No ma dh'fhàg e sinn neo-iomchuidh air son dleasnais na diadhachd, 'g am bacadh gu tur. 1 Pead. iii. 7.—“Chum nach bacar bhur n-ùrnuighean;” no dean-amh neach tur eu-dochasach annta. Mal. ii. 13.

3. Giùlainmid e gu *bunnachdail*, chum 's gu'm faigh sinn tairbhe deth. Salm cxix. 71. “Is maith dhomhsa gu'n robh mi ann an àmhghar, chum gu foghlumainn do reachda.” Tha buannachd ri dheanamh dheth, Rom. v. 3, 4, 5, agus gu cinnteach tha 'n camadh a tha 'n ar crannchur air a dhroch riaghailteachadh mar faigh sinn math spioradail air chor-eiginn dheth. Eabh. xii. 11. Tha'n camadh 'n a sheòrsa cungaidh-leighis spioradail: agus mar is diomhain dhuinn searbh-bhlas agus goirteasan na purgaid sin, nach glan air falbh droch leànn-tath air bith; mar sin is camadh neo-fheumail, agus is diomhain a shearbhalachd leis nach deanar ni's fearr sin. Isa. xxvii. 9. “Uime sin, leis a so glanar aingidheachd Iacoib air falbh; agus is e so an toradh uile a thabhairt air falbh a pheacaidh.”

Chum an earail so fharrach. Thoir fainear.

Argumaid. 1. Cha ghabh e dìreadh fhad sa chù *Dia* iomchuidh fhàgail càmh. Cia b'e mar ghiùlanas sinn e, agus cia b'e ionnsuidh a bheir sinn air a dhìreadh fanaidh e neo-ghluasadach mar air a dhaingneachadh le cuibhreachaibh umha agus iarunn. Iob xxiii. 13, 14, “Ach tha e 's an aon bheachd, agus co d'iompaicheas e? agus an ni is

miann le 'anam, sin ni e. Oir coimhlionaidh e an ni a dh'òrduicheadh dhomhsa, agus tha mòran d'an leithidibh sin aige." Nach e ar gliocas, ma ta, an ni is fearr a dh'fheudas sinn a dheanamh d'an ni nach urrainn sinn a leasachadh? uime sin, deana-
maid subhaile dheth ar n-eiginn. An ni nach gabh leigheas 's fheudar fhulang, agus is còir a ghiùlan le strìochdadh Criosduidh.

2. Ni giùlan mi-chuimear fo'n chamadh am *pian* gu ro mhòr a mheudachadh. Ciod a tha deanamh na cùinge co goirt d'ar muineal, ach sinn a bhi sìor strì 'n a h-aghaidh, agus nach leig sinn leatha luidhe socrach oirnn. Ier. xxxi. 18. Cia tric a tha sinne 's a chor sin mar dhaoine bhiodh a' bualadh an cinn ri creig? Cha'n urrainn iad le so a chreag a ghluasad, ach tha iad féin air an lot, agus a' faotainn mòr chàll le bhi strì rithe. Tha mi-fhoighidinn fo'n chamadh a' deanamh na h-eallaich ni's ro thrùime, agus 'g ar deanamh-ne ni's laige, agus ni's neo-chomasaich air a giùlan.

3. 'S e 'n camadh a th'ann do chrannchur an *dearbhadh* àraid a ròghnaich Dia gu do thomhas a ghabhail leis. 1 Pead. i. 6, 7. Is e teine Dhé e leis am bheil e dearbhadh ciod a mhéinn dheth'm bheil daoine; clach dhearbhaidh fhlaithenais gu bhi leigeadh ris nam fìor Chrìoduidhean agus nan cealgairean. Tha cuid a sheasas ri iomadh dearbhadh eile nach urrainn so idir a ghiùlan, dearbhaidh an camadh 's a' chrannchur iad a bhi mifhallain. Marc x. 21, 22. Smuanaich ma ta ort féin, fo na chamadh. A nis, 's e so dearbhadh mo chor: feumaidh mi leis a so bhi air mo dhearbhadh, an darna cuid, tréibhdhìreach no 'n am chealgair. Oir (1.) An urrainn neach a bhi 'n a sheirbhiseach dìleas do Chrìosd mar bi e comasach air a chrannchur a thoirt tharais dha? Nach 'eil gach aon a tha teachd gu tréibhdhìreach chum Chrìosd a' tighinn le làimh fholaimeh. Gnìomh. ix. 6.

Salm xlvii. 4. Agus nach 'eil e 'g innseadh dhuinn, a dh'easbhuidh an t-suidheachaidh inntinn so, nach sinn a dheisciobul. Luc. xiv. 26. "Ma thig neach air bith do m' ionnsuidhse, agus nach fuathaich e 'athair, agus a mhàthair, agus a bhean-phosda, agus a chlann, agus a bhraithrean, agus a pheathraichean, seadh, agus a bheatha mar an ceudna, cha'n 'eil e 'n comas da bhi 'n a dheisciobul dhomhsa." Theagamh gu bheil thu am mothachadh gur urrainn thu géill a thoirt anns na h-uile nithibh ach sin: Ach nach mill an t-aon *ni sin* na h-uile nithe eile? Marc x. 21. An cualas riamh neach a rinn dùnadh firinneach ri Criosd, agus aon ni bhi dh'easbhuidh air; aon ni anns an robh e féin iomchuidh a bhi 'n a uachdaran air féin?

Ceist—Am bheil a leithid sin a dh'inntinn no uidheamachadh roimh laimh, a dh'fheumas a bhi againn m'an creid sinn? Agus ma tha, co as a gheibh sinn e? Am bheil e 'n comas duinn oibreachadh a mach le ar cumhachd nàdurach?

Freag.—Cha'n 'eil, ach feumaidh e bhi còmhladh ri creidimh 'n a cho'-chuideachd, a' sruthadh bho'n aon fhoillseachadh slàinteil ann an eòlas air Criosd, leis am bheil an t-anam air a thoirt gu bhi creidsinn ann. Leis a so tha'n t-anam 'g a fhaicinn 'n a Shlànuigh-ea foghainteach, agus mar sin ag earbs ann air son slàinte; 'g a fhaicinn 'n a Thighearna cothromach agus na riaghlear uile ghlic, agus mar sin a' toirt thairis a chrannchur 'n a làimh. Mat. xiii. 45, 46. Air d'an anam a ghabhail mar Shlànuigh-ea, tha e 'g a ghabhail mar an ceudna mar cheann agus mar uàchdaran. 'S e Criosd a bhi 'g a thoirt féin dhuinne agus sinne 'g a ghabhail a bheir oirnn dealachadh ri nithibh eile air a shon, ceart mar is e'n solus a sgaoileas air falbh an dorchadas.

Còr.—Mo thruaighe! cha'n urrainn mise, le m' uile chridhe, mo crannchur a chur fa ghéill dha 's a phùinc sin.

Freag.—Cha bhi 'n *strìochdadh* so dh'easbhuidh *gleachd*; cha strìochd an seann duine gu bràth a chrannchur dha, agus 'nuair a tha'n duine nodha tre ghràs 'g a strìochdadh, bithidh an seann duine a' sior chur 'n a aghaidh. Gal. v. 17, "Oir a ta 'n fheòil a' miannachadh an aghaidh an spioraid, agus an spiorad an aghaidh na feòla, agus a ta iad sin an aghaidh a cheile ionnas nach faigh sibh na nithe bu mhiann leibh a dheanamh." Ach am bheil thu gu tréibhdhìreach a' miannachadh, agus gu gnàthaichte 'g oidhearpachadh strìochdadh dha 's a' chrannchur? Am bheil thu tionndaidh bho'n ghleachd mhi-ghrasmhòr an aghaidh a' chamaidh, gu bhi gleachd ri do chridhe féin chum a thoirt gu ùmhlachd, a' creidsinn a' gheallaidh, agus a' cleachdadh nam meadhona air a shon, air dhuit a bhi air do chràdh bho do chridhe nach urrainn thu strìochdadh do'n chamadh? 'S e so a bhi strìochdadh do thoil Dhé anns a' chrannchur a réir mìneachadh caomhail an t-soisgeil. Rom. vii. 17, 20; 2 Corint. viii. 12. Nam faigheadh tu do roghainn, nach b'fhearr leat do chridhe bhi strìochda do'n chamadh na 'n camadh a bhi air a dhìreadh a réir miann do chridhe. Rom. vii. 22, 23. Agus nach 'eil thu ann am firinn ag oidheirpeachadh a bhi réidh ris a dh'aindeoin *eas-aontachaidh* na feòla. Gal. v. 17.

2. C'àit am bheil an *fhéin-aicheadh* Chrìosduidh, agus togail a *chroinn-cheusaidh*, a dh' easbhuidh strìochdadh do'n chamadh? 'S e so a' cheud leasan a chuir Crìosd an làimh a dheisciobuil. Mat. xvi. 24. "Ma 's àill le neach air bith teachd a' m' dheighse, àicheadhadh se e féin agus togadh e air a chrànn-ceusaidh, agus leanadh e mise." Dheanadh féin-aicheadh neach réidh ris a' chamadh agus toilichte leis a' chrànn-cheusaidh: Ach, an uair nach fhuiling sinne ni sam bith a bhi air aicheadh d'ar féin thruaillidh, agus gu sònruichte ni sam

bith tha Dia a' faicinn iomchuidh aicheadh dh'i air doigh àraid, cha'n urrainn sinn an camadh a tha 'n ar crannchur a ghiùlan, ach cogaidh sinn 'n a aghaidh air taobh na féine.

3. C'àit am bheil ar co'-choslas ri Criosd mar urrainn sinn strìochdadh do'n chamadh? Agus cionnus a dhearbhar gur Criosduidhean sinn a dh'easbhuidh co'-choslas ri Criosd? "An tì a their gu bheil e fantuinn annsan, is còir dhàsan mar an ceudna gluasad, eadhon mar a ghluais esan." 1 Eoin ii. 6. Bha camadh bithchionta an crannchur Chriosd, ach strìochd e dha. Phil. ii. 8, "Agus air dha bhi air fhaotuinn ann an cruth mar dhuine, dh'irioslaich se e féin agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a chroinn-cheusaidh." Rom. xv. 3. "Oir cha do thoilich eadhon Criosd e féin," &c. Agus mar sin feumaidh sinne dheanamh ma's àill leinn sinn féin a dhearbhadh 'n ar fìor Chriosduidhean. Mat. xi. 29; 2 Tim. ii. 11, 12.

4. Cionnus a dhearbhar gur sinn fìor chloinn chaomhail Dhé ma bhios sinn a' sìor chogadh ris a' chamadh? Cha'n urrainn sinn a bhi 'g ùrnuigh, "Ar n-Athair—Deanar do thoil air an talamh," &c. Mata vi. Ni h-eadh, 's e cainnt a' chleachdaidh sin, Feumaidh sinn ar toil féin fhaotuinn, agus cha'n urrainn sinn a bhi réidh ri toil Dhé.

Argumaid 4. Cha'n fhad a mhaireas déuchainn a' chamaidh an so. 1 Cor. vii. 31. Ged robh 'n obair goirt, 's ann mar is giorra mhaireas i is fhàsadh a ghiùlan. Cuiridh beagan do laithibh no do bhliadhnaibh mar is faide crìoch air an déuchainn so. Na abair nach fhaigh thu lasachadh gu bràth uaipe, oir mur faigh thu lasachadh an taobhsa dha sin, gheibh thu aig a' bhàs e, ge b'e air bith na thig 'n a àit an deigh sin. Dh'fheudadh beachd cudthromach do'n bhàs agus do'n t-siorruidheachd a thoirt oirnn sinn féin a ghiùlan gu cubhaidh fo bhur camadh air son fhad 's a mhaireas e.

5. Nan suidhichmid sinn féin air dhoigh Chrìosduidh, chum an camadh a ghiùlan, gheibheamaid e mòran ni 's fhasadh na tha sinn a' saòilsinn.— Mata xi. 29, 30. “Gabhaibh mo chùing oirbh, agus fòghlumaibh uam, agus gheibh sibh fois d'ar n-anmaibh. Oir a ta mo chùingse so-iomchair, agus a ta m'eallach éutrom.” Cha 'n 'eil aig Sàtan rathad 's an dòcha e buadhachadh, na bhi toirt a chreidsinn air daoineibh, gu bheil e do-dheanta dhoibh an inntinn a thoirt gu bràth gu strìochdadh do 'n chamadh; 's gur eallach e tha tur do-iomchair. Fhad 's a chreideas tu sin, bi cinnteach nach tig an là bhios tu 'n comas a ghiùlan. Ach cha 'n 'eil an Tighearna deanamh camaidh an crannchur neach air bith, nach fheudar a ghiùlan air dhoigh a bhios taitneach dhasan, ged nach ann gu foirfe. Mata xi. 30. Oir a ta neart freagarrach dha sin air a dheanamh cinnteach anns a' chùmh-nant. 2 Corint. iii. 5. Philip. iv. 13, agus an uair a theid creidimh a dh' iarraidh nèirt as a' chùmh-nant, bheir e leis e gu cinnteach. Salm xxviii. 7.

6. Ma ghiùlanas sibh air dhoigh Chrìosduidh fo 'ur camadh an so, cha chàill sibh 'ur saothair, ach gheibh sibh tre Chrìosd làn duais nan gràs 's an ath-shaoghal. 2 Tim. ii. 12. 1 Corint. xv. 58. Tha beannachd air a chur an céill air an neach a ghiulaineas e, air an dearbh bhòn so, Seum. i. 12, “Is beannaichte an duine a ghiulaineas buaireadh; oir 'nuair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha, a gheall an Tighearna do 'n droing a ghràdhaicheas e.” 'S e flaitheanas an t-àite do'n gabhar iadsan a sheasas ri dearbhadh a' camaidh. Tais. vii. 14, —“Is iad so iadsan a thàinig á trioblaid mhòr; agus nìgh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.” Nuair a ruigeas sibh sin, cha bhi comharradh dheth an làthair an 'ur crannchur, ni mo bhios an ni a 's lugha do chuimhneachan an-

shocrach agaibh dheth; ach meudaichidh e 'ur n-aoibhneas, agus gléusaidh e 'ur moladh.

7. Mar giùlan sibh air dhoigh Chrìosduidh an camadh, caillidh sibh 'ur n-anama's an ath shaoghal. Iudas 15, 16. Iadsan a tha cogadh ri Dia 'n an crannchur an so, bithidh Dia a' cogadh riu-san gu sìòrruidh. Mar strìochd iad d' a chùing an so, agus mar imich iad gu sìòchail foidhpe, fighidh esan a' chùing gu bràth mu'm muineal, le cuibhreachaibh bith-bhuan, nach bi gu sìòrruidh air am fuasgladh. Iob ix. 4.

8. Ge b'e camadh a tha 'n crannchur neach air bith, tha e ro choslach gu bheil camadh folaiseach a' feitheamh na ginealaich so, a bhios ni 's ro dhéuchainniche.

Tha 'n là so 'n a là peacachaidh os ceann làithean ar n-aithrichean, 'n a là 's am bheil Dia a' deanamh camaidhean mòra ann an crannchur na muinntir is ro ionmhuinne leis féin; ach tha iad sin cosmhuil ri bhi a' roimh-innseadh gu bheil a leithid a chamadh coitchionn a' feitheamh na ginealaich, 's a dh'fhàgas ar camaidhean uaigneach air ro bheag cudthrom. 1 Pead. iv. 17, 18. Air an aobhar sin suidhichmid sinn féin chum an camadh a th' ann ar crannchur a ghiùlan gu cùbhaidh.

Ma tha sibh a' feòrach cionnas a ruigeas neach air a sin, bheir sinn air son seòlaidh.

TEAG. III.—*Tha beachd a ghabhail air a' chamadh crannchuir mar obair Dhé, 'n a mheadhon iomchuidh chum neach a thoirt gu giùlan gu ceart fodha.*

1. Bheir sinn fainear ciod e sin a bhi toirt an aire do'n chamadh mar obair Dhé, anns na cùig nithibh so.

'S a' cheud àite. A bhi fiosrachadh ciod an tobar bho bheil e 'g éiridh. Gen. xxv. 22. Tha mar-aon réusan agus diadhachd ag teagasg dhuinn, cha'n e a mhàin beachd a ghabhail air a' chamadh

nach urrainn dhuinn a sheachnadh, ach rannsachadh agus fiosrachadh mu 'n aobhar bho bheil e a' sruthadh. Gu cinnteach cha 'n e ar roghainn-ne e, ni mò cha 'n 'eil sinn a dh'aon obair 'g a dheanamh dhuinn féin; agus cha 'n 'eil ach faoineachd a bhi 'g ràdh gur tuiteamas a th'ann; cha d'fhàs e leis féin, ach air a chuir le làimh éiginn air ar son-ne. Iob v. 6. Agus tha sinn gu beachd a ghabhail do'n làimh bho bheil e a' teachd.

'S an dara dite. A bhi toirt an aire do làimh Dhé ann. Ge b'e làmh a th'aig creutair air bith anns a' chamadh, cha bu chòir dhuinn gu h-iomlan ar beachd a shuidheachadh air, ach amharc os ceann agus an taobh thàll dha ri oibreachadh làimh an àrd fhir-riaghlaidh. Iob i. 21. As eugais so tha sinn a' deanamh Dia do'n chreutair a tha 'n a mheadhon ann a bhi deanamh a' chaimaidh, ag amharc air mar gu'm b'e a' mhàthar-aobhair, ni a bhuineas gu sònruichte do Dhia, Rom. xi. 36, agus mar sin bheir sinn sinn féin fo'n bhinn sin. Salm xxviii. 5, "A chionn nach toir iad an aire do ghnìomharaibh an Tighearna, no do obair a làmh, sgriosaidh e iad, agus cha tog e suas iad."

'S treas àite. A bhi 'g a nochdadh dhuinn féin mar obair Dhé, a dh'oibrich e 'n ar 'n aghaidh-ne air son crìochan naomh agus glic, freagarrach d'an iomlanachd néamhaibh. 'S e so am beachd ceart a ghabhail do'n chamadh, agus an rathad bho 'm bheil giùlan gu h-iomchuidh fodha teachd. Cha 'n 'eil e gu bràth tearuinte gun an aire ghabhail do Dhia anns a' chamadh, ach gle thearuinte gun an aire ghabhail do'n chreutair, 'g a chur as leth Dhé, mar nach biodh gnothach aig laimh air bith eile ris, do bhrìgh gur e' làmh-san an còmhnuidh fìor aobhar na cùis. "Is e 'n Tighearn a th'ann: an ni sin a ta maith 'n a shuilibh, deanadh e." 1 Sam. iii. 18. Mar so cha do ghabh Daibhidh sùim air bith do

Shimeì, ach dh'amhairc e ri Dia a thaobh na cùis mu'n do mhallaicheadh e; coslach ri neach nach gabhadh aire sam bith do 'n tuaidh, ach a bheachdaicheadh gu géir air-san a bha 'g a làimhseachadh, An so tha dà ni ri thoirt fainear.

1. *Ordugh* Dé a rùnaich an camadh sin air ar son-ne bho shiorruidheachd: "oir tha e 'g oibreachadh nan uile nithe réir comhairle a thoile féin." Ephes. i. 11, an leabhar a th'air a shéuladh anns am bheil sgrìobhta gach *riaghan* dubh a tha deanamh a' chamaidh. Ge b'e gleann do dhorchadas, do chràdh, agus do bhròn troimh am bheil sinne air ar giùlan, tha sinn gu amharc orra mar air an deanamh leis na beanntaibh umha sin, eadhon, ruintean Dhé a ta neo-ghluasadach. Sach. vi. 1. Cha'n urrainn so bhi 'n a an-danadas air bith anns a chùis sin, mar giùlan sinn e ni 's faide na tha'n t-aobhar a' dol ann ar sealladh agus ann ar faireachadh féin; oir an fhad sin tha'n leabhar air fhosgladh dhuinne chum amharc a steach ann.

2. Tha *freasdal* Dé a' toirt a' chamaidh mu'n cuairt air ar son-ne ann an àm. "Am bi dòrainn ann am baile, 's nach e'n Tighearn a chuir ann e?" Amos iii. 6. Cha'n urrainn ni sam bith tachairt dhuinn as éugais-san anns am bheil sinn beò. Ge b'e làmh a dh'fheudas a bhi aig na creutairibh ann an deanamh ar camaidh, ciod sam bith a rinn no nach d'rinn iad da thaobh, is esan an Tì a ta cur gach cuibhle chruthaichte air ghluasad, agus nan sguireadh esan stadadh iadsan uile; ged tha e 'n còmhnuidh neo-chrìochnach fìor-ghlan 'n a ghniòmharaibh, ge b'e co neo-ghlan 's a tha iadsan 'n an ghniòmhara féin. Thug Iob an dà ni so fainear, caib. xxiii. 14.

'S a cheathramh àite.—A bhi gnàth smuaineachadh air mar obair Dhé. Cha'n e aon phladha do'n t-suil a thoirt air, an doigh cheart, ach meur-

achadh agus beachdachadh gu socrach air mar obair-san.

1. Tha sinn gu bhi gnàth-smuaineachadh air so: do bhrìgh 's gur ni-éiginn do chruaidh-chas mairsinneach an camadh, air an aobhar sin bu chòir do'n smuain so, mar an leigheas, a bhi an còmhnuidh air a cumail an cleachdadh. Tha smuaintean eile thuilleadh air so a dh'fheumas sinn a ghabhail a stigh, air chor 's nach urrainn dhuinn e bhi 'n còmhnuidh a dh'aon obair ann ar n-inntinn; ach feumaidh sinn a chur sìos mar raighailt shuidhichte, a réir 's mar tha sinn gus an camadh a riaghladh, agus an cridhe chumail ann am fònn, leis an tig e chum air cuimhne, a réir 's mar bhios feum àraid air a shon.

2. Air ar cleachdadh ann, mar bhios aobhar air, Co luath 's a mhothaicheas sinn cràdh a' chamaidh, bu chòir dhuinn an leigheas so a chleachdadh; 'nuair a thòisicheas a chuing ris a' mhuinneal a chiurradh, bu chòir an t-ungadh spioradail so a cho'-chur. Agus ge b'e co tric 's a mhothaicheas sinn an cràdh, 's e ar gliocas an t-ùngadh a cleachdadh mar an leigheas iomchuidh; mar is tric a ghnàthaichear e, 's ann is fhasadh dhuinn fhaotuinn, agus, mar an ceudna, 's ann is ro eifeachdaich e.

'S a chuigeamh áite.—Ann a bhi 'g a thoirt fainear chum na crìche air son an do rùnaicheadh e dhuinne, eadhon, chum ar toirt gu giùlan umhal fodha.—Bheir truailleachd dhaoine orra smuaineachadh air an doigh so; agus mar a ta bharail truailidh, mar sin bithidh a' chrìoch agus a' thoradh truailidh, mar an ceudna. 2 Rìgh. vi. 33. “Feuch, tha'n t-olc so o'n Tighearna; c'ar son a dh'fheithinnse air an Tighearna ni 's faide?” Ach feumaidh sinn a thoirt fainear, agus a ghnàthachadh chum crìche mhath, ma's àill leinn gu'm faigh sinn math dheth, 'g a ghabhail mar bhrosnachadh feumail chum ar giùlan fo 'n chamadh a riaghailteachadh.

II. Cionnus a thuigear e bhi 'na *mheadhon* iomchuidh chum neach a thoirt gu giùlan gu ceart fo'n chamadh.

1. Cha 'n ann mar gu'm biodh e foghainteach dheth féin, agus mar a ta e ann féin, air an toradh sin a thoirt a mach. Ach,

2. Mar a ta e air a chleachdadh ann an creidimh, ann an creidimh an t-soisgeil ; is e sin ri ràdh, Cha'n e beachd lòm a pheacaich d'a chamadh crannchuir, mar obair Dhé, as éugais dàimh thearnaidh air bith ris, an doigh gu giùlan gu ceart fodha ; ach air dha creidsinn ann an Iosa Criosd, agus Dia a ghabhail mar a Dhia, agus mar an ceudna gur ann do obair Dhé an camadh, is e sin, a Dhia-san, am meadhon iomchuidh chum a thoirt gus an suidheachadh inntinn agus an giùlan taitneach sin. Tha mòran do luchd-eisdeachd am mearachd an so. 'Nuair a chluinneas iad a leithid so no leithid sud a chùmhanta lagha air an ainm-eachadh chum an toirt gu ùmhlaichd, air bàll tha iad a' smuineachadh, gu'm buannaich iad a' chùis le an neart-san a mhain. Mar an ceudna, tha mòran do luchd-teagaisg ann, a tha dì-chuimhneachadh Chriosd agus an t-soisgeil, a tha le neart réusan a' gabhail orra Criosduidhean a dheanamh do dhaoine ; tha an sùilean araon air an cumail, air chor 's nach 'eil iad a' faicinn truailidheachd nàdur dhaoine, a tha co mòr 's gu'n chuir e 'm fìor leigheas os ceann neirt réusain ; 's e beagan do dhroch cleachdaidhean, an t-iomlan do'm bheil iad seadhail, nithe a tha iad am barail a dh'fheudas a bhi air an crathadh dhiubh le dian chleachdadh a dheanamh do an comasaibh réusantach féin. Chum a' chùis so a shoilleireachadh, thugaibh fainear,

'S a cheud àite. Am bheil e réusantach a smuaineachadh gu'n cuirte 'n duine thuit, le nàdur air a thruaillleadh a dh'obair an aon rathad ri Adhamh neo-chiontach ? Is e sin na feumaich a chuir

coimeas ris a' mhuinntir shaoibhir, na bacadh a chuir air aon turas riu-san aig am bheil comas am búill. Bha stoc do chomasaibh gràsmhor aig Adhamh neo-chiontach, leis am feudadh e, le neart breithneachadh réusantach, gach dleasnas a chois-lionadh gu ceart. Ach c'ait' am bheil sin againne? 2 Cor. iii. 5. "Cha'n 'eil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith a smuainteachadh mar uainn féin: ach is ann o Dhia a ta ar foghainteachd." Ge b'e neart a ta annta do anam anns am bheil beatha spioradail, ciod an neart a ta annta chum na màirbh, mar a ta sinne thogail? Ephes. ii. 1.

'S an dara àite. Tha'n sgrìobtuir gle shoilleir air a cheann so, a' nochdadh feum do-sheachaint' a' chreidimh. Eabh. xi. Agus sin an creidimh a dh'aonas ri Crìosd. Eoin xv. 5. "As m'eugmhais-sa," is e sin, dealaichte uamsa, "cha'n urrainn sibh aon ni a dheanamh;" cha'n urrainn eadhon leis gach breithneachadh reusantach is urrainn sibh a ghnàthachadh. Cionnas a thugadh na deich àitheanta air beinn Shinai? Cha'n ann mar aig agairt dleasnais agus ùmhleadh, ach a' toiseachadh leis an t-soisgeul, chum a bhi air a chreidsinn 's a' cheud àite, "Is mi an Tighearna do Dhia," &c. Mar an ceudna tha Solamh, neach ris nach 'eil mòran a' gabhail mar Sgrìobhadair air a dheachdadh a tha treorachadh chum Chrìosd, ach mar fheallsanach beusach, a' toiseachadh a sgrìobhaidhean ann an toiseach a Gnàth-fhocail, le fìor shoisgeul. Agus feumaidh sinn e bhi gu soilleir air aithris ann ar Bioballaibh maille ris gach àithne bheusach, air neo ar suilean a dhùnadh, agus na h-àitheanta so ghabhail as eugais; is e sin toradh ar nàimhdeas a thaobh nàduir do Chrìosd. Nam b'e 's gu'n gradhaichmid e ni bu mhò, chitheamaid e an tuilleadh anns gach taobh duilleig, agus anns gach àithne, a' gabhail an lagh bho 'bheul-san.

S' an treas àite. Thugaibh fainear ciod e a bhi giùlan gu ceart fo'n chamadh crannchuir, ciod an irioslachd anma; ciod an fhéin-aicheadh, agus an strìochdadh iomlan do thoil Dhé a dh'fheumas a bhi ann? ciod an gràdh do Dhia bho'm feum e sruthadh; cionnas a dh'fheumas urram d'a ghlòir ar n-aomadh mar a' chrìoch àraid; feuchaibh agus faicibh mar 'eil e do-dheanta dhuibh ruigheachd air as eugais a' chreidimh sin a roimh-ainmicheadh. Tha fios agam gu'm feud Criosduidh ruigheachd air as eugais làn dearbhachd: gidheadh 's ann a réir an tomhais 's am bheil iad a' creidsinn gur e Dia an Dia-san, a bhios am buanachadh ann; tha iad so araon a' cumail co'ionann ceum. O ciod a' ghné chridheachan a tha iad am barail a th'aca féin, a tha smuaineachadh gur urrainn dhoibh an deanamh folamh do'n chreutair aon mhòmaint ni's faide na's urrainn dhoibh an lionadh le Dia, mar an Dia 'n a àite! Gun teagamh, feudaidd daoine, le neart breithneachadh reusantach iad féin a thoirt gu giùlan ceart fo'n chamadh, bho'n leth a mach, mar rinn iomadh Ana-criosduidh; ach cha ruigear gu bràth air suidheachadh spioraid Criosduidh fodha, as eugais creidimh ann an Dia.

Leithsgeul. “Ma's ann mar sin a tha chùis 's iad na naoimh a mhàin a ta comasach air feum a dheanamh do'n bheachd sin.

Freagradh. 'S iad gu cinnteach, agus do gach beachd reusantach eile, air-son fìor fheum Criosdail. Agus cha'n 'eil sin a' ciallachadh, ach gur ann a mhàin air son nam beo, aig am bheil comas am buill, a tha na seolaidhean sin chum imeachd gu ceart; agus uime sin chum gun dean sibh feum iomchuidh dheth, rùnaichibh creidsinn anns a' cheud àite.

III. *Daingnichidh* mi gu bheil e 'n a mheadhon *iomchuidh* chum neach a thoirt gu giùlan ceart fo'n

chamadh. Chithear so, ma bheir sinn fainear na ceithir nithe so.

1. Tha e ro fheumail chum ar 'n inntinn a thoirt bho bhi smuaineachadh air na nithibh so mu'n chamadh, a tha brosnachadh ar truailidh-eachd ; mar a ta, a bhi cuir bacadh air ar toil agus air ar 'n iarrtas, an taitneas a bhiodh againn anns a' chùis a dhol a réir ar càil féin, cia cronail, cia mi-reusantach, cia reasgach, &c., a tha inneal a chamaidh dhuinne. Cha'n 'eil ann a bhi smuaineachadh air na nithibh so ach seideadh teine 's an taobh a stigh ; ach bhiodh ar suilibh a thionndadh air mar obair Dhé 'n a leigheas air ann an rathad togail na h-inntinn dheth. 2 Sam. vi. 9, 10. Agus cha'n e a mhàin gu bheil a leithid sin a thogail air falbh air na smuaintibh ceadichte, ach iom-chuidh agus feumail.

2. Tha ullachadh modhannail ann chum an toradh math so thoirt a mach. Ged nach 'eil sinn air ar leigheas le neart reusain a mhàin ; gidheadh tha e air a thoirt air aghaidh, cha'n ann le gluasad bòrb ach an ann rathad reusantach. Eph. v. 14. Tha buaidh mhodhannail aig an ni so air ar reusan, a tha comasach eagal a chuir oirnn chum géill a thoirt dha, agus tha e toirt mòran argumaidean chum gu'n giùlanmaid air mhodh Criosduidh for ar camadh.

3. Tha e ri chreidsinn gu bheil e air òrduchadh le Dia chum na crìche sin, " Ann ad uile shlighibh aidich e, agus seòlaidh esan do cheumanna." Gnàth. iii. 6. Oir cha'n 'eil anns a' chreutair deth féin ach ni gun bhrìgh gun ghluasad, agus fìor dhìomhanas. Gnìomh. xvii. 28. 'S e òrdugh Dhé a ni meadhon air bith freagarrach chum na crìche sin. Mata iv. 4. Uime sin, cha'n 'eil ann an ni sam bith a ghnàthaichear chum na crìche sin, as eugais so a chreidsinn, ach a bhi deanamh Dia do'n chreutair ; uime sin, tha e gu bhi air a ghnathach-

adh ann an urradh ri Dia, a réir focail an òrduigh sin, 1 Tim. iv. 4, 5. Agus tha gach ni freagarrach do'n chrìoch chum an d'òrduicheadh e le Dia. Dh'òrduicheadh a ni so chum na crìche sin; agus uime sin tha e 'n a mheadhon freagarrach air a shon.

4. Feudar a bhi 'g earbsa gu'n oibrich an Spiorad leis, agus tha e 'g oibreachadh leis annta-san a ta creidsinn, agus a tha 'g amharc ris air a shon, do bhrìgh gur meadhon e a dh'òrduich e féin. Tha Papanach, Laghalaich, agus gach uile neach shaobh-chràbhach, a' deilbhiomadh meadhon naomhaichidh, agus cha'n e a mhàin aig am bheil coslas, ach aig am bheil freagarrachd mhodhannail chum na crìche sin; ach tha iad buileach neo-eifeachdach, do bhrìgh gu bheil iad coslach ri Abana agus ri Pharphar, as eugais òrduigh Dhé chum ar leigheas do ar mùire; uime sin, cha'n 'eil an Spiorad ag oibreachadh leo, do bhrìgh 's nach iad a h-aon d'a mheadhonaibh-san, ach meadhonan a dheilbh an cridheachan féin. Agus a chionn gu bheil na meadhonan a dh'òrduich Dia neo-eifeachdach as eugais an Spioraid, cha'n urrainn iad so gu bràth a bhi eifeachdach. Ach air do'n ni so bhi air òrduichadh le Dia, tha'n Spiorad aig oibreachadh leis.

Feum. Uime sin, gabhaibh an *sedladh* so chum 'ur toirt gu giùlan ceart fo'n chamadh 'n ur crannchur. Cleachdaibh sibh féin ri bhi 'g a thoirt fainear mar obair Dhé. Agus a chum 'ur cobhair gu feum 'a dheanamh dheth, air dhoigh 's gu'm bi e eifeachdach, tairgeam na comhairlean so a leanas.

1. Thugaibh fainear e mar obair 'ur Dé ann an Criosd. 'S e so an rathad gu ùrachadh le gràs an t-soisgeil, agus mar sin gu dheanamh ni's so-ghiùlainte. Salm xxii. 1—3. Bheir a bhi faicinn làimh Athar anns a' chamadh mòran do'n t-searbhadas as,

agus ni e 'n leigheas ni's mìlse. Air an aobhar so bithidh e feumail, (1.) Dia a' ghabhail gu firinneach mar 'ur Dia fo 'ur camadh. Salm cxlii 4, 5. (2.) Ann 'ur 'n uile chòmhrag ris a' chamadh, creidibh gu seasmhach, agus tagraibh 'ur còir ann-san, 1 Sam. xxx. 6.

2. Gabhaibh beachd ni's farsuinge air a' chamadh le bhi sealltuinn air an *dàimh* anns am bheil Dia agus a *bhuadhan* a' co'sheasamh dhuibh. Thugaibh fainear gur e obair 'ur Dé e, obair 'ur 'n Athar, 'ur Brathar is seine, 'ur Ceann, 'ur Fear-posda, &c., agus gu bheil e gu cinnteach air son 'ur math. Thugaibh fainear a naomhachd agus a cheartas, a tha nochdadh nach 'eil e deanamh eucoir oirbh; a thròcair agus a mhaitheas, nach 'eil 'ur còr ni 's miosa; àrd-uachdranachd, a dh'fheudas 'ur riarachadh anns a' chùis.

3. Thugaidh fainear ciod an earrann do *dh'obair* Dhé a ta ann, cionnus a ta e 'n a obair mhothachaidh, gu peacadh a thoirt chum na cùimhne; na obair chronachaidh, chum 'ur smachdachadh air son 'ur 'n amaideachd; no obair bhacaidh, chum 'ur dùnadh suas bho shlighibh a' pheacaidh, ni as eugais chum am biodh sibh ullamh gu ruith; na obair dhearbhaidh, chum 'ur staid, 'ur gràsan, agus 'ur truailidheachd fhoillseachadh; na obair chuir air dial, chum 'ur cuir air dial bho'n t-saoghal, agus 'ur 'n ullachadh air son nèimh.

4. Ann ar 'n uile smuaintibh mu thimchioll, air a' mhodh so, amhaireibh suas air son a Spioraid chum an deanamh eifeachdach. 1 Cor. iii. 6. Gu ma h-ann a ghiùlanas sibh mar so fodha air mhodh Criosduidh, gus an dìrich Dia e aon chuid an so ne air nèamh.

GNATH. XVI. 16.

Is fearr a bhi do spiorad iriosal maille riu-san a ta ciuin, na a' chreach a roinn maille ris na h-uaibhrich.

Nam b'urrainnear daoine a thoirt aon uair gu chreidsinn, gu'm b'fhearr dhoibh an inntinnean a lùbadh ri'n camadh crannchuir, nan camadh a dhìreadh a réir an càil, an sin bhiodh iad air an rathad cheart chum an cùisean a thoirt gu deadh bhuil. Eisdibh ma ta ri breith Dhé anns a' chùis sin. “Is fearr a bhi do spiorad iriosal maile riu-san a ta ciuin, na a' chreach a roinn maille ris na h-uaibhrich.” Anns na briathraibh sin.

'S a' cheud àite. Tha coimeas air a shuidheachadh, eadar dà phàirtidh, agus dà phùinc anns am bheil iad aig eadar-dhealachadh gu mòr.

1. 'S iad na pàirtidhean a' mhuinntir *iriosal* agus a' mhuinntir *àrdanach*, a ta 'g eadar-dhealachadh mar a ta na nèamha agus meadhon na talmhainn: tha mhuinntir àrdanach an còmhnuidh a' streapadh suas, agus ag éiridh gu h-àrd; tha mhuinntir iriosal toilichte le bhi màgaran air an làr, ma's e sin toil Dhé. Gabhamaid beachd orra ni's ro shònruichte mar a ta 'm bònn teagaisg 'g an nochdadh.

1. Air an darna làimh tha mhuinntir *iriosal*. An so tha earrann araon air a leughadh, agus air a mìneachadh leis an Spiorad Naomh, agus cha'n 'eil iad ag eadar-dhealachadh ach a mhàin ann an litir; 's e cheud droing a' mhuinntir bhochd a ta fo amhghar, a tha iosal 'n an cor; an dream aig am bheil camadh comharraichte 'n an crannchur a thaobh trioblaid a leagadh orra, leis am bheil an staid air a deanamh iosal anns an t-saoghal. 'S

iad an dara droing a' mhuinntir mhacanta no chiuin agus iriosal, a tha iosal 'n an spiorad, co math 's 'n an staid, agus aig am bheil an inntinnean air an toirt a mhàin a réir an crannchuir. Tha 'n da chuid so a' deanamh suas cliù na muinntir iriosail so.

2. Air an làimh eile tha mhuinntir àrdanach, ùallach, agus àrd-inntinneach. Tha e air a smuaineachadh an so gu bheil trioblaidean, agus camaidhean 'n an crannchur-san mar an ceudna ; oir, is comharradh air buaidh a bhi roinn na creiche, agus tha buaidh a' cur an céill gu'n robh cath ann.

2. 'S iad na pùincean anns am bheil na pàirtidhean so ag eadar-dhealachadh, eadhon, a bhi do spiorad iriosal, agus a' roinn na creiche.

Feudaidh a' mhuinntir iriosal agus a ta fo àmhghar air uairibh an cor fhaotuinn air atharrachadh, feudaidh iad a bhi air an togail suas air ionad àrd, agus a' chreach a roinn, mar a rinn Hanna, Iob, &c. Feudaidh na h-uabhraich air uairibh a bhi air an tilgeadh sìos agus air am bruthadh, mar bha Pharaoh, Nebuchadnesar, &c. Ach cha'n i sin a cheist, Co dhiubh is feàrr a bhi air ar togail suas maille riu-san a ta iriosal, no air ar tilgeadh sìos maille riu-san a ta àrdanach ? Cha bhiodh dragh air bith anns a cheist sin a fhreagradh.

Ach 's i cheist, Co dhiubh is feàrr a bhi do spiorad iosal agus iriosal, ann an staid iosal, maille riu-san a ta iriosal agus fo àmhghar, no neach a thoil féin fhaotuinn, agus a' chreach a roinn maille ris na h-uabhraich ? Nan labhradh daoine fìor smuaintean an cridhe, rachadh a cheist sin a fhreagairt calg-dhìreach an aghaidh a' bhùinn-teagaisg. Uime sin, is iad so na pùincean a th' air an coimeasachadh, agus a th' air an cur ri aghaidh a cheile an so. (1.) Air an darna làimh, a bhi do spiorad iriosal maille ris a' mhuinntir chiùin a ta fo àmhghar, (no mar tha e 's an Eabhra,) a bhi do spior

ad iosal, oir tha 'm focal anns a' cheud chainnt a' ciallachadh a bhi iosal ann an crannchur no ann an cor; mar sin 's i phùinc a th' air a sònruachadh an so, a bhi maille riu, no ann an cor na muinntir iriosal a ta fo àmhghar, aig am bheil an spiorad air a thoirt a mhàin chum a' chrannchuir iosail sin; isleachd an spioraid a' cothromachadh isleachd a' chrannchuir. (2.) Air an làimh eile, a chreach a roinn maille ris na h-uabhraich. 'S i phùinc a tha gu bhi air a toirt fainear an so, a bhi maille riu no ann an cor nan uaibhreach, aig am bheil an crannchur air a thoirt le fìor ainneart gu bhi réir an càil; mar a ta 'n dream, a tha meas gu bheil iad féin a' fulang eucoir, a' strìgh ann an cath ri 'n naimhdibh, a' toirt buaidh agus a' roinn na creiche a réir an toile.

'S an darna àite, A' bhreith a thugadh, anns am bheil a' cheud aon air a mheas ni 's feàrr nan aon mu dheireadh: "Is feàrr a bhi do spiorad iriosal maille riu-san a ta ciuin, na a' chreach a roinn maille ris na h-uaibhrich," &c. Nam biodh an dà phàirtidh so air an cur fa' r comhair-ne, b'fhearr dhuinn ar crannchur a' ghabhail maille riu-san a tha do staid iosal, aig am bheil an spioradan air an toirt a mhàin co iosal, r' an crannchur, na bhi maille riu-san a tha do spioradaibh uaibhreach àrdanach, aig am bheil an crannchur air a thogail suas a réir an càil. Is feàrr spiorad iriosal na staid air a h-àrdachadh.

TEAGASG.—*Tha ginealach ann do mhuinntir iriosal a ta fo àmhghar, aig am bheil an spiorad air isleachadh agus air a thoirt a mhàin a réir an crannchuir, aig am bheil an cor anns an doigh sin, ni's feàrr na cor na muinntir àrdanach a tha faot-uinn nan uile nithe réir an toile agus an càil.*

I. Bheir sinn fainear ginealach na muinntir irios-

ail a ta fo àmhghar, aig am bheil an spiorad air a thoirt a mhàin a réir an crannchuir.

Annas a' cheud dìte. Cuiridh sinn sìos beagan do bheachdaibh coitchionn mu'n timchioll.

1. Tha 'n leithid a ghinealach anns an t-saoghal, olc 's mar ta e. Tha 'm bònn teagaisg gu soilleir 'g an ainmeachadh, agus tha 'n sgriobtuir ag deanamh luaidh orra ann an earrannaibh eile; mar ann an Salm ix. 12, agus x. 12; Mata v. 3; Luc. vi. 20. C'àit' an iarr sin air an son? Cha'n ann air nèamh, oir cha'n 'eil a h-aon fo àmhghar an sin; no ann an ifrinn,—cha'n 'eil a h-aon chiuin no iriosal an sin, aig am bheil an spiorada air an toirt a mhàin a réir an crannchuir. Uime sin, feumaidh e bhi gur anns an t-saoghal so tha iad, far am bheil staid na deuchainn.

2. Mar biodh a' chuis mar sin, cha bhiodh luchd-leanmhuinn air bith aig Criosd mar a bha e 's an t-saoghal. B'esan ceann na ginealaich sin, agus tha iad uile a' leantuinn 'eiseimpleir. “Fòghlum-aibh uam, oir a ta mise macant' agus iriosal an cridhe.” Mata xi. 29. Agus air son onoir-san, agus onoir a' chroinn-cheusaidh, cha bhi 'n saoghal gu bràth a dh'easbhuidh orra am feadh a mhaireas e. Rom. viii. 29. “An dream a roimh-aithnich e, roimh-òrduich e iad mar an ceudna, chum bhi comh-chosmhuil ri dealbh a Mhic.” Tha iomhaighs' a' co'sheasamh anns an dà ni so, fulangas d'am priòmh-earrainn irioslachd.

3. Gidheadh tha iad gu cinnteach gle ainneamh anns an t-saoghal. Tha Agur a' toirt fainear, gu bheil ginealach eile ann (Gnàth. xxx. 13.) “Tha'n sùilean àrda, agus fabhraidhean an sùl air an togail suas”) a tha calg-dhìreach 'n an aghaidh so, agus is iad so a' chuideachd is mò gu mòr. Cha'n 'eil an crannchur iosal trioblaideach co ro ainneamh, ach 's ainmig a tha fònna iriosal spioraid cùing-cheangailte ris. Is iomadh spiorad àrdanach a

tha fantuinn àrdanach a dh'aindeoin ilsead an crannchuir.

4. Cha'n urrainn dhoibh a bhi ni's lionmhoire ann an àireamh na fìor phobull Dé ; oir cha toir ni's lugha na gràs Dhé inntinnean dhaoin' a mhàin bho'n àirde nàdurrach, agus an toil a dheanamh réidh ri toil Dhé. 2 Cor. x. 4, 5. Feudaidh daoine bhi gabhail orra bhi umhailt do chrannchur iosal àmhgharach, do bhrìgh 's nach urrainn dhoibh a leasachadh, agus gu bheil iad a' faicinn gur dìomhain a bhi strì 'n a aghaidh ; ach 's e gràs irioslachaidh, a dh'fheumas an spiorad a thoirt gu fìrinneach d'a ionnsuidh.

5. Ged is ann do'n ghinealach sin a tha pobull Dé uile, gidheadh tha cuid dhiubh d'am buin an comharradh sin ni's ro shònruichte. Tha'n t-slighe gu nèamh tre iomadh àmhghar do na h-uile, Gnìomh. xiv. 22, agus gidheadh tha uile luchd-leanmhuinn Chrìosd air an deanamh réidh ris, Luc. xiv. 26, ach tha cuid dhiubh ni 's ro chomharrachaidhe air am fòghlum ris na cuid eile, aig am bheil an spiorad air irioslachadh leis, agus air a thoirt a mhàin a réir an crannchuir. Salm cxxxi. 2. "Gu deimhinn shocraich agus chiuinich mi m' anam, mar leanabh a chuireadh o chich a mhàthar ; mar leanabh a chuireadh o'n chich tha m' anamsa." Phil. iv. 11, 12. "Oir dh'fhòghluim mi, ge b'e staid am bheil mi, bhi toilichte. Is aithne dhomh bhi iosal, agus is aithne dhomh mar an ceudna pailteas a mhealtuinn : anns gach àit, agus anns na h-uile nithibh theagaisgeadh mi, araon pailteas a shealbhachadh agus uireasbhuidh fhulang."

6. Tha sealladh gle fhàbharach air a ghabhail anns na flaitheanas, do dh'fhònn iriosal anama, agus do rùn agus aomadh gnàthaicht' a' chridhe 's an t-suidheachadh sin. Nam b'e 's gun amhairemid air son ginealach a tha gu h-iomlan air an

glanadh bho àrdan agus bho mhòrchuis cridhe an aghaidh an crannchur àmhgharaich anns gach àm, cha'n fhaighmid a h-aon dhiubh anns an t-saoghal so ; ach 's e a' ghinealach a tha Dia a' meas iriosal, an dream a tha gu tréibhdhìreach aig oidheirp-eachadh agus a' deanamh an dìchioll chum ruigh-eachd air, agus a tha cumail slighe na h-ùmhlachd so riarachtaichte, ged tha iad air uairibh air an seideadh a leth-taobh, tha iad a' pilltinn d'a ionnsuidh a rìs. 2 Cor. vii. 12 ; Seum. v. 11.

'S an dara àite. Gabhaidh sinn beachd shònruichte d'an cliù, anns am bheil na trì nithe so.

'S a' cheud àite. Tha trioblaid an crannchur na ginealaich iriosail sin, a tha nì's feàrr na ghinealach àrdanach a tha soirbheachadh, is ginealach i do mhuinntir fo thrioblaid, a tha Dia a' cumail fo smachdachadh a' chùmhnaint. Feudaidh sinn a' gabhail anns na dha so :—

1. Tha cùing do thrioblaid a dh'aon seòrsa no do sheòrsa eile gu minig orra, Salm lxxiii. 14. Ma tha “tosd air nèamh,” cha'n 'eil e ach ré “leth-uaire.” Taisb. viii. 1. Tha Dia gu tric ag amharc orra, mar tha maighstir ag amharc air a sgoileiribh, agus mar a tha 'n lighiche air a mhuinntir euslainteach ; 'nuair a tha e, mar gu'm b'ann, a' dearmad dream eile. Taisb. iii. 19. Tha iad air an cleachdadh ris a' chùing, bho thàinig iad a steach do theaghlach Dhé. Salm cxxix. 1, 2, 3. Tha Dia 'g a faicinn math air an son. Tuir. iii. 27, 28.

2. Tha cùing shònruichte do thrioblaid, a chomharraich Dia air an son, a' leantuinn riu, agus is ann gle ainmig, ma tha iad idir, a' faotuinn lasachaidh uaip. Luc. ix. 23. 'S e sin an deuchainn àraid, 's e sin camadh an crannchuir, 's e sin a' chùing tha na luidh orra chum an cumail ann an gnàth chleachdadh. Feudaidh an deuchainnean eile bhi air am mùthadh, ach 's cudthrom a' chùing

sin a tha 'n còmhnuidh ceangailte riu, agus 'g an cromadh sìos.

'S an dara aite. Tha suidheachadh iriosal 'n an aigne agus 'n am fònn spioraid. Is ginealach iad do mhuinntir chiuin iriosal, a thug Dia le gràs an spioraid a mhàin, bho 'n ardan féin. Agus mar so,

1. Tha barail iosal agus shuarrach aca dhiubh féin: do na tha iad féin: 2 Cor. xii. 11., do na 's urrainn doibh féin a dheanamh; 2 Cor. iii. 5., d'am fiùthalachd féin; Gen. xxxii. 10., agus d'an toillteannas féin; Tuir. iii. 22. Air dhoibh beachd a' ghabhail orra féin ann an sgathan lagh agus iomlanachd Dhé, tha iad 'g am faicinn féin 'n am meall do neo-iomlanachd agus do pheacadh. Iob xlii. 5, 6.

2. Tha barail àrd agus urramach aca mu Dhia. Salm cxliv.

3. Tha iad air an teagasg leis an Spiorad ciòd e Dia; agus mar sin tha iad a' gabhail a steach smuaintean urramach mu thimchioll. Tha iad 'g a mheas mar Ard-uachdaran an t-saoghail, gu bheil iomlanachd neo-chrìochnaichte, agus 'obair comhlionta. Tha iad ag amharc air mar thobair an sonais, mar Dhia ann an Crìosd, a' deanamh nan uile nithe gu math; ag earsba ri 'ghliocas, ri 'mhaitheas agus ri 'ghaol, eadhon far nach urrainn doibh faicinn. Eabh. xi. 8.

3. Tha barail fhàbharach aca mu mhuinntir eile, co fhad 's a dh'fheudas iad ann an ceartas. Phil. ii. 3. Ged nach comasach dhoibh gun bhi toirt fainear an cionta folaiseach, gidheadh, tha iad ullamh gu'n oirdheirceas aideachadh, agus meas a bhi aca orra d'an réir. Agus do bhrìgh gu bheil iad a' faicinn iad féin a' mealtuinn ni 's mò do thròcairibh agus do shocharaibh chum ruigheachd air naomhachd, na tha iad a' faicinn muinntir eile a' mealtuinn, agus am mi-fheum a tha iad a' deanamh

dhiubh, tha iad ullamh gu amharc air muinntir eile mar ni's feàrr na iad féin, 'nuair a shàmhlucheas iad an coirean.

4. Tha iad gu h-iriosal ag aideachadh a bhi umhal do Dhia agus d'a thoil. Salm cxxxi. 1, 2. Togaidh an t-àrdan neach suas an aghaidh Dhé, bheir irioslachd e air ais g'a àite, agus cuiridh e sìos e aig cosaibh 'ard Thighearna, ag ràdh, "Gu deanar do thoil air talamh," &c. Cha'n 'eil iad ag iarraidh an riaghlaidh ni's mò, ach tha iad toilichte gu'n suidheadh Dia féin air stiuir an gnothaichean, agus gu'n riaghladh e 'n t-iomlan air an son. Salm xlvii. 4.

5. Cha'n 'eil iad ag iarraidh nithe àrda, ach tha iad a' rùnachadh a bhi toilichte le nithibh iosal. Salm cxxxi. 1. Bheir irioslachd a mhàin na smuaintean àrda, a tha 'n t-àrdan a' togail suas an aghaidh nèimh; tarruingidh e sgàile thar gach oirdheirceas agus airidheachd phearsonta an làthair an Tighearna, agus bheir e thairis an t-iomlan do'n bheil aig an duine do'n Tighearna, chum a bhi mar cheumaibh gu cathair a ghlòire. 2 Sam. xv. 25, 26.

6. Tha iad ullamh gu bhi 'g àrdachadh nan tròcairean a bhuilicheadh orra, Gen. xxxii. 10. Ni àrdan cridhe tàir agus dearmad air na tròcairibh a tha neach a' sealbhachadh, agus suidhichidh e 'n t-sùil air an ni a tha dh'uireasbhuidh air còr neach, 's ni e neach coslach ris na cuileagaibh, a theid seachad air na h-àitibh slàn, agus a chruinnicheas nan sgaoth air a' chréuchd. Air an làimh eile, tha irioslachd a' teagasg do dhaoinibh a bhi 'g ath-aithris nan tròcairean a tha iad a' mealtuinn anns a chòr is isle, agus comharradh a chuir air na nithibh math a sheilbhich iad, no tha iad a' seilbheachadh. Iob ii. 10.

'S an' treas àite. An spiorad air a thoirt a mhàin a réir an crannchuir. Is iosal agus is trioblaideach

an crannchur-san ; ach tha 'n spiorad cheart co iosal ris, air dha bhi troimh ghràs, air a thoirt a mhàin d'a réir. Feudaidd sinn a ghabhail anns na cúig nithibh so.

I. Tha iad ùmhal dha mar ni *ceart*. Mic. vii. 9. “Giùlainidh mi corruich an Tighearna, a chionn gu'n do pheacaich mi 'n a aghaidh.” Cha 'n 'eil cruaidh-chas air bith ann ar cor, ach sin a thug sinn oirnn féin ; uime sin, is ceart gu'm pògamaid an t-slàt, agus gu'm bitheamaid 'n ar tosd foidhpe, agus gu'n islichmid ar spiorad a réir ar crannchuir. Ma ghearanas iad, 's ann orra féin a ghearanas iad ; cha'n 'eil an cridheachan ag éiridh suas an aghaidh an Tighearna, 's ni 's lugha gu mòr a dh'thosglas iad am beòil an aghaidh nan neàmha. Tha iad a' firinneachadh Dhé agus 'g an dìteadh féin, tha iad a' cur urraim air a naomhachd agus air fhireanntachd gun smal 'n a ghnìomhachadh 'n an aghaidh-san.

2. Tha iad a' siubhal gu tosdach fodha mar ni so-fhulang. Tuir. iii. 26—29. “Is math bhi ann an dòchas, agus feitheamh gu fòil ri slàinte an Tighearna. “Is maith do dhuine chùing a ghiùlan 'n a òige ; suidhidh e 'n a aonar, agus bithidh e 'n a thosd, a chionn gu'n d'rinn e a giùlan. Cuiridh e 'bheul anns an duslach, ma 's teagamh gu'm bi dòchas ann.” Am feadh a tha'n spiorad neo-cheannsuichte air a chaothach fo'n chùing, coslach ri damh neo-chleachdta rithe, tha'n spiorad a tha réidh r'a chrannchur a' siubhal gu ciuin foidhpe. Tha iad a' faicinn gur ann do thròcairean an Tighearna nach 'eil a' chùis ni's miosa ; tha iad a' togail na crois lomnochd, mar a ta Dia 'g a leagadh sìos, as eugais nan leth-troman sin a tha aignidhean buaireasach a' cur rithe : agus mar sin tha e da rìreadh a' tighinn gu bhi ni's fhasadh ghiùlan na shaoil leo a b'urrainn e bhi, coslach ri callach air a deanamh ris an druim.

3. Tha iad *toilichte* leis, a thaobh 's gur ann bho chearnaibh eile tha iad a' tarruing an sòlais agus ni h-ann bho 'n staid as an leth a mach, eadhon mar a ta 'n tigh a' seasamh gramail an deigh do'n phrop air nach robh a thaic a bhi air a thoirt air falbh. "Ged nach toir an crann-fige uaith blàth, agus ged nach fàs air an fhònain cinneas; gidheadh, ni mise gàirdeachas anns an Tighearna." Hab. iii. 17, 18. Mar so rinn Daibhidh ann an là theann-dachd, "Ghabh e misneach dha féin anns an Tighearna a Dhia." 1 Sam. xxx. 6. Is comharradh air spiorad nach deachaidh a thoirt gu bhi umhal d'a chrannchur, neach a bhi ann an dìth misnich agus air cromadh sìos fo chruaidh-chas a' chamaidh, mar gu'm b'e chòr anns an t-saoghal an t-aon ni ris an robh a shonas an urradh. 'S e easbhuidh irioslachd a tha toirt air sòlasaibh dhaoine fàs agus crìonadh, lìonadh agus traoghadh a réir coslais iomadach an crannchuir anns an t-saoghal.

4. Tha iad a' gabhail tlachd ann, mar ni a ta freagarrach agus math air an son. Isa. xxxix. 8. 2 Cor. xii. 10. Tha daoine gabhail seòrsa do thlachd ann an oibreachadh purgoid, ged tha i 'g an goirteachadh gu géur; tha iad a' smuaineachadh gu reusantach annta féin, gur e is feàrr agus is fallain air an son: mar sin tha na h-anaman iriosal so a' meas an crannchuir trioblaideach mar leigheas spioradail, feumail, ionchuidh, agus math air an son; seadh, ni 's feàrr air an son anns an àm, do bhrìgh gu bheil e air a thoirt le'n Athair neàmhuidh: agus mar sin tha iad a' ruigheachd air tlachd naomh a ghabhail 'n an crannchur iosal trioblaid-each.

Tha'n spiorad iriosal a' tarruing a mhilseachd so as an t-searbhadas a tha 'n a chrannchur, a' breithneachadh cionnas a tha'n Tighearna, leis a' chrannchur thrioblaideach sin, a' cumail air ais an lòn bho na h-ana-miannaibh mi-riaghailteach, chum

's gu'n cuirear bàs iad le goirt : cionnas a tha e gearradh air falbh nan sruth-chlaisean leth-taobh, chum 's gun ruith an t-iomlan do shruth gràidh an anama d'a ionnsuidh féin ; cionnas a tha e toirt dheth agus a' cumail dheth 'n duine eallach agus a' bacadh nan sòlasa talmhaidh, chum gu'n ruith e nis cabhagaich an t-slighe gu néamh.

5. Tha iad a' *foisneachadh* ann, mar staid as nach 'eil iad ag iarraidh teachd á mach, gus am faic Dia a thug iad da ionnsuidh, iomchuidh an toirt as do 'dheadh thoil. Isa. xxviii. 16. Ged tha àm saorsa spioraid neo-cheannsuichte an còmh-nuidh ullamh, bithidh eagal air an anam iriosal gu'n teid a thoirt a' mach as a' chrannchur thrioblaid-each ro luath. Cha bhi e air son atharrachadh air a staid, gus an toir na flaitheanas mu'n cuairt e ; gidheadh cha 'n 'eil sin a' cur bacadh air ùrnuigh, agus cleachdadh a dheanamh do na meadhonaibh a th'air an òrduchadh, ann an earbsa ris an Tigh-earna ; ach feumaidh e creidimh, dòchas, foighidinn, agus ùmhlachd. 2 Sam. xv. 25, 26.

11. Bheir sinn fainear *ginealach* na muinntir *àrd-anaich* a tha faotuinn nan uile nithe réir an toil agus an càil. Agus 'n an cliù-san mar an ceudna tha tri nithe.

S' a cheud àite, Tha croisean 'n an crannchur. Mar an ceudna tha'n deuchainnean air an comharrachadh air an son le riaghladh freasdail, agus ge b'e inbhe anns am bheil iad anns an t-saoghal, cha'n urrainn doibh an t-iomlan dhiubh a sheachnadh. Oir thugaibh fainear.

1. Gu'n d'rinn an aimhreite agus an dìomhanas, a thugadh a steach chum an t-saoghail le peacadh an duine, e neo-chomasach do dhaoinibh a dhol troimh an t-saoghal as eugmhais còmhlachadh ris a sin a chuireas mì-shuaimhneas orra. Ecles. i. 14. Thionnda am peacadh an saoghal bho bhi 'n a phàrras gu bhi 'n a phreas drise ; agus cha'n 'eil

rathad air dol troimhe as eugais a bhi air ar réubadh. Mar a dh'itealaicheas na meanbh-chuileagan 's an t-samhradh mu'n cuairt dhoibh-san a bhios ag imeachd a mach ann an earradh riomhach, co math 's mu'n cuairt dhoibh-san ann an aodach suarrach; mar sin còmhluichidh croisean anns an t-saoghal ris a' mhuinntir àrdanach co math 's ris a' mhuinntir iriosal.

2. Tha àrdan an cridhe gu h-àraid 'g am fàgail fosgailte do chroisibh. Ni cridhe àrdanach crois dha féin, far nach còmhluicheadh a h-aon ri anam iriosal, Ester v. 13. Ni e fìor chrois deich uairean ni's truime na bhiodh i do'n mhuinntir iriosal. Tha ginealach na muinntir àrdanaich coslach ri ionntagach agus ri callaidibh-droighinn, ris an gramaich nithe bhios ag itealaich mu'n cuairt, 'nuair a theid iad seachad air nithibh iosal agus réidh; mar sin cha'n'éil dream sam bith ni's fosgailte do chroisibh na iadsan, ged is iad is neo-chomasach air an giùlan.

'S an dara àite. Mar tha e soilleir, bho'n àrdan a tha riaghladh 'n an spioradaibh. Cha deachaidh an spiorada riamh a cheannsachadh le obair fìor irioslachaidh, tha iad a' fantuinn aig an àirde anns na shuidhich truailidheachd nàduir iad; air an aobhar sin cha'n urrainn dhoibh air sheol sam bith a' chùing a chuireas Dia orra ghiùlan. Tha'm muineal air at le droch ghalar an àrdain agus na feirge; uime sin, aon uair 's gu'n toisich a' chùing ri beantuinn ris, cha 'n urrainn tuille socair a bhi aca. Feudaidd sinn beachd a ghabhail an so air còr na ginealaich àrdanaich ann an trì nithibh.

1. Tha iomadaidh meas ac' orra féin: agus mar sin tha'n inntinn àrdanach ag ràdh, Cha bu chòir do'n duine cromadh sìos do'n chùing; tha i ro shuarrach air a shon. Ciod an dìomhanas at-mhor a th' ann an sin. Escod. v. 2. "Cò e an Tighearna, gu'n eisdinn-sa r'a ghuth?" Air an

aobhar sin tha obair irioslachaidh feumail chum neach a thoirt gus a' chùing a ghabhail air, co dhiubh is i cùing àithntean Chrìosd no an fhreasdail. 'S anns an tuigse tha a' cheud mhearachd; uaithe sin tha Solamh gu gnathaichte a' gairm amadain do'n duine aingidh; a réir sin 's anns an tuigse a tha cheud bhuille do'n iompachadh, ann a bhi dearbhadh an fheum a th' air irioslachd. Tha daoine nì's mò 'n am barail féin, na da rìreadh a tha iad, uime sin, cha taitinn e ruinne, Dia bhi deanamh cùisean freagarrach ris na tha sin da rìreadh.

2. Tha féin-thoil neo-chlaodhte annta, ag eiridh bho'n iomadaidh meas a th' aca orra féin, agus tha i 'g ràdh nach géill iad. Ecsod. v. 2. 'S i só a' cheist a tha eadar neàmh agus sinne. Cò dhiubh is i toil Dhé no ar toil-ne a dh' feumais a bhi deanta? Tha toil Dhé naomh, ach tha ar toil-ne truallidh; uime sin cha'n urrainn doibh cordadh ann an aon. Tha Dia ag ràdh 'n a fhreasdal gu'm feum ar toil-ne geilleadh d'a thoil-san; ach sin cha dean i, gus am bristear an fhéith iarunn a tha innte. Rom. vi. 7. Isa. xlviii. 4.

Tha dòmhlas do dh'aighnidhibh neo-cheannsuichte annta tha deanamh còmhnaidh ris an fhéin-thoil; agus tha iad ag ràdh, Cha ghéill i. Rom. vii. 8, 9. Mar sin tha'n cogadh a' toiseachadh, agus tha cath an leth-stigh agus an leth-muigh do'n duine. Seum. iv. 1.

(1.) Tha Dia naomh a' cur an aghaidh féin-thoil nan créatairean uaibhreach le' fhreasdal, a' riaghladh agus a' stiùradh nithe an aghaidh an tograidh; air uairibh le làimh neo-mheadhonach féin, mar ann an cùis Chàin. Gen. iv. 4, 5, air uairibh le làimh dhaoine bhi deanamh nithe an aghaidh an càil, mar ann an cùis Ahaib, dha 'n do dhiùlt Naboth 'fhion-lios. 1 Rìgh xxi. 4.

(2.) Tha'n cridhe agus an toil àrdanach, do nach comasach strìochdadh do'n chrois, 's nach fhuiling a

bhi air an ceannsachadh, ag éiridh suas na h-aghaidh, agus a' cogadh air son na h-uachdranachd, le uile neart aignidhean neo-cheannsuichte. 'S e tha 's an rùn a' chrois atharrachadh, eadhon an camadh, agus a chuis a thoirt gu bhi réir an inntinnean féin; 's e so aobhar a' chogaidh mhì-naomha so, anns am bheil,

1. Cuideachd dhubh do dh'aighnidhibh ifrinneil a tha 'g eiridh suas, agus a' toirt ionnsuidh air neamh féin, *eadhon*, mi-thoileachadh, cion-foighidinn, gearan, frionas, agus an leithidean sin. "Claonaidh amaideachd duine a shlighe, agus an aghaidh an Tighearna ni a chridhe gearan." Gnàth. xix. 3. Tha iad so a' cur feirg anns a' chridhe, gruaim anns a' ghnais. Gen. iv. 6. 's air uairibh a' tilgeadh a mach lòd do ghearanaibh feargach agus mi-chiatach. Iudas rann 16, agus air uairibh do thoibheumaibh. 2 Rìgh vi. 33.

2. Tha cuideachd eile tha dol air an aghaidh, agus a' toirt ionnsuidh air a' mheadhon no air meadhonaibh na crois, *eadhon*, fearg, corruich, buaireas, dioghaltas, mi-run, &c. Gnàth. xxvii. 4. Tha iad so a' cur an duine bho bhi 'g a sheilbheachadh féin. Luc. xxi. 19. a' lionadh a chridhe le goil theas. Salm xxxix. 3. a bhéul le gleadhraich agus cainnt shalach. Eph. iv. 31. agus a' séideadh bagraidh a mach. Gnìomh. ix. 1. agus air uairibh a' cur nan làmhnan air obair, ni aig am bheil crìoch ro dhùbhailceach. Mata v. 21, 22. mar ann an cor Ahaib agus Naboith. Mar so tha mhuinntir àrdanach a' toirt air aghaidh a' chogaidh, agus mar is trice a' càll a' chath, agus tha chrois a' fantuinn neo-ghluasadach a dh'aindeoin na 's urrainn doibh a dheanamh; seadh, agus tha iad féin air uairibh a' tuiteam anns a cho'stri: tha e crìochnachadh 'n an sgrios. Escod. xv. 9, 10. Ach cha'n ann mar sin a tha chùis anns a' bhòn teagaisg.

'S an treas àite. Tha sinn gu'n toirt fainear, mar

a' faotuinn na h-uile ni a réir an toil agus an càil. Tha so a' cur an céill,

1. Gu bheil freasdal naomh a' géilleadh do fhéin-thoil neo-cheannsuichte an duine, agus a' leigeil leis ruith a réir a chàil. Gen. vi. 3, tha Dia a' faicinn iomchuidh gu'n tuiteadh an connsachadh leis, oir cha soirbhich e chum a mhath. Isa. i. 5. Mar sin tha'n t-srian air a leigeadh mu mhuineal an duine àrdanaich, agus tha na bu mhiann leis aige: "Tha Ephraim air a dhlù-cheangal ri iodholaibh, leig leis." Hos. iv. 17.

2. Gu bheil am miann a' fantuinn 'n a làn neart. Salm lxxviii. 30. "Cha robh iad air an sgarachduinn o am miann." Tha Dia air uairibh ann an suidheachadh a' chumhnaint, a' toirt an toil féin d'a shluagh, agus tha e 'g an suidheachadh far am b'àill leo bhi; ach anns a chor sin, tha'm miann sin air a cheannsachadh, agus tha iad mar chloinn air an cur bhàrr na ciche. Salm x. 17. Ach an so tha'm miann a' fantuinn neo-chlaoidhte; tha na h-uaibh-riach aig iarraidh lòn air a shon, agus 'g a fhaotuinn.

3. Gu bheil a' chrois air a h-atharrachadh, agus a chuing air a toirt dhiubh. Salm lxxviii. 29. Cha b'urrainn doibh smuaineachadh air an inntinnean a thoirt gu bhi réidh ri'n crannchur; ach chath agus ghleachd iad 'n a aghaidh, gus am bheil e air a thoirt gu bhi réir an càil: Mar sinn is leo féin an là, tha bhuaidh air an taobh.

4. Tha'n duine toilichte a chionn 's gu'n bhuannaich e 'phùinc, eadhon mar a ta neach 'nuair a ta e roinn na creiche. 1 Rìgh xxi. 18, 19.

Mar so tha cor na ginealaich iriosail a ta fo àmh-ghar, agus cor na ginealaich àrdanaich a ta soirbheachadh, air an cur an céill.

III. A nis tha mi gus an teagasg, no breith a' bhùinn-teagaisg a *dhaingneachadh*. Gur feàrr eor a' cheud dream no cor na dream mu dheireadh. 'S feàrr a bhi ann an cor iosal thrioblaideach, leis an

spiorad air irioslachadh agus air a thoirt a mhàin gu bhi réidh ris a' chrannchur, na bhi do spiorad uaibhreach àrdanach, a' faotuinn a' chrannchuir air a thogail suas do réir, agus cùisean a' dhol a réir toil, dùrachd, agus càil neach. Bithidh so soilleir bho na nithibh so a leanas,

'S a' cheud áite. 'Tha barrachd co mòr aig irioslachd thar àrdan, 's nach uarrainn a bharraidh-eachd failingeadh ann an cor air bith. Ged leanadh gach trioblaid a th'anns an t-saoghal an spiorad iriosal, agus ged leanadh gach soirbheachadh a th'anns an t-saoghal an t-àrdan, bithidh a' chuid is fèarr an còmhnuidh aig an irioslachd; mar a ta 'n t-òr ni's ro oirdheirc air an otrach na uiread a' luaidh ann an cìse. Oir,

1. Is mìr do dh'iomhaigh Dhé irioslachd. 'S e 'n t-àrdan mìr is barraichte do dh'iomhaigh an diabhoil. Gabhamaid beachd air-san, neach is e fìor iomhaigh pearsadh an Athar, agus chì sinn e "macant agus iriosal an cridhe." Mata xi. 29. Cha d'fhuiling neach riamh ni bu mhò do dh'àmhghair na esan, gidheadh bha a spiorad gu h-iomlan réidh r'a chrannchuir. Isa. liii. 7. "Shàruicheadh e, agus rinneadh ainneart air, gidheadh cha d'fhosgail e a bheul." Is mìr dealreach sin do dh'iomhaigh Dhé: oir ged nach urrainn Dia bhi iosal a thaobh a chor agus a staid, gidheadh tha e do dh'irioslachd neo-chrìochnach. Isa. lvii. 15. Cha ghiùlain neach sam bith mar ghiulanas esan. Rom. ii. 4, cha'n fhuiling neach sam bith gu foighidneach uiread a strì an aghaidh a thoil ris-san, ni a th'air a thairgse dhuinne chum ar misneachaidh ann an àmhghar mar dhealraich e ann an Criosd. "Uime sin thugaibh fainear esan a dh'fhuiling a shamhuil sin do ana-cainnt o pheacachaibh 'n a aghaidh féin, air eagal gu'm bi sibh sgìth agus lag ann bhur n-inntinnibh." Eabh. xii. 3.

Air an làimh eile, 's e 'n t-àrdan dearbh iomh-

aigh an diabhoil. 1 Tim. iii. 6. Am meas sinne sinn féin a réir àirde ar spioradan? Cuiridh Sàtan geall ris an neach is àirde againn anns a phùinc sin; oir, ged is e is ro thruaighe, gidheadh 's e is ro àrdanaich a th'anns a' chruitheachd gu leir. Tha uidhe ro mhor eadar a spiorad agus a chrannchur; tha a spiorad co arda ri cathair Dhé, agus a chrannchur co iosal ri ifrinn; agus mar a ta e do-dheanta gu'm bi a chrannchuir gu bràth air a thogail suas a réir a spioraid; mar sin cha tig a spiorad gu bràth a nuas gu bhi réir a chrannchuir: uime sin, bithidh e gu sìorruidh a' cogadh ri 'chrannchur. Air an aobhar sin, cha 'n 'eil fois air bith aige, eadhon aig an àm so, ach a' dol mu'n cuairt, aig iarraidh fois, ach cha 'n'eil e a' faotuinn a bheag.

A nis, nach feàrr a bhi coslach ri Dia, na coslach ris an diabhol? Coslach ris-san an Tì is e tobar nan uile mhath, na coslach ris-san am bith is e tobar agus sruth-chlais gach uile? Am bheil e so-dheanta gur urrainn ni sam bith a' mheidh a thionndadh an so, agus am barrachd a thoirt a chum an taobh eile? "Uime sin is feàrr a bhi do spiorad iriosal maille riu-san a ta ciuin," &c.

2. Tha irioslachd agus ciuineachd spioraid 'g ar 'n uidheamachadh air son co' chomuinn agus comhluidair ri Dia ann an Criosd. Tha 'n t-àrdan a' deanamh Dhé 'n a nàmhadaidh dhuinn. 1 Pead. v. 5. Tha ar sonas 's a' bheatha so agus anns an ath-bheatha an urradh ri ar comhluidar càirdeil ri neàmh. Mar 'eil sin againn, cha'n urrainn ni sam bith ar càll a' dheanamh suas, Salm xxx. 5. Ma tha sin againn, cha'n urrainn ni sam bith ar deanamh truagh, Rom. viii. 31. "Ma ta Dia leinn, co dh'fheudas bhi 'n ar n-aghaidh?" A nis, co iadsan leis am bheil Dia ach a' mhuinntir chiùin agus iriosal? Iadsan a th'ann an Criosd tha iad air an deanamh coslach ris. Tha e 'g am beannachadh, agus a' cur an céill gur iad oighreachan crùin na

glòire. “Is beannuicht’ iadsan a tha bochd ’n an spiorad : oir is leo rìoghachd neimh.” Mata v. 3. ’Nuair a theid e seachad air na h-uabhraich, amh-aircidh e orrasan ge b’e co iosal ’s a tha an còr. Isa. lxvi. 2. Bithidh meas aig orra, ge b’e mar tha iad air an cur suarrach : “Ge h-àrd an Tighearna, gidheadh seallaidh e air an iriosal ; ach aithnichidh e an t’ uaibhreach fad as.” Salm cxxxviii. 6. Gabhaidh e còmhnuidh maille riu, ge b’e co bochd ’s a tha an àite-còmhnuidh. Isa. lvii. 15. Gu cinnteach àrdaichidh e iad ann an àm iomchuidh, ge b’e co iosal ’s a tha iad ’n an luidh an dràsd. Isa. xl. 4.

Cò iadsan a tha Dia a’ cur ’n an aghaidh ? Tha na h-uaibhrich. Iadsan tha e a’ mallachadh. Ier. xvii. 5, agus tioramaichidh a’ mhallachd sin suas an gàirdean fadheoidh. Tha ’n duine àrdanach a’ cur an aghaidh Dhé ; tha e deanamh a dhé dheth féin, agus b’ àill leis gu’n deanadh an dream a tha mu’n cuairt air an dia-san dheth mar an ceudna ; tha e a’ beuchdaich agus ann an dian-chorruich, mur tuit iad sìos ’n a làthair. Ach bheir Dia a mhàin e. Isa. xl. 4. Salm xviii. 27.

A nis, nach feàrr a bhi air ar ’n uidheamachadh air son co ’chomuinn ri Dia, na E bhi cath ’n ar n-aghaidh a dh’aon char ?

3. Is dleasnas irioslachd a tha taitneach do Dhia, is peacadh an t-àrdan a tha taitneach do’n diabhol. Isa. lvii. 15. 1 Tim. iii. 6. Tha Dia ag iarraidh oirne bhi iriosal, gu h-àraid fo àmhghar, “agus bithibh air bhur sgeadachadh le h-irioslachd,” 1 Pead. v. 5, 6. Is e sin ar truscan cubhaidh. Ghabhadh ris a’ Chis-mhaor iriosal, agus dhiùltadh am Phairiseach ardanach. Feudaidh sinn a ràdh mu’n ghinealach àrdanach, mar ann 1 Tesal. ii. 16. “Oir thàinig an fhearg orra gus a’ chuid a’s faide.” Cha’n ’eil iad a’ toileachadh aon chuid Dhia no dhaoine, ach a mhàin iad féin agus an Diabhol, ris am bheil iad coslach ’n an àrdan. A nis, is e dleasnas an còmhnuidh is feàrr na peacadh co dhiubh.

'S an dara àite. Tha mòran fois agus sàmhchair inntinn acasan aig am bheil an spioradan air an toirt a mhàin a réir an crannchuir thrioblaidich, am feadh a ta na h-uaibhrich, a dh'fheumas an crannchur fhaotuinn air a thogail suas a réir an inntinn, ann am mi-shuaimhneas, trioblaid agus cràdh. Thugaibh fainear an so, gu bheil, air an darna làimh,

1. Suaimhneas inntinn, agus socair an leth stigh, 'n a bheannachd mhòr, ris am bheil sòlasa na beatha so 'n urradh. Cha'n urrainn ni sam bith as eugais so beatha neach a' dheanamh sonadh. Dan. v. 6. —Agus far am bheil so air a chumail suas cha'n urrainn ni sam bith a' dheanamh truagh. Eoin xvi. 33. Air da so bhi air fhaotuinn ann an Dia, tha dùbhlán air a thoirt do uile thrioblaidibh an t-saoghail. Salm xlvi. 2—4. Coslach ris an leanabh a' seoladh ann am meadhon nan tonnan atmhor.

2. Tha'n spiorad a th'air a thoirt a mhàin gu bhi réidh ris a' chrannchur a' deanamh agus a' cumail na sith-chainnt so 's an leth-stigh. 'S ann bho easaonachd ar 'n inntinn ri ar crannchur a tha gach uile thrioblaid a th' ann ar crannchur 's an t-saoghal ag éiridh; nam biodh an inntinn air a toirt gu bhi réidh ris a' chrannchur air bàll sguireadh an t-ìomlan do 'n bhuaireas; biodh i air a cumail anns an fhòn sin, agus bithidh an duine aig fois 'n a thrioblaid, coslach ri creag nach gluais na h-uisgeachan a ta bualadh oirre. Colos. iii. 15. “Agus biodh sith Dhé a' riaghladh ann bhur cridhe, chum am bheil sibh mar an ceudna air bhur gairm.”

Air an làimh eile, thugaibh fainear,

1. Ciod a mhì-shuaimhneas inntinn a tha na h-uaibhrich a' fulang mu'm faigh iad an crannchur a thogail suas a réir an inntinn. “Chleachd iad an teanga ri labhairt bhréug; sgithich iad iad féin a' cur an gnìomh do-bheart.” Ier. ix. 5. Seumas iv. 2. “Tha sibh a' miannachadh, agus cha'n 'eil agaibh: tha sibh a' màrbhadh, agus a' dian-shànt-

achadh, agus ni 'n comas duibh ni fhaotainn : tha sibh a' cathachadh agus a' cogadh, gidheadh cha'n 'eil agaibh."—Ciod na saighdean do chràdh-phianadh do dh'iomaguin, do fhrionas, agus do smuairean a a dh'fheumas iad fhulang? Ciod na h-aignidhean mi-rianail a tha cogadh an leth-stigh dhoibh? Agus ciod am mi-shuaimhneas anabarrach inntinn a tha iad a' bruchdach a mach? Ciod an an-fhois anns an robh Haman, mu'n d'fhuair e àithne 'n Rìgh chum dìoghaltas a' dheanamh air Mordecai?

2. 'Nuair a gheibh iad a chùis a réir an inntinn, cha diol e 'n luach. Cha toir a mhealtuinn uiread a thaitneas agus a thoilinntinn dhoibh, 's a thug a bhi do easbhuidh a chràdh dhoibh. Bha so soilleir ann an cor Rachel, a thaobh cloinne bhi aice; agus anns a chor sin. Salm lxxviii. 30, 31. Tha cuileag mharbh anns an oladh-ungaidh a tha milleadh a bholaidh a bha iad ag earsba fhaotuinn uaithe. Toradh a spionar do chraoibh an fhreasdail, mu'm bi e abuich, cuiridh e déisinn air na fiacalaibh gu h-ealamh. Dearbhaidh e bhi coslach ris a' mhanna a ghleidheadh thar oidhche. Ecsod. xvi. 20.

3. Cha'n 'eil ach greim neo-chinnteach aca dheth; cha mhair e maille riu. Tha e aon chuid air a thoirt uatha gu luath, agus tha iad ceart far an robh iad a ris: "Thug mise rìgh dhuit ann am fheirg, agus thug mi air falbh e ann am chorruih." Hos. xiii. 11. Air dhoibh freumh do dh'àrdan a bhi annta, tha e gu h-ealamh a' seargadh air falbh; air neo tha iadsan air an toirt uaithe-san air chor 's nach 'eil comas aca air a mhealtuinn. Amhuil a fhuair Haman an àithne; ach mu'n d'thàinig latha cuir an gnìomh shiubhail esan.

'S an treas àite. Tha iadsan a tha faotuinn an spioraid air a thoirt a mhàin a réir an crannchuir àmhgharaich, a' buannachd pùinc nì's ro luach-mhoire na ladsan a tha 'n an àrdan a' togail suas an crannchuir gu bhi réir an inntinn. Gnàth. xvi. 32.

“ Is fearr an tì a ta màll chum feirge na gaisgeach, agus an tì a riaghlas a spiorad féin na esan a ghlacas àrd bhaile.”

1. Bithidh so soilleir, ma bheir sinn fainear, nach 'eil an aon mu dheireadh a' dheanamh a chor ni's feàrr ach a thaobh nithe bho'n leth a mach, ach ni cheud aon an duine ni's feàrr, “ Is mò bheatha nam biadh.”—Tha'n duine ni's ro luachmhoire na gach uile goireas saoghalt a tha e a' mealtuinn. Uime sin, tha barrachd aig an ni sin a ni an duine ni's feàrr air an ni sin nach dean ach a mhàin a chrannchur ni's feàrr. Abair far am bheil dithis gu tinn gu bheil a h-aon diubh air atharrachadh bho leaba neo-shocrach gu leaba shocrach, gidheadh tha'n tinn-eas a' sior mhaidsinn; tha'n aon eile dhiubh an còmhnuidh 'n a luidh, air an leaba neo-shocrach, ach tha'n tinneas air a chùiteachadh, co chuireadh an teagamh nach e cor an aon mu dheireadh is feàrr? Amhluidh 'an so, &c.

2. 'S e ar 'n aignidhean a thoirt fo cheannsail ni is ro oirdheire na ged gheibheamaid an saoghal gu h-ìomlan a cheannsachadh a réir ar toil: oir anns a' chor sin is sinn ar 'n uachdaranan féin, do réir sin ann an Luc. xxi. 19. An àite sin tha sinn anns a chor eile 'n còmhnuidh 'n ar traillean do'n mhaighistir is miosa. Rom. vi. 16. Anns an darna cor tha sinn tearuinte, ge b'e stòirm a shéideas; anns a chor eile tha sinn fosgailte do mhàltibh chunnartan. Gnàth. xxv. 28. “ Mar chathair briste sìos, gun bhalladh, tha am fear aig nach 'eil ceannsal air a spiorad féin.”

3. 'Nuair a thig iad maraon gu breith a thoirt orra, bithidh e soilleir gu'n mheudaich an dara h-aon àireamh an deadh oibre, ann an toirt an spiorad gu bhi réir an crannchuir; 's an aon eile, àireamh an droch oibre ann an toirt an crannchuir gu bhi réir an spioraid. Oir tha ar gnothach ri Dia a ta uile-fhiosrach, agus tha gach gnìomh an taobh a stigh 'n

a-obair, mhath no olc, 'n a shuilibh-san, as am feum-ar cunntas a thoirt. Rom. ii. 16.

Tha crannchur trioblaideach cràiteach, ach far am bheil e air a riaghladh gu ceart, tha e gle thorach; tha e a' cumail gràsan an spioraid an cleachdadh anns a Chriosduidh, a luidheadh an codal air mhodh eile. Ach cha'n 'eil gnìomh air bith do ghéilleadh do thoil Dhé fo'n chrois, no gnìomh do dh' earbsa ann air son cobhair, nach bi air a chur air chuimhne mar dheadh oibre ann an clàr-cuimhne nam flaitheanais. Mal. iii. 16. Agus tha iad so air an toirt air an aghaidh le trioblaid.

Air an làimh eile, cha'n 'eil éiridh air bith a tha 'n cridhe àrdanach a' deanamh an aghaidh a chrannchuir, no ionnsuidh chealgach a tha e toirt chum a dheanamh a réir ar càil, co dhiubh a shoirbhicheas e no nach soirbhich, nach 'eil air a mheas mar dhroch obair an làthair Dhé. Uime sin, cia mar bhitheas àireamh an leithide sin a dh' oibre air an lionmhoir-eachadh leis a' chogadh anns am bì a' chreach air a roinn!

Feum 1. Air son Seòlaidh. Uaithe so feudaidd sinn fhòghlum, 1. Cha'n i an toil féin fhaotuinn is féarr air son muinntir an còmhnuidh. Is lionmhoir iad nach urrainn a bhi réidh ri toil Dhé d' an taobh, a tha faotuinn an toil féin le dioghaltas. Salm lxxxi. 11, 12. "Cha do ghabh Israel rium, uime sin thug mi thairis iad do ana miann an cridhe féin; dh'imich iad 'n an comhairle féin." Theagamh gur e is toilichte agus is tainich 's an àm, ach cha'n e is tearuinte. Uime sin, na deanadh muinntir uaill asda féin ged choisneadh iad nithe air an doigh sin leis an làimh làidir; na deanadh iad gàirdeachas air son a leithid sin a bhuaidh; fosglaidh an cunntas a ghabhar dhiubh mu dheireadh an suilean.

2. Tha'n neach a tha fo thrioblaid agus a tha giùlan na crois, aig am bheil a chrannchur air a

chumail iosal, co fada bho bhi 'n càll, 's gur ann a tha e faotuinn mòr bhuannachd leis, ma tha spiorad air a thoirt a mhàin do réir. Agus ma chù e chòr ann an solus neo-mhearachdach focal Dé, tha e ann an còr nì's feàrr na ged gheibheadh e 'n t-iomlan a réir a chàil. Anns an darna rathad diubh so tha soithichean na feirge air an deanamh iomchuidh air son sgrios. Salm lxxviii. 29—31. Anns an rathad eile, tha soithichean na tròcair air an deanamh iomchuidh air son glòir, agus is ann mar sin a tha Dia a' teagasg a chuid féin. Tuir. iii. 27.

3. Is feàrr géilleadh do Fhreasdail na cogadh 'n a aghaidh ged bhuadhaichdmid. 'S e géilleadh do shuidheachadh an àrd uachdarain araon ar dleasnas cubhaidh agus ar buannachd is mo. Tha sinn a' deanamh nì's ro urramaiche agus nì's ro ghlice an rathad so ghabhail; oir ciod an onoir is urrainn bhi ann do'n chreutair tagradh an aghaidh a Chruith-ea? oir ge b'e mar dh'fheudas cuid a bhaiteallan soirbheachadh anns a' chùis sin, feudaidd sinn a bhi cinnteach gu'm bì a' bhuaidh air taobh nam flaith-eanas anns a' chogadh. 1 Sam. ii. 9. “ Oir le neart cha bhuadhaich duine sam bith.”

'S an àite mu dheireadh. 'S mòr is feàrr air ar son-ne ar spiorad fhaotuinn air a thoirt a mhàin na ar crannchur bho'n leth a mach fhaotuinn air a thogail suas. Ach cò tha creidsinn so? Tha na h-uile dhaoine strì ri'n crannchur bho'n leth a mach a thogail suas; tha chuid is mò do dhaoineibh caoin-shuarrach mu 'n spiorad a thoirt a mhàin, agus tha iad ro thearc a tha feuchainn ris. Agus ciod e sin ach a bhifo chùram mu dheoch a thoirt dhoibh-san a tha gu tinn agus pàiteach, ach ioma-chomadh mu leigheas iarraidh air an son, leis am bì am pathadh air a chasgadh.

Feum 2. Air son earail. Mar a chòmhluidheas sibh ri croisibh 'n ar crannchur anns an t-saoghal, gu ma feàrr leibh ur spioradan fhaotuinn air an irios-

lachadh agus air an toirt a mhàin, no chrois fhaotuinn air a h-atharrachadh. Cha'n 'eil mi ciallachadh nach fheud sibh gach uile mheadhon laghail a chleachdadh chum 'ur crois atharrachadh, ann an earbsa ri Dia : ach a mhàin gu 'm bi sibh ni 's mo fo chùram chum 'ur spiorad fhaotuinn gu *cromadh* agus gu *lubadh*, na 'ur camadh crannchuir fhaotuinn air a *dhèreadh*.

Brosnachadh 1. Tha e mòran ni's feumaile air ar son-ne ar spioradan fhaotuinn air an irioslachadh fo'n chrois, na chrois fhaotuinn air a h-atharrachadh. Cha'n 'eil a h-atharrachadh feumail ach a mhàin air son socair na feòla, ach tha'n spiorad irioslachadh feumail chum buannachd ar 'n anaman, chum an glanadh agus an toirt gu staid slàinte agus leigheis.

2. Bithidh buaidh anabarrach math aig irioslachd spioraid air crannchur trioblaideach, ach cha bhi buaidh air bith aig atharrachadh a' chamaidh air spiorad àrdanach. Eutromaichidh an irioslachd a chrois gu mòr aig an àm, Mata xi. 30, agus ann an àm iomchuidh giùlanaidh e gu glan air falbh i. 1 Pead. v. 6. Ach cha'n e an camadh a thoirt air falbh an meadhon chum a' mhuinntir àrdanach irioslachadh ; ged dh'fheudadh e brosnachadh a bhacadh, gidheadh tha 'n galar a' sior mhairsin.

3. Smuainichibh annaibh féin cia cunnartach agus eu-dòchasach an cor, a' chrois a bhi air a togail air falbh mu'm bì an spiorad air irioslachadh ; is e sin, mheadhonan an leighis a bhi air an spionadh air falbh, agus air an dùnadh suas uainne, am feadh a ta cumhachd a' ghalair fathast a mairsinn ; an deuchainn a bhi air a toirt air falbh mu'n d' thug sinn dearbhachd mhath air bith m'ar timchioll féin, agus mar sin a bhi air ar toirt thairis le ar leighiche mar mhuinntir chàillte. Isa. i. 5. Hos. iv. 17.

Feum 3. Air son *seòlaidh*. Ann an creidsinn an t' soisgeil, gabhaibh Dia mar 'ur Dia ann an Criosd chum 'ur slàinte shiòrruidh, agus buanaich-

ibh a gnàth smuaineachadh air mòrachd agus air naomhachd Dhé, agus air 'ur truaighe féin ; mar sin bithidh sibh air 'ur 'n *irioslachadh fo làimh chumhachdaich Dhé* ; agus, ann an àm iomchuidh, *togaidh e suas sibh*.

1 PEADAR V. 6.

Uime sin islichibh sibh féin fo làimh chumhachdaich Dhé, chum as gu'n àrdaich e sibh ann an àm iomchuidh.

Ann an toiseach a' chaibideil so, tha'n t-Abstol ag earalachadh seanairean na h-eaglais 'n an dleasnasan a thaobh an t-sluaigh ; agus a rithist an t-sluaigh 'n an dleasnasan araon a thaobh an seanair-ean agus eatorra féin, ni a tha e a' gabhail a steach anns an aon fhocal sin, *Umhlachd*. Air an aobhar sin, tha e a' moladh irioslachd mar an t-àrd mheadhon chum nan uile thoirt gu'n caochladh dhleasnasaibh fa leth. Tha so air earalachadh le argumaid a th'air a toirt bho'n làimhseachadh eadar-dhealaichte a tha'n Tighearn a' toirt do'n mhuinntir àrdanach agus iriosal ; ann a bhi cur an aghaidh an darna h-aon agus a' nochdadh deadh-ghean do'n aon eile. Is earail ar bònn-teagaisg a th'air a tarruing bho na bheachd sin.

I. Agus annsan tha againn an dleasnas a tha sinn gu thòirt fainear : “ Air an aobhar sin, islichibh sibh féin fo làimh chumhachdaich Dhé, chum as gu'n àrdaich e sibh ann an àm iomchuidh.” Agus an sin feudaidh sinn fhaicinn.

1. *Staid* na muinntir dh'am bheil e air a thairgse. iadsan a ta *fo làimh chumhachdaich Dhé*, a dh'islich a làmh-san, no shuidhich e rathad eiginn iosal a thaobh an crannchuir anns an t-saoghal. Agus leo so, tha mi saolsinn, gu bheil air an ciallachadh, cha'n e a mhàin iadsan a tha fo àmhghairibh àraid

comharraichte, ni is e crannchur cuid, ach mar an ceudna iadsan, a tha le freasdal Dé air an isleachadh air sheol sam bith, ni is e crannchur nan uile.

Tha na h-uile ann an staid umhailteas no ann an eisiomail aon a chéile. Rinn Dia a bheatha so 'n a staid do dheuchainn; agus, air an aobhar sin, rinn e muinntir 'n an iochdrain do aon a chéile, mar a ta mnathan, d'am feara'-posda, clann d'am pàrant-aibh, seirbhisich d'am maighistiribh; agus iad so, a rìs, do'n mhuinntir is inbhiche na iad féin; 'n am measg-san a rìs, tha mhuinntir is àirde nan eisiomail-san a ta fodbpa, mar a ta luchd-riaghlaidh agus ministeirean an eisiomail an t-sluaigh, ged is e 'n t-àrd fhear riaghlaidh *duine 's mò th'anns an t-saoghal, gidheadh 's e neach is lugha th'ann.* Rinn Dia doigh an t-saoghail so chum dearbhadh a chur air daoineibh 'n an caochladh dhàimhibh fa leth, mar a ta iad an eisiomail aon a chéile; uime sin, 'nuair a ta àm na deuchainn thairis thig sin mar an ceudna gu crìoch. “An sin bithidh a' chrìoch dheireannach—'nuair a chuireas e as do gach uile ùachd-aranachd, agus gach uile ùghdarras, agus chumhachd,” 1 Cor. xv. 24, 25. Aig a cheart àm, am feadh a ta e mairsinn, tha irioslachd feumail do na h-uile, gu'm brosnuchadh chum an dleasnas a ta dh'fheich orra dhoibh-san a th'ann an àrd inbhe, dh'an d'rinn làimh chumhachdaich Dhé iadsan 'n an iochdrain.

2. An *dleasnas* e féin, *eadhon*. Ar spioradan irioslachadh fo na staid iosal anns na shuidhich an Tighearna sinn. “Uime sin islichibh sibh féin fo làimh chumhachdaich Dhé, chum as gu'n àrdaich e sibh ann an àm iomchuidh.” Co dhiubh a tha sinn fo àmhgharaibh sònruichte, a thilg sìos sinn bho 'n àirde anns an robh sinn uair-eiginn, no co dhiubh a tha sinn ni's isle ann an inbhe ann an aon daimh no dàimh eile; no co dhiubh is iad an dà chor so ar cor-ne, ni tha ro chumanta, feumaidh sinn amharc air làimh chumhachdaich Dhé annta,

mar an ni a shuidhich sinn ann an sin, agus a tha os ar ceann chum ar cumail fodha : agus mar sin, gu'n sleuchdamaid sìos fodha, le urram agus eagal da, ann an gne agus ann am fònn ar spioradan, a' deanamh ar spioradan freagarrach do ar crannchur, agus cùramach mu dhleasnas ar staid iosail a choimhlionadh.

3. *Aobhar* àraid an dleasnais so ; uime sin, feumaidh sinne thoirt fainear, iadsan nach urrainn an t-àit a chomharraicheadh le Dia dhoibh 'n an àmhgharaibh no 'n an dàimhibh a chumail gu sìochail, ach a tha'n còmhnuidh ag éiridh suas an aghaidh na làimh cùmhachdaich a tha os an ceann, gu bheil an lamh chumhachdach sin a' cur 'n an aghaidh, 'g an tilgeadh sìos, agus mar is tric 'g an cuir sìos ni's faide na bha iad roimhe ; 'nuair air an làmh eile, a tha e a' buntuinn le gràs agus deadh-ghean riu-san a shòcraicheas iad féin foidhpe, chum an dleasnas a choil-ionadh gu sìochail 'n an staid, uime sin, air dhuinn beachdachadh air so feumaidh sinn sinn féin irioslachadh.

'*S an dara àite. Toradh* neo-mhearachdach a chùrsa sin ; "chum as gu'n àrdaich e sibh ann an àm iomchuidh." Cha'n 'eil am focal *chum*, gu bhi gu h-iomlan air a thuigsinn, mar a' ciallachadh a' chrìoch no'n rùn a tha 'm meadhon a' comharrachadh dha féin, ach air uairibh ann an rathad freasdaile, mar a' ciallachadh aobhair no toraidh a' ghnìomhe. Eoin ix. 2. Uime sin, cha'n e th'air a chiallachadh an so. *Islichibh sibh féin*, le rùn gu'n àrdaich esan sibh ; ach, islichibh sibh féin agus tarlaidh gu'n àrdaich esan sibh. Coimeasaibh Seum. iv. 10.

(1.) An so tha *toradh* sonadh an irioslachaidh spioraid air a dheanamh cinnteach, agus is e sin àrdachadh no togail suas air ionad àrd, le cùmhachd Dhé, "chum as gu'n àrdaich e sibh." Leanaidh àrdachadh an irioslachd spioraid a ta freagarrach do'n chrannchur iosal, co cinnteach 's a leanas a' mhad-

uin an oidhche, no co cinnteach 's a dh'éireas a' ghrian an deigh na camhanaich. Tha na briathran so freagarrach chum solus a chuir air an leithsgeul a tha'n saoghal agus ar cridhe truailidh féin ullamh gu ghabhail an aghaidh an spioraid a thoirt a mhàin chum a chrannchuir iosail.

Leithsgeul 1.—Ma leigeas sinn le ar spiorad tuiteam, luidhidh sinn an còmhnuidh fo chosaibh muinntir, agus saltraidh iad oirnn.

Freagradh. Cha saltair; bheir àrdan spioraid neo-cheannsaichte, daoine gu luidh fo chosaibh muinntir eile gu bràth. Isa. lxvi. 24. Ach bheir irioslachd spioraid, gun teagamh, a' mach iad bho bhi fo'n cosaibh. Mal. iv. 2, 3. Bithidh iadsan a tha 'g an irioslachadh féin a nis air an àrdachadh gu brath; bithidh iad air an toirt a' mach as an còr agus an staid iosail. Tilgibh sibh féin sìos freagarrach ri 'ur crannchur iosal, agus bithibh dearbh-chinnteach nach luidh sibh an sin.

Leithsgeul 2. Mar tog sinn sinn féin, cha tog neach eile sinn; agus uime sin feumaidh sinn ceartas a chumail ruinn féin.

Freagradh. Is mearachd sin. Islichibh sibh féin ann 'ur spioradaibh agus togaidh Dia suas sibh a thaobh 'ur crannchuir, no 'ur staid iosail; agus cha'n 'eil reusan air bith aca-san, aig am bheil Dia ceangailte chum an togail, a ràdh nach 'eil neach aca gu dheanamh air an son. 'S e ar dleasnas-ne an spiorad a thoirt a mhàin, ach 's e obair Dhé ar togail suas: na cailleamaid an t-soch-air shònruichte so Dia 'g ar togail suas, le bhi a' gabhail na h-obair sin gu h-andàna dhuinn féin, 's 'g a thoirt as a làimh-san.

Leithsgeul 3. Ach 's cinnteach nach éirich sinn àrda gu bràth, ma leigeas sinn le ar spioradaibh tuiteam.

Freagradh. Is mearachd sin mar an ceudna: cha'n e a mhàin gu'n tog Dia a' mhuinntir iriosal, ach togaidh e suas iad air ionad àrd; oir is e sin a

tha 'm focal a' ciallachadh. Bithidh iad co àrda mu dheireadh 's a bha iad riamh co iosal, ge b'e co iosal 's a bha iad : ni h-eadh, bithidh an t-àrdachadh co'ionann ris an irioslachadh.

(2.) Is e so an t-àm anns an tachair a' chùis shona sin, eadhon. Ann an *àm iomchuidh*, no anns an àm is freagarraich air a shon. Gal. vi. 9. "Ann an àm iomchuidh buainidh sinn, mar fann-aich sinn." Tha sinn ullamh gu sgios a' ghabhail do chòran irioslachaidh agus dearbhaidh, agus an còmhnuidh b'aill leinn ar cinn a bhi 'n àirde. Eoin vii. 6. Ach tha Solamh a' toirt fainear, gu bheil àm anns am feàrr am freagair na h-uile nithe, agus feithidh a' mhuinntir ghlice ris. Eccl. iii. 1—8. Mar an ceudna tha àm gu bhi 'g ardachadh an dream a dh'irioslaicheas iad fèin; shònruich Dia e, agus 's e an t-àm iomchuidh chum na crìche sin e, an t-àm anns am feàrr am freagair e, eadhon mar is e an t-earrach is iomchuidh gu cur, agus am fogharadh chum buain. 'Nuair a thig an t-àm sin, cha chuirear dàil ni's faide ann 'ur 'n àrdachadh, agus thigeadh e ro luath nam b'e 's gu'n tigeadh e roimh 'n dearbh àm sin.

TEAGASG I.—*Bu chòir do dh'aomadh-suidhichte ar cridhe-ne, ann an staid iosal, a bhi 'n dian thòir air irioslachd spioraid, freagarrach d'ar staid mar fo làimh chumhachdaich Dhé a tha 'g ar suidheachadh anns an staid sin.*

I. Tha so a' gabhail a steach agus a' giùlan ann, gu bheil,

1. Dia a' toirt dhaoine gu staid iosail, Esec. xvii. 24. "Agus aithnichidh uile chraobha na machrach gu'n d'thug mise Iehobhah nuas an crann àrd." Tha freumh do dh'àrdan, ann an cridhe gach duine th'air thalamh; a dh'fheumas a bhi air a claidheadh mu'n comasach dhoibh bhi iomchuidh air son

nèimh ; uime sin, cha'n urrainn duine sam bith, a bhi as eugais ni eiginn a bheir dearbhadh, ann an àm so na deuchainn, co dhiubh is urrainn e strìochdadh no nach urrainn. Agus tha Dia 'g an toirt gu staid irioslachaidh chum na dearbh chriche sin. Deut. viii. 2. “Threòraich an Tighearna do Dhia thu ré an dà fhichead bhliadhna so anns an fhàsach, gu d'irioslachadh, gu d'dhearbhadh, a chum gu'm biodh fios ciod a bh'ann ad chridhe.”

2. Tha na còirean so mar eallaich *dhoilgheasach* do'n chridhe, chum a leagadh sìos. Salm cvii. 12. “Uime sin leag e sìos an cridhe le saothair.”—Tha iad calg-dhìreach a' bualadh an aghaidh rùin a chridhe, agus an aghaidh aomaidh nadurraich ; tha so gu nadurrach aig dearbhadh, co dhiubh, is urrainn an duine strìochdadh fo làimh chùmhachdaich Dhé, no nach urrainn : agus mar sin, co dhiubh a tha e iomchuidh air son flaitheanais, no nach 'eil.

3. Tha'n cridhe a thaobh naduir ullamh gu *éiridh* suas an aghaidh nan aobharan irioslachaidh so, agus, uime sin, an aghaidh na làimhe chùmhachdaich a tha 'g an toirt oirnn agus 'g an cumail oirnn. Tha'n duine gu nadurrach a' cleachdadh uile neart gus an cudthrom a tilgeadh dheth, a chum 's gu'm faigh e 'cheann a thogail suas, a' sireadh ni's mò e féin a thoileachadh na Dhia. Iob xxxv. 9, 10. “Glaodhaidh iadsan air son gàirdein nan daoine mòra : Ach cha'n abair aon neach, C'àit am bheil Dia mo Chruith-fhear ?” 'S e so an ceud gheata chum an ruith an cridhe ann an staid iosal, agus air an t-slighe so tha'n spiorad neo-cheannsuichte a' dol air aghaidh.

4. Ach 's e tha Dia aig iarraidh, gu ma feàrr leibh saothaireachadh chum an cridhe thoirt a *mhaìn*, na 'n ceann fhaotuinn air a thogail an àirde. Seum. iv. 10. 'S e so tha dearbhadh neach a bhi uidheamaichte air son nèamh ; ma tha neach anns an rathad

gu néamh is mo chùram gu chridhe fhaotuinn air a thoirt a mhàin na a cheann air a thogail an àirde, siùbhal gu sàmhach fo 'eallaich na a faotuinn air a tilgeadh dheth, sleuchdadh fo'n làimh chumhaichdaich na a toirt dheth.

5. Feumaidh sinn Dia a thoirt *fainear*, mar an tè ris am bheil ar gnothach, ann an staid iosail; “Eisdibhse an t-slat, agus an Tì a dh'òrduich i.” Mica vi. 9. Tha cuid, a thaobh truaillidheachd an spioraid, 'g an toirt féin thairis do thoil muinntir eile, anns an làimhseachadh is an-ìochdmhor, a mhàin chum an toileachadh, as eugais sùim do dh'ughdarras agus do dh'àithne Dhé. Is fìor dhiblidheachd spioraid so, leis am bheil neach a' luidh gu sàmhach gu bhi air a shaltairt le co' chnuimh, bho fhaoin-bharail mu chudthrom; agus cha'n 'eil a h-aon co ullamh gu tuiteam ann ris a' mhuinntir àrdanach, aig amannaibh, chum an rùn féin a thoirt air aghaidh. Gnìomh. xii. 22. Is luchd-toileachaidh dhaoine iad so. Eph. vi. 6. Gal. i. 10.

II. Ciod i an staid *irioslachaidh* sin chum am bheil làimh chùmhachdaich Dhé 'g an toirt? A thuilleadh air na chaidh labhairt cheana mu thiomchioll a' chamaidh crannchuir a bhi do dheanamh Dhé, is staid i so.

1. Do *neo-iomlaineachd*. Shuidhich Dia na h-uile dhaoine 'n a leithid sin a staid fo iomadh uireasbhuidh agus neo-iomlaineachd. Phil. iii. 12. Cha'n urrainn dhuinn amharc taobh air bith, nach 'eil sinn air ar cuairteachadh leo. Tha mòran do neo-iomlaineachd nàdurrach agus mhodhannail mu'n cùairt dhuinn: tha ar cuirp agus ar 'n anama, 'n an uile chomasaibh ann an staid neo-iomlan. Tha àrdan ar 'n uile ghlòir air a shalachadh; agus is nàire dhuinn gu'n bhi air ar 'n irioslachadh fo leithid a dh'uireasbhuidhibh 's a tha dh'easbhuidh oirnn; tha so coslach ri dìol-deirce a' siubhal gu h-uallach 'n a luideagaibh.

2. Do *dh'isle-inbhe* ann an dàimh, leis am bheil daoine air an cur anns an ionad is isle an dàimh agus ann an comunn, agus air an toirt gu bhi 'n eisiomail muinntir eile. 1 Cor. vii. 24. Chum dearbhadh a' chur air ùmhlachd dhaoine dha féin, dh'fhàg Dia iad fo chis do mhuinntir eile a chuir e os an ceann, a dh'fhaicinn ciod an aire bheireadh iad d'a ùghdarras agus d'a àitheantaibh bho làimh eile. 'S e cumhachd no uachdranachd roinn do dh'iomhaigh Dhé a tha dealradh annta. 1 Cor. xi. 7. Uime sin, tha urram a thoirt dhoibh, le bhi toirt an aire le eagal do'n bhoilsgheadh sin dheth iomhaigh Dhe a tha dealradh annta, gu neo-fhuasgailte air iarraidh oirne. Eph. v. 33. Eabh. xii. 9. Coimeasaich Salm cxi. 9. Tha'n ni ceudna a' seasamh anns gach dàimh agus inbhe eile, *eadhon*, gu bheil iad ann an céum an àite Dhé do'n dislibh. Salm lxxxii. 6. Agus ged robh an dream aig am bheil an uachdranachd neo-airidh annta féin, cha'n 'eil sin a' fuasgladh a h-aon bho 'n dlighe bhuineas dhoibh. Gnìomh. xxiii. 4, 5. Rom. xiii. 7. 'Se 'n t-aobhar, do bhrìgh 's nach e am maitheas, ach an dreuchd is bònn do'n urram agus do'n ùmhlachd is dligheach dhoibh; agus cha'n ann a thaobh am maitheas ach a thaobh an dreuchd, a tha Dia a' cur dearbhaidh oirnn anns a' chùis sin.

A nis, air do Dhia ar suidheachadh anns an staid neo-inbheach so, tha a bhi reasgach ann an ni sam bith nach 'eil an aghaidh àithne Dhé, no éiridh suas an aghaidh a làimh chùmhachdaich-san, Rom. xiii. 2. do bhrìgh gur i a tha troimh mheadhon oirnn chum na crìche sin, ged is i làimh an duine a tha oirnn mar gu neo-mheadhonach.

3. Do *dh'amladh*, chum sinne bhacadh bho ar toil féin. B'e so earrann do staid irioslachaidh ar Tighearna, agus tha'n t-Abstol a' smuaineachadh gu'm bi e 'n a earrann do ar 'n irioslachd-ne mar an ceudna. Eabh. xii. 3. Tha co'chordadh iomlan

air neàmh, cha'n 'eil a h-aon gu cuir an aghaidh aon eile an sin; oir tha iadsan 'n an staid dhuais-eachaidh agus àrdachaidh: ach tha sinne 's an t-saoghal so ann ar staid dheuchainn agus irioslachaidh, agus uime sin cha'n urrainn dhuinn amaladh a sheachnadh, ge b'e co àrd 's a tha sinne air ar suidheachadh.

Co dhiubh a tha na h-àmalaidhean so ceart no ana-ceart, tha Dia a' dearbhadh dhaoine leo chum an irioslachaidh, 's gu'n toirt bho'n dlùth-cheangal ri'n toil féin, agus chum ùmhleadh agus féinaicheadh a theagasg dhoibh. A thaobh an naduir tha iad ag irioslachadh, agus tha iad an t-aon ni dhuinne, 's a tha fòghlum na cùing do'n dàmh no do'n each. Tha mi creidsinn gu bheil iomadh còr as nach urrainnear mìneachadh air bith a thoirt, ach le ath-philleadh chum an fheum so a th'aig Dia dhoibh.

4. Do *dh'àmhghar*. Gnath. xvi. 19. "Seididh soirbheachadh na peacaich suas le àrdan;" ach, O! 's cruaidh an ni an spiorad a chumail iosal maille ri crannchur àrda agus soirbheachail. Ach tha Dia, leis an trioblaid, a' toirt dhaoine a mhàin bho'n àirde gu suidh anns an duslach, 's a' spionadh air falbh an iteagan breagha as an robh iad a' deanamh uail, agus a' toirt an dath agus a mhaise dheth 'n chreutair, 's 'g a nochdadh ni's mò na mhì-chumaidheachd nadurrach féin. Tha caochladh gneithean do thrioblaidibh ann cuid a tha 'g irioslachadh ni's mò, agus cuid ni's lugha, ach tha na h-uile dhiubh aig irioslachadh.

Uime sin, 's e a bhi dh'easbhuidh irioslachd fo'n trioblaid, a bhi rùnachadh-éiridh suas 'nuair a tha Dia a' tilgeadh sìos, agus a' cumail sìos; agus ma's e 's gu'm buanaichear anns a chor sin, feumaidh e bhi gu'm bì an Tighearn air a bhrosnachadh gu ar briseadh 'n ar bloighdibh, Esec. xxiv. 13. Oir tha làimh an Tì a ta cur fo àmhghair cùmhachdach.

5. Do *pheacadh*, mar pheanas a' pheacaidh.

Feudaiddh sinn na briathran sin a ghabhail mar dhearbhadh. Iob xxx. 19. Is peanas air lòrg ceud pheacaidh Adhaimh gach peacadh a th'anns an t-saoghal. Thilg an duine e féin anns an làthaich air tùs, agus a nis tha e gu ceart air fhàgail 'g a aornagan féin innte. 'Nuair a tha daoine d'an deoin a' toirt aon cheum mearachdach, air son sin tha iad air am fàgail gu ceum eile ni's miosa thoirt; agus tha peacadh an crochadh mu'n cuairt do na h-uile, eadhon mu'n cuairt do'n chuid is feàrr. Tha Dia a' riaghladh so gu ar n-irioslachadh, chum gu'm bi sinn air ar nàrachadh, agus nach fosgail sinn ar beul ni's mò gu bràth. Uime sin, 's e bhi dh'easbhuidh irioslachaidh fo ar truaighe, a bhi 'g éirigh suas an aghaidh làimh chùmhachdaich Dhé, agus a bhi firinneachadh ar cùl-sleamhnachaidh peacach uaithe, mar mhuinntir a tha càillte do gach uile mothachadh dleasnais agus as eugais nàire.

III. Ciod e sin, sinn féin *isleachadh* fo làimh chùmhachdaich Dhé ann an staid iosail. 'S e so an ni mòr gu bhi dearcadh air ann ar staid iosal. Agus feudaiddh sinn a' ghabhail anns na h-ochd nithibh so.

1. Ann a bhi toirt an aire do'n *làimh chùmhachdaich*, mar air a cleachdadh ann an toirt mu'n cuairt gach ni a bhuineas dhuinn, aon chuid ann an rathad gnìomhachaidh no ceadachaidh. 1 Sam. iii. 18. "Agus thubhairt esan, Is e 'n Tighearna th'ann: an ni sin a ta maith 'n a shuilibh ni e." 2 Sam. xvi. 10. "Agus thubhairt an rìgh, Thubhairt an Tighearna ris, Mallaich Daibhidh; agus cò a their, C'ar son a rinn thu mar so?" 'S esan tobar gach uile iomlaineachd, ach feumaidh sinne ar neo-iomlaineachd a lòrgachadh chum àrd-uachdranachd a thoil-san. 'S esan a shuidhich gach aon 'n an caochladh dhàimhibh le 'fhreasdal; as eugais-san cha b' urrainn dhuinn còmhachadh ri leithid a dh'amlaidhibh; oir "mar shruthaibh uisgeacha tha cridhe rìgh ann an làimh an Tighearna: ge b'e taobh is àill leis, tionnd-

aidhidh se e." Gnàth. xxi. 1. 'Tha e a' cur àmhgh-airibh air daonibh, agus tha e gu ceart a' deanamh peanais air aon pheacadh le peacadh eile. Isa. vi. 10.

2. Ann am mothachadh do ar neo-fhiuthalachd agus do ar neo-nitheachd féin 'na làthair-san. Salm cxliv. 3. Ann an amharc ri mòrachd neo-chrìoch-nach na làimhe cùmhachdaich ann am buntainn ruinne, bu chòir dhuinn a ràdh, maille ri Abraham, Gen. xviii. 27. "Feuch cha'n 'eil annam ach duslach agus luaithre:" agus abramaid Amen ris a ghlaodh, Isa. xl. 6. "Is féur gach uile fheoil," &c. 'S e bhi cumail suas gnà smuaintean do ar'n òirdheirceas féin, fo smachdachadh na làimhe cùmhachdaich, an dearbh ni a tha 'g at a chridhe ann an àrdan, agus a' toirt air éiridh suas 'n a h-aghaidh. Agus is e cùl a chuir ris gach beachd do'n ghnè so mu ar timchioll féin fa chomhair suilibh a ghlòire, an t-irioslachadh a th'air agradh.

3. Ann am mothachadh do ar cionta agus do ar *neo-ghloine*. Rom. iii. 10. Isa. lxiv. 6. Cha'n 'eil an làmh chùmhachdach 'g ar cumail fodha, ach mar pheacaich; uime sin, tha e iomchuidh gu faiceamaid ar truaighe 'nuair a ta sinne foidhpe; ar cionta, leis an taisbeanar sinn mar chiontaich a tha gu ceart a' fulang; ar neo-ghloine, leis am bitheamaid air ar toirt gu gràin a' ghabhail dhinn féin; agus an sin mheasamaid nach cuir ni sam bith sìos sinn ni's isle na tha sinn a' toilltinn. 'S e cion seallaidh do ar peacaidhibh a tha ceadachadh do'n chridhe àrdanach éiridh suas.

4. Ann an *strìochdadh* tosdach fo làimh Dhé. Tha 'àrd uachdranachd ag agradh so uainn. Rom. ix. 20. "Ni h-eadh, ach, O a dhuine, co thusa a ta tagradh an aghaidh Dhé?" Agus cha'n 'eil ni ach àirde agus uabhar spioraid neo-cheannsuichte a cheadaicheas dhuinn freagradh a thoirt air ais fo'n làimh chùmhachdaich. Dh' irioslaich sealladh do làimh Dhé an Salmadair gu strìochdadh le eagal,

agus balbh thosd. “Bha mi a’ m’ thosd, cha d’ fhosgail mi mo bheul, a chionn gur tusa rinn e.” Salm xxxix. 9. “Thug an Tighearna uaith, agus thug an Tighearna leis: beannuichte gu robh ainm an Tighearna.” “Ciod a fhreagras mi dhuit? cuir-idh mi mo làmh air mo bheul. Aon uair labhair mi, ach cha fhreagair mi; seadh, da uair, ach cha’n abair mi tuilleadh.” Iob i. 21; xl. 45. Agus Eli. 1 Sam. iii. 18. “Is e ’n Tighearn a th’ann: an ni sin a ta maith na shuilibh ni e.”

5. Ann an *àrdachadh a thròcairean* d’ar taobh ann am meadhon uile oibreachadh ’n ar ’n aghaidh. Salm cxliv. 3. An do leig e iosal sinne? Ma’s e ’s gu bheil sinn gu h-ìomchuidh air ar n-irioslachadh bithidh iongantais oirnn nach do leig e ni b’isle sinn. Esra ix. 13. Oir, ge b’e co iosal ’s a leigear a’ mhuinntir iriosal, chì iad nach ’eil iad fathast co iosal ’s a tha ’m peacaidhean a’ toilltinn. Tuir. iii. 22.

6. Ann an *iongantais* naomh agus tosdach mu ’shlighibh agus mu chomhairlibh Dhé, nach fheudar a rànsuchadh leinne. Rom. xi. 33. Cha shaoil àrdan cridhe ni sam bith tuille ’s àrd air son an duine, agus bheir e gnìomhachadh Dhé an làthair cathair a’ bhreitheanaid féin, a’ gabhail air a bhi faicinn tròmpa, a’ faotuinn coire dhoibh agus ’g an dìteadh; ach bheir irioslachd spioraid air neach smuaineachadh gu h-urramach agus gu cliuiteach mu dhìomhaireachd Freasdail troimh nach comasach dha faicinn.

7. Ann an *dì-chuimhneachadh* ar ’n uile urram leis am bheil sinn a’ toirt barrachd air muinntir eile, agus ann an cùl a chuir ris fa chomhair an Tighearna. Taisb. iv. 10. Beathaichidh ’n t-àrdan e féin air òirdheirceas agus urram cinnteach no faoin bharail-each phearsannta an duine, agus, air dha bhi co cleachdta ris fa chomhair muinntir eile, cha’n urrainn e dhì-chuimhneachadh an làthair Dhé. Lucas xviii. 11. “A Dhé, tha mi toirt buidheachais duit nach

'eil mi mar a ta daoin' eile" Ach bheir irioslachadh spioraid air uile dol as an t-sealladh fa chomhair mar am faileas roimh dhealradh na gréine, agus ni e 'n duine 'na shuilibh féin, ni's isle na neach air bith. "Gu deimhin tha mi ni's brùideile na duine air bith, agus cha'n 'eil tuigse duine agam. Gnàth. xxx. 2.

8. Ann an strìochdadh gu h-ullamh do'n *dréuchd* is *suarraiche* a tha feumail, no freagarrach do ar staid. Anns gach suidheachadh còmhluichidh 'n t-àrdan ri ni-eiginn a tha tuille is suarrach air son an duine gu strìochdadh no cromadh dha, air dha bhi tomhas le 'inntinn agus le 'thoil féin, agus ni-h-ann leis an staid anns na shuidhich Dia e. Ach tomhaisidh irioslachd leis an staid anns am bheil neach air a shuidheachadh, agus gu h-ullamh tha e rèidh ris an ni a tha i ag iarraidh. Thug ar Slànuighear eisimpleir dhuinn do'n ni so, (Phil. ii. 8. "Dh'irioslaich se e féin, agus bha e ùmhal gu bàs,") chum a bhi air a leantuinn. Eoin xiii. 14. "Uime sin madh'ionnlaid mise, bhur Tighearn agus bhur Maighstir, bhur cosan-sa, is còir dhuibhse mar an ceudna cosan a cheile ionnlad."

Feum.—Air son *Earail*. Uime sin biodh dianthogradh 'ur cridhe, ann 'ur n-uile chòirean iosal, chum ar spiorad irioslachadh, mar fo laimh chumhachdaich Dhé. Tha so air fhilleadh ann an dà ri.

I. Thugaibh gu cúramach fainear 'ur n-uile chòirean irioslachaidh, agus na dì-chuimhnichibh a h-aon diubh. Thugaibh an aire do 'ur neo-iomlaineachd ; 'ur isle inbhe a thaobh chàirdean ; na h-àmlaidhean ris am bheil sibh a' còmhlaachadh ; 'ur n-àmhgairean ; neo-chinnteachd gach uile ni tha mu'n cùairt dhuibh ; agus 'ur n-aingidheachd Amhaircibh trompa le rùn sònruichte, agus thugaibh fainear do ghnìomhachadh 's do riaghladh Freasdail do 'ur taobhannta so, chum 's gu'm bì aithne agaibh oirbh féin, agus nach bì sibh 'n ar coigrich mu'r timchioll féin, dàll a thaobh 'ur fìor chor agus 'ur staid.

2. A bhi toirt fainear ciod a tha na còirean so ag *iarraidh* oirbh, mar nithibh iomchuidh air an son; cleachdaibh 'ur dìchioll, chum 'ur spioradan a thoirt gu fòn iriosal, amhuil, mar a ta 'ur crannchur, da rìreadh, iosal anns gach cùis dhiubh so, gu'm bì 'ur spiorada mar sin mar an ceudna, mar fo làimh chùmhachdaich Dhé. Gu ma h-e so an ni mòr air am bì sibh a' dearcadh ré an iomlain d' 'ur beatha, agus 'ur cleachda gach là.

Brosnuchadh 1. Tha Dia gu cinnteach 'ag oibreachadh chum gach aon againn irioslachadh. Ge b'e co àrda 's a tha neach air bith air a thògail suas anns an t-saoghal so, cheangail Freasdal comharraidhean àraid riu chum an irioslachadh, co dhiubh a bheir iad an aire dhoibh no nach toir. Isa. xl. 6. A nis, is e ar dleasnas ar n-aonta chuir ri rùn Freasdail, chum, 'nuair a ta Dia 'g ar n-irioslachadh, gum bì sinn féin 'g ar irioslachadh mar an ceudna, agus nach gabhamaid ri freasdalaibh irioslachaidh ann an dìomhain.

2. Cha bhi eifeachd air bith ann an irioslachadh ar spioraid as eugais ar gnìomhachadh féin; am feadh a tha Dia ag oibreachadh oirnn air an dòigh sin, feumaidh sinn co-oibreachadh maille ris, oir tha e 'g oibreachadh oirne mar luchd-oibre reusontach, dream air dhoibh bhi air an gluasad, a ghluais-eas iad féin. Philip. ii. 12, 13. Feudaidd Dia le 'fhreasdal ar cor agus ar crannchur a thoirt a mhàin le ainneart as ar 'n eugais féin, ach feumaidh an spiorad a thighinn a mhàin do ar saor thoil, no cha tig e mhàin idir; uime sin, strìochdaibh do fhreasdalaibh irioslachaidh 'ann an sibh féin irioslachadh, mar a sgaoileas na maraiche na siuil 'nuair a thòisicheas a' ghaoth ri séideadh, chum 's gu'n giùlainear iad air falbh roimpe.

3. Mar dean sibh sin, tha sibh a' cur an aghaidh làimh chumhachdaich Dhé. Gnìomh. vii. 51. Tha sibh a' cur na h-aghaidh am feadh's nach 'eil sibh a' strìochdadh, ach a' seasamh mar chreig an

aghaidh 'ur Cruithear ann am freasdalaibh irioslachaidh. Ier. v. 3. "Bhuail thu iad, ach cha d'rinn iad bròn; chaith thu iad, ach dhiùlt iad gabhail ri smachdachadh; rinn iad an aghaidh ni's cruaidhe na creag, dhiùlt iad pilleadh." Ni's mò gu mòr 'nuair a tha sibh a' strì 'n a aghaidh chum 'ur cor a thogail suas a d'h aindeoin, am feadh a dh'fheudas sinn Dia fhaicinn a' rùnachadh a chumail sìos. Agus mu'n strì so thugaibh fainear.

1. Co *aingidh* 's a tha i; ciod an ni olc a tha innte. Is cath calg-dhìreach i an aghaidh Dhé, a' tilgeadh dhinn ar n'-ùmhachd d' ar Rìgh agus d' ar Tighearna, agus éiridh ann an ceannairc 'n a aghaidh. Isa. xlv. 9.

2. Co *amaideach* 's a tha i. Cia neo-ionann 's a tha'n strì? Cionnas is urrainn an connsachadh crìochnachadh gu math? Iob ix. 4. Ciod tuille a chrìoch gus 'm bu chomasach do shligibh-chreadha na talmhainn teachd a chionn a bhi bualadh an aghaidh carraig nan àl, ach gu'm briste iad 'n am, bloighdibh? Feudaidd sinn a ràdh, mar a thuirt Iob xli. 8. Gu cinnteach feumaidh na h-uile dhaoine lubadh no briseadh fo'n làimh chùmhachdaich.

3. Is e so àm an irioslachaidh, eadhon àm na beatha so. "Tha gach ni maiseach 'n a thràth;" agus tha toirt a mhàin an spioraid an dràsda maiseach, mar 'n a àm, eadhon mar a tha treabhadh agus cur anns an earrach. Thugaibh fainear,

1. Gu bheil irioslachd spioraid ro *luachmhor ann an sealladh Dhé*. 1 Pead. iii. 4. Mar a ta fuath sònruicht' aige do dh'àrdan cridhe, mar sin tha spéis shonruichte aige do dh'irioslachd. Caib. v. 5. 'S e peacaich irioslachadh agus a thoirt a mhàin bho'n àirde, anns an do shuidhich truailidheachd an nàduir iad, àrd chrìoch 'fhocail, agus a fhreasdail.

2. Cha ni furasd spioradan dhaoine irioslachadh; cha ni beag a ni e; cha'n obair e a nìthear gu h-eallamh. Tha feum air cladhachadh domhainn air son irioslachaidh iomlain ann an obair na h-ath-

bhreith. Lucas vi. 48. 'S iomadh buille dh'fheumas a bhi air a thoirt do fhreumh craoibhe àrdain nadurraich a' chridhe mu'n tuit i; gu minigsaoilear gu'n tuit i, agus gidheadh éiridh i a rìs.—Agus, eadhon 'nuair a bheirear am buille leagaidh dh'i anns na creidmhich, thig slat an àrdain a rìs fo bhlàth, ionnas gu bheil gnàth fheum air son obair irioslachaidh as ùr.

3. Tha 'n t-iomlan do dh' àm na beatha so air òrduchadh chum irioslachaidh. Bha so air a chiallachadh leis an dà fhichead bhliadhna bha cloinn Israeil anns an fhàsach. Deut. viii. 2. Bha e mar sin do Chrìosd, agus uime sin feumaidh e bhi mar sin do dhaoineibh. Eabh. xii. 2. Agus anns an àm sin feumaidh iad aon chuid a bhi air an co' chumadh a réir iomhaigh-san, no bhi coslach ri droch airgiod air nach gabh iomhaigh cuir air sheòl sam bith. Rom. viii. 29. Uime sin ge b'è togail suas a gheibh daoine an dràs agus a rìs anns a' bheatha so, gidheadh 's e rathad gnàthaichte bhi 'g irioslachadh.

4. Cha'n 'eil irioslachd r'a faotuinne an taobh thall do'n bhàs. Taisb .xxii. 11. Mar bì àrdan a' chridhe air a thoirt a mhàin anns a' bheatha so, cha bhi e gu bràth air a thoirt a mhàin; cha'n 'eil irioslachd bhaigheil ri earsba 's an ath-bheatha.—Bithidh na h-uabhraich air am briseadh 'n am bloighdibh an sin, ach cha taisichear iad; bithidh an cor agus an crannchur air a thoirt gus an inbhe is isle, ach fanaidh an àrdan a ghnàth maille riu, uime sin, bithidh iad ann an cruaidh-ghleachd sìorruidh, a thaobh an t-strì a bhios eadar an spiorad agus an crannchur. Taisb. xvi. 21.

Uime sin, bithibh air ar faicill air eagal gu'n dean sibh dearmad air àm 'ur n-irioslachaidh: feumaidh sinn a bhi air ar 'n irioslachadh, no theid sinn a dhìth gu sìorruidh; agus is e so an t-àm, an t-aon àm chum ruigheachd oirre; uime sin, deanaibh 'ur

connadh 's an t-samhradh ; strìochdaibh do fhreasd-
alaibh irioslachaidh, agus na cogaibh 'n an aghaidh
am feadh a tha sibh 'g am mealtuinn. Gnìomh.
xiii. 41. Cha mhair àm nan gràs ; ma choidleas
sibh an àm cuir an t-sìl, bithidh sibh air an deirce an
àm buain an fhogharaidh.

5. 'S e so an rathad chum amanna irioslachaidh
a thionndadh gu deadh bhuil ; air chor an àite bhi'n
càll, 's ann a bhios sibh ann am buannachd leo.—
Salm cxix. 71. “ Is maith dhomhsa gu'n robh mi
ann an àmhghar.” Nam b'àill leibh dearcas fiona
thional do na drisibh agus do na cluaranaibh so,
feuchaibh ri ar spioradaibh fhaotuinn air an irios-
lachadh leo.

1. Tha irioslachadh spioraid 'n a ni ro *luachmhor*
ann féin. Gnàth. xvi. 32. Cha'n urrainn e bhi air
a cheannach tuille 's daor. Ge b'e ni a tha neach a'
fulang, ma tha 'spiorad air a thoirt gu h-ìomchuidh
a mhàin leis, tha aige na 's math is fhiach giùlan
leis gach cruaidh-chas air a shon.—1 Pead. iii. 4.

2. Bheir irioslachd spioraid iomadh *sochair* leatha
'n a cois. Is geug thorach i, a tha gu math air a
luchdachadh, ge b'e àit am bheil i. Ni i còmh-
nadh ri cor neach a' dheanamh ni 's socraiche fo'n
chrois. Mata xi. 30. Tuir. iii. 27—29. Is iobairt
i a tha gu sònruichte taitneach do Dhia.—Salm li.
17. Tha sùil Dhé gu h-àraid air a' leithid sin chum
math. Isa. lxvi. 2. “ Air an fhear so amhaircidh
mi ; eadhon air-son a ta bochd agus leòinte 'n a
spiorad, agus a chrìothnaicheas roimh m' fhocal.”
Seadh, tha e gabhail còmhnuidh maille riu. Isa.
lvii. 15. Agus tha e toirt riaghailt do ghliocas troimh
'n iomlan do ghiùlan neach. Gnàth. xi. 2. “ Aig
na h-iriosail tha gliocas.”

'S an *dàite mu dheireadh*. Thugaibh fainear, is
làmh chùmhachdach a tha 'g oibreachadh oirnne ;
làmh an Dé chùmhachdaich ; uime sin, lùbamaid ar

spiorada chum strìochdadh foidhpe, agus na gleachdamaid 'n a h-aghaidh. Thugaibh fainear,

1. Feumaidh sinn sleuchdadh foidhpe. A chionn gur e 'rùn sinne thoirt a mhàin, cha'n urrainn sinn seasamh roimpe; no cuir an aghaidh a rùin. Isa. xlv. 10. "Seasaidh mo chomhairle." Mar sin, feumaidh sinn tuiteam roimpe, aon chuid ann an rathad dleasnais no breitheinis. Salm xlv. 5. "Is géur mo shaighdean (tuitidh na sloigh fodhad) is géur iad ann an cridhe nàimhdean an Rìgh."

2. Iadsan a tha co glic agus strìochdadh gu h-iriosal fo'n làimh chumhachdaich, ge b'e co iosal 's a tha iad, *togaidh* an làmh cheudna suas iad a rìs. Seum. iv. 10. Ann an aon fhocal, ge b'e co àrda 's a tha na h-uabhraich, bheir Dia sìos iad: 'S ge b'e co iosal 's a tha mhuinntir iriosal, *togaidh* Dia suas iad.

SEOLLAIDHEAN CHUM RUIGHEACHD AIR AN IRIOS- LACHADH SO.

I. *Seòlaidhean coitchionn.*

Seòladh 1. Rùnaichibh ann 'ur cridhe ni-eiginn do dh'eòlas spioradail iarraidh mu ghiùlan Freasdail d' ar taobh. Mica vi. 9. Gus an aomar 'ur cridhe 'n rathad sin, cha'n 'eil earsba n-'ur 'n irioslachadh. Hos. xvi. 9. Cha'n 'eil ni sam bith ni's reusantaiche nam b'e 's gu'n cleachdamaid sinn féin, aon chuid mar dhaoine, no mar Chrìosduidhean, na gu'n dearcamaid air an ni sin a tha co cràiteach do'n fheòil a thionndadh gu buannachd an spioraid; chum, ma tha sinn an càll air an darna làimh, gu'm buannaichmid air an làimh eile.

2. Deanaibh 'ur slàinte shiòrruidh cinnteach, anns a' cheud àite, le bhi teicheadh a dh'ionnsuidh Chrìosd, agus le bhi gabhail Dhé mar 'ur Dia ann-

san, a réir tairgse 'n t-soisgeil. Hosea ii. 19. Eabh. viii. 10. Gluaiseadh 'ur staid irioslachaidh sibh gu so, chum 'nuair a tha na sruthain air tior-machadh suas, gu 'm feud sibh dol a chum an Tob-air: oir tha e neo-chomasach ruigheachd air fìor irioslachadh fo'n làimh chumhachdaich, as eugais fìor chreidimh annsan mar 'ur Dia agus 'ur caraid. Eabh. xi. 6. 1 Eoin iv. 19.

3. Cleachdaibh meadhonan irioslachaidh 'n an-ma ann an creidimh a' gheallaidh. Salm xxviii. 7. Air do Mhaois a' chreag a' bhualadh ann an creidimh a' gheallaidh, thug e air an uisge brùchdadh a mach, ni nach b'urrainn tachairt idir air mhodh eile. Deanamaid-ne air an dòigh cheudna ann am buntuinn ri ar cridhibh cruaidh. Feumaidh iad a bhi air an leagadh sìos air leabaidh thais an t-soisgeil, agus a bhi air am bualadh an sin, mar chì sibh ann an Ioel, ii. 13. "Pillibh ris an Tighearna bhur Dia: oir tha e tròcaireach agus iochdmhor:" No cha toirear buaidh orra gu bràth le'n deòin chum strìochdadh gu h-iriosal.

II. Seòlaidhean sònruichte.

1. Bithibh dearbh-chinnteach nach 'eil staid air bith anns am bheil sibh co iosal, 's nach fheud sibh 'ur cridheachan fhaotuinn air an toirt sìos gu bhi freagarrach dhi. 1 Cor. x. 13. "Ach tha Dia dìleas, nach leig dhuibh bhi air bhur feuchainn thar bhur comas; ach a ni maille ris an deuchainn slighe dol as mar an ceudna, chum gu'm bì sibh comasach air a giùlan. Tha so fìor. 2 Cor. xii. 9. "Is leòir mo ghràs-sa dhuit: oir a ta mo chùmhachd air a dheanamh foirfe ann an ànmhuinneachd." Bithidh sibh dearbhtha do'n ni so, a thaobh 'ur cor féin, ma 's e 's gu'n ruig sibh gu bràth a' cheann. Philip. iv. 13. "Is urradh mi na h-uile nithe a dheanamh tre

Chriosd, a neartaicheas mi.” Tha Dia a’ ceadachadh dhuibh a bhi dearbhta dheth, ciod air bith ’ur n-anmhuinneachd agus ’ur trioblaid ann an coilionadh na h-obair. “Air ar son-ne tha e sgrìobhta, chum gur ann an dòchas is còir do’n treabhaiche treabhadh; agus a chum an neach a bhuaileas ann an dhòchas, gu’m bì e ’n a fhear comhpàirt d’a dhòchas.” 1 Cor. ix. 10. Agus is e creideas a thoirt do ni so earrann do bheatha chreidimh. 2 Tim. ii. 1. Mar ’eil dòchas agaibh gu ’n soirbhich leibh, bithidh ’ur dìchiollan co mì-mhisneachail, ’s a bhios iad co dìomhain. “Uime sin, togaibh suas na làmh-an a ta air tuiteam sìos, agus neartaichibh na glùine laga.” Eabh. xii. 12.

2. Co dhiubh a tha làmh, no nach ’eil, na meadhon ann ’ur staid isleachaidh, gabhaibh *Dia* mar an *Tì* ris am bheil ’ur gnothach, agus measaibh sibh féin anns an staid sin mar fo làimh chumhachdaich-san. Mica vi. 9. Cha’n ’eil daoine ’n an staid iosail a’ toirt an aire do Dhia; mar sin cha’n ’eil iad ’g am faotuinn féin air an gairm gu bhi iriosal foidhpe; tha iad a’ suidheachadh an suilean air a chreutair a tha ’n a mheadhon, agus, an àite iad féin irioslachadh, ’s ann a tha ’n cridhe ag éiridh suas. Ach gabhaibh esan mar an *Tì* ris am bheil ’ur gnothach, chum gu’n cuimhnich sibh an cath, agus nach dean sibh tuilleadh. Iob xli. 8.

3. Bithibh tric a’ smuaineachadh air *cumhachd* neo-chrìochnach Dhé: thugaibh fainear a naomhachd agus a mhòrachd, a tha nì’s leòir chum ’ur ’n irioslachadh anns an tomhas is ro mhò. Isa. vi. 3—5. Chòmbhuich Iob ri iomadh freasdal irioslachaidh ’n a chòr, ach cha robh e riamh air irioslachadh gu leòir fodhpa, gus an d’fhoillsich an Tighearn e féin dha as ùr, ’n a chumhachd agus ’n a mhòrachd neo-chrìochnach. Chum e r’a bharrail an aghaidh a chairdean, agus sheas e r’a phùinc, gus na bhuin Dia ris air an doigh sin. Thòisich e

le tairneanach. Iob xxxvii. 1, 2. An sin fhreagair an Tighearn as a' chuairt-ghaoith, caib. xxxviii. 1, mar sin dh'irioslachadh Iob, caib. xl. 4, 5. Tha'n ni air ath-nuadhachadh gus am bheil e ni's mò air irioslachadh, Caib. xlii. 5, 6. "Uime sin gabhaidh mi gràin diom féin, agus ni mi aithreachas ann an duslach agus an luaith."

4. Cleachdaibh sibh féin gu tosdach ri bhi ceadachadh *d'iomhaireachdan* ann an giùlan Freasdail d'ar taobh, nach urrainn duibh a thuigsinn, ach gidheadh dh'an toir sibh urram. Rom. xi. 33. "O doimhne saoibhris araon gliocais agus eòlais Dé! Cia do-rannsachaidh a bhreitheanais, agus do-lorgachaidh a shlighean!" B'e sin an ceud fhocal a labhair Dia ri Iob. Caib. xxxviii. 2. "Cò e so a tha dorchachadh comhairle le briathraibh gun eòlas? Rinn e greim air chridhe air, dhlùth-lean e ris, agus tha e 'g a ainmeachadh a rìs, caib. xlii. 3, mar an ni sònruichte a thug gu 'ghlùinibh, agus gus an duslach. e. Eadhon anns na ceumaibh sin do Fhreasdail, troimh an fhaide 'm bheil sinn a réir barail a' faicinn, 's math a dh'fheudas sinn a cheadachadh gu bheil cuid do dh'iomhaireachdan an taobh thàll do'n bheil sinn a' faicinn. Agus anns na freasdalaibh sin is deacair ri thuigsinn, bu chòir d'a àrd-uachdranachd sinne chuir 'n ar tosd; agus d'a ghliocas neo-chrìochnach ar riarachadh, ged nach urrainn duinn am faicinn.

5. Bithibh gu tric a' smuaineachadh air 'ur *n-aingidheachd* féin. Iob xl. 4. "Feuch tha mi gràin-eil; ciod a fhreagras mi dhuit? cuiridh mi mo làmh air mo bheul." Is e bhi sealltuinn thairis air a' pheacadh a tha toirt uiread a gnothaich dhuinn ri freasdalaibh irioslachaidh. Am feadh 's a tha na sùilean air an cumail air dhoigh 's nach urrainn doibh peacadh fhaicinn, tha 'n cridhe 'g eiridh suas 'n an aghaidh; ach 'nuair dh'fhosgailear iad, tuitidh e. Uime sin, 'nuair a tha Dia a' buintuinn ribh le

freasdalaibh irioslachaidh, tionndaibh 'ur suilean, air aingidheachd 'ur nàduir, 'ur cridhe, agus 'ur beatha, agus cuidichidh sin air aghaidh 'ur n-irioslachadh.

6. Socraichibh ann 'ur cridhe, gu bheil *feum* air gach uile staid irioslachaidh anns am bheil sibh air 'ur cur. Is firinn so. 1 Pead. i. 6. "Ge do tha sibh a nis ré ùine bhig (ma's feumail e) fo thuirse tre iomadh buaireadh." Cha'n 'eil Dia a' cur deuchainn neo-fheumail air bith oirnn, 's cha'n 'eil e a' cur a h-aon fo àmhghar ach mar a ta 'm feum ag iarraidh. Tuir. iii. 33. "Oir cha chlaoidh e d'a dheoin, ni mo chràidheas e clann nan daoine." Is eadar-dhealachadh comharraichte sin a tha eadar smachdachadh ar n-Athar talmhaidh agus nèamhaidh. Eabh. xii. 10. "Iadsan —a réir an toile féin; ach *esan* chum ar leas, ionnas gu'm bitheamaid 'n ar luchd-comhpàirt d'a naomhachd." Amhaircibh air gne 'ur cridhe agus 'ur nàduir, cia ullamh 's a tha e air éiridh suas, agus Dia a dhì-chuimhneachadh, 's a bhi air a ghiùlan air falbh le dìomhanas a t-saoghail; ciod an am-aideachd a tha ceangailte suas ann 'ur cridhe. Mar so tha sibh a' faicinn an fheum a th'air freasdalaibh irioslachaidh chum 'ur cumail còmhnaidh, agus air an t-slat air son druim an amadain; agus ma's e 's aig àm air bith nach urrainn duibh am feum sin fhaicinn, creidibh e air steigh neo-chrìoch-nach gliocas Dé, nach eil a' deanamh ni air bith gu dìomhain.

7. Creidibh gu bheil *rùn* caoimhneil aig Freasdal annta d'ar taobh. Tha Dia 'g ar gairm-ne gus a so, mar an iuchair a dh'fhosgail an cridhe fodhpa. Taisb. iii. 19. Tha Sàtan 'g ar buaireadh gu bhi cur an teagamh rùn caomhneil an fhreasdail, mar chrànn a chumail a' chridhe duinte. 2 Rìgh. vi. 33. Tha 'n t-olc so o'n Tighearna; c'ar son a dh'fheithinnse air an Tighearna ni's fhaide?" Cò

fhad 's a tha amharusan gu bheil droch rùn annta 'n ar n-aghaidh a' riaghladh, cuiridh an creutair, mar a' chnuimh aig cosaibh an duine, e féin anns an rathad dìonaidh is fearr is urrainn e, agus cruadhaichidh se e féin ann am bròn; ach le bhi creidsinn gu bheil rùn cairdeach annta, fosglaidh se e féin ann an irioslachadh 'n a làthair.

Cor. “O! nan tuiginn gu bheil rùn càirdeach ann, ghiùlanainn leis gu toileach, ged bhiodh tuilleadh an deth; ach 's ann a tha eagal orm gur e th'ann an rùn Freasdail cuir as domh leis.”

Freag. A nis, ciod an earrann do fhocal Dé, no 'm foillseachadh bho neàmh, a fhuair thu chum nan eagala so a bhòntachadh orra? Cha d'fhuair a h-aon, ach bho ifrinn. 1 Cor. x. 13. Ciod an rùn a tha thu a' saòilsinn a th'anns an t-soisgeul do d' thaobh? Nach urrainn thu chreidsinn gu bheil rùn cairdeach do d' thaobh ann an uile bhriathraibh a ghràis a th'air an carnadh suas an sin? Ciod e sin, guidheam ort, ach an dubh eucraidimh 'n a fhior dhreach ifrinneil—Isa. lv. 1.—aig itealaich an aghaidh firinn Dhé, agus a' deanamh breugair dheth. 1 Eoin v. 10, 11. Is analachadh gaoil agus deadh-ghean an soisgeul do shaoghal do dhaoineibh peacach. Tit. ii. 11. iii. 4.; Eoin iv. 14. Eoin iii. 17. Ach cha 'n 'eil sibh 'g a chreidsinn, anns a chor sin, ni's mò na tha na deamhna féin 'g a chreidsinn. Ach ma's urrainn sibh chreidsinn gu bheil rùn cairdeach an sin, feumaidh sibh chreidsinn gu bheil e ann 'ur staid irioslachaidh mar an ceudna; oir cha 'n urrainn rùn Freasdail a bhi 'n aghaidh rùn an t-soisgeil; ach air an làimh eile 's ann a tha 'n dara h-aon gus an aon eile a' chobhair air aghaidh.

8. Smuainichibh annaibh féin, gur i bheatha so àm na *deuchainn* air son nèimh. Seumas i. 12. “Is beannuichte an duine a ghiùlaineas buaireadh: oir 'nuair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha

a gheall an Tighearna do'n droing a ghràdhaicheas e." Uime sin, bu chòir altachadh-beatha thoirt do fhreasdalaibh irioslachaidh anns a bheachd sin. rann 2. " Measaibh mar an uile ghàirdeachas 'nuair a thuiteas sibh ann an iomadh gné dheuchainnibh." Ma tha dreuchd urramach, no gnothach buannachdail gu bhi air a bhuileachadh, ni daoine strì gu bhi air an gabhail air deuchainn air a shon, ann an dòchas gu 'm bì iad air an gabhail a steach d 'a ionnsuidh. A nis, tha Dia a' cur deuchainn air daoineibh air son flaitheanais le freasdalaibh irioslachaidh, mar tha 'm Biobull gu h-ìomlan a' teagasg; agus am bì daoine co neo-thoileach géill a thoirt doibh? B' àill leam fheòraich dhibh.

(1.) Am measar leibhs' e mar ni faoin a bhi 'n ar luchd-iarraidh gu glòir, agus deuchainn a bhi air a chur oirbh air son nèimh? Nach 'eil urram ann, urram a bh'aig na h-uile do na naomhaibh? Seum. v. 11. " Feuch, measar sona leinn iadsan a dh'fhuiling-eas," &c. Agus nach 'eil sealladh taitneach ann. 2 Cor. iv. 17. " Oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach ré sealain, ag oibreachadh dhuinne, tròm chudthrom glòire a ta ni 's ro anabharraich agus sìor-mhaireannach." Ach abair gur e so do staid, gu'n dhearmad Dia thu anns a chor sin, mar neach air am bu dìomhain deuchainn a chur gu bràth air a mhodh sin; gu'n d'òrduich e do chuibhroinn dhuit anns a bheatha so le làn shocair, mar neach nach biodh gu tuilleadh fhaotuinn dheth; ciod a bhiodh an sin?

(2.) Ciod an t-eadar-dhealachadh mòr a th' eadar 'ur deuchainnean agus an glòir? Cia eutrom 'ur 'n àmhghairean is ro mhò, ann an coimeas ri cudthrom an glòire? Cha 'n 'eil an aon is fhaide mhaireas diubh ach ré tiota, ann an coimeas ris a' chudthrom shìorruidh. Mo thruaighe! tha mòran mi-chreidimh aig freumh ar n-uile mhi-shuaimhneas-an fo ar freasdalaibh irioslachaidh. Nam biodh

sealladh ni bu shoilleire againn do'n t-saoghal eile, cha chuireadh sinn uiread a shùim aon chuid air faoilte no air gruaim an t-saoghail so.

(3.) Ciod i 'ur barail mu theachd neo-ghlan bho dheuchainn 'ur freasdalan irioslachaidh? Ier. vi. 29, 30. "Chaitheadh an luaidhe leis an teine; leagh am fear leaghaidh gu dìomhain; oir cha'n 'eil iadsan a ta olc air an sgaradh air falbh:—Airgiod nach fiù theirear riu-san, a chionn gu'n do chuir an Tighearna cùl riu." Gur e a mhàin crìoch na cùis, gu bheil 'ur cridhe a' taisbeanadh a bhi do leithid a ghné 's nach bì e air sheòl air bith air irioslachadh; agus uime sin gu'm feum sibh agus gu'm bì sibh air 'ur fuasgladh uatha, 'nuair nach 'eil fathast coslach irioslachaidh air bith ri fhaicinn. Tha mi saòilsinn gu'm bu chòir do dh'uamhas a leithid so a shaorsainn, sinne chuir gu ar glunaibh a ghuidh gu'n bhi air ar togail suas bho ar staid iosail, mu'm bì ar cridhe air irioslachadh. Isa. l. 4. Esec. xxiv. 13.

9. Smuainichibh annaibh féin, cionnus a tha 'n Tighearna le freasdalaibh irioslachaidh 'g ar n-ullachadh-ne air son nèimh. Colos. i. 12. "A' tabhairt buidheachais do 'n Athair, a rinn sinne iomchuidh chum bhi 'n ar luchd-comhpàirt do oighreachd nan naomh 's an t-solus"—maille ri—2 Cor. v. 5. Tha na clachan agus am fiodh air an cur sìos, 's air an tionnda thairis agus thairis, agus air an snaitheadh mu'm bì iad air an cur suas anns an togail; or cha chuirear suas iad mar thàinig iad as a chàrn agus as a choille; 's nam bu chomasach dhoibh ròghainn a dheanamh, rachadh àite dhiùltadh anns an togail do mheud dhiubhsan 's a dhiùltadh an t-inneal iaruin. Guidheam oirbh, cionnus a tha sibh a' smuaineachadh a bhios sibh air 'ur deanamh iomchuidh air son nèimh, le blàth dhealradh gréine socair an t-saoghail so, agus an t-iomlan do 'ur toil fhaotuinn an so? Ni h-eadh, a

mhuinntir, 's ann a dh'fhàgadh e 'ur beoil gun bhlas air aoibhneas an ath shaoghail. Tha soithichean na h-eas-onoir air an deanamh freagarrach air an doigh sin air son sgrios; ach tha soithichean na h-onoir air an deanamh freagarrach air son glòir le freasdalaibh irioslachaidh. Theirinn an so,

(1.) Nach toilich ni sam bith sibh ach dà fhlaithneas, aon anns a bheatha so, 's aon eile 's an ath-bheatha? Dh'ullaich Dia aon fhlaithneas air son nan naomh, aon àite far am faigh iad an uile thoil, an uile dhùrachd, agus an uile iarrtais; far nach bì cudthrom air bith orra gu 'n cumail fodha; agus is ann 's an ath shaoghal tha sin.—Ach feumaidh sibhse fhaotuinn an so agus an sin, no cha 'n urrainn duibh a' ghabhail. C' ar son nach 'eil sibh a' faotuinn coire mar an ceudna, nach 'eil dà shàmhradh 's an aon bhliadhna; dà là ann an ceithir uaire 'ar-fhichead? Tha òrdugh an aoin nèimh co daingean ri òrdugh nan laithean agus nam bliadhnachan, agus cha 'n atharraich sibhs' e; uime sin, ròghnaichibhs' co dhiubh a ghabhas sibh 'ur 'n oidhche no 'ur là an toiseach, 'ur geamhradh no 'ur sàmhradh, 'ur flaithneas 's an t-saoghal so no 's an t-saoghal ri teachd.

(2.) As eugais a bhi air 'ur 'n irioslachadh le freasdalaibh irioslachaidh 's a bheatha so; cha bhi sibh *iomchuidh* air son nèimh. 2 Cor. v. 5. “A nis an Tì a dh'oibhrich sinne chum so féin, is e Dia e.” Gun amharus feudaidd sibh luidh gu foisneach anns a bheatha so air leabaidh do neo-chùram, agus a bhi brùadar mu nèamh, làn do dhòchas gu meal sibh phàrras an amadain, a' dùrachadh sibh féin a thilgeadh á uchd Dhelilah gu uchd Abraham; ach as eugais gu'm bì sibh air 'ur 'n irioslachadh cha bhi sibh uidheamaichte air son,

(1.) Nèamh a *Bhiobuill*, an nèamh sin a th'air innse anns an t-seann Tiomnadh agus 's an Tiomnadh Nuadh. Nach 'eil an nèamh sin na togail

suas ann an àm iomchuidh ? Ach, cionnus a bhitheas sibhs' air 'ur togail suas nach deachaidh riamh a leagadh sìos gu ceart ? C'àit am bì bhur deòir gu bhi air an siabadh air falbh ? Ciod an t-aobhar uaill a bhios agaibhs' nach cog an deadh chogadh ? Cionnus a bhios e na fhois dhuibhse nach duraichd obair a dheanamh ?

(2.) Nèamh nan *naomh*. Taisb. vii. 14. “ Agus thubhairt mi ris, A Thighearn, tha fhios agadsa. Agus thubhairt e rium, Is iad so iadsan a thàinig á àmhghar mòr; agus nigh iad an truscain agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.” Tha so a' freagairt na ceiste mu thimchioll Abraham, Isaaic, agus Iacoib, agus na h-uile do na naomhaibh a tha maille riu an sin: thugadh sìos iad chum an duslaich le freasdalaibh irioslachaidh, agus a mach asda sin thàinig iad gu bhi fa chomhair na cathrach. Cionnus a tha sibh am barail a bhi gu bràth air 'ur togail suas maille riu-san, ris nach aontaich sibh a bhi air 'ur toirt sìos ?

(3.) Neàmh Chrìosd. Eabh. xii. 2. “ Neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh'fhuiling an crànn-ceusaidh, a' cur na nàire an neo-shuim, agus a shuidh air deis rìgh-chaithreach Dé.” O! thugaibh fainear cionnus a rinn an Roimh-ruithear a shlighe. Luc. xxiv. 26. “ Nach b'eigin do Chrìosd na nithe so fhulang, agus dol a steach d'a ghlòir?” Agus bithibhse cinnteach ma gheibh sibh far am bheil esan, gu'm feum sibh dol an sin mar chaidh esan. Luc. ix. 23. “ Agus thubhairt e riu uile, Ma's àill le neach air bith teachd a' m' dheighse, aicheadhadh se e féin, agus togadh e chrànn-ceusaidh gach là agus leanadh e mise.”

10. Mu dheireadh thugaibh thairis an earbs' àrd a th'agaibh mu 'n t-saoghal so, agus cleachdaibh i ris an t-saoghal ri teachd. Bithibh mar choigrich agus mar luchd-cuairt 's a bheath so, ag amharc air son 'ur fois ann an nèamh, agus gun bhi

'g a h-earbsa gus an ruig sibh sin. Tha olc buadhach ann. Isa. lvii. 10. "Ann am buanas do shlighe sgèithicheadh thu; ach cha dubhairt thu cha'n 'eil dòchas ann." Mar sin tha togail Bhabeil a' sìor dhol air adhairt, ged thuit e thairis agus thairis: Oir a deir daoine, "Tha na clachan creadha air tuiteam, ach togaidh sinn le clachaibh snaidhte; tha na craobhan sicamoir air an gearreadh sìos, ach cuiridh sinn craobhan seudair 'n an àit." Isa. ix. 10. Tha so a' deanamh obair an irioslachaidh ro fhadalach; tha sinn co doilich ri ar greim do'n chreutair a chuibhteachadh, agus a bhi air ar cur air dial a bhàrr na cìche.—Deanaibh greim daingean air an ath-shaoghal, agus leigibh a chead do 'ur greim do'n t-saoghal so; mar sin *bithidh sibh air 'ur 'n irioslachadh fo 'n làimh chùmhachdaich*. Mar is daighne ghramaicheas sibh ri sonas an t-saoghail sin, 's ann is fhasa dhuibh sibh féin a chordadh ri 'ur freasdalaibh irioslachadh 's an t-saoghal so.

11. Deanaibh feum do *Chrìosd* 'n a uile oifigibh, chum 'ur n-irioslachadh fo 'ur freasdalaibh irioslachaidh. 'S i 'n irioslachd chàirdeach a mhàin a tha teachd anns an rathad sin. Sech. xii. 10. "Agus amhaircidh iad air-san a lot iad, agus ni iad bròn," &c. Feumaidh sibh sin a dheanamh le bhi 'g earbsa annsan chum na crìche sin.

1. Mar *Shagairt* air 'ur son. Tha coguis agaibh a tha làn do chionta, agus fagaidh sin neach neo-shocrach ann an staid air bith, agus ni's mò gu mòr ann an staid irioslachaidh; bithidh i mar dhris ann an gualainn air am biodh eallach thròm air a' cur. Ach glanaidh fuil Chrìosd a' choguis, spìonaidh i an dris aiste, bheir i socair, Isa. xxxiii. 24, agus ni i neach freagarrach gu aon chuid seirbhis a' dheanamh, no fulang. Eabh. ix. 14. "Cia mor is mò ni fuil Chrìosd bhur coguis-se ghlanadh o oibribh màrbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheò?"

2. Mar 'ur *Fàidh* chum 'ur teagasg. Tha feum againn a bhi air ar teagasg gu ceart chum ar freasdalaibh irioslachaidh a thoirt fainear; oir, gu tric, cha'n 'eil sinn a' toirt an aire dhoibh, air chor 's gu bheil iad a' fàs 'n an eire chlaoidhteach; ach nam b'urrainn duinn am faicinn gu ceart, dìreach mar a ta Dia 'g an cur do ar 'n ionnsuidh-ne, 's ann a dh'irioslaicheadh iad sinn, 's cha b'e ar claidh. Gu firinneach tha feum againn air Criosd, agus air solus 'fhocail agus a spioraid, chum ar trioblaid agus ar deuchainn fhoillseachadh dhuinn, co math ri ar dleasnas. Salm xxv. 9, 10.

3. Mar 'ur *Rìgh*. Tha cridhe reasgach agaibh, a tha neo-thoileach air lubadh, eadhon ann am freasdalaibh irioslachaidh; fòghlumaibh bho Maois ciod a nì sibh 'n a leithid sin a chòr. Ecsod. xxxiv. 9. "Agus thubhairt e,—rachadh mo Thighearna guidheam ort, 'n ar measg, (oir is sluagh rag-mhuinealach iad,) agus math dhuinn ar n-aingidheachd agus ar peacadh." Cuir e 'n a làimh-san a tha làidir agus cumhachdach. Salm xxiv. 8. Tha e comasach gu toirt air leaghadh, agus, mar a' chéir fa chomhair an teine, gabhail ris an t-séula.

Smuainichibh air na *seòladhnaibh* so, chum an cuir an cleachdadh, a' cuimhneachadh, "Ma's" e 's gur "aithne dhuibh na nithe so, is beannuichte sibh ma ni sibh iad." Cuimhnichibh, is obair an t'irioslachadh a lionas 'ur làmh, am feadh a bhios sibh beò 's an t-saoghal, agus cha'n urrainn duibh teachd gu ceann gus an tig am bàs; agus leanaidh freasdalan irioslachaidh sibh, am feadh a bhios sibh anns an t-saoghal ìochdrach so. Feudaidh sibh am faotuinn air an atharrachadh; ach cha'n urrainn duibh saorsuinn fhaotuinn uatha, gus an ruig sibh nèamh. Mar sin bithidh freasdalan irioslachaidh, ar ciorraman, ar càirdean, ar 'n amlaidhean, ar 'n àmhghairean, ar neo-chinnteachd, agus ar peacaidhean 'n an aobhar dearbhaidh dhuinn

am feadh a bhios sinn anns an t-saoghal so.—An còrr do na rùnaich mi air a cheann teagaisg so, gabhaidh mi steach ann.

TEAGASG II. *Tha àm iomchuidh, anns am bi iadsan a tha nis 'g an irioslachadh féin fo làimh chumhachdaich Dhé gu cinnteach air an togail suas. Gabhaidh sinn,*

I. *Beachd choitchionn do'n teagasg so. Agus bheir sinn faineas,*

'S a' cheud àite, Cuid a nithe a th'air an *ciallachadh* agus air am *filleadh* ann.

1. Tha e a' gabhail a steach gu'm feum iadsan a chomh-pàirticheas do'n togail suas so, sùil a bhi aca, 's a' cheud àite, gu'n còmhluich iad ri *tilgeadh sìos*. Taisb. vii. 14. Eoin xvi. 33. —“Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh.” Cha'n 'eil rathad air teachd gu tìr a' gheallaidh, a réir doigh suidhichte a' ghràis, ach troimh an fhàsach; na dol a steach do'n àrdachadh so, ach troimh gheata cumhann. Mar urrainn duinn giùlan le tilgeadh sìos, cha bhlaiss sinn do mhilseachd an togail suas.

2. Air dhuinn bhi air ar tilgeadh sìos fo làimh chumhachdaich Dhé, feumaidh sinn fòghlum luidh gu *ciùin* agus *tosdach* foidhe, gus an dean an làmh cheudna a thilg sìos sinn ar togail suas, ma's àill leinn comhpàirteachadh do'n togail suas so a th'air a gealltuinn. Tuir. iii. 27. Cha'n e bhi air ar tilgeadh sìos ann an staid iosail le freasdal Dé, ach ar spioradan a bhi air an toirt a mhàin foidhe le gràs Dé, a bheir sinn an taobh a stigh do chrìoch a' gheallaidh so.

3. Ma's e 's nach bi sinn gu bràth air ar n-irioslachadh ann an staid iosail, cha bhi sinn *gu bràth air ar togail suas* ann an rathad a' gheallaidh so. Feudaidh daoine an spioradan a chumail an àirde 'n an staid iosail, agus a bhi air an togail suas mar

sin. Gnàth. xvi. 19. Ach thugaibh fainear, cha'n 'eil an so ach togail suas, chum gu'm bì an tuiteam ni's ro chràitiche. "Gu deimhin ann an àitibh sleamhna chuir thu iad: thilg thu sìos iad ann an tiota gu sgrios." Salm lxxiii. 18. Ach iadsan nach irioslaich iad féin ann an staid iosail, chì iad gu'm bì an eas-ùmhlachd na tarrang theannachaidh, a chumas an truaighe gu bràth ceangailte orra as eugais leigheis.

4. Tha irioslachadh spioraid, ann an staid iosail, 'n a chinnteas air *gu'm bì iad air an togail suas* uair-eiginn, le deadh-ghean agus fabhor nèimh. Lucas xviii. 14. "A deiream ribh gu'n deachaidh am fear so sìos d'a thigh air fhirinneachadh ni's mò na'm fear ud eile: oir ge b'e neach a dh' àrdaicheas e féin, islichear e; agus ge b'e a dh' islicheas e féin àrdaichear e." Tha Solamh a' toirt fainear, Gnàth. xv. 1. "gu'm pill freagradh mìn corruich; ach duisgidh briathra garg fearg." Agus is ann mar sin a tha e tachairt, 'nuair a tha muinntir àrdanach, a thaobh an ceannairc, a' toinneamh na cùing ni's daingne mu'm muinealaibh féin, ach a' mhuinntir iriosal a strìochdas, ni iad an lasachadh féin cinnteach, le'n strìochdadh. 1 Sam. ii. 8, 9, 10. "Togaidh e 'm bochd o'n duslach; o'n otrach togaidh e suas am feumach, g'an cur 'n an suidhe maille ri uachdranaibh, agus a thoirt orra cathair glòire a shealbhachadh. Cosan a naoimh gleidhidh e, agus bithidh na h-aingidh tosdach ann an dorchadas; oir le neart cha bhuadhaich duine sam bith. Brisear 'n am bloighdibh eas-cairdean an Tighearna." Amhuil a bhriseas peileir gunna mòr sìos balla cloich, 'nuair a bhàthas an olainn bhog a neart.

5. Tha *am shuidhichte* chum an dream a tha 'g an irioslachadh féin, 'n an staid iriosail a thogail suas. Hab. ii. 3. "Oir tha'n fhàisneachd fathasd air son aimsir shònruichte, ach air a' cheann mu dheire

labhraidh i, agus cha dean i breug: ged dhean i moille feith rithe; oir gu deimhin thig i, cha bhi i air dheireadh.” Aig gach ni tha àm, mar a ta àm gu irioslachadh, is amhuil sin tha àm gu togail suas. Ecles. iii. 3. Cha’n aithne dhuinne an t-àm so, ach’s aithne do Dhia e, an Tì a shuidhich e. Na abradh an neach iriosal, cha togair suas gu bràth mi; oir tha àm air a shuidheachadh air a shon, co riaghailteach ’s a th’ air son éiridh na greine, an deigh na h-oidhche fhada dhorch, no ath philltinn an earraich an deigh a’ gheamhraidh fhada fhuair.

6. Air do *neach e féin irioslachadh*, cha’n ’eil e ri earbsa, gu’n *togair suas* e air bàll. Cha’n ’eil; cha’n e a mhàin gu bheil neach gu luidh sìos fo’n làimh chumhachdaich, ach tha e gu luidh gu tosdach a’ feitheamh an àm iomchuidh; is obair fhadalach obair an irioslachaidh; bha dà fhichead bliadhna aig cloinn Israeil dh’i anns an fhàsach. Feumaidh pobull Dé bhi air an toirt gus an t-àm fhàgail aig a thoil-san; agus am feadh a tha oidhche fhad aca do shiubhal ann an dorchadas, feumaidh iad earbsa annsan. Isa. L. 10. “Cò e ’n ’ur measg air am bheil eagal an Tighearna, a ta ’g eisdeachd ri guth a sheirbhisich, a ta siubhal ann an dorchadas, agus aig nach ’eil solus; earbadh e as ainm an Tighearna, agus leigeadh e a thaice r’a Dhia.”

7. ’S e ’n t-àm suidhichte chum togail suas, an *t-àm iomchuidh*, an t-àm is freagarraich air a shon, anns an ro fhreagarraiche an tig e. “Agus na sgithicheamaid do mhaith a dheanamh: oir ann an àm iomchuidh buainidh sinn, mur fannaich sinn. Galat. vi. 9. Oir is e sin an t’àm a ròghnaich Dia air a shon; agus bithibh cinnteach gur i roghainn-sa roghainn is feàrr, do bhrìgh gur i roghainn a ghliocais neo-chrìochnach i, agus uime sin, tha’n creidimh suidhicht air feithidh ris. Isa. xxviii. 16. “An tì a chreideas cha dean e cabhaig.” Tha mòran do mhaise ni, an earbsa ris an àm anns an deanar e,

agus shuidhich esan àm freagarrach do gach ni a tha e deanamh. Eccles. iii. 11. “ Rinn e gach ni mais-each na àm féin.”

8. Cha 'n 'eil teagamh nach bi 'mhuinntir iriosal air an togail suas aig an àm shuidhichte agus iomchuidh. Haba. ii. 3. Tha ùine a' ruidh, cha 'n 'eil i stad a là no dh'oidhche; mar sin tha 'n t-àm iomchuidh a' tighinn gu dlù, agus 'nuair a thig e, bheir e 'n togail suas maille ris. Ciod air bith co iosal 's a bhios an staid isleachaidh, ciod air bith co eu-dochasach, feumaidh e bhi gu'n tig an togail suas anns an àm iomchuidh.

II. Labhraidh mi focal, gu coitchionn, mu'n *togail suas*, a tha feitheamh na muinntir a tha 'g an *isleachadh* féin. Tha togail suas dhà-fhillte ann.

1. Togail suas ann an *cuid*, freagarrach do'n mhuinntir iriosal ré àm na beatha so. Salm xxx. 1. “ Molaidh mi thu, a Thighearna; oir thog thu suas mi, agus cha d' thug thu air m' eascairdibh gairdeachas a dheanamh os mo chionn.” Cha togail suas iomlan so, ach ann an cuid: agus is i a leithid sin a thogail suas a dh'fheudas a' mhuinntir iriosal earbsa, am feadh a bhios iad anns an t-saoghal so, agus gun tuille. Tha so a' toirt an anail, agus atharrachadh eallaich do'n mhuinntir sgèth, ach cha 'n 'eil e a' toirt fois iomlain doibh.— Mar sin bha aig cloinn Israeil anns an fhàsach, cuid a dh'amanna seinn, ann am meadhon an iomadh àm broin. Exod. xv. 1. Aireamh xxi. 17.

2. Togail suas *iomlan* freagarrach air an son aig a' bhàs. Lucas xvi. 22. “ Agus tharladh gu'n d'fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùl-aineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abraham.” An sin cha'n 'eil an Tighearna buntuinn riu ni 's mò a chuid agus a chuid, ach tha e 'g an làn shaoradh. Eabh. xii. 23. An sin tha e toirt air falbh an uile callachan, 's a' toirt fois dhoibh o'n uile chudthrom, agus cha leig e àmhghar air bith orra

gu bràth tuilleadh. An sin tha e 'g an togail suas gu àirde aig nach robh iad riamh roimhe; cha robh, eadhon 'nuair a b' àirde iad. Tha e 'g an cur gu h-iomlan suas os ceann gach ni ta iosal, agus 'g an suidheachadh an sin, chum 's nach toirear sìos gu bràth iad. A nis, tha àm iomchuidh air an son so maraon.

(1.) Air son an togail suas ann an *cuid*. Cha 'n 'eil gach uile àm feargarrach air a shon; cha 'n 'eil sinn an còmhnuidh freagarrach air son sòlais, fois no atharrachadh bho ar 'n eallachaibh fhaotuinn. Tha Dia a' faicinn gu bheil amanna anns am bheil e feumail air son a' phobuill a bhi *fo thuirse*—1 Pead. i. 6.—chum an “*cridhe leagadh sìos le bròn*.” Salm cvii. 12. Ach an sin tha àm da rìreadh air a shuidheachadh air a shon ann an gliocas Dé 'nuair a mheasas e co feumail an sòlasachadh, 's a mheas e roimhe an toirt a mhàin. 2 Cor. ii. 7. “Ionnus air an làimh eile, gur mò is còir dhuibh maitheanas agus comfhurtachd a thoirt dhà, air eagal gu'm biodh a leithid so do dhuine air a shlugadh suas le anabarra doilgheis.” Tha sinn anns a chor sin, ann an làimh Dhé, mar ann an làimh ar lighiche, a tha comharrachad a mach an ùine a theid am plasd-tarruing fhàgail ris, agus c'uin' a chleachdar am plasd-leighis, agus nach fhàg idir e gu toil an neach euslaintich féin.

(2.) Air son an togail suas gu *h-iomlan*. 'Nuair a tha sinne gu goirt air ar sàrachadh le ar 'n eallachaibh, tha sinn ullamh gu smuaineachadh, O gu bhi air falbh, agus a bhi an taobh thàll dhoibh uile. Job vii. 2, 3. Mar a mhiannaicheas an seirbhiseach an sgàile, agus mar bhios sùil aig an fhear-tuarasdail ri duais 'oibre; mar sin fhuair mise dhomh féin mìosan dìomhanais, agus àirmhear dhomh oidhchean cràidh.” Ach air son sin uile, theagamh gur e is freagarraich, sinn a dh'-fhantuinn ré sealain, agus gleachd ri ar 'n eallach-

aibh.—Philip. i. 24, 25. “Gidheadh, 's e mi dh'fhanuinn 's an fheoil, a's feumaile dhuibhse. Agus air dhomh bhi cinnteach dheth so, tha fios agam gu'm fuirich mi agus gu'n còmhnuich mi maille ribh uile, chum bhur cursa air bhur 'n aghaidh, agus chum gairdeachas a' chreidimh.” Dh'fheudadh beagan laithean Israel a thoirt a mach as an Eiphit do thìr Chanaain; ach nam b'e 's gu'n deanadh iad a leithid sin a chabhag, bhitheadh iad an sin ro luath; mar sin b' eiginn dhoibh dà-fhichead bliadhna chaitheamh anns an fhàsach, gus an d'thigeadh an t-àm iomchuidh dhoibh dol a steach do thìr Chanaain. Bithibh-sa cinnteach, gu'm bì e air a shoilleireachadh do na naomha, gur e'n t-àm is fèarr do'n d'rinneadh ròghainn chum an tabhairt do néamh, agus bithidh maise ann an so nach d'thugadh ann iad ni bu luaithe. Mar so tha togail suas air a dheanamh cinnteach do'n mhuinntir iriosal.

III. An *dearbh-chinnteachd* gu'n togair suas iad-san a tha 'g an irioslachadh féin fo staid iosail. Nan d'thugadh neach dearbhadh dhuibh, 'nuair a bhith-eadh sibh air teachd gu bochdainn, gu'n d' thigeadh an t-àm fathast, gun teagamh, anns am bitheadh sibh beartach; 'nuair a bhith-eadh sibh gu tinn, nach bàsaicheadh sibh leis an tinneas sin; ach gu'm fàsadh sibh gu math gu cinnteach, dheanadh sin còmhnaidh ribh gu giùlan ni b'fhearr le 'ur bochdainn agus le 'ur tinneas, agus bheireadh sibh co-fhurtachd dhuibh féin leis a' bheachd sin. Gidheadh, feudaidh neach fantuinn bochd, agus gu'n bhi gu bràth beartach, gu tinn agus bàsachadh leis an tinneas sin; ach ge b'e dh'irioslaicheas iad féin fo'n staid iosail, 's urrainn duinn a làn dhearbhadh dhoibh bho fhocal an Tighearna, gu'm bi iad gu cinnteach, air an togail suas agus air am fuasgladh bho'n staid iosail: chì iad gu cinnteach là am fois agus am fuasglaidh, 'nuair a chuimhnicheas iad an eallachan mar uisgeachan a dh'fhailnich. Agus feudaidh sibh bhi cinnteach dheth sin bho na nithibh so a leanas.

1. Tha *nàdur* Dhé, air a thoirt fainear gu ceart, 'g a dhaingneachadh. Salm ciii. 8, 9. “Is tròcair-each agus is gràsmhor an Tighearna, malla chum feirge agus pailt ann an caoimhneas gràidh. Cha chronuich e gu sìorruidh, agus cha ghleidh e 'fhearg gu bràth.” Feudaidh a t-anam gràsmhor, a dh'amhairceas ri Dia ann an Criosd, tri nithe fhaicinn co'cheangailte 'n a nàdur a tha 'g a dhaingneachadh.

(1.) *Chumhachd* neo-chrìochnach, a tha comasach na h-uile nithe a dheanamh. Cha 'n 'eil còirean air bith co iosal, 's nach comasach dhasan an togail suas; co aimhreiteach agus deachdair, 's nach comasach dhasan an reiteachadh; co eu-dòchasach, 's nach comasach dhasan an leigheas. Gen. xviii. 14. “Am bheil ni air bith do-dheanta do'n Tighearna?” Ciod air bith ar cor, cha 'n 'eil e gu bràth do-dheanta dhasan a leigheas; ach 's e 'n t-àm is ro iomchuidh leis-san a ghabhail os laimh, 'nuair a bheir càch uile thairis e. Deut. xxxii. 36. “Oir bheir an Tighearna breith air a shluagh, agus gabhaidh e aithreachas a thaobh a sheirbhiseach; 'nuair a chì e gu'n d'fhalbh an neart, agus nach 'eil neach dhiubh air a dhruideadh suas, no air fhàgail.”

(2.) *Maitheas* neo-chrìochnach deònach gu co-bhar. Tha e maith agus gràsmhor 'n a nàdur.—
* Exod. xxxiv. 6—9. Agus uime sin, is tobar comfhurtachd a chumhachd dhoibh-san. Rom. xiv. 4. Feudaidh daoine bhi deònach nach 'eil comasach; no comasach nach 'eil deonach; ach feudaidh maitheas neo-chrìochnach, co'cheangailte ri cumhachd neo-chrìochnach ann an Dia, a' mhuinntir iriosal a dheanamh cinnteach do thogail suas ann an àm iomchuidh. Is focal so a tha do mhilseachd do-bharalachaidh. 1 Eoin iv. 16. “Agus dh'aithnich sinne agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia; agus an tì a tha fantuinn ann an gràdh, tha e 'n a chòmhnuidh ann an Dia, agus Dia annsan.” Tha innigh Athar aige thaobh na muinntir iriosal. Salm ciii. 13.—“Mar a ghabhas athair

truas d'a chloinn, gabhaidh an 'Tighearna truas dhiubhsan d'an eagal e."—Seadh, innigh do thròcair nì's ro chaoimhneile na innigh Mathar do leanabh a cìche. Isa. xlix. 15. Uime sin, ge b'e mar tha 'ghliocas 'g a fhaicinn feumail an cuir ann an staid iosail, agus an cumail ann ré tamuill, cha'n urrainn e bhi gu'm fàg e ann iad gu tur.

(3.) *Gliocas* neo-chrìochnach, nach 'eil a' deanamh ni sam bith gu dìomhain, agus uime sin, cha chum e neach air bith ann an staid iosail gun aobhar. Tuir. iii. 32, 33. "Ach ged a bheir e aobhar broin, gidheadh ni e iochd do réir lionmhoireachd a thròcairean. Oir cha chlaoidh e d'a dheoin, ni mò chràidheas e clann nan daoine." 'S e 'chrìoch agus an rùn a th'aig Dia ann an daoineibh a chuir an staid iosail chum an irioslachadh; 'nuair a tha sin air a choilionadh, agus nach 'eil feum tuille air a son anns an dòigh sin, feudaidd sinne bhi cinnteach gu'm bì i air a toirt air falbh.

2. Tha *freasdal* Dé, 'nuair a ghabhair beachd air 'n a dhoigh suidhichte gnìomhachaidh ri chreutaireibh, a' dearbhadh sin. Tionndaibh 'ur sùilean ge b'e taobh is àill leibh air freasdal Dé, 's feudaidd sibh a cho'dhunadh uaithe sin, gu'm bì mhuinntir iriosal air an togail suas an àm iomchuidh.

(1.) Thugaibh fainear freasdal Dé, ann an riaghladh an iomlan do chùrsa nadùir, tha là teachd an deigh na h-òidhche is fhaide, sàmhradh an deigh a' gheamhraidh, fàs na gealaich an deigh crìonadh na gealaich, lionadh na mara an deigh traoghadh na mara, &c. Na biodh muinntir iriosal an 'Tighearna 'n an luchd-coimhead dìomhain air na nithibh so; oir tha iad chum ar fòghlum. Ier. xxxi. 35—37. "Mar so deir an 'Tighearn, tha toirt na gréine air son soluis anns an la, òrduighean na gealaiche agus na'n reultan air son soluis anns an oidhche, tha deanamh na fairge ciùin, tra bhios a tùinn a' beucaich; 'Tighearna nan sluagh is e ainm. Ma dh'imicheas na h-òrduighean so as mo

shealladh-sa, deir an Tighearna, an sin cuideachd sguiridh sliochd Israeil bho bhi 'n an cinneach am feasd ann am làthair." An cum an Tighearna a leithid a chùrsa seasmhach anns an talamh, anns an fhairge, agus anns na néamha faicsinneach, ann a bhi 'g an togail suas an deigh an tilgeadh sìos, agus an dì-chuimhnich e a mhàin a' mhuinntir iriosal? Cha dì-chuimhnich e, air sheoil air bith.

(2.) Thugaibh fainear freasdal Dé, a thaobh an duine CRÌOSD, an cusbair ro naomh agus urramach sin, ni's ro luachmhoire na mìle saoghal. Colos. ii. 9. Nach do ghabh Freasdal an rathad so dhasan le irioslachadh an toiseach, an deigh sin àrdachadh, agus a thogail suas? thug e sìos e 'n toiseach gu duslach a' bhàis, le cùrsa do fhulangasaibh ré thrì bliadhna deug thar fhichead, an deigh sin dh'àrdaich se e gu deas-làimh an Athar ann an sìorruidheachd do ghlòir? Eabh. xii. 2. "Neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh'fhuiling an crann-ceusaidh, a' cur na naire an neo-shuim, agus a shuidh air deis rìgh-chaithreach Dé." Philip. ii. 8, 9. "Agus air dha bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh'irioslaich se e féin, agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh: Air an aobhar sin dh'àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna." Dh'fheumadh e bhi gu'n tigeadh àrdachadh an deigh' irioslachaidh. Luc. xxiv. 26. "Nach b'èigin do Chrìosd na nithe so fhulang, agus dol a steach d'a ghlòir?" Agus chunnaic esan agus chreid e gu'n tigeadh e, mar a dh'fhàsas an sìol an deigh a chuir. Eoin xii. 24. Tha gnothach dlù aig a mhuinntir iriosal a th'ann an staid iosail ri so.

(1.) 'S e so an sàmhladh a tha Freasdal a' lean-tuinn 'n a ghiùlan d'ar taobhsa. Bha an t-Athair co lan-toilichte leis an dòigh so, ann an cor a Mhic féin, 's gu'n do rùnaich e gu'm biodh e air a lean-tuinn, ann an cor uile oighreachan na glòire. Rom. viii. 29. "Oir an dream a roimh-aithnich e, roimh-òrduich e iad mar an ceudna chum a bhi comh-

chosmhuil ri dealbh a Mhic, chum gu'm biodh esan 'n a cheud-ghin am measg mòrain bhraithre." Agus cò nach biodh toileach siubhal troimh na ghleann is dùirche a' saltairt a chos-cheumansan?

(2.) Is geall cinnteach so air gu'n togair suas sibh. Bha Criosd 'n a staid irioslachaidh, air a mheas an Ceann agus am fear-ionaid, agus tha e mar sin 'n a staid àrdachaidh. Mar sin tha àrdachadh Chriosd 'n a dhearbhadh air gu'n àrdaichear sibhse as 'ur staid iosail. Isa. xxvi. 19. "Thig do mhairbh beò; maille ri mo chorp marbh-sa éirigh iad. Duisgibh agus seinnibh, sibhse tha chòmh-nuidh anns an duslach." Hosea vi. 1, 2. "Thigibh agus pilleamaid ris an Tighearn: oir is esan a reub, agus is e ni ar leigheas; is e bhuail, agus ceanglaidh e suas sinn. An ceann dà latha ni e ar n-ath-bheothachadh, air an treas là duisgidh e suas sinn, agus bithidh sinn beò 'n a shealladh." Eph. ii. 6. "Agus chomh-thog, agus chomh-shuidhich e sinn ann an ionadaibh nèambaidh ann an Iosa Criosd." Seadh, chaidh e steach do staid na glòire air ar son-ne mar ar roimh-ruith-fhear, Eabh. vi. 20. "Far an deachaidh an roimh-ruith-fhear a steach air ar son-ne, eadhon Iosa, a rinneadh 'n a ard-shag-art gu sìorruidh."

(3.) B'e irioslachd-san luach 'ur 'n àrdachadh-ne, agus tha 'àrdachadh 'n a làn-dearbhadh gu'n ghabhadh ris mar làn-dioladh. Cha'n 'eil staid iosail air bith anns am bheil sibh, anns nach rachadh sibh a dhìth, mar bith gu'n cheannaich esan 'ur togail suas asda le irioslachadh féin. Isa. xxvi. 19. A nis, tha a ghràs irioslachaidh-san annaibhs' na dhearbhadh air gu'n ghabhadh r'a irioslachadhs' chum sibhse thogail suas.

4. Thugaibh fainear *freasdal* Dé a thaobh na h-eaglais anns gach linn. 'S e so an rathad a chleachd an Tighearna dh'i. Salm cxxix. 1—4. Chaidh Abel a mharbhadh le Cain aingidh, gu mòr chràdh Adhaimh agus Eubha, agus a chuid eile do'n

cloinn chràbhach : ach an deigh sin thogadh suas sliochd eile an àit Abel. Gen. iv. 25. Bha Noah agus a mhic air am beò adhlacadh anns an airc còrr agus bliadhna ; ach an deigh sin thugadh a mach iad chum saoghal nuadh agus bheannaicheadh iad. Bha Abraham ré iomadh bliadhna as eugais clòinne ; ach mu dheireadh rugadh Isaac. Bha Israel re ùine fhada ann an daorsa thruaigh 's an Eiphit ; ach fadheoidh shuidhicheadh iad ann an tir a' gheallaidh, &c. Feumaidh sinn a bhi toilichte siubhal ann an cos-cheumaibh na treud ; agus ma leanas sinn iad 'n an irioslachadh, leanaidh sinn iad gu cinnteach 'n an àrdachadh mar an ceudna.

5. Thugaibh fainear freasdal Dé ann am frith-ealadh a ghràis a thaobh a chloinne. 'S i'n riaghailte choitchionn. 1 Pead. v. 5. "Oir tha Dia a' cur an aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt grais dhoibhsan a tha iriosal." Cionnas a tha iad air an toirt gu staid gràis ? Nach ann le obair fhallain irioslachaidh a dhol air thoiseach ? Lucas vi. 48. Agus gu gnàthaichte mar is mò an tomhas do ghràs a th'air a rùnachadh air son neach, 's ann is mò an irioslachadh an toiseach, mar ann an cor Phòil. Ma tha iad gu bhi air an aiseag bho staid cùl-sleamhnachaidh, tha 'n dòigh ceudna air a chleachdadh ; mar sin tha 'n irioslachadh is mò gu gnàthaichte a' deanamh rathaid air son an t-sòlais is mò, agus tha 'n uair is dùirche a' dol roimh éirigh Grein an Ionracais orra. Isa. lxvi. 5—13.

6. Thugaibh fainear freasdal Dé a' tilgeadh sìos dhaoine aingidh mu dheireadh ge b'e co fad 's a sheasas agus a shoirbhicheas iad. Salm xxxvii. 35, 36. "Chunnaic mi an duine aingidh am mòr chumhachd, agus e ga sgaoileadh féin a mach mar ur chraoibh uaine ; ach chaidh e seachad, agus feuch, cha robh e ann ; agus dh'iarr mi e ach cha d'fhuaras e." Tha iad re ùine fhada uaine fa chomhair na gréine, ach mu dheireadh buailear iad gu h-obann leis a' ghaoith an ear, agus seargaidh iad air falbh ;

theid an lochran as le droch bholadh, agus tilgear a mach iad gu dubh dhorchadas. A nis, tha e neo-fhreagarrach ri caomhalachd nàduir Dhé, gun dì-chuimhnicheadh e 'mhuinntir iriosal a thogail suas, 'nuair a tha cuimhne aig air a mhuinntir àrdanach isleachadh.

Tha focal Dé 'g a chur an taobh thall do gach uile theagamh, oir, bho thoiseach gu chrìch, is e bònn-dòchais na muinntir iriosail gun togair suas iad. Salm cxix. 49, 50. "Cuimhnich am focal do t'oglach, as an d' thug thu orm earbsadh. Is e so mo chomhfhurtachd ann am àmhghar; oir bheothaich t' fhocal mi." 'S e 'fhocal litir mhòr 'ainme, ni air an toir e gu cinnteach dealrachadh. Salm cxxxviii. 2. "Oir dh'àrdaich thu t'fhocal os cionn t'ainme uile;" ris an d' earbadh gu tearuinte anns gach linn, Salm xii. 6. Thugaibh fainear,

(1.) Do theagasgaibh an fhocail, a tha teagasg creidimh agus dòchais ann an àm na trioblaid, agus a' chrìoch shonadh a bhios aig cleachdadh nan gràsan so. Tha'n sgriobtuir gu leir a' cur an cèill dhoibhsan a th'ann an staid iosail, Gu'n am muinghinn a thilgeadh uatha, ach dòchas a bhi aca gus a' chrìch; agus sin air son an deagh aobhair so, nach bi e an dìomhanas. Faic Salm xxvii. 14. "Feith air an Tighearna, glac misneach, agus neartaichidh esan do chridhe: feith, tha mi 'g ràdh, air an Tighearna." Agus coimeasaich, Rom. ix. 33, Isa. xlix. 23. "Cha'n nàraichear iadsan a chuireas an dòchas annam-sa."

(2.) Do *gheallaidhibh* an fhocail, leis am bheil flaitheanas ceangailt chum a' mhuinntir a tha 'g an irioslachadh féin ann an staid iosail a thogail suas, Seumas iv. 10. "Irioslaichibh sibh féin am fianuis an Tighearna, agus àrdaichidh e sibh." Mata xxiii. 12. "Agus ge b'e neach a dh' islicheas e féin àrdaichear e." Feudaiddh e uine a ghabhail mu'm bì iad ullamh air son an togail suas, ach air dha sin a bhi ullamh, tha e air a dheanamh cinnteach, Salm x. 17. "A Thighearna, chuala tu miann nan daoine iriosal; deasaichidh tu an

crìdhe ; bheir tu air do chluais eisdeachd.” Tha 'fhocal aca air a shon gu'n saoir e iad. Salm l. 15. Agus ged dh'fheudadh iad a bhi a thaobh coslais air an dì-chuimhneachadh, gidheadh cha bhi iad mar sin gu bràth ; oir thig àm an saoraidh, Salm ix. 18. “Oir cha dì-chuimhnichear an t-ainnis gu bràth ; cha teid as do dhòchas nam bochd gu sìorruidh.” Salm cii. 17. “Bheir e 'n aire do ùrnuigh nan diobarach, agus cha dean e tàir air an achanaich.”

(3.) The eisimpleirean an fhocail a' làn daingneachadh firinn nan teagasgan agus nan geallaidhean, Rom. xv. 4. “Oir ge b'iad nithe air bith a sgrìobhadh roimhe so, is ann chum ar teagaisg-ne a sgrìobhadh iad ; chum trìd fhoighidinn agus comhfhurtachd nan sgrìobtuir gu'm biodh dòchas againne.” Anns na teagasgaibh agus anns na geallaidhibh tha 'n togail suas air a chur fa chomhair ar creidimh, gu bhi air a mheas air creideas focail Dé ; ach, anns na h-eisimpleiribh, tha e air a chur fa chomhair ar sùilean, gu bhi air fhaicinn ann an cor muinntir eile, Seum. v. 11. “Feuch measar sona leinn iadsan a dh'fhuilingeas. Chuala sibh iomradh air foighidinn Ioib, agus chunnaic sibh crìoch an Tighearna ; gu bheil an Tighearna ro thiomchridheach agus tròcaireach. Feudaidh sinn sin fhaicinn ann an cor Abrahaim, Ioib, Dhaibhidh, Phoil, agus naoimh eile ; ach os ceànn nan uile, ann an cor an duine Crìosd.

(4.) Tha eadar-ghuidh Chrìosd, ag aonadh ri ùrnuighibh agus ri glaothaich a mhuinntir iriosail, 'n an staid iosail, 'n a chinntas air gu'n togair suas iad mu dheireadh. Ged nach glaoth na h-uabhairach 'nuair a cheanglas e iad, gidheadh glaothaidh a mhuinntir iriosal féin. Salm xlii. 7, 8. “Tha doimhne a' gairm air doimhne le fuaim t'fheadan uisge ; chaidh do stuaidhean agus do thonnan uile tharum. Anns an là àithnidh an Tighearna a thròcair, agus 's an oidhche bithidh a laoidh maille rium, agus m' ùrnuigh ri Dia mo bheatha.” Ged

dh'fheudadh na h-ana-creidmhigh a bhi air an sgìtheachadh gu h-ealamh, agus an t-ìomlan a thoirt thairis, 's cinnteach nach dean na creidmhigh sin; ged dh'fheudadh iad ann am braise do bhuair-eadh, a leigeadh dhiubh mar nì eu-dòchasach, ch'ì iad gu'm feum iad teannadh ris a rìs. Ier. xx. 9. "An uair a their mi, Cha toir mi iomradh air, nì mò labhras mi tuilleadh 'n a ainm; an sin tha fhocal ann am chridhe, mar gu'm b'è teine loisgeach, air a dhruideadh suas ann am chnàmhan; agus ged sgìthich mi mi féin 'g a chumail a steach, cha'n urrainn mi." Agus buanaichidh iad ag eigheach a là agus a dh'oidhche. Lucas xviii. 7, gu'n fhios aca c'uin' a sguireas iad gus an togair suas iad. Tuir iii. 49, 50. "Tha mo shùil a' sìleadh sìos gun chasgadh agus gun sgar: gus an seall an Tighearn a nuas, agus gu'n amhairc e o nèamh." A nis, air do eadar-ghuidhe Chrìosd a bhi air aonadh ris a ghlaodhaich so, cha'n urrainn e bhi nach togair suas iad.

(1.) Thugaibh fainear, gu bheil eadar-ghuidh Chrìosd, gun teagamh, air aonadh ri *glaodhaich* agus ri ùrnuighibh na muinntir iriosail 'n an staid iosail. Taisb. viii. 3. "Agus thàinig aingeal eile, agus sheas e aig an altair, agus tùiseir òir aige; agus thugadh dha mòran tùise, chum gu'n tugadh se e maille ri ùrnuighibh nan uile naomh air an altair òir, a bha 'n làthair na rìgh-chaithreach." Tha iad air an còmhnaidh leis an Spiorad gu osnaich a' dheanamh air son cobhair.—Rom. viii. 26.—agus tha na h-ùrnuighean agus na h-osnan, a tha troimh 'n Spiorad, gu cinnteach gu bhi air an deanamh eifeachdach le eadar-ghuidhe a Mhic. Seumas v. 16. Agus feudaidh sibh aithneachadh gur ann leis an spiorad a tha iad, ma's e 's gu bheil sibhs' air 'ur còmhnaidh gu buanachadh ann an ùrnuigh, ann an earbsa gu 'm faigh sibh 'ur n-iartras mu dheireadh air barantas focal geallaidh Dhé; oir cha 'n 'eil ann an ùrnuighibh nàduir ach lochan a

thiormaicheas suas ri àm tart fada. 'S e Spiorad na h-ùrnuigh an tobair mairsinneach. Eoin iv. 14. Salm cxxxviii. 3. "'S an là air an do ghlaodh mi riut, fhreagair thu mi; neartaich thu mi a' m' anam le treòir." Gu firinneach tha 'eadar-ghuidhe air nèamh, air son staid iosail na muinntir iriosal. "An sin fhreagair aingeal an 'Tighearna, agus thubhairt e; O Thighearna nan sluagh, cia fhad a bhios tu gun tròcair a dheanamh air Ierusalem, agus air bailtibh Iudah, ris am bheil thu ann an corruich a nis deich agus trì-fichead bliadhna?"—Sachar. i. 12. Cionnus ma ta is urrainn doibh gu'n bhi air an togail suas ann an àm iomchuidh?

(2) Tha e dian *dhùrachdach* na eadar-ghuidh air son a' phobuill 'n an staid iosail. Tha cuid a labhras focal math as leth diol-deirce, air nach bì ach beag curam co dhiubh a shoirbhicheas leo no nach soirbhich; ach tha ar Fear-eadar-ghuidh-ne da rìreadh as leth a mhuinntir iriosal; oir tha e air a ghluasad le co' mhothachadh a thaobh an cor.—Isa. lxiii. 9. "'N an uile àmhghar bha esan fo amhghar." Co'mhothachadh ro iochd mhor.—Sechar. ii. 8. "Oir an tì a bheanas ribhse beanaidh e ri cloich a shùla-san." Tha 'n cor aige-san air a chridhe, far am bheil e, 's an ionad naomh anns na nèamha is àirde—Exod. xxviii. 29.—agus tha e cumail mìn-chunntas air ùine an staid irioslachaidh, ge b'e co fada sa mhaireas i. Sech. i. 12. Osbarr, 's e 'ghnothaich féin a th'ann; oir tha'n togail suas a tha iad gu fhaotuinn air a dheanamh cinnteach dhasan, anns na geallaibh a rinneadh dha air son fhola a dhoirt e air an son. Salm lxxxix. 33, 36. Mar sin cha'n e a mhàin gu bheil iadsan a th' air an talamh, ach tha 'n Duine Criosd air nèamh, a sealltuinn àir son coilionaidh nan geallaidhean so. Eabh. x. 12, 13. "Ach an duine so, an deigh dha aon ìobairt a thoirt suas air son peacaidh, shuidh e a choidh tuilleadh air deas làimh Dhé; a' feitheamh o sin suas gus an cuirear a naimhde 'n an stol-chos

fo chosaibh.” Uime sin, cionnus a b' urrainn a leithid sin a dhùil a bhi air a mealladh ? Tuilleadh eile, 's iad na còirean irioslachaidh so 'fhulangas féin fathast, ged nach 'eil e fulang 'n a Phearsa, gidheadh tha e fulang 'n a bhallaibh.—Colos. i. 24. “Tha mi nis a' deanamh gairdeachais ann am fhulangasaibh air bhur sonsa, agus a' coimhlionadh mheud 's a ta dhéidh-làimh do àmbgharaibh Chriosd ann am fheòil, air son a chuirp-san, eadhon na h-eaglais.” Uime sin, tha gachguile aobhar air co'dhunadh gu bheil e a rìreadh.

(3) Tha eadar-ghuidhe-san an còmhnuidh *eifeachdach*. Eoin xi. 42. “Agus tha fios agam gu bheil thu 'g éisdeachd rium a ghnàth.” Cha 'n urrainn e gu'n bhi mar sin, do bhrìgh gur e Mac gràdhach an Athar; tha e mar bhòn do eadar-ghuidhe gur ann a' tagraidh ceartais a tha e. I Eoin ii. 1. “Tha Fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosda am firean.” Tuilleadh eile tha gach cumhachd air nèamh agus air talamh ag gabhail còmhnuidh annsan. I Eoin v. 22. Agus, fadheoidh, esan agus 'Athair is aon iad, agus is aon an toil. Mar sin, tha maraon Criosdagus 'Athairtoileach amhuinntir iriosal a thogail suas, gidheadh a mhàin ann an àm iomchuidh.

'S an dara àite. Theid mi air m'aghaidh gu beachd ni s' ro shònruichte a' ghabhail do'n teagasg. Agus,

'S a' cheud àite. Bheir sinn fainear an togail suas a th'air a thoirt mu'n cuairt anns an *t-saoghal* ni is e 'n togail suas ann an cuid. Agus,

(1.) Cuid a bheachdan chum nàdur na togail suas so shoilleireachadh.

1. Cha'n 'eil leanabh Dhé gu co'pàirteachadh do'n togail suas so anns na *h-uile cor*. Feudaidh neach a bhi air irioslachadh ann an staid iosail as nach togair suas e ann an tìm. Air dhuinn a bhi air ar 'n irioslachadh fo ar staid iosail, cha bu chòir dhuinn air bàll a cho'dhùnadh bho na ghealladh, gu'm bì sinn gu cinnteach air ar togail suas, agus air ar saoradh as mu 'n ruig sinn ceann ar turuis; oir tha e dearbhta, gu bheil cuid do'n leithid sin ann,

mar a tha ar neo-iomlanachdan, ar peacaidhean, agus ar bàsmhoireachd, nach urrainn duinn air sheòl air bith a chuiteachadh am feadh a bhios sinn 's an t-saoghal so. Agus tha cuid do chòirean irioslachaidh sònruichte ann a dh'fheudas an Tighearn a chrochadh mu'n cuairt do neach, agus a chumail mu'n cuairt dà, gus an teid e sìos do'n uaigh, 'nuair aig a' cheart àm a dh'fheudas e neach eile thogail suas bho'n ni cheudna. Bha Heman air a chràdh bho òige, Salm lxxxviii. 15, agus dream eile *ré am beatha uile*.

Leithsgeul. “Ma's ann mar sin a tha chùis, ciod a thig do'n ghealladh gu'n togair suas iad? C'ait' am bheil an togail suas, ma 's e 's gu'm feud neach a dhol do'n uaigh fo'n chudthrom?”

Freagradh. Mar biodh beatha eile ann an deigh na beatha so, bhiodh meud-eiginn do chudthrom anns an leithsgeul sin; ach do bhrìgh gu bheil beatha eile ann, cha 'n 'eil cudthrom air bith ann. 'S an ath-bheatha bithidh na geallaidhean air an coilionadh do'n mhuinntir iriosal, mar bha e, Lucas xvi. 22. Thugaibh fainear gur anns an ath-bheatha gu sònruichte a bhios na geallaidhean air an coilionadh. “Fhuair iad so uile bàs ann an creidimh gun na geallaidhean fhaotainn, ach air dhoibh am faicinn fad o làimh, (agus an creidsinn) ghabh iad riu.” Eabh. xi. 13. Agus ciod air bith coilionadh a nìthear air a' ghealladh 's a' bheatha so, cha'n e an stoc a th'ann, ach deuchainn no geall dheth.

Ceisd. Ach nach fheud sinn sgur do bhi 'g ùrnuigh ar togail suas anns a chor sin?

Fréag. Cha'n aithne dhuinne c'uin' is e sin ar cor; oir feudaiddh cor a bhi eu-dòchasach 'n ar suilibh-ne, agus ann an suilibh muinntir eile, a tha Dia a' rùnachadh a thogail suas ann an ùine, mar ann an cor Ioib, caib. vi. 11. “Ciod e mo neart, gu'm biodh dòchas agam? agus ciod i mo chrìoch, gu'n sìnninn mo bheatha?” Ach ciod air bith ar cor, cha bu chòir dhuinn sgur gu bràth do bhi 'g ùrnuigh gu'n togta suas sinn, do bhrìgh gu'm

faigh na h-uile e gu cinnteach a bhios ag ùrnuigh air a shon tre chreidimh ; mar fhaigh iad e 's a' bheatha so, gheibh iad e 's an ath-bheatha. Tha'n gealladh cinnteach, agus is e sin an àithne ; mar sin cha'n urrainn a leithid sin do dh'ùrnuighean gu'n tighinn gu crìoch shona mu dheireadh. Salm L. 15. "Agus gairm orm ann an latha teanntachd : saoraidh mise thu, agus bheir thusa glòir dhomhsa." Tha'n t-iomlan do bheatha a Chrìosduidh 'n a beatha do dh'ùrnuigh agus do dh'fheitheamh, agus 's ann mar ghill gu mhisneachadh chum sin, a tha gach saorsuinn aimseireil air an toirt. Rom. viii. 23. "Agus cha'n e so a mhàin, ach sinn féin mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn féin, a' feitheamh ris an uchd-mhacachd, *eadhon*, saorsa ar cuirp." Agus ge b'e ghabhas beachd air gu'm bheil an togail suas iomlan aig a bhàs aig làimh, feumaidh e éiridh gu cinnteach, ged robh e air toirt thairis a chor mar chor eu-dòchasach.

2. Gidheadh, tha cuid a chòirean ann, nach co'pàirtich do 'n togail suas so. Tha Dia ag toirt cuid a thogailean suas chomharraichte d'a phobull, eadhon anns an t-saoghal so, tha e 'gan togail suas bho fhreasdalaibh irioslachaidh comharraichte.— Tha'n stoirm air a caochladh gu féith, agus cha'n 'eil cuimhne ac' air ach mar uisge a shiùbhlhas. Salm xl. 1—4. Feudair dà ni a thoirt fainear air a cheann so.

(1.) Feudaidh neach a bhi ann an staid iosail, chràiteach, agus eu-dòchasach ùine fhada, agus gidheadh feudaidh togail suas a bhi feitheamh air, a mhaireas ùine ni's ro fhaide. 'S e so cor cloinn Dé, a th'air an cur air leth air uairibh chum a' chùinig a ghiùlan 'n an òige, mar bha Ioseph agus Daibhidh ; agus cor an dream sin air an cuirear i 'n an aois mheadhonach, mar bha Iob, neach nach b'urrainn a bhi fo dha fhichead bliadhna 'nuair a thàinig a thrioblaid air, ach a bha beò an deigh sin ceud agus da fhichead bliadhna. Iob xlii. 16. Tha Dia air a leithid so a dhoigh ag ullachadh dhaoine air son feum àraid.

(2.) Feudaiddh neach a bhi ann an staid iosail, chràiteach, agus tur eu-dòchasach, ann an cùrsa gnàthaichte an fhreasdail, re ùine fhada, gidheadh, feudaiddh iad platha soilleir agus blàth do thogail suas fhaotuinn, mu'n tig iad gu ceann an turuis. Tha beatha cuid do chloinn De coslach ri là gruamach uisge, anns an soillsicheadh a' ghrian a mach as na neòil, gu maiseach soilleir re ùine bhig 's an fheasgair, agus an sin a rachadh fodha. “Agus tarlaidh anns an là sin, nach bì solus soilleir agus dorchadas ann; ach tarlaidh air trà feasgair gu'm bì solus ann.” Sech. xiv. 6, 7. B'e sin cor Iacoib 'n a shean aois, a thugadh sìos do'n Eiphit ann an onoir agus sòlas chum a mhic, agus a fhuair bàs an sin.

(3.) Ge b'e togail suas a gheibh iad 's a' bheatha so, gidheadh cha bhi iad gu bràth as eugais cudthrom air chor-eiginn an crochadh mu'n cuairt doibh chum an irioslachaidh. Feudaiddh iad an àm seinn a bhi aca, ach bithidh an òranan am feadh a bhios iad 's an t-saoghal so, air am measgadh le osnaibh. 2 Cor. v. 4. “Oir tha sinne a tha anns a' phailiun so ri osnaich, air dhuinn bhi fo eallach.” Tha'n t-saorsuinn neo-mheasgta air a gleidheadh fa chomhair an ath-shaoghail; ach bithidh an saoghal so 'n a fhàsach gu chrìch, far am bì ulfhartaich maille ris a cheol is ro aoibhniche.

'S an àite mu dheireadh. Cha'n 'eil anns gach togail suas ris an còmhluich a' mhuinntir iriosal an so, ach gill, deuchainn, agus earlas, do'n togail suas mhòr, a tha feitheamh orra air an taobh eile; agus bu chòir dhoibh amharc orra mar sin.

(1.) Tha iad da rìreadh mar sin. Hosea ii. 15. “Agus as a sin bheir mi dh'i a fion-liosan, agus gleann Achoir mar dhorus dòchais, agus seinnidh i an sin, mar ann an laithibh a h-òige, agus mar anns an là 's an d'thàinig i nios á tìr na h-Eiphit.” Tha ar Tighearn Iosa an dràsda' treòrachadh a shluaigh troimh an fhasach, agus is earlas am man-na agus uisge na carraig, 's an àm, air na sruthaibh

meala agus bainne ann an tìr a' gheallaidh. Cha d' thàinig iad fathast dhachaidh gu tigh an Athar, ach tha iad a' coiseachd air an rathad, agus Criosd am Brathair is seine maille riu, Dan. iv. 8, neach a tha 'g iocadh an cosdais 'g an toirt (mar gu'm b'eadh) a steach gu tighibh-osda air an t-slighe, agus 'g an ùrachadh le togail suas ann an cuid; an deigh sin feumaidh iad an rathad a' ghabhail a rìs. Ach 's geall an aoidheachd sin air an t-slighe air an làn aoidheachd a bheir e dhoibh 'nuair a ruigeas iad dhachaidh.

Leithsgeul. “Ach feudaidd muinntir togail suas fhaotuinn 's a' bheatha so, nach 'eil 'n a gheall air gu'n togair suas iad air an taobh eile: Cionnus ma ta a thuigeas mi e bhi 'n a gheall?”

Freagradh. Tha'n togail suas sin, a thig leis na geallaibh, gu cinnteach 'n a geall air an togail suas iomlan sin 's an ath-shaoghal; oir, mar is i an ath-bheatha an t-àm iomchuidh chum coilionadh nan geallaidhean, mar sin feudaidd sinn a bhi cinnteach, 'nuair a thòisicheas Dia ri ghealladh a choilionadh, gu'n lean e air aghaidh gu cinnteach gus an làn-choilìon se e. “Coimhlionaidh an Tigh-earn air mo shon an ni bhuineas domh.” Salm cxxxviii. 8. Mar sinn feudaidd sinn a' ràdh mar thuirt Naomi ri Rut, 'nuair a fhuair i na sé toimhsean eòrna bho Bhoas, Rut iii. 18. “Cha bhi an duine aig fois gus an crìochnaich e'n gnothach an diugh.” Tha togailean suas ann a tha teachd a thaobh freasdalan cumanta, agus cha'n 'eil iad so gu cinnteach ach aon-fhillte, agus ni h-ann mar ghill air tuilleadh; ach tha'n gealladh a' ceangal tròcairean ri cheile, air chor's gu bheil a h-aon a gheibhear mar gheall air aon eile ri teachd, seadh, air an iomlan diubh. 2 Sam. v. 12.

Ceisd. “Ach cia mar dh'aithnicheas mi an ann rathad a' gheallaidh a thig an togail?”

Freag. An togail suas sin a thig rathad a' gheallaidh thig e còmhladh rathad iosal an irioslachaidh, 's rathad àrd a chreidimh, no creidsinn a' gheall-

aidh, agus rathad fada feitheamh le dòchas, agus buanachadh gu foighidneach. Seumas v. 7. “ Uime sin, a bhràithre, bithibh foighidneach gu teachd an Tighearna. Feuch, feithidh an tuathanach ri toradh luachmhor na talmhainn, agus fanaidh e gu foighidneach ris, gus am faigh e an ceud uisge agus an t-uisge deireannach.” Uidheamaichidh irioslachadh neach air son coilionaidh a’ gheallaidh, deòghlaidh an creidimh a bhroilleach, agus dlùthaichidh feithidh fhoighidneach ris a’ bhroilleach gus an tig am bainne gu pailt.

(2.) Cha’n ’eil ann an togail suas air bith a tha cloinn Dé a’ faotuinn ’s an t-saoghal so ach geall do thogail suas ni’s mo. Tha Dia a’ toirt an cuibhrionn do dhaoineibh saoghalta ’s a’ bheatha so, ach cha’n fhaigh cloinn Dé ach deuchainn do’n cuibhrionn ’s a’ bheatha so. Salm xvii. 14. Eadhon mar gheibh na seirbhiseach an làn thuarasdal, ’nuair nach fhaigh an t-oighre òg ni san bith ach beagan sgillinnean air son airgid pòcaid. Gu dearbh, ’s e’n t-airgiod pòcaid sin is ro luachmhoire na maoin an t-saoghail uile. Salm iv. 7. “ Chuir thu aoibhneas ann am chridhe, ni’s mò na ’nuair is pailte an arbhar agus am fion-san.” Ach ged tha e ni’s feàrr na sin, agus mar an ceudna ni’s feàrr na’n seirbhis, agus ni’s ro luachmhoire n’an uile fheitheamh, gidheadh cha’n àill le mòrachd an Dé an cuir air falbh leis. Eabh. xi. 16. “ Ach a nis tha déidh aca air duthaich a’s feàrr, eadhon duthaich néamhaidh : uime sin cha nàir le Dia, gu’n goirear an Dia-san dheth : oir dh’ulluich e dhoibh baile.”

II. An togail suas ann an cuid, a gheibh iadsan a gheibh an togail suas so a th’air a gealltuinn do’n mhuinntir iriosal.

1. Gheibh iad an staid iosail air a h-atharrachadh. Air do Dhia an dearbhadh rè tamuill, agus an irioslachadh, agus an cridheachan a thoirt sìos, bheir e mu dheireadh air falbh an eallach, atharraichidh e’n cudthrom a bha co fada ’n crochadh mu’n cuairt doibh, agus bheir e air falbh an earrann sin

do'n deuchainn gu h-aobhneach, agus leigidh e leo an druim a bha rè ùine fhada air a cromadh sìos a dhìreadh; agus nì e sin air aon do na ràthaidibh so.

(1.) Aon chuid ann an gné, ag atharrachadh na h-eallaich gu h-iomlan. Fhuair Iob a leithid so a thogail suas, 'nuair a phill Dia air ais a bhraighdeanas, 's a mheudaich e rithist a theaghlaich agus a mhaoin, a chaidh araon a leir-sgrios.—Agus Daibhidh, 'nuair a thuit Saul, 'fhear-geurleanmhuinn anns a chath, agus a thugadh esan chum na rioghachd an deigh iomadh la sgèth, an dùil là eiginn gu'n tuiteadh e le làimh-san. Is furasd do ar Dia-ne a leithid so a thionndadh thoirt mu'n cuairt anns a' staid is ro isle.

(2.) No *co'ionann*, no co math, ag toirt air falbh cudthrom na h-eallaich, air chor 's ged bhuaanaicheadh i, nach sàraich i iad nì's mò. 2 Cor. xii. 9, 10. “Agus thubhairt e rium, Is leòir mo ghràs-sa dhuit; oir a ta mo chumhachd air a dheanamh foirfe ann an anmhuinneachd. Uime sin, is ro thoiliche a nì mi uail a' m' anmhuinneachdaibh, chum gu'n gabh cumhachd Chrìosd còmhnuidh orm. Uime sin tha mi gabhail tlachd ann an anmhuinneachdaibh.” Ged nach d'thàinig iad gu traigh, gidheadh cha'n 'eil an cinn nì's mò fo 'n uisge, ach tha iad ar an togail suas. Tha Daibhidh a' labhairt gu mothachail mu leithid so a thogail suas. Salm xxvii. 5, 6. “Oir folaichidh e mi 'n a sgàth-thigh ann an latha an uilc; folaichidh e mi ann an dìomhaireachd a phailluin; air carraig togaidh e suas mi. Agus a nis togar suas mo cheann os cionn mo naimhdean mu'n cuairt orm; agus iobraidh, mi 'n a phaillun ìobairtean aoibhneis; seinnidh mi, agus canaibh mi cliù do'n Tighearn.” Fhuair an triuir chloinne a leithid so a thogail suas anns an àmhuinn theinntich; loisg an teine, ach cha b'urrainn e nì a losgadh dhiubhsan ach an ceanglaichean; bha a bhlàths agus a sholus aca, gidheadh cha d'rinn a theas loisgeach cron ar bith orra. Air uairibh tha Dia a' togail suas a' phobuill mar so bho'n staid iosail.

2. *Sealladh* sòlasach dhe mar ghabhadh ri'n ùrnuigheibh, a chur iad suas 'n an staid iosail: Am feadh a tha 'n ùrnuighean gun fhreagairt agus an trioblaid a' mairsinn, tha iadsan a tha feitheamh air an Tighearn ullamh gu smuaineachadh nach do ghabhadh riu air nèamh, do bhrìgh nach 'eil atharrachadh air bith 'n an cor. Iob ix. 16, 17. "Nan gairminn, agus gu'm freagaireadh e mi, cha chreidinn gu'n d'eisd e ri m' ghuth: Oir le doinionn tha e 'g am bhruthadh." Ach 's mearachd sin; oir ghabhadh riu air bàll, ged nach d'fhuair iad freagradh. 1 Eoin v. 14. "Agus is e so an dòchas a ta againn annsan, ma dh'iarraas sinn ni sam bith a réir a thoile, gu'n eisd e ruinn." Tha 'n Tighearn a' deanamh riu mar ni Athair, ris na litrichibh a thigeadh bho 'mhac a tìr chéin, leughaidh e iad aon an deigh aon eile le taitneas, agus taisgidh e iad gu cùramach chum am freagairt 'nuair bhios e cothromach dha; agus 'nuair gheibh a' mac am fios freagradh, tuigidh e co taitneach 's a bha iad d'a Athair. Mata xv. 28. Amhuil an so, &c.

3. *Freagradh*. A shàsuicheas an cridhe air son nan ùrnuighean so, a roi'ainmich mi, air chor cha'n e a mhain gu'm faigh iad an ni a bha iad ag iarraidh, ach chì iad gu'n d'fhuair iad e mar fhreagairt do'n ùrnuigh; agus cuiridh iad meas dà-fhillte air an trocair. 1 Sam. ii. 1. Feudaiddh ùrnuighean ris an gabhair a bhi gle fhada, seadh, iomadh bliaduna gun fhreagradh, mar ann an cor Abrahaim agus Dhaibhidh, ach cha bhi iad gun fhreagradh mu dheireadh. Salm ix. 18. Thig an t-àm anns an co'pàirtich Dia riu, a réir a gheallaidh, 's anns an caochail iad an ceòl, agus 's an abair iad, Salm cxvi. 1. "Is toigh leam an Tighearna, oir dh'eisd e ri guth m'athchuingean." Amhaircidh iad air an togail suas mar ni air am bheil làimh sgrìobhaidh Dhé a ta 'g eisdeachd ùrnuighean.

4. *Làn thoileachadh*, a thaobh giùlain Freasdail d'an taobh, anns gach ceum d'an staid iosail, agus mar an ceudna a thaobh a mhaille rinn e 'n an

togail suas, ge b'e co cràiteach 's a bha iad so roimhe. Taibh. xv. 3. 'Nuair a sheasas iad air an traigh, ag amharc air ais air na chaidh iad troimhe, bheirear iad gu ràdh, " Rinn e na h-uile ni gu math." Na nithe so a tha searbh do Chriosduidhean an àm an dol trompa, tha iad gle mhilis dhoibh ann an àm a bhi 'gath-smuaineachadh orra; mar sin tha toimhseachan Shamsoin air a dhearbhadh 'n am féin fhiosrachadh.

5. Gheibh iad an togail suas, le '*riadh* ré na h-ùine bha iad as easbhuidh. 'Nuair a dh'ìocas Dia a ghealladh, iocaidh e maraon an riadh 's an càlpa; tha 'n tròcair air am meudachadh a réir na h-ùine a dh'fheith iad oirre, agus an cosdas agus an cruaidh-chas a dh'fhuiling iad, ré na h-ùine bha iad a' tagradh. Abuichidh toraidhean an fhreasdail chumanta gle luath, agus grodaidh iad gu h-ealamh: ach tha toradh a' gheallaidh fada ag abuchadh, 's uime sin tha e mairsinneach; agus mar is fhaide tha e 'g abuchadh, 's ann is ro luachmhoire e 'nuair a thig e. Dh'fheith Abraham agus Sarah air a' ghealladh mu'n cuairt do dheich bliadhna, mu dheireadh smuainich iad air rathad chum a luathachadh. Gen. xvi. 1—6. Thug so gu luath air aghaidh breith Ismaeil, ach chab'esan mac a' gheallaidh. Thainig iad gu fìor shean aois mu'n do choilionadh an gealladh. Gen. xviii. 11. Ach 'nuair thàinig e, fhuair iad e maille ri 'n aois air a h-athnuadhachadh. Gen. xxi. 7.; xxv. 1. 'S e 'n aon bu ro luachmhoire do na geallaibh uile a b'fhaide bha gun choilionadh, *eadhon*, gealladh teachd Chriosd, a bha ceithir mìle bliadhna gun choilionadh.

6. Bithidh na naimhdean spioradail, a bha gu pailte mu'n cuairt doibh ann an àm dorchadais na staid iosail, air an sgapadh roimh an togail suas so a th' anns a' ghealladh. 1 Sam. ii. 1, 5. " Agus rinn Hanah ùrnuigh, agus thubhairt i, Tha mo chridhe a' deanamh gàirdeachais anns an Tighearna, rinneadh mo bheul farsuing os cionn mo naimhde. Iadsan a bha làn, air son arain thuarasdalaich siad

iad féin ; agus iadsan a bha ocrach, sguir iad do bhi mar sin.” B’uamhasach an sealladh do chloinn Israeil ’nuair a bha armailt Pharaoih air an culaobh, agus a Mhuir Ruadh rompa ; ach, air dhoibh bhi thar an fhairge, chunnaic iad na h-Eiphitich màrbh air an traigh, Exod. xiv. 30. Gheibh iadsan a tha ’g an irioslachadh féin fo fhreasdalaibh isleachaidh a leithid so a shealladh do’n naimhdibh spioradail, ’nuair a thig àm an togail suas-san.

III. *Am iomchuidh* na togail suas so. Tha sin na ceist gle nadurrach dhoibh-san a th’ ann an staid iosail. “Fhir na faire, ciod o’n oidhche?” Agus cha’n urrainn duinne a freagairt do’n anam iriosal, ach gu coitchionn. Isa. xxi. 11, 12. Uime sin gabhaibh na beachdan coitchionn so mu timchioll.

1. Cha bhi togail suas na muinntir iriosal fadal-
 aeh, ma’s e ’s gu’n toirear fainear cudthrom na
 cùis ; ’s e sin ri ràdh, ma ’s e ’s gu’n toirear fainear
 do luach agus brìgh togail suas na muinntir iriosal ;
 ’nuair a thig e cha’n fheudar a mheas fadalach a
 thaobh àm. ’Nuair a chuireas sibh ’ur sìol anns na
 raontaibh, ged nach abaich e co luath ri cuid a
 mheasaibh gàraidh, na measaibh gu bheil am
 fogharaidh tuilleadh is fadalach, ged fheith sibh
 ris mu’n cuairt do thrì miosan ’nuair bheir sibh
 fainear luach a’ bharra. Tha ’n t-Abstol a’ gabhail
 an t-seallaidh so do n’ togail suas ann an staid
 iosail. 2 Cor. iv. 17. “Oir a ta ar n-àmhghar
 eutrom nach ’eil ach ré sealain, ag oibreachdh
 dhuinne tròm chudthrom glòire a ta nì’s ro anabh-
 arraich agus sìor-mhaireannach.” Mar sin feud-
 aidh an creidmheach, a dh’amhairceas air a’ gheall-
 adh, le sùil a’ chreidimh, agus a bheir fainear a
 choilionadh, agus a luach ’nuair choilionar e,
 iongantas a’ ghabhail gu’n d’thàinig e ann an ùine
 co goirid. Uime sin, is àm e a th’ air a rùnachadh
 a thig gu grad, Lucas xviii. 7, gu grad ’nuair
 bheirear fainear a chudthrom agus a luach.

2. ’Nuair a thig an t-àm, chithear gur e sin agus

sin a mhàin an *t-àm iomchuidh*. Aig gach ni tha tràth, agus tha mòr ghliocas 'n a aithneachadh, agus ann an nithibh a' dheanamh 'n an tràth. Agus feudaidh sinn a bhi cinnteach nach urrainn gliocas neo-chrìochnach a' dhol mearachd 'n an t-àm a dhearmad. Deut. xxxii. 4. "Is esan a' charraig, tha 'obair iomlan oir is breitheanas a shlighean uile." Ach ciod air bith ni a ni Dia seasaidh e ris an sgrùdadh is ro theinne ann an sin, co math 's anns gach uile ni eile. Eccles. iii. 14. "Tha fhios agam gach ni a ni Dia, gu'm bì e gu bràth; cha ghabh aon ni cur ris, no aon ni toirt uaith; agus ni Dia so, chum gu'm biodh eagal air daoineibh roimhe." Tha e fìor, gu bheil iomadh àm ag tighinn an àirde dhuinne mar an t-àm iomchuidh chum togail suas, nach 'eil da rìreadh mar sin fathast, do bhrìgh gu bheil cuid a nithe am folach oirne, a tha fàgail an àm neo-iomchuidh air a shon. Eoin vii. 6. "Cha d' thàinig m' àmsa fathast; ach a ta bhur n-àmsa ghnàth deas." Ach 'nuair thig na h-uile nithe, a tha 'n còmhnuidh roi' aithnichte do Dhia, gu bhi air am fosgladh suas, agus air an cur còmhladh far comhair-ne, an sin chì sinn gu'n d'thàinig an togail suas dìreach anns an àm, is mò a tha chum onoir Dhé agus ar math féin, agus nach biodh e co math nan tigeadh e ni bu luaithe.

3. 'Nuair a thig an t-àm is e da rìreadh an t-àm iomchuidh, chum aon do chloinn Dhé a thogail suas bho staid iosail, cha chuirear *dàil* ann mionaid ni's fhaide, Habac. ii. 3. "Ach air a' cheann mu dheireadh labhraidh i, oir gu deimhin thig i, cha bhi i air dheireadh." Ged dhean e maille, cha stad e 's cha chuirear *dàil* ann gu h-àm eile. O ciod an fhois cridhe bheireadh a bhi creidsinn sin gu daingean dhuinn! cha 'n 'eil a h-aon do chloinn Dhé, nach cuireadh leis an ro chùram, an aghaidh an togail suas roimh an àm iomchuidh, mar an aghaidh toraidh an-abuich a thilgte d'an ionnsuidh le athair feargach, a chuireadh deisinn air am

fiac laibh. Uime sin, do bhrìgh gur ann mar sin a tha chùis, nam b' e 's gu'm b' urramaid a' phùine so chreidsinn, gu'n tigeadh i gun teagamh 's an àm iomchuidh, gun dàil mionaid, bheireadh e fìor fhois dhuinn. Feumaidh e bhi mar sin, do bhrìgh gu'n d' thubhairt Dia e ; ged robh an cor anabarrach eu-dòchasach, 's ged robh beanntan do thrioblaidibh 's an rathad, aig an am iomchuidh *séididh* i, (mar tha e 's a cheud chainnt) Habac. ii. 3. Sàmhladh a th' air a thoirt bho 'n ghaoith 'nuair a dh'éireas i 'n deigh bàlbh chiùineas.

4. Tha'n staid iosail gu gnàthaichte air a toirt air a h-aghaidh gus a cheum is fhaide mach do dh' *eug-dòchas* roimh an togail suas. Bha'n sgian ri sgòrnan Isaac mu'n cualas an guth. 2 Cor. i. 8, 9. "Oir cha b'àill leinn, a bhràithre, sibhse bhi ain-fhiosrach mu thimchioll ar n-àmhghair a thachair dhuinne 's an Asia, gu'n do bhruthadh sinn gu ro mhòr thar ar neart, ionnas gu robh sinn fo amharus eadhon mu'r beatha ; ach bha againn binn ar bàis annainn féin, chum nach biodh againn doigh annainn féin, ach ann an Dia a dhuisgeas na màirbh." Tha ar spiorada co cabhagach ; 's gu'm measar leinn gu'n tig nithe chum a' cheum sin gu h-ealamh. Ach feudaidh astar fada bhi aig nithibh ri dhol sìos, an deigh dhuinne bhi saòilsinn gu bheil iad aig bun a' chnuic. Agus cha mhòr nach 'eil sinne 'n ar breitheamhnan co neo-iomchuidh mu'n cheum so do dh' eu-dòchas gus an toirear iad, 's a tha sinn air an togail suas. Agus bheir Dia staid iosail a' phobuill sìos, fathast agus fathast, gus an tig iad chum a' cheum sin. Tha dà aobhar a th' air son so ri bhi air an toirt fainear.

1. An ceud aon, aobhar *mìneachaidh*. An so tha Dia a' gabhail an t-aon rathad a ghabh e ann an cor an duine Criosd, an sàmhladh ionmhuinn a tha e a' leantuinn ann an uile fhrithealadh a Fhreasdail, a thaobh na h-Eaglais, agus gach creidmheach air leth, Rom. viii. 29. Bha e ré a bheatha uile 'n a dhuine

brònach; agus mar thàinig e air aghaidh ann an aimsir, dh'atadh na h-uisgeachan ni bu mhò, gus an d' thugadh e chum duslach a' bhàis; an sin dh'adhlacadh e, agus shéuladh an leaclithidh, ni air dhoibh so a' dheanamh, shaoil leis an t-saoghal gu'n robh iad glan cuiteas e, agus nach cuireadh e tuille dragh orra. Ach cha do thuig iad a' chùis; oir b'e 'n t-àm sin an t-àm iomchuidh chum esan a thogail suas. Agus cha'n eil 's na togailibh suas is ro chomharraichte a tha 'phobull a' faotuinn, ach a mhàin mìrean beaga air an cumadh a réir an t-samhlaidh urramaich so.

2. An aon eile, aobhar *co'dhunaidh*, eadhon a chrìoch agus an rùn air am bheil Freasdal a' dearcadh ann, agus is e sin an creidmheach a thoirt gu glan deth bhòn féin, agus do gach bònn cruthaichte chum earbs' agus a dhòchas a bhòntachadh anns an Tighearn a mhàin, 2 Cor. i. 9. "Chum nach biodh againn doigh annainn féin, ach ann an Dia a dhùisgeas na màirbh." Tha beatha Chriosduidh anns an t-saoghal so air a rùnachd gu bhi na beatha do chreidimh; agus ged fheud an creidimh gnìomhachadh ni's fhasadh 'nuair a tha ni-eiginn do chobhair aige bho 'n t-sealladh, gidheadh 's cinnteach gur ann an uair a ghnìomhaicheas e an ceart aghaidh an t-seallaidh, is ro oirdheirc a ghnìomhachadh. Oir is fìor chreidimh e, 'nuair a sheasas e air a chosaibh nàdurach féin a mhàin, eadhon, cumhachd agus focal Dé. Rom. iv. 19, 20. "Agus air dha gun bhi anmhunn an creidimh, cha do chuir e an sùim gu robh a chorp féin a nis marbh—no mairbhe bròn Shàrah. Agus cha do chuir e an amharus gealladh Dhé le mì-chreidimh; ach bha e làidir an creidimh, a' tabhairt glòire do Dhia." Agus feumaidh e so a dheanamh, 'nuair tha cùisean air an giùlan gus a' cheum is fhaide mach do dh'eu-dòchas.

5. Theid *ullachadh* iomchuidh cridhe, chum an togail suas a staid iosail, air thoiseach air àm iomchuidh na togail suas sin, a réir a' gheallaidh.—

Cha 'n 'eil a chùis mar sin anns na h-uile togail suas; cha 'n 'eil togalaichean suas an fhreasdail chumanta co beachdaidh air an riaghladh; 's àill le daoineibh am faotuinn, cha mhath leo bhi as an easbhuidh ni 's faide, agus tha Dia 'g an tilgeadh g'an ionnsuidh ann am fearg, ma's 'eil iad air an ullachadh air an son. Hosea xiii. 11. "Thug mi Rìgh dhuibh ann am fhearg." Cha 'n urrainn doibh seasamh ris an deuchainn air sheòl sam bith, agus tha Dia g'an toirt air falbh mar airgiod nach fiù, nach 'eil comasach air seasamh ris. Ier. vi. 29, 30.

Tha 'n t-ullachadh iomchuidh so ag co'sheasamh ann an irioslachd iomchuidh. Salm x. 17. Agus mar is tric gabhaidh e mòr shaothair chum so thoirt mu'n cuairt, ni is e pùinc eile do 'm bheil sinne 'n ar breitheamhna gle neo-iomchuidh.—Shaoileamaid gu'n deachaidh Iob a thoirt gu bhi gle iosal 'n a spiorad rè ùine fhada, le freasdal Dé bhi 'g a bhruthadh air an dara làimh, agus le chàirdibh féin air an làimh eile. Gidheadh, an deigh na dh'fhuiling e 'n dà rathad, chunnaic Dia feumail labhairt ris féin, a chum irioslachadh. Caib. xxxviii. 1. Leis a chainnt sin a labhair Dia féin ris, thugadh e gu 'ghlùnaibh. Caib. xl. 4, 5. Agus shaoileamaid an sin gu'n robh e air irioslachadh ni's leòir agus math dh'fheudta gu'n shaoil leis féin sin mar an ceudna. Ach chunnaic Dia ceum irioslachaidh ni b'fhaide feumail air a shon, agus uime sin thòisich e ri labhairt ris a rithist as ùr chum irioslachaidh, ni a leag e mu dheireadh anns an duslach. Caib. xlii. 5, 6. Agus 'nuair dh'ullaicheadh e mar so air son an togail suas, fhuair se e.

Tha sè nithe, a tha mi smuaineachadh, a bhuineas do'n irioslachadh so, mu'n togair suas iad.

1. Mothachadh domhain air am *peacadh* agus air an *neo-airidheachd* a bhi air an togail suas idir — Iob xl. 4. "Feuch tha mi gràineil; ciod a fhreagras mi-dhuit? cuiridh mi mo làimh air mo bheul."—

Feudaidh muinntir a bhi ùine fhada ann an staid

iosail, mu'n toirear iad gus a' cheum so ; tha eadhon deadh dhaoine gle chlaon-bhreitheach air an taobh féin, agus feudaidd iad iad féin a dhì-chuimhneachadh ann an tomhas co mòr 's a bhi smuaineachadh gu bheil Dia a' roinn a dheadh-ghean neo-chothromach, agus gu bheil e ni 's ro chruaidhe orra-san na tha e air muinntir eile. Tha Elihu ag comharrachadh a' mhearrachd so ann an Iob, 'n a 'staid iosail. Iob xxxiii. 10—12. Agus tha mi creidsinn gu'm bì e ri fhaicinn, gu bheil sinn ni 's ro dhùrachdaich chum ar 'n onoir féin fhirinneachadh bho'n mhasladh a tha sinn a' meas a tha 'n staid iosail a' cur oirre, na tha sinn gu onoir Dhé fhirinneachadh ann an ceartas agus ann an ionracas riaghlaidh a fhreasdail. Tha doille 'n t-saoghail dhroch-mhuinte, a tha'n còmhnuidh ullamh gu bhi baralachadh nan aobharan is miosa air son staid iosail, mar gu'm b'iad gu cinnteach an dream is mò a tha fulang na peacaich is mò, Lucas xiii. 4, a' toirt rathad oibreachaidh do'n tog-radh so do'n nàdur thruaillidh. Ach tha Dia 'n a Dhia eudmhor, agus 'nuair a' dh'irioslaicheas e sinne ni's leòir bheir e air aobhar ar n-onoir teich-eadh air falbh, mar bhruach ghaineamh fo ar cosaibh, am feadh a dh'fheumas sinne gramachadh gu cabhagach chum 'onoir-san fhirinneachadh.

2. Strìochdadh do thoil Dhé a thaobh àm an togail suas. Tha Dia a' toirt a' gheallaidh, 's a' fàgail an àm am folach oirnn. Tha ar 'n àm-ne 'n còmhnuidh ullamh, agus tha sinn gu h-obann 'g a lionadh suas le ar làimh féin. Cha 'n 'eil Dia a' seasamh ri ar 'n àm-ne, do bhrìgh nach e an t-àm iomchuidh e. Uime sin, tha sinn ullamh gu smuain-eachadh gu'n d'fhailnich 'fhocal ; 'nuair is e ar co-dhunadh bràis féin uaith a tha fàilneachadh.—Salm cxvi. 11. "Thubhairt mi a'm 'dheifir, tha gach duine breugach." Fhuair mòran do na naoimh an smachd-eachadh air son an ni so, agus leis a sin dh'fhòghlum iad àm an togail suas fhàgail do Dhia. Ghnàthaich-eadh an ceud ghealladh mar so le Eubha chreidmh-

each. Gen. iv. 1. Ghnàthaich Abraham creidmheach gealladh eile mar so, an deigh feitheamh air mu'n cuairt do dheich bliadhna. Gen. xvi. Agus aon eile le Daibhidh, mar roimh ainmich mi. Salm cxvi. 11.

Ma 's e bhi smuaineachadh gu'n robh iad ro bhrais ann a bhi co'chur a' gheallaidh riu féin, cor aon do chloinn Dhé na biodh iad ann am mi-mhisneach air a shon; cha robh iad mar sin ach a mhàin ann an co'chur an àm ris a' ghealladh;—braisead do'n robh na naoimh anns gach linn ciontach, ni as na ghabh iad aithreachas 'nuair a chunnaic iad an amaideachd, agus cha do ghabh iad gnothaich ris a' phàinc sin 'san àm ri teachd; uime sin, choilionadh an gealladh 'n a àm iomchuidh féin. Rachadhiadsan a tha 'n a leithid sin a staid agus deanadhiad air a mhodh cheudna, a' fàgail an ama gu h-iomlan do'n Tighearna.

3. *Stròchdadh* iomlan a thaobh an *rathaid* agus an *doigh* 's an toirear mu'n cuairt e. Tha sinn ullamh, a thaobh doigh coilionaidh a' gheallaidh, air rathad sònruichte a chomharrachadh a mach do'n Tighearna chum a thoirt mu'n cuairt, ceart mar a rinn sinn a thaobh àm coilionaidh a' gheallaidh: agus mar cùm e an rathad sin, gheibh an cridhe àrdanach tuisleadh. 2 Rìgh v. 11. “Ach bha fearg air Naaman, agus dh'fhalbh e roimhe, agus thubhairt e,—Feuch, shaoil mi, gu cinnteach gu'n tigeadh e mach a'm ionnsuidh, agus gu'n seasadh e, agus gu'n gairmeadh e air ainm an Tighearn a Dhé, agus gu'n cuireadh e a làimh air an àite.” Ach 's àill leis an Tighearna gu'n cuireadh a phobull cùl ris an ni sin mar an ceudna, agus nach comharrachadh iad rathad air bith dhasan, ach gu'm fàgadh iad an t-iomlan d'a sin dhà féin, mar anns a chor a roi'ainmich mi. Rann. 14. “An sin chaidh e sìos, agus thum se e féin ann an Iordan seachd uairean, a réir focail an duine le Dia,—agus ghlanadh e.” Tha ar n-eolas air raidhibh agus air meadhonaibh gle chumhann, oir ma tha aon rathad air a dhùnadh suas, cha'n fhaic sinn gu tric rathad

eile gu dol as; ach 's aithne do ar Dia iomadh rathad cobhair, far nach aithne dhuinne ach a h-aon, no 'nuair nach aithne dhuinn aon air bith: agus is gle thrice leis an Tighearn àrdachadh a phobuill a thoirt ann an rathad nach robh sùil aca ris, an deigh bhi air am mealladh gu tric a thaobh nan raithidean sin bho 'n robh mòr dhùil aca féin ris.

4. Strìochdadh a thaobh tomhais an togail suas, seadh, agus a thaobh co dhiubh a bhitheas e anns a' bheatha so no nach bì. Is àill leis an Tighearn a phobull a' chur air diol, air chor 's ge b'e cabhag a bh'orra uair-eiginn, chum bhi air an togail suas, do bhrìgh 's nach b'urrainn doibh giùlan ni b'fhaide leis, gu'n toirear iad mu dheireadh gu bhi réidh ri àm-san, agus gu bhi toileach a dhol do'n uaigh fo'n cudthrom, ma mheasar math e ann am suilibh an Tighearna; agus anns a' chor sin bheirear iad gu bhi toilichte le tomhas air bith do'n togail suas anns a' bheatha so, gun bhi comharrachadh ciod e uiread. 2 Sam. xv. 25, 26. "Ma gheibh mi deadh-ghean ann an suilibh an Tighearna, bheir e air m'ais mi a rìs.— Ach ma their e mar so, cha'n 'eil tlachd agam annad; feuch, tha mise an so, deanadh e rium mar is maith leis."

5. Buanachadh ag ùrnuigh agus a' feitheamh air an Tighearn anns a' chor sin. Ephes. vi. 18. "A' deanamh ùrnuigh a ghnàth leis gach uile ghné ùrnuigh agus asluchaidh 's an spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni so féin maille ris gach uile bhuanachadh." 'S e àrdan cridhe, agus neo-cheannsachd spioraid, a tha toirt air muinntir sgur a dh'ùrnuigh agus a dh'fheitheamh a chionn gu bheil an staid iosail a' mairsinn àm an deigh àm. 2 Rìgh. vi. 33. Ach 'nuair theid fìor irioslachd, air thoiseach air an togail suas, bheir e daoine gus an fhòn inntinn sin, a bhi 'g ùrnuigh, agus a' feitheamh gu misneachail, gun bhi cur ùine rompa gu thoirt thairis, gus an tig an togail suas, aon chuid ann an tìm no'n sìorruidheachd. Tuir. iii. 49, 50.

6. Bròn fo dhroch-riaghladh anns an deuchainn,

Iob xlii. 3. “ Uime sin chuir mi 'n céill nithe nach do thuig mi ; nithe tuilleadh 's iongantach air mo shon-sa, nach b'aithne dhomh.” Labhraidh agus leudaichibh cridhe àrdanach gu mòr air fulangasaibh duine anns an deuchainn, agus tilgidh e mach gach filleadh a th'anns a' chamadh air an taobh sin, agus gabhaidh e beachd orra thairis agus thairis. Ach 'nuair thig Spiorad Dé a dh'irioslachadh, a chum gu'n togair suas iad, bheir e air a' chreutair, ann an seadh, taobh fulangais a' chamadh a dhearmad, agus a shuile thionnda air a ghiúlan féin fodha, rànnsuichidh e chùis, bheir e breith air féin gu neo-chlaon, agus dìtidh se e féin ; air chor 's gun dùinear a bheul. 'S e so an irioslachd sin a tha dol air thoisich air an togail suas anns a' bheatha so, ann an rathad a' gheallaidh.

II. Theid sinn air ar n-aghaidh chum an togail suas a thoirt fainear mar bheirear mu'n cuairt i aig crìoch na beatha so, anns an ath shaoghal.

Agus, 'S a' cheud dìte. Labhraidh sinn focal a thaobh *nàduir* an togail suas so. Their sinn na cuig nithe so mu thimchioll:

1. Tha *dearbh-chinntes* air gu'n togair suas a' mhuinntir iriosal, as gach cor anns am bì iad fo staid iosail.—Ged nach urrainn neach an deanamh cinnteach gu'n togair suas iad anns an t-saoghal so, as gach uile chor, gidheadh, feudaidh iad a bhi cinnteach, ge b'e mar tha'n cor, gun teagamh air bith, gu'n togair suas iad air an taobh thàll do'n bhàs. 2 Cor. v. 1. “ Oir a ta fios againn, n'an sgaoilteadh o cheile ar tigh talmhaidh a' phailliuin so, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhaibh, sìorruidh anns na néamhaibh.” Ged fheud clann iriosal Dhé maraon am baidh-maidne agus nòin a' ghabhail do dh'aran na h-àmghair, agus do dh'uisge na trioblaid, gidheadh, bithidh iad cinnteach do'n suipeir a' ghabhail gu blasda pailt. Agus feudaidh an dùil chreidmheach a bh'aca ris an aon mu

dheireadh an uidheamachadh fa chomair a' cheud aoin, agus an deanamh socrach fodha.

2. Is togail suas *iomlan* a bhios ann. Eabh. xii.

23. Bithidh iad gu h-*iomlan* air an saoradh bho'n deuchainnibh sònruicht, agus bho gach uile ni eile ciod sam bith iad, a dh'fhàg iadsan iomadh là sgèth. An sin bha Lasarus air a lan-shaoradh bho bhoichd-ainn agus bho 'chreuchdaibh agus bho bhi 'n a luidhe aig dorus an duine shaoibhir. Luc. xvi. 22. Seadh, togair suas iad bho'n uile fhreasdalaibh irioslachaidh còmhladh. An sin bithidh crìoch air an uile chioramaibh, air an uile isle inbhe ann an dàimh, air an amlaidhibh, air an uile amhghairibh, air an uile neo-chinnteachd, agus air an uile pheacaibh. Ma bha e fada gun tighinn, bithidh e na mhionaid bheannaichte 'nuair a gheibh iad an t-*iomlan* còmhladh.

3. Cha'n e a mhàin gum bì iad air an togail suas bho'n staid iosail, ach cuirear suas iad air *ionad àrda*, mar rinneadh air Ioseph: cha'n e a mhàin gu'n d'thugadh esan a mach as a phrìosan, ach rinneadh e 'n a uachdaran thar tìr na h-Eiphit. Agus togair suas iad,

(1.) Gu *ionad àrda*, Lucas xvi. 22. "Fhuair an duine bochd bàs agus ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abraham." A nis cha'n 'eil iad aig a' chuid is fearr, ach ann an àite iosal 's an t-saoghal so; an sin cuirear 'n an suidh iad anns na nèamhaibh is àirde, Philip. i. 23. Ephes. iv. 10. A nis is buidhe leo gu minig 'n an staid irioslachaidh suidh air an òtrach; an sin cuirear 'n an suidh iad maille ri Crìosd air a rìgh-chathair, Taisb. iii. 21. "Do'n tì a bhuadh-aicheas bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo rìgh-chathair." Ged tha 'm brù a nis air leantuinn ris an ùir, agus daoine ag ràdh, "Cromàibh sìos gu an teid sinne thairis oirbh," bithidh iad an sin air an suidheachadh ann an àitibh-còmhnuidh neamhaidh, os ceann na gréine, na gealaich, agus nan reultan.

(2.) Gu *staid* agus *inbhe àrda*, eadhon staid *iomlan*, Bheir iad bho'n uile thrioblaidibh agus an-shoc-airibh gu staid fhois; àrduichear iad bho'n cor suarr-

ach agus an-uasal, chum staid glòire ; leanair am beatha bhrònach chudthromach le lànachd aoibhneis ; agus air son an staid iosail, eudaichear iad le glòir agus onoir shìorruidh.

4. Is e 'n togail suas *dheireannach* a bhios ann, an deigh nach bì tilgeadh sìos tuille gu brath.—Taisb. vii. 16. 'Nuair a thogair suas sinn anns an t-saoghal so tha sinn ullamh gu smuaineachadh gu'm bheil sinn aig crìoch ar deuchainnibh ; ach chì sinn gu h-obann gu'n robh sinn ro chabhagach ann ar co'dhunadh, agus pillidh an neul. Salm xxx. 6, 7. "Thubhairt mise a' m' shocair, cha ghluaisear mi am feasd. Dh'fholuich thu do ghnuis ; bha mi fo amhluadh." Ach an sin tha an deuchainn gu cinnteach thairis, tha crìoch air a' chath : agus thàinig àm an ath-dhìolaidh agus na buaidh.

5. Cha bhi am fuigheal is lugha do dh'an-shocair aca bho'n staid iosail, ach air an làimh eile, 's ann a bheir e an toradh is ro thaitniche agus is ro ghloirmhoire a mach. Cha 'n 'eil mi a' cur an teagamh nach bì cuimhne aig na naoimh air an staid iosail anns an robh iad 's an t-saoghal so. An robh cuimhne aig an duine shaoibhir ann an ifrinn gu'n robh cuigear bhràithrean aig air an talamh, 's cia sòghail greadhnach a chaith e a bheatha, agus cionnus a bha Lazarus 'n a shuidhe aig a dhorus, agus an urrainn duinne a' chur an teagamh nach bì cuimhne mhath aig na naoimh air an àmghairibh tròm ? Taisb. vi. 10. Ach an sin cuimhnichidh iad orra mar uisge a thiormaich ; mar chuimhnicheas an duine dh'aiseagadh chum slàinte air a luasgadh air leabuidh a thinneis ; agus is doigh cuimhneachaidh sin a dh'fhàgas an t-slàinte a tha sinn a' sealbhachadh 's an àm a ta làthair nì's milse gu mòr na bhiodh i air mhodh eile. Gu cinnteach b'e traigh na Mara Ruaidhe an t-àite, thar gach uile àit eile, bu fhreagarraich gus na h-Israelich a chobhair chum seinn air an téud a b'àirde. Taisb. xv. 3. Agus bithidh staid

iosail nan naomh air an talamh chum an fheum cheudna dhoibh air nèamh.

'*San dara àite.* Labhraidh sinn focal mu àm iomchuidh na togail suas so. Tha àm araid air a' chomharrachadh air a shon ann an cor gach naomh, ni is e an t-àm iomchuidh, ach tha e air fholach uainne. Cha'n urrainn duinn a' radh ach gu coitch-ionn.

1. Gur e 'n t-àm iomchuidh air a shon, 'nuair a chrìochnaicheas sinn an *obair* a tha againn ri dheanamh anns an t-saoghal. Dh'òrduich Dia do gach duine a dhreuchd, a chath, a dheuchainn, agus 'obair; agus, gus am bì sin deanta tha sinn ann an seadh neo-bhasmhor, Eoin ix. 4, agus xi. 9. Se'n obair a th' ann an sin.

(1.) Obair bhichionta; obair a th'air a comharrachadh dhuinne, leis a Mhaighistir mhòr, gu bhi air a dheanamh chum onoir Dhé agus math ar co'chreutairean, Ecles. ix. 10. Feumaidh sinne bhi toilichte bhi g obair, eadhon ann ar staid iosail, gus am bì sin air a chrìochnachadh. Cha bhi 'n t-àm iomchuidh ann chum an togail suas sin, gus am bhi sinn aig crìoch na h-oibre sin, agus mar sin an riarach sinn ar ginealach.

(2.) Obair *fhulangais*. Tha cuibhroinn àraid do dh'fhulangais air a chur air leth air son a' chuirp dhìomhair; agus chomharraich an ceann a chuibhroinn féin do gach bàll fa leth dheth; agus cha bhi an t-àm iomchuidh ann chum an togail suas sin, gus an crìochnaich sinn an roinn a chuireadh air leth dhuinne dheth. Dh'amhairc Pòl air a bheatha mar neach a bha dol air aghaidh anns na ceumaidh sin.

2. 'Nuair a thig an togail suas sin, ch'è sinn gu'n d'thàinig e *direach* 's an àm iomchuidh; 's gur math nach robh e aon chuid ni b'fhadalaiche no ni bu luaithe; oir ged is e néamh an còmhnuidh is fearr 'n an talamh, agus ged is e a b'fheàrr air ar son-ne, mar labhrar air doigh neo-fhuasgailte, a bhi ann an néamh no air an talamh; gidheadh tha àm ann gu cinnteach

anns am feàrr air son onoir Dhé, agus a sheirbhis sinn a bhi air an talamh na air néamh. Philip. i. 24. “Gidheadh, 's e mi dh'fhantuinn 's an fheòil, a's feumail dhuibhse.” Agus cha bhi e na chràdh cridhe air bith dhoibh, 'nuair a ruigeas iad néamh, gu'n robh iad co fada 'n an staid iosail, agus nach d'thugadh iad an sin ni bu luaithe.

Feum. 1. Uime sin na tilgeadh a' mhuinntir iriosal air falbh am *muinghinn*, ciod air bith staid iosail anns am bi iad; bitheadh iad cinnteach gu'n togair suas iad mu dheireadh; 's ged nach togta suas iad 's an t-saoghal so, gidheadh, togair suas iad 's an ath-shaoghal gu'n teagamh. Cumadh iad so 'n an amharc, agus thugadh iad sòlas dhoibh féin leis, oir thubhairt Dia, Salm ix 18, “Cha dì-chuimhnichear an t-ainnis gu bràth.” Ge b'e co fada 's a bha'n oidheche, thig a' mhaduinn mu dheireadh.

2. Biodh a h-obair dhiongmhalta féin aig an *fhoighidinn*. Feithidh an tuathanach ri toradh a shil, an ceannaiche-mara ri buannachd a loingeis, agus an ceannaiche-spreidhe ris an àm ris an abair e àm na bliadhna, 'nuair thionaileas e a steach cinneas a threuda. Tha iad so uile a' fantuinn gu foighidneach, agus c'arson nach fanadh na Criosduidhean gu foighidneach mar an ceudna, ris an àm a dh'ord-uicheadh air son an togail suas so?

Chuala sibh moran mu'n *Chamadh 'S a' Chrannchur*; 's mu 'n bharrachd a th'aig irioslachd spioraid, ann an crannchur iosail, os ceann àrdan spioraid, ged bhiodh e co'cheangailte ri crannchur àrda:—Ghairmeadh oirbh sibh fein irioslachadh ann 'ur staid iosail, agus rinneadh cinnteach sibh ma's e 's, gu'n dean sibhse sin gu'n togair suas sibh. Chum co'dhùndh; Feudaidh sinn sinn féin a' dheanamh cinnteach, *gu'm bris Dia mu dheireadh na h-uabhraich 'n am miribh*, ge b'e co àrda 's a ta iad, agus togaidh e suas a mhuinntir iriosal, ge b'e co iosal 's a ta iad.







